


NG. 1526. c. 5.

National Library of Scotland



B000543468



AM FEAR-CIUIL

DO M'MHATHAIR.

An dàn no dhà so, tha mise fàgail
Gu riар mo chàirdean, le gràs na Ceòlraidi,
'S ma gheibh iad fàbhar 's deagh-ghean mo mhàthar,
Sin duais as àirde th' aig bàrdachd dhòmhsa.

AM FEAR-DHEASACHAIDH, 1910.

Dh' ullaich an t-Ughdar caomh an dara clo-bhualadh de'n "Fhear-Chiuil" goirid mu'n d'thainig a' chrioch air. Tha an leabhar air a chur a mach mar dh'fhàg e e, ach a mhain gu bheil, a nis 's a rithist, beagan atharrachaidh 's an litreachadh, agus roinn de mhearachdan a' chlò air an ceartachadh.

DOMHNALL MAC FHIONGHAIN.

ROIMH-RADH 1940.

Tha An Comunn Gaidhealach a nis an seilbh air an leabhar so agus tha e a' toirt mór thoileachas do Chomhairle a' Chlo-bhualaidh a chur a mach as ùr. Is e so an treas clò-bhualadh agus tha làn dòchas aig a' Chomhairle gu'n gabh Gàidheil is luchd-leughaidh Gàidhlig ris cho toileach is a rinn iad roimhe. Cha deach dad a chur ris no a thoirt uaith; tha e mar dh' fhàgadh e leis an tughdair chòir e féin. Tha iadsan do an aithne breith chothromach a thoirt seachad air a chur an céill mar thà gur airidh an rosg a sgriobh Dòmhnaill MacEacharn air àite àrd agus cliuiteach am measg litreachas na Gàidhlig. Tha An Comunn Gaidhealach ag cur an Fhir Chiuil air a threas turus le a bheannachd agus ag guidhe gu'n toir pongan a chlàrsaich taitneas is àrdachadh inntinn dhoibhsan a ghabhas ris.

AM FEAR-CIUIL

DAIN, ORAIN, ORAIDEAN
IS SGEULACHDAN

LE
DOMHNALL MACEACHARN
(NACH MAIREANN)
DUNEIDEANN

O, ceòl ar dùthcha, is spiorad iùil e,
A tha 'gar stiùradh air cùrsa mòrachd,
An cumail ùrail nam buadhan fiùghail,
A choisinn cliù dhuinn an cùis na còrach.

Clo-Bhualte fo Ughdarris
A' CHOMUINN GHайдHEALAICH
Le AONGHAS MACAOIDH
44 CRAIGS, SRUIGHLEA

AN TREAS CLODH-BHUALADH

AM FEAR-CIUIL.

POEMS, SONGS, AND TRANSLATIONS
WITH PROSE SKETCHES,
GRAVE AND GAY

BY THE LATE
DONALD MACKECHNIE
EDINBURGH

Mar bhraon air blàth do m' anam fíein,
Tha ceòl is sgeul is beagan àbhachd.

Published for
AN COMUNN GAIDHEALACH
131 WEST REGENT STREET, GLASGOW
By ENEAS MACKAY
44 CRAIGS, STIRLING.

THIRD EDITION



Printed at the Observer Press by
JAMIESON & MUNRO, LTD.
STIRLING SCOTLAND

AN T-UGHDAIR.

Rugadh Dòmhnaill MacEacharn anns an Leth-allt an ceann a tuath Dhiùra anns a' bhliadhna 1836. An uair a bha e fathast 'na leanabh chaidh a phàrantan a chòmhnuidh do Ghleann Gàrasdail, do'n Bhothan Bheag a rinn e iomraiteach 'na òran. Ann's a' ghleannan uaine so bha borbhan sruth Choire Bhreacain is nuallan na Cailliche 'na chluasan aig gach tionndadh seòl-mara.

An uair a thàinig a gu aois dol do'n sgoil chaidh a chur air ais do'n Leth-allt gu a sheanair 's a sheanmhair. Mar chaidh dha anns an sgoil bheag a bha mar dhà mhile do thigh a sheanair tha e féin ag innseadh anns a' cheud earrainn a sgriobh e mu na féidh. Fhuair e cuid eile de a fhòglum an Eilean Luinn agus, faodar a bhi cinnteach, an tacan beag a thug e an Grianaig 'na fhìor dhuine òg, gu'n do fhritheil e an Sgoil Oidhche mar bu ghnàth le òigridh a latha.

Thill e air ais do Dhiùra agus b' ann an uair sin a thòisich e air buachaileachd nam fiadh òga a thugadh do Ardlusa as a' Mhonadh Dhubb. Bha e ri bàrdachd an uair sin ach chan 'eil aon de na h-òrain a rinn e aig an ám sin an clòdh ach "Soraidh" agus eadhon an t-òran ciatach sin cha do chuir e e 'na leabhar.

An déidh dha Diùra fhàgail bha e greis am baile Champsie. Chaidh e á sin gu baile mór Dhùn Eideann far an do rinn e a chòmhnuidh ré a' chòrr de làithean a bheatha. Ann's a' bhaile sin bha dlùth chomhluadair aige ri daoine bha measail, cliuiteach agus a bha 'nan sàr sgoilearan Gàidhlig mar bha an t-Ollamh Dòmhnaill MacFhionghainn, Cathair na Gàidhlig; Alasdair MacGhilleMhìcheil, athug dhuinn "Carmina

Gadelica"; An Siorram Alasdair MacNeacail, a rinn an comh-chruinneachadh ainmeil de Shean-flacail Ghàidhlig; an t-Urr, Raibeart Blàrach, D.D., Niall MacLeod, an Bàrd Sgitheanach, agus móran eile.

Cho fad 's is fiosrach sinn b' i a' cheud earrann rosg a sgriobh e, "Am Fiadh," agus sin airson leabhran a' Chomuinn, "An Deò Gréine." Choisinn e móran dhuaisean airson bàrdachd aig na Mòdan bho 1897 gu 1901 ach tha sinn am beachd gu'n do leig e aire air sgrìobhadh rosg an déidh sin. Tha litreachas na Gàidhlig na's beartaiche r'a linn agus tha sinn moiteil as gu'n do bhrosnaich An Comunn is na Mòdan e gu rosg is bàrdachd cho glan, fallain a chur ri chéile.

Chaochail e an Dùn Eideann anns a' bhliadhna 1908.

CLAR-INNSIDH.

Taobh-
Duilleig.

Do'n Leughadair	14
Roimh-ràdh	17

DAIN.

Am Fear-Ciuil	19
Guth a' Chuain	26
Am Bàrd	29
Còmhradh eadar am Bàrd 's an Clobair							32
Seachran Seilg	42
Fionnaghal Nic Dhòmhnaill	45
An Sruthan	51
Am Fògarrach	54
Am Flùran	61
An Comunn	63
An t-Sith	66
Impireachd Bhreatuinn	68
Peadar 's am Bàrd	73

ORAIN.

An Cogadh an Africa-mu-Dheas—

Earrann I.	75
Earrann II.	76
Earrann III.	77
Earrann IV.	78
Chunnaic mi na gruagaichean	80
Na seann òrain	81
An t-suiridh thubaisteach...	83
Mo rùn geal dileas	85
An righinn òg d' an d'thug mi gràdh	87

	Taobh- Duilleig.
Cuairt 'san fhrith ...	88
Fàir a nall an t-searrag sin	90
Am bothan beag ...	91
Bean a' chòtain ruaidh	94
Oran dealachaidh ...	96
Catriona bhòidheach	98
An cluinn thu, Chaluim, an cluinn thu ?	100
Tobar-leac-nam-Fiann	102
Plobaireachd Dhomhaill Duibh	104
A' Chéilidh	106
Slàn le Diùra chreagach, chiar	111
Anna mhln mheall-shuileach	112

EADAR-THEANGACHAIDH

The Minstrel	114
Omar Khayyám	122
Bruadar an t-saighdeir	130
De'n h-uile taobh g'an séid a'ghaoth	131
Mo sheana chruit-chiuil	132
Tha mo ghaol-sa mar an ròs	134

ORAIDEAN IS SGELLAICH DAN

DO 'N LEUGHADAIR.

A LEUGHADAIR SHUAIRCE,

Tha mise ag cur a mach an leabhair so, chan ann a chionn gu bheil móran iarraidh aig an t-saoghal air, ach a chionn gur e mo thoil fhéin sin a dheanamh. Tha mi creidsinn gu'n éireadh 's gu'n laigheadh a' ghrian mar a rinn i bho'n is cuimhne leam, 's nach sguireadh ám curachd is foghair a thighinn mu 'n cuairt, ged a ghleidhinn-sa mo leabhar dhomh fhéin; 's gu dearbh, na'n gabhainn comhairle mo chàirdean—ní nach gabh duine sam bith aig a bheil toinnisg—'s e ghleidheadh dhomh fhéin a dheanainn. Mo bhean, aig nach 'eil facal Gàidhlig, an déidh dhi aon de na duilleagan a sgrùdadh gu poncail, 's an ceann cearr rithe, thuirt i nach deanadh e feum; gu'm b' fhearr dhomh mo phlob a lasadh le m' leabhar na daoine bhi ag gàireachdaidh mhagaidh orm. Thuirt mi rithe na'm pàigheadh iad air-son mo leabhair, gu robh mi coma co-dhiù ghàireadh no chaoineadh iad. "Ma thà," arsa mise, "duine ann as lugha mo chiataich dheth na gach duine eile, 's e am fear sin nach urrainn gàire cridheil a dheanamh; agus 'na dhéidh-san, am fear sin, ma's fhior e fhéin, nach teid aige air breug innseadh. Fhaic thu, thig an dà ni sin, an gàire 's a' bhreug, cho nàdurra do dhuine ri tarruing analach, 's ciod a tha ann da ach a bhi breabadh an aghaidh nan dealg 's a' buaireadh an fhreasdail a bhi cur an aghaidh nàduir."

Is e mar a thà nach 'eil tuilleadh 's a' chòir de leabhrachaean anns a' Ghàidhlig, 's tha iadsan a tha deònach agus comasach air cur ris a' bheagan a tha ann, air am bacadh o sin a dheanamh leis cho beag iarraidh 's a tha aig Gàidheil air

leabhraichean 'nan cànain fhéin. Ach iarraidh ann no as, tha an leabhar so dol a mach a dh' aindeoин co theireadh e. Tha mi, mar gu'm b'eadh, a' tilgeadh m' arain air aghaidh nan uisgeachan, an dùil ri e thilleadh air ais 'na cheapairean ròmais an déidh dhòmhsha dol thar an aiseig ; no am briathran maith a dh' fhaoidte as freagarraiche do 'n chùis, tha mi tilgeadh na spitheig so mu thuaiream càrn ar litreachais ; ma dh' amaiseas i air, is maith ; 's mur an amais, nach beag an dolaidh.

A nis, a leughadair, ma tha amharus agad nach faigh thu uibhir gliocais ann am leabhar 's a gheibh thu an 'Leabhar nan Gnàthfhocal,' chan 'eil mi 'g ràdh nach fhaod thu bhi ceart, ach cuimhnich nach robh am freasdal cho fàbharach dhòmhsha 's a bha e do Sholamh. Na 'm bithinn-sa air mo sgeadachadh an lion-eudach grinn, 's crùn òir air mo chnuaic, có is urrainn a ràdh nach fhaodainn a bhi na bu ghlice na thà mi—co-dhiù, an sùilean dhaoine ; ach "air ghaol sìth" 's air eagal conais," na bi talach air mo ghliocas :

" Chan 'eil air, ma tha e gann,
Ach na bheil ann a thoirt as."

Chan e nach 'eil gu leòr de ghliocas agam de 'n t-seorsa tha ann ; gliocas air nach 'eil mi fhéin ag cur a bheag sam bith a dh' fheum, 's a dh' fhaodainn a sheachnad do neach sam bith aig a bheil iarraidh air ; ach tha amharus agam nach 'eil an gliocas a gheibh duine an coingheall a chùm móran feum dha. Is éigin do gach aon againn a chùrsa fhéin a stiùradh leis an tomhas gliocais a chaidh a bhualeachadh air, gann no pait g'am bi e. Ach ma rannsaicheas tusa mo leabhar gu dichiollach, co aige tha fhios nach fhaod thu tighinn trasd air driothlunn céille an sud 's an so an uair is lugha t' fhiughair ris, 's ma thachras tu air dad, eadar an tugha 's an raineach, as fhiach dhuit a chnuasachd, 's ma tha

an nì sin a chùm do bhuanachd, gabh ris, ach mur a bheil
guait e. Chan urrainn dòmhsa an gnothach a dheanamh
na 's cothromaiche na sin. Slàn leat.

Do Charaid dileas,

DOMHNALL MAC EACHARN.

DUNEIDEANN, 1904.

AN ROIMH-RADH.

Fhir a tha leughadh mo rannan,
No 'g éisdeachd tamull ri m' dhuain,
Mu 'n toir thu dhomh beum thoir t' aire
Gur léir dhuit earrann de'n smuain ;
Seadh, cronaich gu geur ma 's math leat,
Ach éisd ri m' chagar ad chluais ;
Cha mhise tha 'm feum do bheannachd,
'S tu féin a mhealas an duais :
Ma gheibh thu sa' cheudamh earrann
Na ghleusas t' aigne gu smuain,
No chuireas de spéis air t' anam,
Na dh' éisdeas caithream nan duan—
Neo-thorach gach dùil, is falamh,
Mu 'n d' dhùisg annt' anail a' bhàird,
A chruthaich as ùr an talamh,
Do 'n t-sùil a sheallas an àird—
Thoir thusa deagh spéis d'a ealain,
Le séist a rannan ad chluais ;
Ma 's airidh an sgeul air aithris,
'S tu féin a mhealas an duais.
A' ghaillionn tha séideadh tharainn,
'S a' reubadh bharra nan stuadh,
Ged 's soilleir a ceum sa' bharrach,
Cha léir dhuit fathast a snuadh.
An saoil thu, na sùilean dalla
Tha dùint' do shealladh as àird',
Mur faic iad na dùilean tharainn,
An sgrùd iad anam a' bhàird ?

An t-anam sin féin a sheallas
O nèamh gu aigeal a' chuain,
'S a chunnaic 'sa cheum fo d' chasan,
An seud a shnasaich a dhuain ;
A chruthaich dhuit nèamh nam flaitheas,
A neulaibh tana na smuain,
'S a shuidhich air leus 's air faileas,
Bonn-stéidh na dh' aidich thu buan :
Biodh agadsa spéis d' a ealain,
Le séist a rannan ad chluais ;
Ma 's airidh an sgeul air aithris,
'S tu féin a mhealas an duais.

Feasgar latha fuar is frasach,
 Fhuair mi fasgadh an tigh-òsd
 Mo dheagh charaid, Art MacAsgail,
 Aig Port-Aiseig Chaolas-Bhòsd.

Chaisg mi m' iota 's dhìol mi m' acras,
 'S chuir mi phìob thombac air seòl,
 'S leig mi dhòm mo sgios is m' airsneal,
 Togail chaisteal anns na neòil.

Obair thaitneach ach mi-tharbhach ;
 'S stéidh neo-earbsach a' ghaoth tuath,—
 Casad faiteach air mo chùlaibh,
 'S thuit mo lùchaint anns an luath.

Thionndaidh mi dh' fheuch có a bh' agam,—
 Duine fada, tana, crom ;
 Gun mhór choltas feòl' no saille,
 Fo'n t-seann fhalluinn bha mu chom.

Bha mi taingeil air son cuideachd,
 Bho'n bha 'n t-sid a muigh cho trom ;
 Thug mi fàilte dhà le furan,
 Ged bha 'luideagan car lom.

Dheanamh cobhair aig gun mhoille
 Leis na goireasan a bh' ann,
 Thairg mi deur de dh' uisge goileach,
 Agus rud-eigin 'na cheann.

* A' cheud duais, Mòd, 1898.

Thuig mo charaid dé bha math dha ;
 Chan e'n t-amadan a bh' ann ;
 Deas 'na chòmhradh, tuigseach, eòlach,
 Ged bha chuid de 'n stòras gann.

Thuirt e, “ ‘nuair tha 'n spiorad sàraicht’,
 Is air aghaidh nàduir gruaim ;
 'N cridhe fann an impis t' fhàgail,
 'S rabhadh gàbhaidh anns gach fuaim.

“ Tha na 's miosa na 'n deoch-làidir,
 Dh' aiseag pàirt de 'n chàil tha uainn ;
 'S air an fheithid tha 'nar nàdur,
 A chur càileigin de chluain.

“ Ach ged tha mór bhuaidh 's a' chopan,
 Bhrosnachadh ar càil 's ar smuain ;
 Tha e cheart cho deas g' ar dochann,
 'S a thoirt taic an troisdain uainn.

“ Math is olc, mar sin, gu minig,
 Air am filleadh an aon dual ;
 Dlùth d'a chéil' tha searbh is milis ;
 Nithe diombuan agus buan.

“ 'S an aon lus tha bàs is iocshlaint ;
 Spiorad firinn anns a' bhréig ;
 Còir is eucoir gun gheur chriochan ;
 Ard is losal ; freumh is geug.

“ Eisd a' ghaillionn seinn Hosana,
 Ri séist fharumach nan stuadh ;
 Druid a' chòmhla, bruid a' bheòlach,
 'S cluinn cho ceòlar 's tha ghaoth tuath.

“ Cluinn mar tha gach torman gléiste,
 'N co-sheirm éibhinn, fann is cruaidh ;
 Builg na gaillinn suas a' séideadh,
 Garbh cheòl-mèarsaidh na gaoith tuath.

“ Creid nach aimhreit tha 's na dùilean,
 Ach an t-ùrlar air an gluais
 Gach ruith shiùbhlach, seirm is crùnluath,
 Theid a dhùsgadh fonn an cluais.

“ 'S ionann brigh do 'n anam cheòlmhor,
 Ceilear eòin, is toirm na tuinn' ;
 Còisir chiùil an lùchairt mòrachd,
 'S feadan cònnlaich chois an tuim.

“ Chan e fiodhall, 's chan e clàrsach,
 Bheir do 'n cheòl as airde bhuaidh ;
 Crònan màthar thar a páisde,
 Ceòl as àille 'n taobh so 'n uaigh.

“ Ma tha 'n t-inneal-ciùil so 'n òrdugh,
 'S nach do chaill mo mheòir-sa 'n lùth ;
 C' uim' nach tairgeamaid ar feòirlinn,
 Ma'-ri còisir àrd nan dùl ? ”

Shocraich mi mi-féin am chathair,
 'S lion mi phlob g'a blad a suas ;
 Dh' eisd mi greis ri ceòl mo charaid,
 A bha annasach do m' chluais.

Co-dhiù thuit orm dùsal cadail,
 No an cruitear tana cruaidh
 A chuir seun a' chiùil mu m' shealladh,
 Ach chaidh m' aithne car air chuairt.

Chluinninn fhathast toirm na gaillinn,
 Ach air atharrachadh fuinn ;
 Nuallan mara sguabadh tharainn,
 Ach ri caiseamachd na tuinn'.

Dh' éirich mi thar cuan is mòr-thir,
 Beinne 's còmhnaird, suas 's a nuas ;
 Gun chait-iùil no stiùir 'g am sheòladh,
 Ach an ceòl a bh' ann am chluais.

Fad air falbh, bha onfhadh fuaimneach
 Tuinn a' bualadh trom air tràigh ;
 Machair uaine 'n cois nam fuar-bheann,
 'S bothan uaigneach fo an sgàth.

Leum mi air mo bhonn gu h-aotrom,
 Mhothaich mi am fraoch fo m' shàil ;
 Canach geal cur snas air raointean,
 'S a' chearc-fhraoich ag gairm a h-àil.

B' aithne dhomh gach creag is sgàrnach ;
 Creachan àrd is lagan réidh ;
 Mhothaich mi am ghlaic an spàinnteach,
 'S air mo làmhan calg an fhéidh.

Lùthar, làidir, mar a b' àbhaist ;
 Smior is càil an cnàimh 's am féith ;
 Beatha tharbhach ! Beatha shealbhach !
 'S culaidh pharmaid sealgair féidh !

'S bochd nach buan dhuinn seilbh cho luachmhor,
 C' uime luathaich i a ceum ?
 O, ciod an duais a bheirinn suas,
 Airson aon uair dhi 'n diugh am fheum ?

Chan 'eil fhios domh ciamar thachair,
 Fhuair mi nis mo chas air sràid ;
 Measg luchd-fuadain, 's gach ni fuaraidh,
 'S cùram fuaighe rium 's gach àit.

Foill is fòirneart thar na còrach ;
 Dichioll brònach an glas-làmh ;
 Is fuil is feòil mar iobairt bheò,
 Do dhia an òir dol suas gun tàmh.

Co-dhiù a chaill an cruitear truagh
 Air inneal buaidh, no mheòir an cli,
 Chan fhios domh ; ach bha cheòl am chluais,
 A nis gun bhuaidh, mar fhuaim gun bhrigh.

Plathadh seallaidh nis 's a rithist,—
 Boillsgeadh diombuan air bheag suim,—
 Nithe għluais aon uair an cridhe,
 Ach a leig e tur á cuimhn'.

Ach mu dheireadh, bhual mo chlàrsair
 Teud chuir guin troimh m' chàil gu léir ;
 Bhual e charraig anns an fhàsach,
 'S bhrùchd aisd' uisge 'n àmhghair ghéir.

Dh' eirich grian air maduinn àraidh,
 'S theich roimh 'làithreachd sgàil na h-oidhch',
 Ach an sgàil os cionn ar fàrdach.
 Nach tog grian no là a choidhch.

Sgàil 's nach goir a' chuach no 'n smeòrach,
 'S anns an seac am feòirnean suas ;
 Sgàil 's an d' shearg mo fhlùran bòidheach,
 'S anns nach ruig mo cheòl a cluas.

Chàraich sinn an leaba bhròin i,
 A cruth bòidheach anns an ùir ;
 Sgaoil sinn thairte brat de neòinein,
 'S dh' uisgich sinn le 'r deòir na flùir.

'S dachaidh fhàs dhuinn gun mo fhlùran,
 Cuimhne thùrsach anns gach ni ;
 Cais'eart bheag air leith an cùileig,
 'S miadhala na crùn an rìgh.

Chiar an là gu oidhche dhòbhaidh
 Oidhch' nach teid á cuimhn' na 's mò :
 O ! na druid an nochd a' chòmhla,
 'S gun m' uan bòidheach anns a' chrò.

Leum, mu dheireadh, mi á m' chattair,
 'S thuirt mi, " Chruiteir thana, chruaidh ;
 Ma 's tu féin tha teumadh m' anam,
 'S miosa t' ealain na ghaoth tuath."

Thug e sùil orm fo a mhala,
 Mar gu'm b'aithne dha mo smuain ;—
 " C' àit a nis a bheil a' ghaillionn ?
 Anns an anam no air chuan ?

" Creid mi, cha tig stoirm no gaillionn
 As an adhar, deas no tuath,
 Mar a dh' eireas anns an anam,
 'Nuair a shéideas carraig chruaidh.

" Annad féin tha 'n ceòl a għluais thu,
 Air a luasgadh leis an teud ;
 Gleus gu tuireadh, 's gleus gu luathghair,
 Fuaithe riut 's gach àit an téid.

“ Ceòl o’n d’ fhuair thu gach ni luachmhor
 Ris a bheil gach buaidh an sàs ;
 Ceòl ad chridhe,—ceòl ad chluasan,
 Fad do chuairt o d’ bhreith gu d’ bhàs.

“ An ceòl as binne ’s eòl do ’n fhilidh,
 Cha tog plob no fiodhall suas ;
 An ceòl thig uairean anns a’ chridhe,
 ’S nach gabh liubhairt anns a’ chluais.

“ Chaidh an nì so thar do thugse !
 Bheil thu tuigsinn nì fo’n ghréin ?
 Ciod an stéidh air an do chluich mi ?
 Chluich air t’ fhaireachdainnean féin.

“ Ach cha tusa mhàin tha umhail ;
 Nàdur uile, ann an seòl,
 Bho ceud bhunait gu clach mhullaich,
 A ceum siubhail dol ri ceòl.

’S ’nuair a ruitheas i a cùrsa,
 Togaidh guth na dùdaich chruaidh
 Ceòl a leaghas sios na dùilean ;
 Ceòl a dhùisgeas tu ’s an uaigh ! ”

* * * * *

Thug e taing is oidhche mhath dhomh,
 ’S thruis e fhalluinn thais mu chré ;
 Didean faoin ri aodann gaillinn,
 Ach ’na anam,—Anail Dhé.

’S dlomhaireachd nach beag an duine,
 Dia a’ tuineachadh ’na chom ;
 Teampull faoin, ’s e air dhroch uidheam,
 ’S gun an tuga air ach lom.

GUTH A' CHUAIN.

Fanaibh-se, chlann, air a' chòmharnard,
 A' buain nedinean feadh nan tom ;
 No ma 's fearr a' chulaidh chleas e,
 Ruithibh greis am beul nan tonn.

Dìridh mise 'n àird am bruthach,
 Far am faic mi thugam 's uam ;
 'S bho 'n a tha mi gann de chuideachd,
 Eisdidh mi ri guth a' chuain.

Tha 'n cuan dhòmhsha mar fhear-eòlais,
 Tigh'nn am chòmhdhail air an tràigh ;
 Fiamh a' ghàir' air aodann preasach,
 'S a thuinn bheaga cur orm fàilt'.

'S tric 's na làithean a chaidh seachad,
 Bheachdaich mi air cruth nan stuadh,
 Tigh'nn chum teachdaireachd na mara
 Liubhairt air a' chladach chruaidh.

A bhi beachdachadh orr' daonnan,
 Le 'n ceòl caochlaideach am chluais ;
 Dh' fhàg air m' inntinn samhladh mòrachd,
 Nach dean briathra beòil a luaidh.

'S ged bha 'n teachdaireachd do-leughadh,
 Gheuraich i, ar leam, mo smuain,
 Gu bhi rannsachadh na duibhre,
 Tha 'g ar cuibhreachadh mu 'n cuairt.

Tha mar chùirteinibh na pàillinn,
 Cùirneachadh na h-àirc mu 'n cuairt ;
 'S am meall neòil a tha 'ga còmhach,
 Mar chirb glòire Rìgh nan Sluagh.

Ann an Teampull mór na Cruinne,
 Tha ar cuid againn 's a' chùirt ;
 'S roinn-bhrat tribilt air ar n-inntinn,
 Ag cleith diomhaireachd na cùis'.

Ciod, matà, is ciall do 'n t-sealladh
 Chaidh a cheadachadh do 'n t-sùil ?
 Nèamh is talamh mar fhaoin fhaileas,
 Air nach d' fhuair sinn fathast iùl.

Na speuran sgaoilt' os cionn ar cinn ;
 An talamh fillte fo ar ceum ;
 Is freumh ar nàduir toinnte, dlùth,
 Mu gach dùil 's a' chruinne-ché.

'S gach ni a ghluaiseas sùil no cluas,
 A' dùsgadh annainn smuain d'a réir ;
 Còrda finealta ar nàduir,
 Cumail càil a ghnàth air ghleus.

A' mhaoth ghaoth Chéit am measg nan geug.
 A' luasgadh teuda gléist' nan crann ;
 Air sgiathairbh mine giùlan slos,
 Laoidhean binn nan iomadh rann.

Bho chiùin mhorbhan braoin air duille,
 Gu àrd ghuth na gaillinn ghairg ;
 Creag a' freagairt fuaim na tuinne,
 'S gun aon ni 's a' chruinne balbh.

Aom do chluas is éisd an luathghair
 Tha dol suas o mhuir 's o thir,
 'S ged nach tuig smuain na chluinneas cluas,
 Creid nach 'eil an fhuaim gun bhrigh.

Ciod ma tha gach bith 's an domhan,
 A' toirt molaidh réir a ghnè ?
 Haleltùia ioma-ghuthach
 Do 'n Tì chruthaich talamh 's nèamh.

Cuir do bhrògan bhàrr do chasan,
 So, da rìreadh, tulaich Dhé !
 A naomh reachd sgriobht' air clàr gach cloich'
 Is anns gach preas a làithreachd féin.

* * * * *

Tha mi cluinntinn guth na cloinne,
 Glaodhaich, " Athair, thig a nuas : "
 Glaodh cho sean ri tùs na cruinne ;
 " Tha mi tighinn." " Thig gu luath."

AM BARD.*

Chunnaic mi 'm bàrd air tràigh na mara,
 Is ràn na gaillinn 'na chluais,
 Coimhead gu geur nan steud-each geala
 Bha leum ri cladach a suas ;
 Le stàirn cho cruaidh 's gu 'n d' għluais mac-talla
 Le fuath's a dh' aithris na fuaim,
 Is toirm nan speur ag éirigh thairis,
 Cur séist ri farum nan stuadh.

Torman nan dùl air chùl na gaillinn,
 A' dùsgadh aigne á 'n suain ;
 Inntinn air ghleus is eud air anam,
 Thoirt beul do earrann d'a smuain ;
 Ach cainnt g'an luaidh cha d' fhuaradh fathast,
 No bàrd g'an aithris an duan ;
 Cha d' thig o'n bheul ach sgeul na h-amaid,
 A dh' fheuchas caithream a' chuain.

Chunnaic mi 'm bàrd air àirigh ghleannain,
 Is nàdur fathast 'na suain ;
 Le ciùine thlàth a' snàmh mu thalamh,
 Is sàmhchair cadail air chuan ;
 Mu 'n d' thog na flùir an sùil ri latha,
 Is drùchd 'g an camadh a nuas ;
 Lùbadh an glùin an ùmhachd mhaidne,
 'S mar thùis an anail dol suas.

Dh' éirich, air ball, air crann 's a' choille,
 Binn ghuth loinneil an lòin ;
 'S fhreagair le fonn gach tom is doire,
 'Nuaир dhùisg le coireall na h-eòin ;

* A' cheud duais, Mòd, 1897.

Thoirt fàilt' do 'n ghréin bha ceudan feadan,
 An còisir leadarr' air seòl ;
 'S uiseag bheag, chiar air sgiath na maidne,
 Cur trian de 'n adhar 'na cheòl.

Clàrsach na coill' an laoidh na cruinne,
 A teudan cuimir air seòl ;
 Oiteag a' Chéit, measg gheug is dhuille,
 Cur séist ri luinneig an lòin ;
 Aingeal a' chiùil, 'na dlùths a'fuirreach,
 A' deachdadadh uibhir de 'n cheòl,
 'S is airidh air féin 's air stéidh nan uile,
 Nach léir do dhuine 's an fheòil.

Na bean-sa do 'n àirc le làimh neo-airidh,
 Tha làithreachd tharad 's an uair,
 Nach fuiling ad dhàn na b' àill leat aithris ;
 Do chàil is t' ealain gun bhuaidh ;
 Ach sin mar a thà, mar bhà, 's mar bhitheas,
 Tha cainnt a' chridhe gun luaidh ;
 Is binne a' phàirt nach d' fhàg na bilean,
 Na 'n dàn as grinne thig uath'.

Tha 'm bàrd leis féin air féill 's air faidhir,
 Gun spéis do mhalaирt an t-sluaigh ;
 Anam cha shleuchd air beulaibh Mhamoin,
 Cha ghéill e ealain air luach ;
 Tha cheum leis féin air beinn Pharnasus,
 An teampull farsuinn 'na smuain ;—
 Teampull nan dé, gun bheum a' chlachair,
 A dh' éirich snasmhor is buan.

Buinibh gu réidh ris 's éisdibh tamull
 R'a sgeul, is canaibh a dhuain ;
 Seallaibh le spéis air féin 's air ealain,
 Is seudan barraicht' a smuain ;
 Tréigidh sibh féin, 'ur féill 's 'ur malairt,
 Is théid sibh thairis gu'r duais,
 Cian mu 'n leigear gu beud aon earrann,
 De 'n t-séist a chan e 'n ur cluais.

'Nuair bha sibh shios an tir 'ur n-aineoil,
 Bu phriseil rannan a' bhàird,
 A bha d' ur cridh' mar iocshlaint cheanalt',
 D' an strlochd an gearan as àird ;
 Orain 'ur dùthch' mar dhrùchd nam flaitheas ;
 Ag ùrach anam nan sàr ;
 Toirt tir 'ur rùin as tìr 'nur sealladh,
 Gach stùc, is bealach, is càrn.

Buinibh gu réidh ris 's éisdibh tamull,
 R'a sgeul ged chan e ach páirt ;
 'S ged thà fo 'n ghréin nach léir dha aithris,
 'S nach géill do 'n ealain as àird' ;
 'S e buaidh a chiùil an tùs a mhosgail
 A' chliù a choisinn na sàir ;
 C' àite robh Fionn, is Goll, is Oscar,
 As eugmhais Oisein, am Bàrd ?

COMHRADH EADAR AM BARD AGUS AN CIOBAIR.

AM BARD.

Ciod, a chiobair, fàth do chabhaig ?
 Tha an rathad so car cas ;
 'Nuair a ghéilleas na builg-shéididh,
 Creid mi, cha bhi 'n ceum cho bras :
 Tha mo cheum-sa dol am moille,
 A bha aon uair beothail, luath,
 'Nuair a b' éideadh dhomh am féileadh,
 Sealg an fhéidh 's a' choilich-ruaidh.
 Tha latha féin aig gach madadh,
 'S thig an là as faid' gu crich ;
 Cha shligh' bhuan ach astar suarach
 Tha eadar an uaigh 's a' chloch :
 Slàinte 's òige, seilbh ro ghlòirmhor,
 'S fearr na òr a' chruinne-ché ;
 Bi taingeil fhad 's a tha iad agad,
 Oir cha mhair iad ach car ré ;
 Olc air mhaith leinn, thig sinn uile
 G' ar ceann-uidhe, luath no mall,
 'S garbh no réidh g' am bi an turus,
 Cha bhi bith 's a' chruinn' air chall.
 Suidh, matà, is tarruing t' anail,
 Aig a' charragh chloich' ud shuas :
 Air chùl gaoith 's air aodann gréine,
 Thoir dhomh sgeul na tìm a għluais.

AN CIOBAIR.

Tha thu fanaid orm, a charaid,
 C' àit am faighinn-sa mo sgeul,

Tha leam féin a' siubhal garbhlaich,
 Moch is ammoch is là féill ?
 'S gun aon neach a ni rium còmhradh,
 No bheir eòlas dhomh air seud ;
 Có a gheibhinn-sa mo sgeòil uaith,
 Mur am fòghluim mi o'n treud ?

AM BARD.

'S faoin do ghlòir, a chlobair ghòraich,
 C' àit an d' fhòghluim thu do chreud ?
 A bheil dòigh air faotainn eòlais,
 Ach bhi chòmhnuidh measg nan ceud ?
 Nach 'eil leabhar mór an domhain
 Fosgailte fa d' chomhair féin ?
 Leugh na chì thu 's gheibh thu 'n fhirinn
 Sgriobht' ann mar le gath na gréin'.

AN CIOBAIR.

Tha sin glé mhath do luchd fòghluim,
 Tha e dhòmhns' air bheagan brigh ;
 Glaist' tha dhòmhsa stòr an eòlais,
 Fhad 's tha 'n iuchair òir am dhith :
 Có a mhinicreas dhomh 'n sgrìobhadh,
 Mur am faigh mi bhrigh dhomh féin ?
 Chan 'eil fàidhean anns an fhàsach.
 Mar a b' àbhaist daibh o chéin.

AM BARD.

Chan 'eil feum agad air fàidhean,
 Chaidh an làithean-san air chùl ;
 Ach cha d' chaochail tuigse nàdurr',
 Is cha d' fhàilnich sealladh sùl ;

Beachdaich air na chluinn 's na chi thu,
 'S thig am mineachadh 'na ám ;
 'S creid mi, chan 'eil nì gun bhrigh ann,
 Biodh e dìreach dhuit no cam.

AN CIOBAIR.

Ged a dh' fhaodas beagan firinn,
 Bhi 's an nì a tha thu 'g ràdh ;
 'S eagal leam nach tuig gu dilinn,
 Mise nì dheth ach mar thà :
 Tha mi siubhal o thùs m' òige,
 Beinne 's còmhnaird gach aon là,
 Ach an diugh, chan 'eil sud dhòmhs',
 Ach beinn is còmhnaid mar a bhà ;
 'N carragh ris a bheil mo thaice,
 'S tric thug fasgadh dhomh o'n t-sion ;
 Ciad a th' agams' ann ri fhaicinn,
 Ged a bheachdaichinn gu sior ?

AM BARD.

Na 'm bu léir dhuit, tha 's a' charragh
 Sgeul nach fhaigheadh tu air féill ;
 Is na'm b' aithne dhòmhs' a h-aithris,
 Chuirinn earrann di an céill.

AN CIOBAIR.

Tha e soirbh gu leòir dhuit sgeula
 Chur an céill air nì fo 'n ghréin ;
 Ach ma's breug as bunait sgeòil duit,
 Gleidh an seòrsa sin dhuit féin.

AM BARD.

'S léir dhuit féin, a chlobair thàireil,
 Nach do dh' fhàs e 'n sin leis féin ;
 'S nach do chuireadh riamh an àird e,
 Ach le làmhan dhaoine treun' :
 'S léir dhuit nach 'eil creag d'a sheòrsa,
 Anns na còrsan so gu léir ;
 'S mar a thàinig e air astar,
 Tha air sgriobh't an claisean geur.
 Tha e leis a sin 'na ònrachd,
 Is 'na fhòg'rach an tìr chéin,
 'S mur an leòr a' bhunait sgeòil sin,
 Fàgaidh mi an còrr dhuit féin.

AN CIOBAIR.

Chan fhàg ! Chan fhàg ! Gabh air t' aghairt,
 Mur 'eil coire anns a' chòrr ;
 Ach ma's droch sgeul a tha 's a' charragh,
 Ni mi phrannadh leis an òrd.

AM BARD.

Cùm do bhilean saor o thoibheum,
 'S air an loineis sin cuir srian ;
 'S na dean tàrcuis air an altair,
 A thog t' athraichean d' an dia.
 Anns a' ghlacaig bhòidhich, ghlais so,
 Ann an achlais chais an t-sléibh,
 Dh' éirich aon uair badan coille,
 Is troimh mheadhon sruthan réidh :
 Aite fasgach ri ám dùblachd ;
 Aite dùbhraidh ri ám gréin' ;

Thog do shìnnse an sin caragh,
 'S dh' iobair iad d'am faileas féin :
 Daoine borba, daoine fuiteach,
 Gidheadh, purpail agus treun ;
 Dh' iobair iad a réir an tuigse,
 Do dhia fuiteach mar iad féin ;
 Dh' iobair iad a réir am pailteis,
 Fàs na machrach 's toradh spréidh ;
 Dh' iobair iad a réir an doille,
 Eadhon fuil an cloinne féin :
 Tha e sgriobhte anns an fhìrinn,
 Rinneadh duine 'n iomhaigh Dhé,
 Ach fhad 's a dh' fhòghluim mise riamh,
 Rinn duine dhia 'na iomhaigh féin.
 Tha e soilleir air a' charragh,
 Gu robh 'n aidmheil salach, breun,
 Ach mu 'n tog thu air do gheannair',
 Thoir an t-sail á d' shealladh féin.

AN CIOBAIR.

Ma 's e droch sgeul tha r'a éisdeachd,
 Mu chor déisinneach an t-sluagh ;
 Saoilidh mi, an creideamh breun sin,
 Nach 'eil feum a bhi 'ga luaidh.

AM BARD.

Tha thu ceart, chan 'eil mór éifeachd
 Dhuit-sa éisdeachd ris a' chòrr ;
 Ach 's ceann-teagaisg dhuit na leugh mi,
 Ghabhas leudachadh gu leòr,
 Na bi thusa deas a dhìteadh,
 H-uile ni nach tuig thu féin ;

Cha do rinneadh breitheamh dhiotsa,
 Air gach diomhaireachd fo 'n ghréin :
 Seall mu 'n cuairt ort air an lanntair,
 'S cuir 's a' chainnt as math leat féin,
 Maise shònraicht' beinne 's còmhnaird,
 Oraichte le glòir na gréin' :
 As an àite bheil thu coimhead,
 Sgaoilt' fa d' chomhair, dhuit is léir,
 Uile rioghachdan an domhain,—
 Muir is monadh, 's nèamh nan speur.
 Cha do thaghadh riamh a' chlach so.
 Air son altair, ach le sùil
 A bha leis an spiorad deachdte,
 'S anam beachdail air a cùl ;
 Anam a bha stri ri éirigh,
 Thun an Dé a dhealbh e'n tùs ;
 Anam nach deach riamh a thasgadh,
 Leis an anart anns an ùir.

AN CIOBAIR.

'S e mo bheachd nach 'eil mór euail,
 Air builg-shéididh dhaoine còir ;
 Mur an d' fhuair sinn bheag de 'n sgeula,
 Fhuair sinn séidirich gu leòr ;
 Ma tha gréim tombac ad spliùcan,
 Cuir dhomh smùdan ris a' phioib ;
 Bidh do ribheid féin air tùchadh,
 Leis na rùisg a chuir thu dhiot.
 Ann am bheachds' tha móran diùbhsan
 A tha cùinneadh nan droch sgeul,
 Nach bu mhisde beagan tùchaidh,
 A chur dùnaidh air am beul.

AM BARD.

Cha bu mhisd' thu féin do thachdad,
 Tha do theanga sgaiteach, geur ;
 Shaoil mi gu 'n robh thu cho faiteach,
 Ris a' ghart-eun anns an fheur :
 Ma 's e talach air na fhuair thu,
 Nach do dhiol thu duais d' a réir ;
 'S mur an creid thu uam na chual thu,
 'S gnothach suarach sin gu léir :
 Ach mur 'eil thu tuillidh 's gealtach,
 Thig is faic le d' shùilean féin ;
 Thig an so ri oidhche ghealaich,
 'S gheibh thu sealladh air an Fhéinn.
 Chan fhear ciùil, is chan fhear-sgeòil mi,
 'S chan 'eil teanga sheòlt' am bheul,
 A chur snas air duan no òraid,
 No chur crith air feòil le m' sgeul ;
 Bheirinn bhàrr mo dhroma 'n còta,
 Gheall 's gu 'm b' eòl dhomh chur an céill,
 Ni a thachair air fear-eòlais,
 Oidhche cheòthar tigh 'nn o'n fhéill :
 Ach ged tha an spiorad deònach,
 Suim an sgeòil a chur an céill,
 Cha leig cuibhrichean na feòla
 Leis dol òirleach bhàrr na h-éill :
 Tha e mar sin doirbh, a chiobair,
 Nithe diomhair annta féin,
 A dhealbh soilleir air an ìnnitinn,
 'S an cur diongmhalta, r'a chéil' ;
 Ach feuchaidh mi nis, ma 's deòin leat,
 Seòrsa beachd thoirt dhuit mu 'n sgeul ;
 Ach gabh suim, bha 'n oidhche ceòthar,
 'S bha m' fhear-eòlais air an fhéill.

Oidhch' cho sàmhach ris an uaigh ;
 Gun ghuth, gun ghluasad aig ni beò ;
 Shaoileadh tu gu 'n d' chaochail fuaim,
 'S gu 'n d' thug mac-talla suas an deò ;
 Currachd oidhch' mu cheann na cruaich' ;
 A guaillean suainte 'm brat de 'n cheò ;
 Ciùine shìtheil thar na tir'
 A chan an fhirinn, ' tir nam beò ' :
 B' oidhche so nach togadh cridh',
 'S nach cuireadh clì an anam seòid
 Oidhch' 's am biodh na daoine sith',
 A' ruith mu 'n t-sithean le an leòis.

Thog m' fhear-eòlais mach ri Cruaidh-ghleann ;
 Ghlac e chuaille teann 'na dhòrn ;
 Sgrog e bhoineid ghorm m'a chluasan ;
 Sgob e suas na bha 's a' chòrn :
 Ach bha 'n t-adhar trom mu ghuaillean,
 Is 'na uallach air an fheòil ;
 Leig e thaice ris a' bhruaich so,
 Stad ! An cual a guth 's na neòil ?
 Anns na neòil bha monmhur còmhraidh,
 'S tuireadh bròin 's an oiteig shèimh,
 Is binn cheòl caol air feadh an fhraoich,
 Mar òran-gaoil a nuas o nèamh.
 Bha 'n t-ám bhi gluasad, ach, mo thruaighe !
 Tunna luaidhe ris gach bonn ;
 Dh' fheuch e falach anns an luachair,
 Ach 'na chluais bha ceòl gun fhonn.
 Sùil g' an d' thug e air a chùlaibh,
 Doire ùdlaidh suas air fàs ;
 'N carragh laiste suas mar fhùirneis,
 'S air a chrùn bha manadh bàis ;

Tannaisg fhaoin 'nan sgaoth mu 'n cuairt air,
 Sios 's a suas, o thaobh gu taobh ;
 Nunn 's a nall, le siubhal fuadain,
 Mar gu 'n luaisgt' iad leis a' ghaoith.
 Ach ghrad stad a nis an luasgan,
 Mar gu 'm biodh gach cluas ri làr ;
 Sàmhchair shuaineil, 's gun nì gluasad,
 Air a' chruaich o 'bonn gu 'bàrr :
 Fad air falbh, ar leis gu 'n cual e,
 Fuaim mar bhualadh thonn air tràigh ;
 Tigh'nn na b' fhaisge 's na bu chruaidhe ;—
 Iolach buadha ! 's nuallan cràidh !
 Faic a' tearnadh leis an leacainn,
 Sluagh mar fheachd an uidheam blàir,
 A' tigh'nn direach air a' ghlaic so,—
 Tartarachd 's buaidh chaithream àrd !
 Ràinig iad an carragh teinnteach,
 'S chaidh iad deiseil air mu 'n cuairt ;
 Tharruing iad a suas fa chomhair,
 'S dh' fhosgail iad an sreathan suas :
 Buidheann chiomach nis a' tighinn,
 Air an iomain mar bhad spréidh ;
 Os an cionn an fheithid ghtonach,
 'S an t-sleagh bhiorach as an déidh ;
 Rompa 'n altair, cheana laiste,—
 An ceann-astair tuillidh 's luath,—
 'S éiginn, fulang, ach ciod uime ?
 Reachd na cruinne,—bàs no buaidh.
 Thuig mo charaid ciod bha tighinn,
 'S chuir sud criothnachadh 'na fheòil ;
 Spàrr e cheann a sios 'san luachair ;
 Stop e chluasan le a mheòir ;

Ach cha b'fhada gus an cual e
 Sgread, nach cual e leithid riamh,
 Ghlaodh e mach le uile chomas,—
 “Mort ! Dean cobhair orm, a Dhia !

Teine dealain nuas o nèamh,
 A sgrios an doire, freumh is geug,
 Torrunn oillteil anns na neòil,
 Mar gheannair’ Thòir a’ prannadh sléibh’ :
 Dubh neul duaichnidh ‘g éirigh suas,
 A bha air uachdar fuinn mar phlàigh,
 ‘M feachd gu léir mar thannaisg bhreun’
 ‘G am falach féin bho shùil an là.

AN CIOBAIR.

Dia g’ ar dion, is leig á so mi !
 Chaidh an donas ort gu léir !
 Cha tiginn-sa air son oighreachd,
 Anns an oidhch’ an so leam féin.

AM BARD.

Thusa ciocrach air son eòlais !
 Thusa ’s t’ iuchair òir ad dhith !
 Tha i, bhurraidh, ann ad phòca,
 Cuir do chròg ann ’s gheibh thu i !
 Thoir a nis do shròn ri baile,
 Is thoir t’ fhaileachd as a’ chlob ;
 Cuir tri uairean cuairt mu ’n charragh,
 ’S cuir do sgallais ann ad phlob.

SEACHARAN SEILG.

Chaith mi 'n latha 'n déidh na faghaid,
 Air feadh bheann is ghleann is dhoire,
 Gus an d' chaill mi anns a' choille,

Toirm nan gadhar 's lorg an fhéidh ;
 'S o'n bha 'n oidhche air tigh 'nn frasach,
 Sheall mi air son àite fasgach,
 Far am faighinn leaba nasgaidh,
 Am measg chàrna glasa 'n t-sléibh.

Fhuair mi sud aig bun a' bhruthaich,
 Bothan-àirigh air dhroch thughadh,
 Toll 'na mhullach air son luidheir,

Sgroth 's an uinneig, taobh na gaoith :
 Sgathach bheithe air son còmhla,
 Nach ceileadh a' bheag de 'n dòlas,
 'S a chur eagal air na bòcain,
 Rinn mi dòigh air teine fhraoich.

Bha isean feannaig ann am phòca,
 Air nach d' amais móran clòimhtich,
 Chuir mi car dheth anns a' bheòlaich,

'S bha e ròist' agam gu m' riар :
 Choisrig mi an creutair neòghlan,
 Le deur beag de shùgh an eòrna,
 'S ged nach robh a' chuirm ro shòghmhor,
 'S maирг bhiodh tòrmasach, mu'n bhiadh.

Mar is gnàth leam an déidh féisde,
 Rinn mi phiob thombaca ghleusadh,

Thug mi 'n taod á ceann mo reusain,
 'S leig mi fad na sréin le m' smuain ;
 Ghabhail iolla ris na dealbhan,
 A bha 'g éirigh suas 's a ghealbhan,
 Samhladh faoin air nithe talmhaidh,
 Faileis anfhann anns an luath.

Anns a' cheò bha snàmh mu 'n cuairt orm,
 Cruthan caochlaideach ag gluasad,
 Ag cur m' intinn ann am buaireas,
 Nach 'eil soirbh a luaidh an cainnt :
 Cha robh buidseachd ag cur sgleò orm,
 'S cha robh geilt orm roimh bhòcain,
 Ach bha cruth air bràigh na còmhla,
 A chuir m' fheòil air chrith 's gach reang.

Dà shùil lasrach an clàr aodainn,
 Nach robh choimeas farasd fhaotainn,
 Sròn cho fada ris an taobhan,
 'S paidhir adhaircean air a cheann :
 Dh' eirich mi gu grad air m' uilinn,
 'S thug mi ionnsuidh air a' ghunna,
 Ach cha d' thug e suim no umhail,
 Mar gu 'm b' iomhaigh umha bh' ann.

Splon mi bhoineid bhàrr mo bhathais,
 Dh' aithris mi mo chreud 's mo phaidir ;
 Ghearr e leum is rinn e sraidheadh,
 Mar fhuaim canain ann am chluais :
 Cheart cho fior 's tha sròn air m' aodann,
 Chuala mi gu soilleir gleadhraich,
 Mar gu 'm bitheadh tu a' slaodadh,
 Slabhraidd dhaors' thar chlachan cruaidh'.

Righ gabh agam ! Sin e rithist !
 Thog mi 'n gunna 's leig mi ris i ;
 Dh' éirich e mar eun air iteig,
 'S teine drillseach as a dhéidh :
 Le stoth pronnaisg 's toit an fhùdair,
 Thuit mi seachad air an ùrlar,
 'S 'nuair a dh' fhosgail mi mo shùilean,
 Cha robh dùil leam ach mi-fhéin.

Dh' fhàs a nis an oidhch' ro shalach,
 Bhrùchd na tuiltean troimh na gleannaibh,
 Fhreagair creag is beinn le farum,
 Fuaim na gaillinn air an raon ;
 Las an iarmaitl suas mar fhùirneis,
 Le tein'-adhair ghathach, lùbach,
 'N a dearg still mu chinn nan stùcan,
 Leum 'na spùt o thaobh gu taobh.

Ach, mu dheireadh, bhrist an latha,
 'S thionndaidh mi mo cheum gu baile ;
 Thug mi sùil air cùl an tighe,
 Dh' fheuch am faighinn lorg an laoich ;
 Ach an àite crodhain Shàtain,
 Bhi r'am faicinn anns a' chlàbar,
 'S ann a fhuair mi each a' Ghàidseir,
 Toll 'na mhàileid 's fhuil mu 'n fhraoch !

FIONNAGHAL, NIC DHOMHNAILL.

“ Tha 'n sruthan 'na dheann le bruthach,
 Cur torman dubhach a suas ;
 Tha osann na gaoith 's an duilleach,
 Is gaoir na tuinne am chluais ;

“ An anmoch an dé is gaillionn
 A' reubadh bharra nan stuadh,
 'S a' sgathadh bàrr gheug is fhaillean,
 Le géiread anail gaoith tuath.

“ Fo chùirtean na dùblachd tharam,
 Bha dùbhradh fhaileas 'san ruaig,
 Is cruth air an cùl cho allaidh,
 'S nach dùraichd m' anam a luaidh ;

“ Mhàthair, mur 'eil thu ad chadal,
 O ! aom ri d' chailin do chluas,
 'S an guidhe nach fhaod mi aithris,
 Cuiream an cagar a suas.

“ O ! Righ nan dùl bi ma' ris,
 Is daingnich daingean a chòir ;
 Is aisig dha chrùn 's a chathair,
 'S biodh dhuit-sa, Athair, a' ghlòir.”

“ Fhionnaghail ! Fhionnaghail ! caidil,
 Chaidh t' iarrtas fada gu leòr
 Nach esan tha riaghladh tharainn,
 An Dia d' an aithne a' chòir.

“ Tha ceartas na cùise falaicht',
 Bho shùile dalla an t-sluaigh ;
 Ach Easan rinn nèamh is talamh,
 Bheir e mar 's math leis a' bhuaidh.”

Am feadh 's a bha màthair is nighean,
 Mar so a' liubhairt an rùin ;
 Ciod a bu chor d' an cinneadh,
 'S do dh' oighre dligheach a' Chrùin ?

'S an àraich cuid dhiubh 'nan laighe,
 Gun suim co aige bha bhuaidh,
 Is cuid anns an ruaig air sgaradh,
 'S an t-oighr' air allaban truagh.

Chuireadh is chailleadh an latha,
 Leòsan a b' airidh air buaidh ;
 Is dh' fhàgadh Rìgh Seumas fathast,
 Gun seilbh air talamh a shluaign.

An eathar tha stiùradh thallad,
 Gun siùil, gun sparran r'a crann ;
 'Ga h-iomain le sgiùrsadh mara,
 Is dùbhradh gaillinn os ceann ;

Ag giùlan an cùirt a daraich,
 An fhiùrain fhlathail gun dith ;
 An diugh 'na fhear-cùirn 'ga fhalach,
 D' an dùth bhi 'n cathair an rìgh.

'S an eathar ghuanaich air faontradh,
 Gun neach d'a dhaoin' air a chùl ;
 Is luingeis Dheòrs' anns gach caolas,
 Is armait sgaoilt' anns gach cùil.

Arsa baint'earn uasal Chloinn Dòmhnaill,
 Le acaid dhòruinn 'na cridh ;
 "O, ciamar dh' fhaodar a chòmhnhadh,
 Is feachd Rìgh Deòrs' air a thi ?

"Tha 'n tòir gu dian air a casadh,
 'S gun àite fasgaidh no dion' ;
 'S gun chomas faotainn thar aiseig,
 Mu 'n téid a ghlagadh 's an lion.

" Fhionnaghail, éirich, cuir umad ;
 Chan fhaic mi 'n curaidh 's an smùr ;
 'S leis féin mo chaisteal o bhunait
 Gu cirean mullaich an tùir :

" Is ciod ma 's éiginn duinn fulang,
 Air son ar cuid anns an stri ?
 Chan fhios domh aobhar cho cubhaidh,
 Ri aobhar duine 'na dhith."

Am bothan ùdlaidh gun tugha,
 Fo chur 's fo shruthadh nan sìon ;
 Fhuair iad Tearlach gun chuideachd ;
 Gun bhiadh, gun uidheam, gun dion.

Am fear tha cruaidh ghleac an còmhnuidh,
 'S an aghaidh fòirneirt a' stri ;
 A neart 'ga thréigsinn 's a' chòmhstri,
 'S e call a dhòchais 's gach nì ;

Thig uairean freasdal g' a chòmhnuadh,
 'Nuair 's lugha dhòchas 's a chli ;
 Thoirt misnich nuaidh agus treòir dha,
 An cùis na càrach a' stri.

Is ionann sin 's mar a dh' éirich
 Do mhac Righ Seumas an tràths' ;
 Thug aingil thruacant' fo 'n sgéith e,
 'S e 'n rib' na h-eiginn an sàs ;

Ach ciod 'na leithid de chruaidh-chas
 Ni dà bhean-uasal leo féin ?
 Is armaiti rioghachd mu 'n cuairt daibh,
 'S gach nì dol tuathal fo 'n ghréin.

Thug oidhche dhoilleir is ghàbhaidh,
 Caol gheòla bhàn fo a sgéith ;
 A cùl ri Uidhist nan crà-gheadh,

'S blàth ghuidhe chàirdean 'na déidh ;

A càrsa fhad is a b' eòl daibh,

Air Eilean ceòthar nan sgùrr ;

Le sgioba crualach eòlach,

'S Fionnaghal òg air an stiùir :

Le onfhadh mara 'nan aodann ;

Garbh-thonna taomadh m'a clàr,

Cha b' uilear sgil agus teòmachd,

A chumail aodaich ri spàrr :

Fhionnaghal, taisbein do dhùrachd,

Is cleachd mór chùram a ghnàth ;

Tha oighre Chrùin air a h-ìrlar,

Ag earbsa á stiùradh do làimh.

" Fortan am fàbhar a' churant,'"

Ars' aon a bha tur as a bheachd ;

Na'n d' thuirt e 'n cealgair no 'm burraidh,

Chreidinn gu buileach a reachd :

Ach biodh e tuigseach no górrach,

Chan 'eil ann dòmhhs' ach am beachd,

A thuit bhi 'm fàbhar na h-òighe

Bha strì 'na h-ònar ri feachd ;

'S a réir na cùise mar thachair,

Tha gnè chùl-taic aig an smuain ;

Theich càbhlach Dheòrsa gu fasgadh,

'S fhuaire Flòraidh farsuinneachd cuain,

A chur a geòla gu saoithreach,

An aghaidh gaoith agus sion ;

Ach neart na gaillinn 'n an aodann,

Bho ainneart dhaoine 'g an dion.

A nis, bha glas-neul na maidne

Cùr leus-ghath tana troimh 'n grhuaim ;

'S ag éirigh thar eubh na gaillinn,
 Bha beuc a' chladaich am fuaim ;
 Air ball, bha 'n caladh 's an t-sealladh,
 'S iad taingeil tarruing g'a chòir,
 'Nuair fhuair iad sanas o'n chladach
 A thuig iad ealamh gu leòr :

Garbh fhrasan pheileir mu 'n cluasan,
 Bho na sàr uaipirean claoan,
 Bha gabbail fàth orr 's na bruachan,
 Mar shealgair ruadh-bhuis air raon ;

Ach dh' aindeoin luaidhe is fùdair,
 'S cuilbheartan cùilteach nan Gall,
 Fhuair iad gu caladh gun diùbhail,
 Is fàilte chùirteil gun fheall.

A nis bha réiseadh is ruagadh,
 Nach fhaca 's nach cuala o chian ;
 Muir agus tir air an sguabadh,
 Le feachd de ruagairean dian.

Gu steud, a Fhlòraidh, gu h-ealamh !
 Tha 'n tòir a' teannadh, bi treun ;
 Fàg tarruing is sgòd air cladach,
 'S dean sgòd is tarruing de'n t-sréin.

Faic i a nis air a' phillean,
 'S am prionns' mar ghille 'na déidh,
 A' réiseadh thar riastig is innis,
 Le luath's is grinneas an fhéidh :

Thar firich, is raoin, is aisir,
 Thar caochan, casach is féith ;
 Le binnein is maoil is machair,
 Dol seach mar lach air an sgéith :

Chan sheitheadh ri àth no bealach ;

Cha bhacadh balla no nì ;
 'S mu chiaradh an fheasgair tharruing
 Iad srian, am baile Phort-Righ !

Mar sin, thug Fionnaghal sàbhailt,
 Troimh chunnart àmhaid is cuain,
 Mac an rìgh sin a b' àill leinn,
 Ged bha e 'n dàn dha dol uainn.

Ach fhad 's a bhios beus is cleachduinn,
 Is euchdan deacair r' an luaidh,
 Bidh cuimhne do threuntais deachdte
 Air sgeul 's air eachdraidh do shluaign.

Bu mhaslach an nì 's bu nàrach,
 Do mhaithean àrda an rìgh,
 Gu faigheadh cailin cho mòlda,
 A' chuid a b' fhearr dhiubh 's an stri :

Ach sin mar bha chùis ge b' oil leo,
 'S gur beag an dolaidh leam féin ;
 Ged fhuair iad buaidh aig Culodair,
 Cha b' ann le cothrom na Féinn'.

AN SRUTHAN.

Chunnaic mi'n sruthan,
 Ag éirigh 's a' mhunadh,
 'S a' triall air a thurus,
 Feadh ghlumag a' chàir ;
 A' fiaradh a' mhullaich,
 'S a' siaradh na tulaich,
 Ag iarraidh le bruthach,
 'S a thurus gu tràigh.

A shruthain, air t'athais,
 Nach dean thu rium mailis,
 Dé aobhar do chabhaig ?
 Fan tamull mar thà ;
 Na cluanagan uaine,
 An achlais nam fuar-bheann,
 Cur cagair ad chluasan,
 Thu ghuasad gu fàil.

Chunnaic mi 'n sruthan,
 A' tearnadh a' bhruthaich,
 Gu mear ag cur chuir dheth,
 'S na buinneachan blàth ;
 A' ruith mu na stacan,
 A' leum bhàrr nam bacan,
 Is eòin bheag' na h-ealtainn
 Ri caiseamachd dhà.
 A shruthain, a shruthain,
 Nach dean thu rium fuireach ?
 'S gur goirid an turus,
 O mhunadh gu tràigh ;

'Nuair ruigeas tu 'n réidhlean,
 Cha bhi thu cho éibhinn ;
 Theid moille 's a' cheum sin
 Tha eutrom an dràsd.

Chunnaic mi'n sruthan
 Gu cianail a' siubhal,
 A' chuing air a mhuineal,
 'S e umhal air fàs ;
 Ag gluasad gu dubhach,
 An amar dubh giubhais,
 A thionndadh na cuibhill,
 Aig muileann a' ghràin.

A shruthain, a shruthain,
 Gur mise tha duilich,
 A' sealltain na buile,
 Gu'n d' chuireadh thu'n dràsd ;
 Do bhùrn air a thruailleadh,
 Do shruth air a bhuaireadh,
 Is barrag na druaise
 Mu d' bhruachan a' snàmh.

Chunnaic mi'n sruthan,
 Seach baile nan turaid,
 Ag giulan nan luingeas,
 Bu truime gu sàil ;
 Air caochladh cho buileach,
 An aogasg 's an cruitheachd,
 Bho 'n chaochan a chunnaic
 Mi sruthadh troimh 'n chàr.

A shruthain, a shruthain,
 Mo bheannachd ad chuideachd,
 Chan fhada ceann-uidhe
 Nan uile bho d' chàs :
 Tha fuaim a' chuain bhith-bhuain
 Ad chluasan a' dinneadh,
 Gur suarach an t-slighe,
 'S i 'n giorrad a' fàs.

Tha feasgar an latha,
 A' tarruing am fagus,
 An caladh 's an t-sealladh,
 'S an gabh thu gu tàmh ;
 Ach faicear thu fhathast,
 Air sgiathan na maidne,
 Gun smùr no gun smal ort,
 Mar chanach a' chàir.

AM FOGARRACH.*

Ghoid mi a mach as a' bhaile,
 Gun chead, gun bheannachd na cléir ;
 Is dh' fhàg mi am dhéidh an Abaid,
 A' chreud, 's a' phaidir, 's gu léir.

Tha Dia na 's faisge do 'n dùthaich
 Na tha e do lùchaint an righ,
 Tha làithreachd a ghnàth 's na dùilean,
 Gu soilleir do 'n t-sùil a chi.

Am beairt na cruinne gu siùbhlach,
 Tha 'n dlùth 's an t-inneach 'g an sniomh,
 'S am meur tha 'n eige a' dlùthadh,
 An deachdadadh cùmhnant nan gniomh.

Snàthainn ar beatha 'g a tharruing,
 'Na thoinntein tana troimh 'n chir ;
 'S 'g a fhigheadh an gniomh an latha,
 Mar ni a mhaireas gu slor.

Thuirt am fear-rathaid bha dlùth dhomh,
 " 'S ann agads' tha 'n t-sùil tha geur ;
 An ni tha 'd shealladh 's na dùilean,
 Taisbein do 'n t-sùil do nach léir."

" Ciamar a nochdar e dhuit-sa,
 Mur 'eil do thuigse d'a réir ;
 Chan fhaic an t-sùil anns a' chuspair,
 Ach ni do 'n tuigse is léir.

*An dara duais Mòd, 1900.

“ Eisd ris na cluig sin, a dhuine,
 Cluinn nèamh ag cuireadh an t-sluaign,
 Gu teampull an Dé a bhuilich
 Orr’ reusan, cumhachd, is buaidh.

“ Mar naomh cheòl binn o na flaitheas,
 A’ sioladh tharainn a nuas,
 ’S teachdaireachd sithe do ’n talamh,
 A’ lionadh anma troimh ’n chluais.

“ Tha ceòl anns na dùilean tharainn,
 Nach d’ fhòghluim fathast luchd-ciùil ;
 Tha nithean air nèamh ’s air thalamh,
 Nach ’eil an sealladh gach sùil.”

“ Tha thusa,” ars’ esan, “ a’ labhairt,
 Mu nì nach aithne dhuit féin ;
 Bheirinn duit brigh as an glagail,
 Nach d’ fhuair thu fathunn mu dhéidh ’nn.

“ Mar thoibheum an cluais an latha,
 Tha ’n nuallan sgrathail gun cheòl ;
 Gu ’n saoil mi, air uair, gu ’n sgar iad
 Le ’m buaireas, m’ anam o m’ fheòil.

“ An sàsaich an ceòl so ’n t-ainnis,
 Tha fhàrdach falamh is lom ?
 Teachdaireachd sithe do ’n talamh,
 An lion le aran a chom ?

“ An riaraich faghar is gleadhár,
 Gleadhár is faghar, a dhìth ?
 Do ’n cheann tha tinn air an adhart,
 Gur beag ’nan gleadhár de ’n t-sith.

“ ‘S ann dhàsan, a mhàin, tha ’n cuireadh,
 ”Tha thiodhlac ullamh ’na ghlaic ;
 Ach esan gun nì, gun urras,
 ’S e b’ fhearr leo chumail a mach.

“ Ach thusa le miann bhi labhairt,
 Nochd dhomh ma ’s aithne do d’ chreud ;
 C’ uime tha ’n caoilt’ air a sgaradh,
 Bho chaoraich reamhar an treud ?

“ An d’ rinneadh e’n tùs gu easonair ?
 No có a chronaich a chrèadh ?
 Ach rinneadh mar rinneadh ge b’ oil leis,
 Ma ’s math no dona a ghnè.

“ Thusa le t’ eige ’s an adhar,
 Is nithean nach aithne dhuit féin !
 Dh’ fheuchainn duit calanas fathast,
 Nach d’ fhuair thu fathunn mu dhéidh ’nn.

“ Gun chuigeal, gun chir, gun fhearsaid,
 A shnlomh no chasadh an t-snàth,
 As grinne na lion an damhain,
 A chit ’s an adhar a’ snàmh,

“ De ’n lion a chinneas mar t’ fhaileas,
 Gun stri, gun aire bhuit féin,
 ’S a leanas do cheum ’g ad mhagadh,
 Cho fhad ’s a sheallas tu ’n gréin.

“ An calanas sìth a leanas
 Gu ’crich gach beatha a dh’ fhàs,
 ’G a fhigheadh an lion na h-eangaich
 Tha sint’ aig aingeal a’ bhàis.”

“Có thus’,” arsa mise, “tha bruidhinn
 Am briathra frionasach, fiar ?
 ’N ann ag cur coir’ air a’ Chruithearn,
 Nach d’ rinn e ’n cruinne gu d’ riар ?

“Nach d’ thug e dhuit tuigse is aithne,
 ’S do chuid am fearann na saors’ ?
 Nach d’ rinn e le luach do cheannach,
 ’S tu fuaight’ am bannaibh na daors’ ?

“Nach fritheil dhuit grian is gealach ?
 Nach seilbh dhuit talamh is cuan ?
 Ma chuireas tu siol ’s an earrach,
 Nach dloghlum latha na buan’ ? ”

“Thig leam,” ars’ esan, “do ’n bhaile,
 Gu caol-shraid shalaich na druaip,
 Is chi thu ’n t-saorsa a th’ agam ;
 Dheanainn ri madadh a suaip.

“An saorsa le càin a cheannach
 A’ chùil ’s nach faileadh a’ bhéist ?
 Le sruthadh gach drùise tharam
 ’S a’ sùghadh anail gach bréin.

“Gun neach de shiòl Adhaimh ’g am thathaich,
 Ach clis-mhaor tana mar lann ;
 ’S mur dìolainn a’ chis gu h-ealamh,
 Dheanadh e m’ fheannadh mar mheann.

“Aon uanan truagh,—na bha agam ;
 G’ a chuallach sgar mi o’n ghràisg ;
 Ach thainig mu ’n cuairt an latha,
 Do m’ uan-sa,—latha na càisg.

“ Cho nimheil 's cho fuar an t-adhar ;
 Cho cruaidh an talamh ri pràis ;
 Cho dubh ris an uaigh mo gharadh,
 Is m' uan fo shaighead a' bhàis !

“ C'arson a chaidh m' uan-sa ghabhail,
 Gun luaidh air gainnead mo threud ?
 Is earras is buar aig maithean,
 Is uain gun ghalar, gun bheud.

“ Do 'n bhochd, chan 'eil Dia no caraid ;
 Thig iarrtas falamh mar dh' fhalbh ;
 Theid athchuinge fiar 's an rathad ;
 Tha nèamh is talamh dha balbh.

“ Creid mi, cha ghabhar do sgeul-sa,
 Cho fhad 's a tha leus an gréin,
 Is cainnt ar bilean d'a réir sin,
 A dh' aithris na 's léir dhuinn féin.

“ Thuirt thu, ar leam, an sgallais,
 Gur seilbh dhomh talamh g'a cheann ;
 Nach fhios duit gur dia a' Mhamoin,
 Tha riaghlaadh talaimh 's na th' ann.

“ Bho éirigh gréine g'a laighe,
 Aon eubh o'n talamh dol suas ;
 O ! sàsaich mo dhéidh air earras,
 Is sleuchdam m' anam mar dhuais.

“ Chan fhiach thu, gun òr, do shalann ;
 Cha lòn duit mana no feòil ;
 'S mur toir thu a' ghlòir do Mhamon,
 Cha chòir dhuit anail do bheòil.

“ Gun òr cha ghabh thu do chasan ;
 A' chléir cha bhaist thu gun òr ;
 'S cha dean iad fo 'n fhòd do thasgadh
 Gun òr a chasgadh an deòir.

“ Gun òr cha buannaich thu flaitheas,
 No bruan de 'n talamh mar chòir ;
 Tha sràidean an Nuadh-Valhalla,
 'N an cruaidh Mhacadam de 'n òr.

“ Is iadsan a fhuair de 'm pailteas,
 O'n t-sluagh g'a thasgadh 'n an stòir,
 'S a' saltairt le uaill fo 'n casan,
 Na luaidheas ceartas no còir.

“ 'S le ainneart a' sgapadh dhaoine,
 O'n dachaидh le 'n teaghlaich thlàth,
 Shireadh air aghaidh an t-saoghal,
 An ionaid 's am faod iad tàmh.

“ 'S na làraichean briste thallad,
 Bha aon uair ceatharna threun ;
 Ach c' àit an diugh bheil an talla ?
 Farraid am fearanna céin!

“ C' àit an robh ceartas a' fuireach ?
 No 'n d' fhàg e 'n cruinne 'na dhéidh ?
 'Nuair thugadh bho dhaoine an cumail,
 Chur saill is culaidh air féidh.

“ An docha le Dia, 's a' chuis so,
 Na brùidean ag cnàmh an cìr,
 Na cheatharna làidir, fhiùghail,
 A sheasadh le cliù an tìr ?

“ Creid mi, tha sgriobht’ air gach balla,
 Do ’n t-sùil a sheallas ’s a chì,
 Na chrathas righ air a chathair,
 ’S cha theachdaireachd fhalamh na sìth.”

Bhuail e ’làmh air a bhroilleach ;
 A shùil mar sholus air lann ;
 Is drùchd air a ghnùis o’n tothluinn,
 Bha mùcht’ an collunn ’s an ceann.

“ Sith,” arsa mise, “ do t’ anam,
 Tha dìth is carraid le chéil’,
 Air stéidh na h-inntinn a chrathadh,
 ’S ag inntrinn mearaichinn céill.

“ Tha thusa fulang ad cholluinn
 Na guin tha ’n toibheum do bheòil ;
 Chuir ainneart is dìth is dolaidh,
 An durrag sin domhain a t’ fheòil.

“ Cha d’ dhealbhadh aon ni air thalamh,
 G’ a thilgeadh falamh air chùl ;
 An long thig cinnteach gu caladh,
 Is anail na flaitheas ’na siùil.

“ Cnuasaich na nithe sin thairis,
 Is gabh mo bheannachd ’s an ám ;
 Theagamh gu ’n tachair sinn fathast,
 Ged thà an rathad cho cam.”

AM FLURAN.

Nach tog thu do cheann, a fhlùrain ?

Nach siab thu o d' shùil an deur ?

Ciod uime bheil thu cho túirseach,

Is aingeal a' chiùil 'san speur ?

Tha 'n talamh, ar leam, air dùsgadh,

'S ag crathadh an drùchd á chiabh ;

Tha 'n carragh ag amharc na 's dlùithe,

· Is faileas a' chùirn dol siar.

Tha gluasad neo-fhuaimneach tharainn,

Chaidh ruaig air gealaich 's air reul ;

Sith-chagar mu 'n cuairt 'san adhar,

Mar smuain nach aithris am beul.

Tha rugha an gruaidh nam baideal,

Tha gluasad tharainn gu sèimh,

Is aghaidh a' chuain ag gabhail

A shnuaidh o fhaileas nan nèamh.

Bha ròs-li tana 's a' ghlòmainn,

Mu cheannaibh nam mòr-bheann liath ;

A nis gach bearradh is sgòrr dhiubh.

Mar lannair an òir am fiambh.

'S e ùghdar do bhith, a fhlùrain,

Tha 'g éirigh thar cùl an t-sléibh,

Le dias an toraidh 'g a chrùnadadh,

Is beatha nan dùl fo sgéith.

A ! Dhùisg thu nis as do chadal,
 Le drùchd na meala mu d' ghruaidh ;
 'G a tharruing le sùil an latha,
 'Na thùis-cheo tana ad chuaich.

Innis dhomh, có chuir ad chàil-sa,
 Mar their sinn, an cràbhadh baoth,
 Toirt urram do bhith nach àirde,
 Na chlach anns a' chàrn ri d' thaobh.

Ag cromadh a sios gu cianail,
 'Nuair chiaras dubhar mu d' cheann ;
 'S ag éirigh a ris 'nuair dh' iadhas,
 A' ghrian mu mhullach nam beann.

Gun aithne air lagh no àithne,
 Tha diomoladh cràbhadh breun ;
 Tha thusa, gidheadh, mar bhlàthan
 A chinneadh am Pàrras féin.

Chan ionann sin is mo chàss-sa,
 Gun ghrinneas, gun àill' fo 'n ghréin,
 'S a' strì ri coimhead na h-àithne,
 Siòr-chogadh ri m' nàdur féin.

AN COMUNN.

Bhean-an-tighe, fàir an clobha,
 'S faigh dhuinn connadh as a' chruaich ;
 Cuir a nall am botul bodaich,
 'S cuir dhuinn cobhar air a' chuaich.

So mo charaid caomh, an gobha,
 'S grinne obair ann an cruaidh ;
 Ceann cho glic 's a chaidh am boineid,
 'S fòghlum ollaimh fo a ghruaig.

So an clachair, fear d'an urrainn
 Teampull cruinne chur a suas,
 Air an stéidh a leag an Cruithear ;
 Air na bunaitean nach gluais.

Is so mi féin a bhios ri ciùran,
 Le m' chruit-chiùil an cois na bruaich
 Ceòl o'n teich gach aon ni tùrail,
 'S nach leig dùrd á gob na cuaich.

'Nis, o'n dh'fheuch mi dhuit an còmhlan,
 Cuir gu h-òrdail deoch a nuas,
 De shùgh cridhe glan an eòrna,
 'S gheibh thu m' òran-sa mar dhuais.

Guait am mart a chaidh troimh 'n abhainn,
 Bidh a bainne tana, glas ;
 Leig dhomh 'n té a dh' òl de 'n bhailis,
 Gus nach gleidheadh i a cas.

So sinn, 'illean ! biomaid subhach ;
 Chan 'eil beatha 'n duin' ach geàrr ;
 Ciod an stàth dhuinn a bhi dubhach,
 Cha dean mulad stuth na 's feàrr ?

So do'n ghobha, 's gu ma fada
 Tigh'nn o theallaich lannair bhlàis ;
 'S anns an anam fhuar a' fadadh
 Buaidh nan sradan nach teid bàs.

Tha do theallach-sa mar altair
 O'n teid iobairt thaitneach uainn,
 Ofraighean ghan an gniomh 's am facal ;
 Dearbht' 's an lasair, achd is smuain.

So do'n chlachair 's gu ma fad' e.
 Cur nan linn am baideal suas ;
 Daingneach nach cuir trompaid sagairt,
 Aon d'a ballachan a nuas.

So do eucorach na clàrsaich,
 Tha ri ràcail anns a' bhruaich ;
 'S mò a chron na mhath le ràbhart,
 Ag cur sgàrnraidh 's na h-eòin-ruadh.

Bàrdachd fhalamh 's gnothach faoin i,
 Dh' fhuadaichead le gaoth mar mholl ;
 'S am bàrd aigneach, gheibh an t-aog e,
 'M beul-fo-fhraoch no 'n talamh-toll.

Feuch, a' bhuaidh a th' aig an t-slige
 Air a' chridhe chlachach, chruaidh ;
 Ag cur chuislean fann air mhire,
 'S dreach na siris anns a' ghruaidh.

Chi mi ioma-chuairt an domhain,
Ann an solus glan na cuaich ;
Agus diomhaireachd a' ghnothaich
A bha roimhe folaicht' uam.

Ach ma's droch ni tha 's a' chopan,
Coisrig e an ainm gach buaidh ;
Na toir as na ni do dhochunn,
Math is olc mar theid an luaidh.

Bhean-an-tighe, oidhche mhath leat,
Agus cagar ann ad chluais ;
Cha robh 'n t-eòrna sin ro abuich,
No bha bhailis air bheag smuais.

AN T-SITH.

Ciod is ciall do thoirm na breislich
 Th'air an fheasgar so am chluais ?
 Sluagh a' dol mar chrodh air theasach
 Othail dheifir shios is shuas.

Teachdaireachd a għluais an domhan,
 Sgeul nach oil leinn bhi r'a luaidh ;
 Crioch, mu dheireadh, air a' chogadh !*
 Sith le onair agus buaidh !

Buaidh le Breatunn mar as gnàth leath'
 Anns gach blàr 's am buail i beum ;
 Buaidh tha cluiteach do na h-àrmuinn
 Sheas cho dàicheil sinn 'nar feum.

Cuiribh-se ceud fàilt' is furan
 Air gach curaidh thig thar chuan ;
 Ach, mo chreach, cha till iad uile,
 Cha till thugainn na chaidh uainn.

Ged a dh' fhàgadh leinn buaidh-làraich
 'Sgoirt a phàigheas sinn 'na déidh,
 Ag caoidh caraid, mic, is bràthar,
 Nach do shlànaich sgil an léigh.

Na leigibh-s' a h-aon á cuimhne,
 De na suinn a bh' air ar crann ;
 Ach 'nuair thilleas càch g'ar n-ionnsuidh,
 Cha bhi m' ionndrainn-s' air an ceann.

* Cogadh Africa-mu-Dheas.

'S e ar guidhe dhian, gu'n greasadhl
Dia 'na fhreasdal féin an t-áṁ
A dh'òrdaich e 'n tùs, 's a dheasaich,
A thoirt eascairdeis gu ceann.

Dhàsan a thug buaidh 's a' chòir dhuinn,
Moladh agus glòir gu sior ;
Is d'ar n-armaitl, taing gun sòradh,
'S gu ma fada beò an rìgh !

IMPIREACHD BHREATUINN.*

AM BARD.

A ghrian tha 'g éirigh thar mhonadh,
 A' sealltainn romhad 's ad dhéidh,
 'S ag gluasad mu'n cuairt an domhain,
 Le freumh an toraidh fo d' sgéith.

Thoir dhòmhsha sgeula do thuruis,
 O'n thog thu umad an dé ;
 Na chunnaic 's na chual thu ad shiubhal,
 Air uachdar a' chruinne-ché.

Bheil Breatunn ag gleidheadh a h-àite
 Measg rioghachdan làidir, treun,
 No bheil a treise 'ga fàgail,
 Mar thachair do Bhàb'lon féin ?

A' GHRIAN.

Air chuan tha luingeis gun àireamh,
 'S a' mhuir dhaibh mar fhàsaich luim
 Triall air an turus cho sàbhailt,
 'S ged bhiodh iad air àird an fhuinn.

Càbhlaichean Bhreatuinn 's gach àite
 'S am faighear sàil air son luing ;
 A bratach 's na croinn as àirde,
 Air faiche 's air bhàrr na tuinn.

* A' cheud duais, Mòd, 1900.

Air faidead mo chuairt am mhòr-chrios,
 Am shealladh tha 'n leòmhann garg ;
 'S gun eilean an cuan, no mòr-thir,
 'S nach fhaic mi an còta dearg.

A h-uachdranachd thar nan Innsean,
 Bho Indus gu Mandalay ;
 A cumhachd a dh' fhàs troimh linntean,
 Cha lugha e 'n diugh na 'n dé.

Moch-thrath an diugh anns a' chearn sin,
 Do mhuillionaibh sàraicht' sluaigh,
 Thug Breatunn an aran làthail,
 Mu'n d' mhosgail thu, bhàird, á d' shuain.

Measg ghinealach lag, 's e h-àbhaist
 Bhi togail an àird an t-sluaigh,
 'S a' tagairt an cùis 's gach àite,
 'S gu minig an càinain chruaidh.

Gun chearn, gun earrann de 'n t-saoghal,
 No eilean a dh' fhaoidte luaidh,
 'S nach 'eil a teachdairean saoithreach,
 A' teagastg gu saor an t-sluaigh.

Sheall mi air fearann nam Phàraoh,
 Do Iacob fearann na daors' ;
 Tha Breatunn, an diugh, 'ga àiteach,
 'S aig ciomach is tràill tha 'n saors'.

Ach chreachadh na h-aitean àrda ;
 Tha Memphis 'na sgàrnach gharbh ;
 Tha Luxor, is Thebes, is Kàrnak,
 Mar thannasg nan là a dh' fhalbh.

Theich Isis, Amon, 's Anùbis ;
 Tha 'n teampuill gun chùirt, gun dealbh,
 Tha Memnon labharr' gun dùrd ann,
 'Na laighe 'na thùrais bhalbh.

Ged theich na dé is nach d' fhàg iad
 Ach aingeal a' bhàis 's an fhoinn,
 Tha spiorad a' chòta sgàrlaid
 Cur smior anns na cnàmhan lom.

Bho Chairo gu Ceap-an-Dòchais,
 Tha rathad an leòmhainn réidh ;
 'S a dh' aindeoин farran luchd-còmhstria,
 Tha 'lorg anns gach ròd 'na déidh.

'Nuair thugadh do Bhreatunn dùlan,
 Le buidheann de Dhùitsich bhreun ;
 Ghrad thionail a clann 's gach dùthaich,
 Is sheas iad r'a cùl gu treun.

Bho Labrador gu Alaska ;
 Thar fad is farsuinneachd fuinn ;
 'Nan uidheam—an t-each 's am marcaich',—
 Gu'n d' éirich gu bras na stiinn.

Mar sin 's Astralia chòmhnhard,
 Cho pailt ann an òr 's an nì ;
 Chuir i, gun sìreadh, an còmhlan
 A sheasamh na còir 's an stri.

New Zealand chan i bu tàire,
 Le bannal de dh' àrmuinn chruaidh ;
 Nach biodh air deireadh 's an àraich,
 'S nach tilleadh o 'n bhlàr gun bhuaidh.

Ghabh Breatunn, mar sin, is dh' àitich
 Na h-ionada fàs gun duais ;
 Ach thig iad, a nis, le 'n àlach,
 A chumail a gàirdean suas.

Mar sin a shuidhich i 'n stéidh sin,
 O'n d' éirich cumhachd as àird',
 Na bha aig Persach no Greugach,
 Aig Cæsar, Sultan, no Tzàr.

Chunnaic mi so air mo thurus,
 Mar chì gach duine d' an léir ;
 Ach thug mi fainear a' bhunait
 O'n d' éirich cumhachd d'a réir.

Creid mi tha cumhachd as àirde,
 Na bhuiteas do 'n àraich bhréin ;
 An cridhe glan agus bàidheil,
 Na 's treise na 'n gàirdean treun.

Aon rùn a' ruith troimh na linntean ;
 Aon inntinn anail gach ré ;
 Mar bhà, 's e bhitheas, 's bi cinnteach,
 Nach cinn an togail gun stéidh.

Ach 's mithich dhòmhsha bhi 'g aomadh ;
 Chan ann air an taobh so mhàin,
 Tha impireachd Bhreatuinn sgaoilte ;
 Tha 'n talamh d'a saothair làn.

AM BARD.

Mo bheannachd, a ghrian, ad chuideachd,
 Le beatha cruinne fo d' sgéith ;
 Is tusa gu fialaidh chuireas
 Anail an cuinnean gach cré.

A choimhead do ghlòir, na flùrain
 A' tionndadh an sùl ad dhéidh,
 'S ag cromadh an cinn gu tùrsach,
 'Nuair chailear thu cùl an t-sléibh.

'Nuair theid thu 's an iar fo dhubhar,
 'S a chiaras uinneag nan speur,
 Bidh talamh is iarmailt dubhach,
 Gu tiamhaidh sruthadh nan deur.

Do 'n bhurraidh a mhàin, a lòchrain,
 Tha teagasg do sgeòil gun bhrigh ;
 Ach eadhon an cùis na còrach,
 Cha toigh leam an dòrn gun chli.

PEADAR 'S AM BARD.

Thuit mi 'm shuain aig an abhainn,
 Tha gluasad thairis gu sèimh,
 Eadar sinn 's Nuadh-Valhalla,
 A luaidh ar n-athraichean, nèamh.

Chunnaic mi 'm shuain, an sealladh,
 Gu 'n d' fhuair mi thairis leam féin,
 'S gu fac' mi uam am baile,
 'S mu 'n cuairt air balla de 'n ghréin.

Ràinig mi 'n geata 's bhreab mi,
 'S air m' fhacal eadaruin féin,—
 Chunnaic mi dlùth, air seideig,
 Piob-chiùil is feadan na Féinn'.

Thog sud mo mhisneach 's fhreagair
 Mí ceistean Pheadair gun fhiamh ;
 “ Cia as a thug thu 'm breabadh ? ”
 “ A Diùra chreagach nam fiadh.”

“ Ciamar a chaith thu 'n latha ? ”
 “ An déidh dhàmh cabrach an cèo ;
 'S greis ag cur taoid ri bradan,
 'S a' briodal chaileag gun ghò.”

“ Dad eile bu mhiann leat aithris ? ”
 “ O, rinn mi raunnan nach b' fhiù.”
 “ An robh iad air stéidh a b' airidh ? ”
 “ Té dhiubh air ablach Fear-ciùil.”

“ Ri bochd an do roinn thu t’ aran ? ”
 “ Cha robh bheag agam dhomh féin ;
 Ach fhad ’s a mhair na bha agam,
 Chan fhac’ mi ’n t-ainnis gun ghréim.”

“ An d’ labhair thu sìth ri anam
 ’Na dhith, gun aire, gun treòir ? ”
 “ Athair, cha b’ urrainn domh labhairt ;
 Thug mi na bh’ agam,—mo dheòir.”

“ Gabh suas, cha tuar thu fathast
 Air duais nam flaitheas as àird’ ;
 Tha’n cridhe truacant’ airidh,
 ’S tha suaip ’na t’ anam de ’n bhàrd.”

ORAIN

AN COGADH AN AFRICA-MU-DHEAS.*

I.

AN GAIDHEAL A' FAGAIL A DHUTHCHA DHOL THUN
A' CHOGAIDH.

A' toirt m' aghaidh ris na blàraibh,
Is mo chùl ri dùthaich m' àrach ;
Soraidh leis na bheil mi fàgail,
Gus an tig mi slàn a ris.

Slàn le òg-bhean a' chuil-dualaich,
'S na biodh ortsa bròn no bruaillean ;
Bithidh mi air m' ais gu h-uallach,
Mu'm bi guth na cuaiach 's an tìr.

Creid nach aobhar bròin no tùirse,
A bhi seasamh còir na 's fiù leinn ;
'Nuair bhios bagairt air ar dùthaich
Có a dhiùltadh dol 's an stri ?

Ma bhios Gàidheil mar bu dùth dhaibh,
Is fir àbalta 'g an stiùradh ;
Pàighidh sinn air ais Majùba,
Anns a' chùinneadh a tha dhìth.

Misneach mhath biodh aig mo mhùirneig,
Thig mi ris, na biodh ort cùram ;
'S ged a robh an t-astar dùbait,
Cha chùm muir no Dùitsich mi.

* A' cheud duais, Mòd, 1900.

II.

CEANNARD AN AIM R'A FIR-CUIDEACHAIDH 'S A CHOLTAS
AIR AN LATHA DOL 'NA AGHAIDH.

'Faic sibh a' tighinn iad ?
'Faic sibh a' tighinn iad ?
'Faic sibh a' tighinn iad ?
 Gillean an fhéilidh.

'Faic sibh 's an t-sealladh iad ?
'Faic sibh 's an t-sealladh iad ?
Greasaibh am charaibh iad,
 Agams' tha feum orr'.
 'Faic sibh a' tighinn iad ? etc.

An luaidhe 'na frasan,
A' sguabadh na faiche ;
An t-each is am marcaich,
'N an laighe gun éirigh.
 'Faic sibh a' tighinn iad ? etc.

Le fuaim-shligeann sgrathail,
Mu 'r cluasan a' sprraigheadh,
Is cruaidh-pheileir chanan,
A' barradh an réidhlein.
 'Faic sibh a' tighinn iad ? etc.

Feall-fhalach 's na cùiltean,
An ealain nach b' fhiù leinn ;
Geur lannan 'g an rùsgadh,

Bu dùth dhuinn 's an streupaid.
 'Faic sibh a' tighinn iad ?
 'Faic sibh a' tighinn iad ?
 Greasaibh na gillean geal',
 'S mis' ann am éiginn !

III.

FIR-CUIDEACHAIDH RIS A' CHEANNARD 'S IAD A' FAICINN NAN
GAIDHEAL A' TIGHINN.

Faicear a' tighinn iad !
 Faicear a' tighinn iad !
 Faicear a' tighinn iad !
 Gillean an fhéilidh.

Faicear na lasgairean ;
 Cluinnear an caiseamachd ;
 Pioban is brataichean
 Ghaisgeach an fhéilidh.
 Faicear a' tighinn iad ! etc.

Earra-gha'dhlaich għramail,
 'S na Gòrdanaich ealamh,
 'S an còrr de na Clannaibh,
 Tha caitheamh an fhéilidh.
 Faicear a' tighinn iad ! etc.

Na h-àrmuinn tha sgairteil,
 Gun mhàirneal, gun airsneal ;
 Tha blàth-chridhe gaisgeil,
 Fo bhreacan an fhéilidh,
 Faicear a' tighinn iad ! etc.

Suas leis na brataichean !
 Nuas leis na gealtairean !
 Sguabaibh na machraichean
 Glan de na reubail.

Faicear a' tighinn iad ! etc.

Faicibh air mhire iad!
 Có nis a thilleadh iad ?
 Dùitsich air iomain,
 Aig gillean an fhéilidh !
 Faicear a' tighinn iad ! etc.

Mar b'abbhaist 's e thachair,
 Am blàra na h-Aifric ;
 Buaidh-làraich 's gach faiche,
 'S am faicear am féileadh,
 Faicear a' tighinn iad ! etc.

IV.

AN GAIDHEAL A' TILLEADH DHACHAIDH O'N CHOGADH.

Ged tha mi gun chrodh air buailidh,
 No gun spréidh am feum an cuallach,
 Tha mo cheum a cheart cho uallach
 'S ged bu duais domh buar an righ.

Breacan féilidh air mo ghualainn,
 Is mo chlaidheamh air mo chruachan ;
 Ann am bhoineid ghorm an cluaran,
 'S ann am chluasan fuaim nam piob.

Tha mo bharantas am phòca,
 'S crois na bàn-righ'n ann am chòta ;
 'S ged a bha an iomairt dòbhaidh,
 Sheas sinn còraichean ar tir.

'S e dh' fhàg mise 'n diugh cho sùrdail,
 M' aghaidh bhi ri tir mo dhùthchais ;
 Fàgail Olaindich fo ùmhla,
 Agus Dùtsich bhi fo chis.

Séideadh gaoth a nis mar b' àill leinn,
 G' ar cur sgiobalta thar sàile ;
 'S e mo dhùil am beagan làithean,
 Bhi cur fàilt' air Maol-Chinntir'.

Cuir fios-dealain thun mo mhùirneig,
 Mi bhi tilleadh mar bu dùth dhomh ;
 Is seachduin leam gach uair a dh' ùine,
 Gus a faic mi rùn mo chrìdh'.

CHUNNAIC MI NA GRUAGAICHEAN.

FONN—"The Flowers of the Forest."

Chunnaic mi na gruagaichean,
 Le 'n cumain is le 'm buaraichean,
 A' bleoghan a' chruidh ghuailfhiann,
 Air uabhar an t-sléibh ;
 Le 'n ceileirean 's le 'n òrain,
 A' tional a' chruidh còmhla,
 Bu bhinne leam a' chòisir
 Na smeòrach air ghéig ;
 Ach nis chan fhaic mi gruagach
 A' bleoghann cruidh air buailidh,
 No idir na buachailean,
 Ag cuallach an treud ;
 Chan fhaicear crodh air àirigh,
 Chan fhaicear spréidh le 'n àl ann ;
 'S ann tha na glinn as àille,
 'Nam fàsaich fo fhéidh.

Na srathan a bu bhòidhche,
 'S an robh na daoine chòmhnuidh,
 Is far am faight' an òigridh
 Bu mhòdhaire beus ;
 An diugh gu fuaraidh, fàsail,
 Gun aon chuid buar no bàrr annt',
 Is dachaidh nam fear àbalt'
 'Nan làraichean réidh :

Chan fhaicear tigh fo smùid ann ;
 Cha chluinnear ceòl no mùirn ann ;

Is far am biodh na diùlnaich
 D' an dùthchas bhi treun,
 Tha 'm fiadh a' dol 's a' bhùireadh,
 Tha 'n coileach-dubh 's an dùrdail,
 Is comunn gaoil mo rùin-sa,
 An dùthchanna céin.

Is ged nach fhaic an t-àl so,
 A h-uile nì mar bhà e ;
 Cho cinnt' 's a tha mi 'g ràdh, chi
 An t-àl thig 'nar déidh,
 Gach oilean agus fòghlum
 A' togail suas na h-ògridh,
 Is Gàidheil mar bu chòir dhaibh
 'Nan còraichean féin :
 Na gleanntan bidh fo àiteach,
 Na beanntan bidh fo àalach,
 Is pailteas anns gach fàrdach,
 Mar b' àbhaist o chéin ;
 'S an àite bròn is tùrsa,
 Bidh aighear agus sùgradh,
 Ma gheibh am Blackie cùirteil,
 Na cùisean g' a réir.

NA SEANN ORAIN.

O, seinn a rìs iad, mo chailin dileas,
 'S iad thogadh m' inntinn os cionn gach dòruinn ;
 Tha 'n cridhe fuardh nach deanadh gluasad
 Ri éisdeachd dhuanag air fuaim cho ceòlar.

Cho binn 's a dh' éireas am bàrr na géige,
 Air maduinn chéitein á beul na smèòraich ;
 Air fuinn a dh' fhàsas 's na glinn gu nàdurr',
 'S nach tig gu blàth ach an sgàth nam mòr-bheann.

Tha greis o 'n dh' fhàg mi an gleannan fàsail,
 'S an d' fhuair mi m' àrach an làithean m' òige ;
 'S an cual mi chànan tha 'm chluais gun fhàgail,
 Am fuaim nan dàn air an robh mi eòlach.

O, creid gur firinn a tha mi 'g innseadh,
 Is ionmhas priseil do thir a h-òrain ;
 Cha dileab shuarach o 'n bhàrd a dhuanag,
 Ged 's beag, mo thruaighe ! chuir i 'na phòca.

O, ceòl ar dùthcha, is spiorad iùil e
 A tha 'g ar stiùradh air cùrsa mòrachd ;
 An cumail ùrail 'nam beusan fiughail,
 A choisinn cliù dhuinn an cùis na còrach.

'Na fhann-ghuth gràsmhor, biodh ceòl nan àrd-bheann,
 Am chluais 's an là bhios gun mhàireach dhòmhса ;
 'S mo bheannachd dh' fhàgainn, an cainnt
 mo mhàthar,
 Do 'n tir rinn m' àrach an làithean m' òige.

AN T-SUIRIDH THUBAISTEACH.

FONN—“*Crodh-laoigh nam bodach.*”

SEIST—Cha téid mise tuillidh a shealltainn na cruinneig ;
 Cha téid mise tuillidh air shuiridh do 'n ghleann ;
 Cha téid mise tuillidh a shealltainn na cruinneig ;
 Cha dìrich mi'm bruthach chan urrainn mi ann.

'Nuair rinn mi mo bhrògan gu snasmhor a ghròbadh,
 'S a ghluais mi cho ceòlar ri smeòrach air chrann,
 A shealltainn na h-òighe tha thallad a chòmhnuidh,
 Cha chreidinn am dheòin gur e ghòraich a bh' ann.

Cha téid mise tuillidh, etc.

Bha m' inntinn làn suigeirt 'nuair rainig mi 'n uinneag,
 'S mi cinnteach gu 'n cumadh a' chruinneag rium cainnt ;
 'Nuair dh' fhosgail i 'n duilleag 's a theann mi ri furan,
 'S ann thaom i, an truille, an cuman mu m' cheann,

Cha téid mise tuillidh, etc.

'S mur tuiginn an sanas sin stuig i am madadh ;
 Bha màthair 's a h-athair a' labhairt le sgraing ;
 Thuit ceò air mo léirsinn is m' anail 'gam thréigsinn ;
 An rathad cha bu léir dhomh is leum mi 's an staing.

Cha téid mise tuillidh, etc.

Mi fodha gu m' shùilean an eabar an dùnain,
 Mo bhriogais mu m' ghlùinean 's an cù oirr' an geall,
 Bu mhiosa na 'n còrr leam bhi faicinn na h-òinnsich,
 Aig uinneag a seòmair ri spòrs air mo chall.

Cha téid mise tuillidh, etc.

Marbhaisg air an ullaid ! 's i dh' fhàg mi am bhurraidh,
Mo chaiseart 's an runnaich 's mo thriubhas 's a' ghleann,
'S mi 'n so as mo léinidh ag altrum mo chreuchdan,
'S an ionad nach léir dhomh am bréid a chur teann.

Cha téid mise tuillidh, etc.

"Toirt bóidean do Mhuire, ma chaomhnar mi 'm dhuine,
Ged gheibhinn an cruinne 's na h-uile ni th' ann,
Nach téid mise tuillidh air chéilidh no shuiridh,
'S nach fhaicear mo luideagan tuillidh 's a' ghleann,

Cha téid mise tuillidh, etc.

MO RUN GEAL DILEAS.

(A PARODY).

Mo rùn geal dileas, dileas, dileas ;
 Mo rùn geal dileas, nach till thu nall ;
 Mur till an righinn, bidh mi fo mhi-ghean,
 'S mi 'n so am dhilleachdan measg nan Gall.

Is truagh nach robh mi an riochd na sgliùraich,
 Air lub an dùnain am measg nan dràchd ;
 Shnàmhainn siùblach air bhàrr na sgùrainn,
 Is bheirinn cnùdan air ghiùir gu tràigh.

Mo rùn geal dileas, etc.

Is truagh nach robh mi 's mo rogha céile,
 Aig bun an t-sléibhe ag cuallach àil ;
 Mar Adhamh 's Eubh sinn, an Gàradh Edein,
 'S an crodh air chéilidh 's a' gharadh-chàil.

Mo rùn geal dileas, etc.

Bho 'n 's i an fhirinn is còir dhomh innseadh,
 Cha robh mi 'n Innsean an Èar no 'n Iar ;
 Ach bean do bhòidhche, o d'bhonn gu d' sgròban,
 Chan fhaca Dòmhnaill am measg nan ciad.

Mo rùn geal dileas, etc.

Cha bhi mi ciùran am measg nam fiùran,
 Mur dean iad lùbadh gur beag am beud ;
 Gaoth ad ghiùran ma thug thu cùl riùm,
 Bidh mise stiùradh mo chùrsa féin.

Mo rùn geal dileas, etc.

Is coma leam ged a shéid a' ghaillionn,
'S ged reub i 'n t-adhar 'na leathrach-iall ;
Is miosa chùis nach 'eil gréim am spliùcan,
Is toll am chùlaig 'gam chur o m' chiall.
Mo rùn geal dileas, etc.

AN RIGHINN OG D' AN D' THUG MI GRADH.

FONN—"The minstrel boy to the war is gone."

An righinn òg d' an d' thug mi gràdh,
 A nis air fàs dhiom suarach ;
 'S e sin a thà, an diugh, 'gam chràdh,
 'S a dh' fhàg cho bànn mo ghruaidhean :
 Ged thug thu rium do chùl an dràsd,
 'S a dh' fhàg thu mi fo smuairean ;
 Tha t'iomhaigh ghaoil ri m' thaobh a ghnàth,
 'S do chòmhradh tlàth am chluasan.

'Nuair bha sinn òg, gun fheall, gun ghò,
 'S sinn còmhla feadh nan cluanag ;
 Ag éisdeachd eòin na coill' ri ceòl,
 'S an t-allt rí crònan suaineach :
 Mar oiteag chéit am measg nan geug,
 Gun fhios daibh féin 'gan luasgadh,
 Thug sinne spéis do chàch a chéil',
 Gun suim ciod è a għluais sinn.

Tha 'n t-allt mar bhà, a' ruith gu tràigh,
 'S na flùir a' fàs m' a bhruachan ;
 Is eòin nan speur am bàrr nan geug,
 A' seinn gu h-eutrom guanach ;
 Ach dhòmhsa chan 'eil ni mar bhà,
 Tha 'n latha 's àille gruamach ;
 Tha maise 'n t-sléibh is glòir nan speur,
 'S gach ni fo 'n għréin leam suarach.

CUAIRT 'S AN FHRITH.

FONN—"The bonnie wood of Craigielea."

O, théid, 's gu 'n téid mi ceum a slos !
 O, théid, 's gu 'n téid mi ceum a slos !
 O, bheir mi chuairt so ris a' chruaich,
 A dh' fheuch an cuir e 'n smuairean dhlom.

Tha fadadh-cruaidh 's an àirde tuath,
 Is coltas gruamach air an t-sid ;
 Ach fàir a nuas mo bhreacan guaill',
 Is bheir mi chuairt so anns an fhrith.

O, théid, 's gu 'n téid, etc.

Is miosa leam na ghaillionn chruaidh,
 A' tigh'nn o 'n tuath le marcachd-shòn ;
 An t-uallach cruaidh tha orm 'san uair,
 Cur maille 'm ghluasad 's fuachd am chridh'.

O, théid, 's gu 'n téid, etc.

An crann fo bhlàth 's an òg-mhlos Mhàigh,
 An geamhradh dh' fhàg gun bhlàth gun bhrigh,
 Is ionann sin 's mar tha mi 'n dràsd,
 Gun sunnd, gun chàil, am ànrach sgith.

O, théid, 's gu 'n téid, etc.

Tha anail chùbhraidih bhàrr nan stùc,
 Ar leam, ag tìrachadh mo chli ;
 Ach b' fhearr a' chùis na 'm biodh mo dhùil
 Ri faicinn rùnaich a tha 'm dhith.

O, théid, 's gu 'n téid, etc.

Na fleasgaich uasal d' am bu dual
 A bhi gu h-uallach feadh na frith,
 An diugh air fuadach, deas is tuath,
 Is cuid 'nan suain an cadal slor.

O, théid, 's gu 'n téid, etc.

Bu tric sinn feadh nan creachan cruidh,
 'S nan glacag uaigneach bhos is shios,
 'S am faight' an damh 's na h-aighean ruadh',
 'Nan uirigh chuannail anns a' chlob.

O, thèid, 's gu 'n téid, etc.

Mar mhaduinn chéit 's am feur fo dhrùchd,
 Is ribheid chiùil air cùl gach géig,
 Tha maduinn chiùin ar beatha 'n tùs,
 Ach thig an dùblachd dlùth 'na déidh.

O, théid, 's gu 'n téid, etc.

Tha ghrian a' dùnadhl cursa 'n là ;
 Gach nì gu nàdurr' ruith a réis ;
 Tha mise ruith mo chùrs' mar chàch,
 'S a' fàgail stùc is càrn am dhéidh.

O, théid, 's gu 'n téid, etc.

FAIR A NALL AN T-SEARRAG SIN.

FONN—“ *My love she's but a lassie yet.*”

O, fàir a nall an t-searrag sin,
 Is llon a' chuach gu barraichte,
 Is bheir sinn dùbhlan do 'n ghaoth tuath,
 Is do gach truaighe charraigidh :
 Cha chuir oirnn cuing no teannachadh,
 No tùchadh, no gainn' analach,
 No caoile 'n earraich, teas no fuachd,
 Cho fhad 's tha cuach 'san t-searraig sin.

An cluinn thu mi, Mhic Alasdair,
 Tha moran buaidh 's an Talasgair ;
 As eugmhais ciamar dheanainn duan ?

Cha bhiodh mo smuain ach anabaich :
 Tha uibhir brigh 's an t-sean-fhacal,
 'S ged bhiodh e sgriobht' an Genesis ;
 Gu bheil “ firinn anns an fhiona,”
 Dearbhaidh mi gu deimhin duit.

'S i bhreug a thig gu nàdurra,
 Mur bi a' chollunn sàsaichte ;
 Ach cuach o 'n t-searraig thar t' eighti'och,
 'S i 'n fhìrinn féin is càinain dhuit :
 Do theanga ni e ùilleachadh ;
 Do mheomhair ni e ùrachadh ;
 Do chluas ag cluinntinn fuaim nan reul,
 'S do léirsinn air a dùblachadh.

Nis 's léir dhuit féin na cùisean sin,
Cho feumail 's a tha 'n t-srùthlag so,
A thachdadadh bhreug am beul do chléibh,
 Mu 'n toir iad beus neo-chliùiteach dhuit.
Seadh, ciod tha cearr 's an earrainn sin ?
Tha thus' air fàs cho bearraideach ;
Tha eagal orm, a bhurraidh thruaigh,
Gu 'n d' chuir a' chuach an dalladh ort !

AM BOTHAN BEAG.

Am bothan beag an sgàth na creig',
 'S an d' fhuair mi m' àrach òg ;
 'S a' ghleannan uaine 'n cluinnear fuaim,
 Is gàirich a' chuain mhòir ;
 Na beannta fuara 'g éirigh suas,
 'Ga chuartachadh mar chrò ;
 O, 's tric mo smuain 's a' ghleannan uain'
 'S an d' fhuair mi m' àrach òg.

Air fad mo chuairet mu dheas 's mu thuath,
 'S gach àit an d' fhuair mi tàmh,
 'S e 'm bothan truagh fo sgàil nan cruach
 Bha ruith am smuain a ghnàth ;
 Ged 's fuar, mo chreach, an diugh do leac,
 'S gun neach a chur orm fàilt,
 O, nead cho cuanna riamh cha d' fhuair mi,
 'S a bha uair fo d' sgàth.

Gur goirt mo smuain air làraich fhuair
 Nan daoine suairc' a bh' ann ;
 Chaidh cuid thar chuan diubh, 's cuid a fhuair
 An dachaidh bhuan measg Ghall.
 Bu ghoirt an crìdh' mu 'n d' leag iad slos
 An cadal slor an ceann,
 Nach robh iad sinte ma' ri 'n dilsean,
 Ann an tìr nam beann.

An oiteag luaineach feadh nam bruach,
Tha gluasad bàrr an fhèoir,
Mar ghuth am chluais a' dùsgadh smuain
Nach luaidh mi 'm briathran bèoil ;
Tha nithe taisgt' an cridh' gach neach,
Nach fhaic aon sùil tha beò ;
O, soraidh bhuan do 'n ghleannan uain'
'S an d' fhuair mi m' àrach òg.

BEAN A' CHOTAIN RUAIDH.

C' àit an robh mo leannan bòidheach,—
 Bean a' chòtain ruaidh ?
 An robh i cas-ruisgt' air an lòn,
 Is drùchd an fheòir cho fuar ?
 No 'n robh i ruith le 'casa beaga,
 Feadh nam preas 's nam bruach ?
 Gun ghùn, gun chleòc, gun bhréid, gun bhròig,
 Ach ann a còtan ruadh.

Cuailein bòidheach 's fiambh an òir dheth,
 'S dath an ròis ad ghruaidh ;
 Suidh leam còmhla, 's ni mi òran,
 Air do chòtan ruadh ;
 Tha 'n còtan goirid mar is dùth dha,
 Tigh 'nn gu d' ghlùn a nuas ;
 Ach troigh as bòidhche cha do chòmhdaich
 Còta dubh no ruadh.

Socair ort 's an dean mi 'n t-òran,
 Air a' chòtan ruadh ;
 Cum do chasan as a' bheòlaich,
 'S cum an còt' o 'n luraith ;
 Ciòd am feum a bhi cur séist air,
 'S thusa leum mu 'n cuairt ?
 C' àit a nis a bheil thu réiseadh,
 Ann ad fhéileadh ruadh ?

A righ, beannaich 's gleidh mo leannan,
'S gu ma fad i buan ;
Dà shùil mheallach orm a' fanaid,
'S ag cur car am dhuan ;
'Nuair bhios airgiod ann am phòca,
Gheibh thu sròl thar chuan ;
Ach cha bhi sròl no sloda dhòmhσa,
Mar bha 'n còtan ruadh.

ORAN DEALACHAIDH.

SEIST—Eirich agus tiugainn O,
 Eirich agus tiugainn O,
 Eirich agus tiugainn O,
 'S e crioch gach comuinn dealachadh.

An cuimhne leats' an gleannan uain',
 Far an robh sinn òg is luath,
 A' buain nan sóbhrach feadh nam bruach,
 'S gun luaidh againn air dealachadh.
 Eirich agus tiugainn O, etc.

Is far an robh sinn ait le chéil',
 A' ruith a' bhradain leis an leus ;
 No sealg a' choilich air a' ghéig,
 Mu 'n d' thug sinn ceum an allabain.
 Eirich agus tiugainn O, etc.

Ach 's cian bho 'n sgaoil sinn deas is tuath,
 Chaidh cuid thar bheann is cuid thar chuan ;
 Cha chluinn mi 'n diugh an coileach ruadh,
 Ged bheirinn duais nach canainn air.
 Eirich agus tiugainn O, etc.

Ach fàir do làmh, mo charaid ciùin,
 Is cuir an smalan so air chùl ;
 Oir chi sinn fathast tir nan stùc,
 Is bidh sinn sùnnidach aighearach.
 Eirich agus tiugainn O, etc.

Air son na tìm chaidh seach cho luath,
'S air son gach caraid a tha uainn,
O, éirich, cuir an deoch mu 'n cuairt,
'S bidh cuach againn 's an dealachadh,
Eirich agus tiugainn O, etc.

CATRIONA BHOIDHEACH.

SEIST—'Chatriona bhòidheach, 'Chatriona ghaolach ;
 'Chatriona bhòidheach, gur mòr mo ghaol ort ;
 'Chatriona bhòidheach, an òr-fhuilt chraobhaich,
 A righ ! gu 'm b' òg sinn 'nuair leòn do ghaol mi.

An ceòl tha 'm chluasan, mar dhuan na smeòraich ;
 An ceòl a chual sinn 's na cluaintean còmhla ;
 An uair b' e m' uaill e bhi buain duit neòinean,
 'S a ris 'g an dualadh ad chuailein bòidheach.

'Chatriona bhòidheach, etc.

Mar dhealbh an òr e an seòmar uaigneach,
 Nach fhaic an t-eòlach 's nach eòl do 'n luaineach ;
 'S e iomhaigh bhòidheach an ròis a bhuain mi,
 'S o 'n shuair mi còir air, 's ann domhs' tha bhuannachd.

'Chatriona bhòidheach, etc.

Ach leag an saoghal air daoine 'n t-uallach,
 'S gun neach a dh' fhaodar a shaoradh uaithe ;
 Ach thusa daonnan, a ghaoil, ri m' ghualainn,
 A' deanamh aotrom gach aobhar bruaillein.

'Chatriona bhòidheach, etc.

Is ged bha 'm bruaillean air uairean sàraicht',
 Nach mór an duais dhuinn, a suas na dh' fhàs leinn,
 Na bheir an t-uallach bhàrr guaillean màthar,
 'Nuair bhois na gruaidhean air snuadh as bàine.

'Chatriona bhòidheach, etc.

A' ghrian a dh' éirich 's a' chéitein àluinn,
 A' ruith a réise gun éis, gun mhàirneal,
 Air dol an iar uainn le trian d 'ar làithean,
 'S a' sealltainn fiar oirnn 's ag ciaradh nàduir.

'Chattriona bhòidheach, etc.

Theid sinn le chéile 'nuair thréigeas càil sinn,
 Gu ceann ar réise, a réir na h-àithne,
 'S an t-slighe chéin sin a réitich gràs dhuinn,
 'S ag earbs' an Dé leis an léir ar fàillinn.

'Chattriona bhòidheach, etc.

AN CLUINN THU, CHALUIM, AN CLUINN THU.*

SEIST—An cluinn thu, Chaluim, an cluinn thu ?

An cluinn thu idir, an cluinn thu ?

An cluinn thu, Chaluim, b' e aighear mo chridh',
Thu thilleadh a ris g' ar n-ionnsuidh.

'Nuair théid thusa thairis gu fearanna céin,
Na dlobair, a Chaluim, na dh' fhan as do dhéidh ;
Tha guidhe gach caraid dol ma' riut 's gach ceum,
'S sinn uile gu léir 'g ad ionndrainn.

An cluinn thu, etc.

'Nuair bhios tu fo smalan 's a sheallas tu tuath,
'S nach fhaic thu na beanna bu mhath leat 'san uair ;
O, cuimhnich, a Chaluim, luchd tathaich nan cruach,
'S na tha dhiubh 'san uair 'g ad ionndrainn.

An cluinn thu, etc.

'S tu sealgair a' choilich an doire no 'm frith ;
'S tu nàmhaid na h-eilid 'g a leagail 's a' chiob ;
'S tu thogadh ar cridhe le fiodhall no plob,
'S cò idir nach bi 'g ad ionndrainn ?

An cluinn thu, etc.

'S tu sheinneadh na h-òrana, ceòlar is binn ;
'S tu dheanadh na h-òraidean, òrdail is grinn ;
Tha t' oilean is t' fhòghlum á stòr-thigh gach linn,
A' tarruing gach tìm g' ad ionnsuidh.

An cluinn thu, etc.

* Calum MacAonghais, M.A., LL.B., 's e dol do dh' Africa-mu-Dheas.

Cha dùth dhomh bhi romhad 'nuair thig thu a rls,
 'S cha tig dhomh bhi sodal, no moladh gun bhrigh ;
 Ach thugadh dhuit cothrom, an cogadh no 'n sith,
 'S thig onair is nì g' ad ionnsuidh.

An cluinn thu, etc.

'S e guidhe na buidhinn* th' air tulaich nam *Braid*,
 Ard-Riaghlaир na cruinne g' ad chumail o bheud ;
 Tha 'm beannachd ad chuideachd a h-uile taobh théid,
 'S cha leig iad do bheus á cuimhne.

An cluinn thu, etc.

*Comunn na Gàidhlig. Faic taobh 106.



TOBAR-LEAC-NAM-FIANN.

Fhuarain fhior-ghloin chois na frithe,
 'S fearr na fion na Spàinne,
 Do bhùrn milis tigh'nn o 'n ghrinneal,
 'S biolair ag cur sgàil ort ;
 Tha thu mar léigh le slaint' fo d' sgéith,
 Do gach creutair páidh teach,
 O 'n uiseig riabhaich anns an riasg-fheur,
 Gu damh ciar na cràice.

O dheas 's o thuath, thar bheann is chuan,
 Thig ort sluagh gun àireamh,
 A dh' òl do bhùirn as àirde cliù,
 Dh' ùrachadh an càileachd ;
 Gach buaidh aithnichte riut ceangailt',
 'S Helicon nam bàrd thu,
 Bho 'n thum Oisean annad fheusag,
 Air an Fhéinn chaidh t' fhàgail.

Measg nan ceud de nighnean Eubha
 Sheall orr' féin ad sgàthan ;
 'S cuimhne leatsa òighe dhreachmhor,
 Ann am mais' thug bàrr orr' ;
 Air fad do chuairt o bheinn gu cuan,
 Am faic thu snuadh as àille ?
 As grinne beus, no 's gile deud,
 'S a guth mar theud na clàrsach.

Shuidh i greis leam air a' bhruaich so,
 'S sheinn i 'n duanag òrain,

A rinn mi-fhéin mu shealg an fhéidh,
 Creid mi, dh' éisd na h-eòin rith' ;
 Ach 's beag feum dhomh bhi 'g a leughadh,
 'S léir dhuit féin an còrr dheth,
 Mis' ag at do bhùирn le m' dheuraibh,
 'S ise, 'n euchdag, pòsda.

Soraidh leat, bidh mis' a' triall uait,
 O'n tha ghrian air tearnadadh,
 Smuaintean cianail 'g am shlior-phianadh,
 'S iargain toirt mo chàil uam ;
 An tom luachrach sin air għluasad,
 'S e cur cuairt mu 'n làraich,
 'S air an leargainn coslas ainmhidh
 Nach do dh' ainmich Adhamh.

PIOBAIREACHD DHOMHNAILL DUBH.*

Eirich, a Dhòmhnaill Duibh ;
 Eirich a Dhòmhnaill ;
 Eirich is gleus na duis,
 Cluinneadh am mòd iad :
 Thigibh-se, nigheana
 Binne na ceòlraidh,
 Thigibh is fritheilib
 Tiotan air Dòmhnaill.

Séideadh a' ghaoth a muigh,
 'S muime do 'n cheòl i ;
 Eitidh no caoin a guth,
 Cluicheadar g' a h-òrdugh ;
 'S organ na cruinne i,
 Subhach no brònach ;
 'S torman na tuinne i,
 'N sumainne ceòlar.

'S éibhinn 's a' chéitein guth
 Uiseig is smeòraich ;
 'S éibhne leam féin an diugh,
 Luinneag nan òg-bhan ;
 Thugaibh-se cuideachadh
 Murrach do Dhòmhnaill,
 Eagal's nach cluinnear leibh
 Tuillidh air mòd e.

* An dara duais, Mòd, 1901.

Eirich is seall a muigh,
 Tubaist air Dòmhnaill !
 'S fheudar nach 'eil na duis
 Buileach an òrdugh ;
 Feithibh-se bhreitheamhna,
 Beagan ri Dòmhnaill,
 Feithibh, O, feithibh ris,
 Theagamh nach beò e.

Eirich is gleus do chuilc,
 'S uiseag 's na neòil i ;
 Séid gus am beuc na duis,
 Uirighioll ceòlar ;
 Greadaibh 'ur basan ri
 Caiseamachd Dhòmhnaill ;
 Breabaibh 'ur casan r' a
 Spaisdeireachd òrdail.

Eisdibh r' a ghleus an diugh,
 Thugaibh a chòir dha ;
 Eireadh am beus mar ghuth
 Thuiltean nam mòr-bheann ;
 Feithibh-se, bhreitheamhna,
 Ceileirean Dhòmhnaill,
 Eagal 's mu dheireadh gu 'n
 Ceil e a lòchran.

A' CHEILIDH.*

FONN—“*Cabar-feidh.*”

Bha mise 'n raoir air chéilidh,
 'S gu 'm b' éibhinn a' chuideachd sinn ;
 Bha maithean á Dun-éideann,
 A' Chléir 's am Bàrd Luideagach ;
 Bha rannan againn 's séistean,
 Le sgeulachdan 's luinneagan,
 'S bha mise cur an céill dhaibh,
 Na dh' éirich dhomh thubaistean ;
 H-uile duine 's muinntir Mhuile
 A' toirt buille 'n bhata dhomh,
 Nach b' fhearr mo ghuth na cearc air ghur,
 Gun bhàrr, gun bhun, am achmhasan ;
 Gu 'n d' fhàg mo thuigse mi gu tur,
 'S gu 'n d' fhàs gun phurp mo sgathbhardachd,
 Bho 'n chuir mi corrag éibhinn,
 Air Ephoid na Sagartachd.

Thuirt Mac-ic-Ille-Mhìcheil,
 Gu 'm b' fhigearach duine mi ;
 Is ghuidh e agus ghrios e,
 Air Brìde, no cuideigin ;
 Mo chur o m' bhonn gu m' chirein,
 An sioman de dh' ubagan,
 Air-neo gu 'n tugainn mi-chliu,

Is dimeas do 'n chuideachd sin :
 “ A' chruit dhona, b' fheàirrd i foileadh,
 Anns na corra-cagailte ;

*Comunn na Gàidhlig. Faic taobh 101.

Am bàrd broineach, 's beag an dolaidh
 Ged a loir na madaidh e ;
 Th' agams' ortha ann am sporan,
 Bheireadh sonas maireann da ;
 Nach fhàgadh fuath no mi-run,
 No pris na smior-chailleach ann."

Sin thog an t-Ollamh Blàireach
 A làmhan is labhair e :
 " A pheathraiche 's a bhràithre !
 Chan fhearr sibh na amadain ;
 Gu deimhin, tha mi 'g ràdh ruibh,
 Ma 's bàrdachd neo-airidh i,
 Nach fhiach i bhi 'g a càineadh,
 'S nach fheàrr i bhur tabhann-se :
 Seallaibh mise, ciod is misd mi,
 A bhi tric ri rannaireachd,
 'Leum air ite bhàrr a' chipein,
 Chan 'eil mios air atharrach ;
 Laoidean Vishnu ann am chiste,
 Cha bu mhisd sibh earrann diubh ;
 'Nuair thig iad deas o m' laimh-sa,
 Dh' fhaodadh Daibhidh gabhail riu."

Mac Fhionghain, ceann na céille,
 A' réiteach a h-uile ni ;
 A' toirt fa-near na cléire,
 Is géiread an guidheachan ;
 Mu dheireadh, thug e sgeul dhuinn
 Air euchdan Chuchulainne ;
 Is chuir e fein gu gleusda,
 An Fhéinn air a h-uilinn duinn :
 Fionn is Oisean, Goll is Oscar,

'S Conan crosda, curanta ;
 Gun tàmh, gun chlos, a' sgoltadh chorp,
 'S Lochlannaich ag cumail riu ;
 Air muir 's air tir, a rogha sid,
 A ghnàth a' strì ri cuideigin ;
 Mar gheibh sibh anns an fhìrinn,
 Mar sgriobhas Mac Mhuirich i.

Thuirt Bean-an-tighe chùirteil,
 'S i stiùradh an rathaid dhuinn,
 " Tha bàrd na suipeir cùirnicht,
 Is dùth dhuibh bhi fannachadh."
 Lean mise sios gu dlùth i,
 'S mo shùilean 'g a beannachadh,
 Air son bhi fialaidh, fiùghail,
 Tha cliù-se ro aithnichte :
 Fhir na Gealaich ! sin an sealladh
 Thug a phlathadh m' anail uam ;
 Bric le 'n lannair as an abhainn,
 Bradain agus gealagan ;
 Eoin gun airceas, geòidh is clearan,
 'S pailteas de gach annas ann ;
 Bha mult-fheoil 's mairt-fheoil ròiste,
 Bu leòr air son banais e.

Bha Mac-an-Fhleisdeir làimh riùm,
 'S e sàbhadh nam maragan,
 Is bhruid e mi 's na h-àirnean,
 Is ghàir e gu h-aighearach :
 " Na 'm biodh Rob Burns an làthair,
 'S a làmh anns an ealain so,
 Gu 'm faighte dàn a b' fhearr uaith,
 Na dh' fhàg e do 'n taigeis ud ;

Ach nach duilich mac an duine
 Chur an uidheam sgairtealachd ;
 Iochdar tuinne 's uachdar cruinne
 Ag cur thun a chairtealan ;
 Gach muir is tir 'g an cur fo chis,
 Air son gach nì as taitniche,
 Seadh, toradh mara 's tire
 'G an lobradh air altair-san."

O, dh' ith sinn agus dh' òl sinn,
 'S bu ròiceil a' chuideachd sinn,
 'S 'nuair dh' fheuch sinn ri bhi stòlda,
 Ochòin ! bha s'n duilich dhuinn ;
 Bha mis' air fonn cho ceòlmhor,
 'S gu 'm b' òran dhomh h-uile ni,
 'S thug Odhran binn an còrr dhomh,
 Mar smeòrach nam bruthaichean ;
 Crodh no aighean cha robh aige,
 'S cha robh smal no mulad air ;
 Nì is earras, ged is maith iad,
 Chan 'eil aig a h-uile fear ;
 Ciod am math dhuiun a bhi talach,
 Gabhamaid na bhulichear,
 Is theagamh gu 'm bi 'm màireach
 Na 's fàbhraich' d' ar n-uireasbhuidh.

'Nuair thainig bristeadh fàire
 Chur sgànràidh 's a' chuideachd sin ;
 'S a għluais sinn air ar māgan,
 A t eàrnadh nam bruthaichean ;
 Chuir fear-eigin gu càirdeil,
 A làmhan mu 'm mhuiñeal-sa,
 Is thuirt e rium gu báidheil,

Gur bràithrean a h-uile h-aon ;
'S fear na h-ortha, chuir e 'm mothan
Ann am bhroilleach, 's dh' earalaich
Orm a choimhead mar mo chogais,
'S nach dean donas beanachd rium ;
“ 'S feàrr na armachd, sleagh is targaid
An lus dearbhta, ceanalta
'S na biodh ort fraoch no farmad
Ri 'Carmina Gadelica.' ”

SLAN LE DIURA CHREAGACH CHIAR.

O, slàn le Diùra chreagach, chiar,
 B' e m' aighear 's m' iarrtas riamh bhi 'd thaince,
 A' sealg na h-éilde air an t-sliabh,
 'S an làn daimh chiar an riasg na glaice ;
 Is ged nach téid mi 'n diugh 'nan déidh,
 'S nach lean mi ceum na h-éild' 'sna creachainn,
 'S tric thog mi fonn air lorg an fhéidh,
 Le m' għunna gléist' fo sgéith mo bhreacain.

O, slàn le d' bheanntan corrach, àrd,
 Gach cnoc is càrn is àirigh fhasgach ;
 Is ann fo 'n sgàth bu mhiann leam tàmh,
 Gu 'n téid gu bràth fo 'n chlàr mo thasgadh
 O, soraidh leis gach srath is raon,
 Gach coire fraoich, is caochan blasda ;
 B' e fion an fhuarain cuach mo ghaoil,
 An locshlaint shaor,—gach braon dith nasgaidh.

Do choilltean dlùth, 'san ùr-mhios Mhàigh,
 Bu chùbhraidh 'm fàs fo sgàil a' bharraich ;
 'S a' ghrian a' sùghadh tùis nam blàth
 A mhosgail nàdur tràth an Earraich ;
 O, 's truagh nach d' fhuair mi fios 'na thràth,
 Nach robh e 'n dàn domh àit eil' fhaicinn,
 A choisinn cliù is mùirn a' bhàird,
 Mar rinn an t-àit 'san d' fhàg mi 'm breacan.

ANNA MHIN, MHEALL-SHUILEACH.

SEIST—Mo chailin mhìn, mheall-shuileach,
 'S cianail mi o 'n dhealaich sinn ;
 Mo nighean donn nam meall-shuilean,
 O, Anna, thug mi spéis duit.

A bhean nam beusan stòlda,
 De 'n chinneadh a bha mòrail,
 Ged 's fhad o chéil' a sheòl sinn,
 Gu 'm b' òg a thug mi spéis duit.

Mo chailin mhìn, etc.

Gun chaochladh no gun mhùchadh,
 Tha 'n gaol a thug mi 'n tùs duit ;
 Ged rinn an saoghal mùiteach
 Ar stiùradh fad o chéile.

Mo chailin mhìn, etc.

Ged tha mo cheann air liathadh,
 'S mo là a nis air ciaradh,
 'S i t' lomhaigh ghaoil bha riamh leam
 O 'n chiad là thug mi géill duit.

Mo chailin mhìn, etc.

Is cuimhne leam 'nuair bhà sinn
 'Nar cloinn a' ruith mu 'n àirigh,
 'S do chuailean donn bu tlàithe
 A' snàmh 'san oiteig Chéitein.

Mo chailin mhìn, etc.

Gur tric gun fhios do chàch mi,
 'Nuair 's àirde 'n guth 's an gàire,
 Ag cuimhneachadh nan là sin,
 Ged 's fhada dh' fhàg mi 'm dhéidh iad.

Mo chailin mhìn, etc.

Ar leam gu bheil an saoghal
 'S gach nì a th' ann air claonadh ;
 Tha ceòl a mhàin gun chaochladh,
 'S an gaol a tha 'ga ghleusadh.

Mo chailin mhìn, etc.

Mo shoraidh bhuan, a rùin, leat ;
 Tha 'n tìm a' ruith gu siùbhlach ;
 Is sinne, mar is dùth dhuinn,
 Tigh'nn dlùth air ceann ar réise.

Mo chailin mhìn, etc.

EADAR-THEANGACHAIDH

THE MINSTREL.*

Night on Kylabost descended
 Cold and showery as my way
 To MacAskil's Inn I wended,
 Sheltered there to close the day.

Soon my thirst and hunger vanished,
 All my weariness and care
 With a soothing pipe I banished,
 Building castles in the air.

Vain the labour that is founded
 On the wind, though pleasing well :
 Faint a cough behind me sounded,
 And my airy palace fell.

Who had thus the stillness broken ?
 Tall and bent beside me stood
 One whose guise gave little token
 That he fared on sumptuous food.

Thankful was I there to meet him,
 Since the stress without was sore,
 Eager with goodwill to greet him,
 Threadbare raiment though he wore.

*Translation of poem on page 19.

Straight I to his wants attended
 With the cheer that was at hand,
 And a potion duly blended
 Promptly placed at his command.

Comfort that he valued rightly ;
 Not ungenial was my friend ;
 Knowledge, sense and converse sprightly
 Joined his lack of store to mend.

“ When,” said he, “ the mind is ailing,
 And on Nature’s face a gloom,
 When the heart is faint and failing,
 Every sign a sound of doom,

“ Less of potency than liquor
 There are other things that claim
 To revive life’s feeble flicker,
 And the vulture in us tame.

“ But while thus it tends to warm us
 Into active fancy’s play,
 Equal is its power to harm us
 And to wile our strength away.

“ So may good and evil meeting,
 Often in a lock be twined,
 What endures with what is fleeting,
 Sweet with bitter be combined.

“ Healing dwells in plants with poison,
 Truth in fiction may be found,
 Right and wrong on our horizon
 Seem to meet like sky and ground.

" Hark the choir of praise ; its members
Are the winds and stormy sea ;
Shut the doors and stir the embers,
Hear the north wind's melody.

" Listen how the notes are flowing
Faint and loud in concert forth,
All the storm-bags hoarsely blowing
Marches from the wintry north.

" Nor believe it war unruly
That the elements prolong,
But the keynote guiding truly
All the varied moods of song.

" Sound of waves and wild birds' warble
Tuneful souls deem one in type ;
Symphonies in halls of marble,
On the knoll an oaten pipe.

" No melodious minstrel's tuning
Harp or viol ever gave
Sounds that please like mother's crooning
O'er her child this side the grave.

" Come, if tune still haply lingers
In this harp, or if there lies
Power of movement in my fingers,
Join the chorus of the skies."

Then myself at ease I seated,
Sought the fragrant weed again,
And, in comfort thus completed,
Heard awhile no wonted strain.

Somehow, whether I was dozing,
Or by harper thin and hard,
Music's spell my vision closing
Threw my senses off their guard,

Still I heard the stormy chorus ;
Changed, however, were the staves ;
Clamours from the sea swept o'er us,
But with rhythmic roll of waves.

Sailed I over land and ocean,
High o'er hills, to valleys near,
Helm nor compass ruled my motion,
But the music in my ear.

Far away were billows sounding,
Heavy on the shore they broke :
'Mid the hills green lowland bounding
Curled a lonely dwelling's smoke.

Springing light as one unshackled
On my native heath I stood,
Saw the lea with canach speckled,
Heard the moor-hen call her brood.

Hillsides rough with crag and boulder
Well I knew, and hollows clear,
Felt my gun upon my shoulder,
On my hands the hair of deer,

Lithe and strong with youthful vigour,
Power and pith in bones and veins :
Wealth of life beyond a figure,
Envied bliss the hunter gains.

Precious tide ! What was the reason
Why it should so soon recede ?
Oh for but the briefest season
Of the life in this my need !

Speeding to the city's bustle
Next I paced the frigid street,
Where the crowds the stranger hustle,
Care on every hand we meet ;

Force and fraud o'er right prevailing,
Sad endeavour fast in gyves,
While in sacrifice unfailing
Rise to Mammon toiling lives.

Whether now his fingers trembled,
Or his harpstrings were not tense,
In my ear his strains resembled
Nought but sound apart from sense.

Fitful flashes cast reflection
Where impressions once had been,
Things that out of recollection
Long before had vanished clean.

But at last, my spirit crushing
That thin harper struck a chord
Smote the desert rock, and gushing
Floods of bitter anguish poured.

Once the morning sunbeams welling
Drove the shades of night away,
Save the cloud above our dwelling,
Ne'er to lift in sun or day.

Shade by birds of song evaded,
 Where the newest blade is sere,
 Where my beauteous floweret faded,
 And my plaint she cannot hear.

Fair her form when sad we laid her
 Low within her earthy bed ;
 Daisy coverlet we made her,
 Watered with the tears we shed.

Treasured more than princely jewel,
 Tiny shoes and many a thing
 In our empty home renewal
 Of our sorrow ever bring.

Day declined and darkness hastened,
 Night in memory enrolled :
 Leave the door to-night unfastened
 For my lamb has left the fold.

Up I bounded saying. " Harper
 Thin and hard, you rack my soul
 With ill-timed invention sharper
 Than the wind that leaves the Pole."

Then he looked, his eyebrows lowering,
 Knowledge of my thoughts to gain :
 " Where is now the tempest roaring ?
 In yourself or on the main ?

" Know that tempest never rages,
 Bursting on us in its ire,
 Such as when the soul engages
 With the world in conflict dire.

“ In yourself is song, which after
Minstrels touch the chord is moved,
And in tune for tears and laughter
On through life your course is grooved.

“ Music worthy ends fulfilling,
Where the virtues have their birth,
Heart and ear is ever thrilling
Through your pilgrimage on earth.

“ Sometimes too a sweeter measure
Than the minstrel’s art may teach,
Gives the heart a sacred pleasure,
Though the ear it cannot reach.

“ Call you these transcendent notions ?
Have you any knowledge pray ?
Nothing but your own emotions
Formed the groundwork of my play.

“ But not yours the sole obedience ;
Nature likewise all along
Yields in depths and heights allegiance,
Marching in accord with song.

“ And at Nature’s consummation,
Music from the trump of doom
Shall dissolve the wide creation,
And arouse you in the tomb.”

* * *

Talk with parting thanks he ended,
Closer drew his gabardine,
Poorly from the storm defended,
But inspired with breath divine.

Man is a mysterious temple,
Deity indwelling there,
Fane with structure far from ample,
And its covering but bare.

A.G.

RANNAN O 'N RUBAIYAT AIG OMAR KHAYYAM,

AM BARD PERSIANACH.

Dùisg as do shuain ; tha ghrian ag cur 's an ruaig
 Bhàrr aghaidh speur, gach reul is rionnag shuas,
 'S a' sgapadh neul na h-oidhch' mar thannaisg shlith,
 'S le 'gathan òir ag còmhdaich tùr an righ.

Mu 'n d' chaochail faileas na feall-mhaidne muich,
 Ar leam gu 'n cual' mi 's an tigh-òsda guth
 Ag ràdh, " Tha 'n teampull ullaichte a steach ;
 C' ar son a dh' fhanas an luchd-aoraidh mach ? "

Mu ghairm a' choilich, iadsan bha mu 'n cuairt
 An doruis, għlaodh iad, " Fosgail dhuinn gu luath !
 Ar tim gu fuireach a' dol tuillidh 's clis,
 'S co-dhiù a thilleas sinn, co aig' tha fios ? "

Tha nis bliadh'n' ùr a' dùsgadh gach seann déidh,
 'S an t-anam túrail 'g iarraidh cùirt dha féin,
 'S am faic e làmh gheal Mhaois air géig 's air blàth,
 Is anail chùbhraidih Chriosd toirt beatha 's fàis.

Irám an fhàsaich, c' àite bheil e nis ?
 Is cupan Iamshyd ? Có aig a bheil fios ?
 Ach air an fhlon tha fathast lith an ròis,
 Ur-bhlàth 's na liosan 's measan mar bu nòs.

Lion suas a' chuach, 's an teine 'n Earraich tilg
 Do thrusgan sac-eudaich, gach bad is cirb ;
 Tha eun na time ag grad-ruith a réis,
 A thurus goirid, 's feuch, e air an sgéith !

Co-dhiù aig Babilon no Ispahán,
 Co-dhiù tha 'n cup de mhil no dhomblas làn,
 Tha fion na beatha sruthadh, braon air bhraon ;
 Tha chraobh ag call a duille, aon air h-aon.

Abair gu 'n tig gach maduinn mile ròs ;
 Ach c' àit bheil ròsan an la-dé le 'm pròis ?
 'S an t-òg-mhìos so a bheir dhuinn blàth is calg,
 Toirt Iamshyd agus Kaikobad air falbh.

Ma thogair ! 's cearta coma leam co-dhiù.
 Ciod e ar gnothach-ne ri Kaikoshrà ?
 Rustum an garg laoch, no Kaikobad nam beairt,
 'S ma chuireas Tai gu cuirm, na toir thusa feairt.

De 'n stiallaig lombair air nach crom an spréidh,
 Eadar an t-àiteach is am fàsach réidh,
 Thig far nach luaidhear ainm an righ no 'n deòir ;
 'S mo thruaighe Mahmud air a chathair òir !

Thoir crioman arain dhomh is searrag fhion',
 Is leabhar rannan ma' ri caraid min,
 Is craobh an fhàsaich deanamh sgàil o 'n ghréin ;
 O, bhiodh am fàsach dhomh mar Phàrras féin !

Cuid ris an t-saoghal so gu dian ag gleac,
 Is cuid le 'n dòchas anns an t-saogh'l ri teachd ;
 An t-airgiod-ullamh glac, an creideas guait ;
 Toirm-mhothar druma, chan 'eil ann ach fuaim.

Tha cuid a thionalas le dìchioll stòr ;
 Is cuid a sgapas e mar fhras an fheòir ;
 Le chéile theid iad an aon réis g' a crích ;
 Aon uair 's gu 'n imich iad, cha tig a ris.

An dòchas saoghalt' air bheil daoine 'n tòir,
 Tionndaidh gu luathre no gu pailteas stòir ;
 Ach 's geàrr a mhealar e ; mar shneachda geal
 Air uachdar linne, chithear ach car seal.

A ! gabh-sa cothrom air na dh' earbadh riut
 A mhealtainn tràth, mu 'n teid thu féin fo 'n dus ;
 Duslach ri duslach, is fo 'n duslach shios,
 Gun fhion, gun cheòl, gun chòmhlan, is gun chrloch.

Ris-san a dh' ullaich air son latha gheàrr,
 'S ris-san tha feitheamh air son latha 's feàrr,
 Am Muezzin labhair 's an tìr-fhaire shuas,
 'Bhurraidi ! chan 'eil an sud no 'n so do dhuais.

Luchd-fòghluim theagaisg dhomh gach nì fo 'n ghréin,
 'S thug mi gun teagamh leam na b' eòl dhaibh féin ;
 Ach brigh an iomlain dhomh de 'n eòlas bhaoth :
 Mar uisge thàinig mi, is théid mar ghaoith.

A steach do 'n chruinne so gun fhiös cia as ;
 A mach o 'n chruinne so gun cheum d' ar cas ;
 A dh' aindeoин thugadh sinn, mar shruth nan gleann ;
 A dh' aindeoин cuirear sinn, mar ghaoth nam beann.

O mheadhon talmhainn dh' éirich mi gu sèimh,
 Gu cathair Shàtuirn anns an t-seachdamh nèamh ;
 'S ged dh' fhuasgail mi 'san t-slighe iomadh dul,
 Cruaidh-shnaim ar crannchuir dh' fhairtlich orm gu tur.

B' e sin an dorus air nach d' fhuair mi 'n gleus
 B' e sin am brata troimh nach fhaicinn leus ;
 Bha beagan bruidhne air, thu-féin 's mi-féin ;
 An sin, gun tuillidh air, mi-féin 's thu-féin.

Cha fhreagair talamh mi, 's chan abair cuan,
 Cia as a tharruing iad an gabhail bhuan ;
 Na nèamhan gluasadach le 'n gruaim 's le 'n soills',
 Tha nochdte 's falaicht' am brat latha 's oidhch'.

Ri beul a' phige so mo bhilean chuir,
 'S cion-fàth mo chrannchuir am dhìth gu tur ;
 "Ol" ars' esan, "òl, fhad 's as beò thu, òl ;
 Aon uair 's gu 'n imich thu, chan ith, 's chan òl."

Air m' fhacal, saoilidh mi an t-aog thuirt "òl,"
 No chrèadh d' an d' rinneadh e, bhi aon uair beò,
 Le cridhe truacanta nach d' fhuathaich pòit,
 Is fathast sgrioba de 'n t-seann fhion 'na phòig.

Chunnaic mi credhadair a' fuineadh crèadh,
 'Nuair rinn i labhairt ris gu soitheamh, sèimh :
 "Gu réidh, a charaid, guidheam ort, gu réidh !
 Ceart mar thusa 'n diugh bha mise 'n dé."

Nach d' thainig sgeul oirnn tre na linntean céin,
 A cheart co-ionann ris an nì so féin,
 Mu 'n cheud chlod ùrach sin an tùs an ré,
 D' an d' rinneadh duine ann an cruth a Dhé.

Am braon as lugha thaomar as a' chuaich
 Do 'n talamh thioram anns an sùigh e suas,
 Nach fhaod e faochadh thoirt do aon fo 'n fhòid,
 'S an teine mhùchadh ann an sùil gun fhòir ?

Mar thionndas lili suas a cuach ri nèamh,
 Air son a moch-thrath anns a' mhàduinn shèimh,
 Dean thusa leithid gus an téid do cheann
 Chur fothad, mar chuaich fhaimh, bun-os-ceann.

Na nithean saoghalt' sin leig seach mar cheò ;
 'S roimh nithean spioradail na biodh ort sgleò ;
 'S fàg nì 'n la-màireach ann an gràs na gréin' ;
 'S an fhionan tàlaidh tu le d' làmhan féin.

'S ma thig na dh' òl thu is na beòil a phòg,
 Gu crloch nan uile nì, nach coma còc' ;
 Tha 'n diugh mar bha 'n dé, 's an dé mar bha càch,
 'S roimh theachd an ath latha na biodh ort sgàth.

'Nuair thig an t-aingeal leis a' chupan dhuar,
 G' a chur ri d' bhilean taobh na h-aibhne fuair,
 An deoch cha diùlt thu, is do long 's a' phort ;
 Ol mar bhitheas i, 's na biodh athadh ort.

Ma 's urra 'n t-anam so an dus chur uaith',
 Is éirigh rùisgte air na dùilean suas,
 Nach aobhar-nàire dha bhi tàmh mar thràill,
 'S a' chrùbaig chreadha so gun dreach, gun àill'.

An fhionain so, ma 's ann o Dhia tha 'm fàs,
 Có their gur ribe th' ann g' ar cur an sàs ?
 Ach, ma 's ceap-tuislidh am maoth fhàillean ùr,
 Có chuir an sin e ? Nach e Dia o thùs ?

Am feum mi 'n iocshlaint so a chur air chùl ?
 An geilt roimh ni-eigin ri bheil mi 'n dùil,
 'S an dòchas deoch as fearr, a réir luchd-iùil,
 O 'n chupan nèamhaidh, is mi-féin am smùr.

Ri bagradh Ifrinn is ri gealladh Nèimh,
 Aon ni tha cinnteach : gu bheil tim gu sèimh
 A' ruith, 's ar beatha triall ; an còrr 'na bhréig ;
 Am barr-guc a thuit, cha till e ris a' ghéig.

Nach culaidh loghnaidh e : na miltean sluaigh
 A chaidh troimh 'n gheata sin do thlr na suain,
 Gun aon a' tilleadh dhiubh a thoirt duinn sgeòil
 Mu 'n t-slighe dh' imich iad, le còmhradh beòil ?

An cup beul-fodha ris an can thu 'n speur,
 Fo bheil sinn cùbte 'n so o bhreith gu eug,
 Na tog do làmhan ris-san ann ad fheum ;
 Tha esan cheart cho lag-chuiseach riut féin.

Mu Nèamh 's mu Ifrionn sheall mi shuas is shios,
 Troimh chuairt siorruidheachd 's air m' ais a ris ;
 Thuirt Aosd-nan-Làithean rium gu robh o chéin,
 Mo Nèamh is m' Ifrionn ann am anam féin.

A ghaoil, nam b' urrainn duinne ris-san stri,
 Is tuigse fhaotainn air bonn-stéidh an nì,
 Nach briseamaid 'na bhloighdean e, 's a ris,
 Ath-dhealbh na's dlùithe do làn rùn a chridh'.

An so tha sinn air chuairt fad là no dhà,
 Air bheagan buannachd dhuinn ach péin is cràdh ;
 'S a' fàgail ceist ar bith gun fhuasgladh réidh ;
 An rathad gabhaidh sinn gun sùil 'n ar déidh.

Ri m' ghearan éisd-sa anns na nèamhan shuas ;
 Cuir saor o 'm chuibhreach mi, is gabh dhiom truas ;
 Ma 's ann do 'n phràbar a tha 'm fàbhar tric,
 Seall air mo chàs-sa, chan 'eil mi ro ghlic.

A ! lion an cupan ; ciod am feum bhi ghnàth
 Ag caoidh na h-aimsir a chaidh seach cho tràth ?
 An dé chaidh seach, 's am màireach có a chi ?
 Ma tha 'n diugh taitneach, meal e réir do chridh'.

A' ghealach ud tha 'g éirigh thar an t-sléibh,
 Cia minig an déidh so a thig 's a théid ?
 A' sealltainn air ar son an lios an rìgh ;
 A' sealltainn air ar son, is aon a dhìth.

'S mar sin, O Shaki, théid thu féin mar 's nòs,
 Am measg do chàirdean sgapte 'n lios nan ròs ;
 'S 'nuair thig thu thun mo chathrach-s' ann ad chuairt,
 'S a bhios i falamh,—tionndaidh sios a' chuach.

An seann bhothan-àirigh so gu 'n tàr gach neach,
 D' an stairsneach is d' an àrd-dorus oidhch' is là ma seach,
 Thig thuige righ is ànrach chur an gèarr là steach,
 Is théid iad mar is dàn daibh, a' fàgail nì is teach.

Tha cùirt rloghail Iamshyd, bha ainmeil air son mùirn,
 Nis 'na garadh leòmhann, 's 'na còmhnuidh aig luchd-cùirn ;
 'S an sealgair treun sin Bàhrim, nis fo shàil na brùid ;
 'S ged bhreab e air a chluasaig, cha għluais 's cha dhùisg.

Ar leam gur deirge 'n ròs far an do dhòirteadh fuil ;
 Far a bheil Cæsar àraid adhlaicht' far na thuit ;
 'S am measg flùir a' ghàraidh, iadsan as àille dreach,
 Gu 'n thuit iad sios 'nan àit á ciabhan tlàth nan cleachd.

A ghaoil, lion thusa chuach a sguabas as ar beachd,
 Olc an là a th' ann, is eagal roimh an là tha teachd,
 Am màireach ! A ! am màireach, faodaidh mi bhi'n déidh
 Nan seachd mile bliadhna leis na thriall an dé.

Nach robh cuid dhiubhsan a bu ghaolaiche 's a b' fheàrr
 Am fion-lios an ama so 'n rogha 's tagha bàrr ?
 Seadh, cuid dhiubh dh' òl an cuachan cuairt no dhà roimh-
 làimh,
 Is aon air aon, gu sàmhach, shnàg iad thun an tàimh.

Na daoine glic' a sgrùd dhuinn a' chùis g' a ceann,
 Dlomhaireachd na cruinne so, 's cor na thuinich ann,
 Nis mar fhàidhean bréige dh' aithris sgeul gun tùr ;
 Am beòil labhrach, lochdach tha stopte leis an tìir.

Mi-féin anns an latha sin, thathaich mi gu tric
 Air luchd-teagaisg aidmheilean, amaideach is glic ;
 'S ged bha mòran cònnspaid is còmhraidih bhos is shios,
 Troimh 'n cheart gheata dh' inntir mi, thill air m' ais a ris.

Sgriobh am meur gu stuama, 's air aghaidh għluais gu bras ;
 'S cha dean naomh no aingidh a mhealladh eang air ais ;
 A dhubhadh as aon sgriob dheth gur diomhain an guth,
 'S cha nigh a mach do dheòir e ged dhòirt' iad 'nan sruth.

'Nuair théid sinne chàradh air cùl an sgàil bhrait fhuair—
 O ! na linn do-àireamh a bhios an saoghal buan—
 Có 'n sin aig am bi cuimhn' oirnn, no bheir suim d' ar rann,
 Na 's mò na 'n cuan sloisreach do 'n chloich a thilgear ann ?

Chan 'eil ann ach sgàth-bhuth air aghaidh 'n fhàsaich luim,
 'S an leig a sglos an t-Ard-righ air slighe Blàr-fo-Fhuinn ;
 Thig Ferràsh le bhàirlinn a mach o sgàil na h-oidhch',
 Is buailidh sios an sgàth-bhuth, 's ni àite do 'n ath aoidh.

Fàidhean 's daoine diadhaidh d' am b' aithne ciall gach nì,
 Liubhair dhuinne taisbean, is dh' aisig dhuinn a bhrigh,
 Cha robh 'n sin ach bruadair a bhuir an clos 'san oidhch',
 'S a dh' aithris, air dhaibh mosgladh, 's thill gu 'n clos a
 choidhch'.

Is aisling Nèamh air àite shàsaicheas gach miann ;
 Is Ifrionn sealladh sgàrnraidh air anam an sàr-phian ;
 'S faileis sud air sgàile na duibhr' o 'n d' thàinig sinn ;
 Is thun an till gun dàil sinn 's ar latha geàrr dol dhinn.

BRUADAR AN T-SAIGHDEIR.*

“The Soldier’s Dream.”—CAMPBELL.

Sheinn dùdaich an fhois-ghairm aig dorchadh nan tràth,
 ‘S an speur le a freiceadain reul mar is gnàth ;
 Le sgios laigh na miltean a sios an droch chàs,
 An claoidhte gu cadal, ‘s an leòinte gu bàs.

Am shuain air mo sheideig air leitir glé gharbh,
 Taobh ‘n teine bha gleidheadh na feithid o ‘n mharbh ;
 O mheadhon na h-oidhche gu soillseachadh là,
 Tri uairean gu ‘n d’ bhruadar mi bruadar an àigh.

Ar leam gu ‘n do thàr mi troimh fhàsaichean balbh,
 Glé fhada bho ‘n àraich ‘s gach blàr-uidheam gharbh ;
 Fo speuran a b’ àille ‘s gun mhàirneal am cheum,
 Gu dachaidh mo chàirdean chur fàilt’ orm am fheum.

Ruith mi is leum mi thun réidhlean nam blàth,
 ‘S an tric bha mi éibhinn an céitean mo là ;
 Mo ghobhair a’ meigeadaidh freagairt a chéil’,
 Is b’ eòl dhomh am buanaich ‘s an duan bha ‘na bheul.

Is gheall mi do m’ chàirdean, ‘s sinn àbhach mu ‘n fhion,
 Mo dhachaidh nach fhàgann air àilgheas an rìgh ;
 Mo bhean is mo phàisdean ‘g am thàladh a’ stri ;
 Ghuil ise is ghàir i, an lànachd a crìdh’.

“ Fuirich, O, fuirich ! Fan le d’ mhuirichinn ghràidh,”
 ‘S bha ‘n t-ànrach glé ullamh gu fuireach ‘s gu tàmh ;
 Ach thill rium mo thruaighe le luath theachd an là,
 ‘S an tlàth ghuth am bhruadar theich uam mar an sgàth.

* An dara duais, Mòd, 1900.

DE 'N H-UILE TAOBH G' AN SEID A' GHAOTH.

"O' a' the airts the wind can blaw."

De 'n h-uile taobh g' an séid a' ghaoth,
 'S ro chaomh leam i bho 'n tuath ;
 Oir 's ann an sin tha ise tàmh,
 An té d' an d' thug mi luaidh ;
 Ged 's iomadh cnoc is glac is coill,
 Tha eadaruinn 'san uair,
 Mo smuain a ghnàth, a dh' oidhch 's a là,
 Air Sine dhonn nam buadh.

Ar leam gu faic mi i 's na flùir,
 Fo dhrùchd air mhaduinn Chéit ;
 Ar leam gu'n cluinn mi i 's na h eòin,
 Ri ceòl air bhàrr nan geug ;
 O, chan 'eil sóbhrach am bun tuim,
 No neoinein cruinn am bruaich,
 No eun a sheinneas ceòl 's a' choill,
 Nach cuimhnich dhomh mo luaidh.

MO SHEANA CHRUIT-CHIUIL.

" Gae bring my guid auld harp ance mair."

Fàir a nall mo sheana chruit-chiùil,
 Fàir thugam i gun dàil ;
 Oir feumaidh mi dàn eile sheinn,
 Mu 'n triall gu tur mo chàil ;
 'S mo làmh dhuibh, 'nuair a sheinneas mi,
 'S e 'm fonn a dh' éireas leinn :
 'S i tir nam beann is tir nan gleann,
 An tir as anns' fo 'n ghréin ;
 O, dh' òlainn cuach do thir nan cruach,
 Le caithream uallach cléith.

Tha 'm fraoch 'ga luasgadh air a' bheinn,
 'S 'nan leum thar bhàrr nan eas
 Tha 'h-uillt a' seinn air saorsa 'n fhuinn,
 Troimh 'n taom an steud-shruth bras ;
 'S i 'n tir mu 'n iadh an lear, mo sheòid,
 An tir d' am mù mo spéis :
 'S i tir nam beann is tir nan gleann,
 An tir as annsa leinn ;
 O, dh' òlainn cuach do thir nan cruach,
 Le caithream uallach cléith.

Tha 'n cluaran dosrach air an fhaich',
 'S an d' tharruing *Wallace* lann,
 'S an d' thug e fuil a làmh mu shliabh,
 A dhath a liath-bhrait ann ;
 A' sealltainn dha 's an iar, mo sheòid,
 Air òran thog e 'n t-séist :

'S i tir nam beann is tir nan gleann,
 An tir as annsa leinn ;
 O, dh' òlainn cuach do thìr nan cruach,
 Le caithream uallach cléith.

Glan speuran àillidh dhùthcha céin,
 Tha sgaoint' os cionn an tràill ;
 Thoir dhòmhsha tir a' cheò 's na saors',
 'S an aobhach guth nam bàrd ;
 An tir a dh' éisd ri Oisean binn
 A' seinn air suinn na Féinn' :
 'S i tir nam beann is tir nan gleann,
 An tir as annsa leinn ;
 O, dh' òlainn cuach do thìr nan cruach,
 Le caithream uallach cléith.

THA MO GHAOL-SA MAR AN ROS.

"My love is like a red red rose."

O, tha mo ghaol-sa mar an ròs,
 'S an òg-mhios fo ùr bhlàth
 O, tha mo ghaol-sa mar an ceòl
 As bòidhche fonn air chlàr ;
 Cho maiseach thù, mo chailin chiuin,
 'S cho trom mo ghaol 's cho buan,
 'S nach tréig gu bràth mi féin mo ghràdh,
 Ach gus an tràigh an cuan.

Ach gus an tràigh an cuan, a ghaoil,
 'S an teid 'nan caoran dearg
 Gach creag is sliabh mu 'n iadh a' ghrian,
 Do ghaol am chliabh cha searg ;
 Ach soraidh slàn le m' chailin mhàld',
 Ceud soraidh slàn 'san uair,
 Ach thig mi ris ged robh an t-sligh'
 Deich mile mhiltean buan.

ORAIDEAN IS SGEULACHDAN

AN CAT.

Theirinn ri caraid no bana-charaid sam bith a thig trasd air an duilleig so gun mhór-shuim a ghabhail dhi, nach 'eil dad innte 's fhiach a leughadh. Chan 'eil mi, mar gu 'm b' eadh, ach 'g am thoileachadh féin, 's an uair a tha duine 'ga thoileachadh féin faodaidh e bhi cinnteach nach 'eil e thoileachadh muinntir eile. Chan e gu bheil e soirbh muinntir eile thoileachadh, eadhon 'nuair a dh' fheuchas duine ri sin a dheanamh. Tha 'n cat 's mi-fhéin an déidh cur a mach air a chéile, direach mu 'n cheart phuinc so. Dh' fheuch mi r'a thoileachadh, ach an àit e bhi toilichte 's ann tha diomb na dunaich air. Thug e greis 'na shuidhe aig an teine ag glanadh aodainn 's ag círeadh a chinn, 'nuair a thug e fa-near nach robh 'n teine cho aoibheil 's a bu mhath leis. Sheall e mu 'n cuairt air son àite bu sheasgaire, 's chan fhac e àite, ar leis, a b' fhearr na uchd fhir-an-tighe. Leum e 'n àird, 's rinn e e-fhéin cho socrach 's ged bhiodh e pàigheadh air son a leapa. G'a thoileachadh, shuidh mi foidhe ann an sin gus an robh an cadal-deilgneach a' tighinn am luirgnean. Thuit mi ris, mu dheireadh, gu 'm b' fhearr dha dol gu làr, ach thuit gu robh esan de dh' atharrach beachd, 's a sios cha rachadh e. Dh' fheuch mi ri iompaidh a chur air le min chomhairle, ach thug e cluas bhodhar dhomh. Chan 'eil mise cho faidhidneach 's a bha 'n duine còir sin a bha aon uair ann an tir Uis, 's bho nach 'eil, ghabh mi lasan ris a' chat. Rug mi air bhad-mullaich cinn air, 's theann mi r'a chur sios leis an laimh làidir; ach cha robh sin dòmhsha

mar mo chuid fhéin. Chuir esan a dhubhain an sàs gu greimeil ann am thriubhas, 's chuir e roimhe nach géilleadh e òirleach. Gu mi-fhortanach, bha 'spuirean cho geur 's gu'n deach iad, chan ann a mhàin troimh an chlò, ach troimh 'n chraicionn a bha foidhe. Leum mise air mo bhonn ag glaodhach, Mort! Leum esan thun an ùrlair, ach mu 'n d' fhàg e mo shealladh thug e sùil orm thar a ghualainn—sùil anns an robh tuillidh spìd r'a leughadh na théid agamsa air a sgriobhadh. Tha so a' deanamh soilleir dhuibh cho doirbh 's a tha muinntir eile thoileachadh, air cho math 's gu feuch sibh ris.

Tha seòrsa de thlachd agam fhéin air a bhi beachdachadh air gnaths nan creatairean a thachras a bhi 'm choimhearsnachd, agus a bhi toirt fa-near mar a tha 'n tuigse nàdurra chaidh a bhualeachadh orra 'ga nochdadh fhéin annta. Leughaidh mi inntinn a' choin, mar gu 'm biodh rùn diomhair a chridhe sgriobht' air clàr aodainn. Chan 'eil an cat, uile gu léir, cho fosgailteach, ach 'nuair gheibh sibh iuchair na h-inntinn aige, 's a thuigeas sibh gur i 's riaghait beatha dha fior dheagh chùram a ghabhail mu a phearsa phriseil fhéin, 's gur e so an t-aon lùdagan air a bheil a ghiùlan gu h-iomlan a' tionndadh, tha 'n còrr soilleir gu leòr. Tha 'n cat, mar so, na 's glice air a shon fhéin na tha 'n cù. Tha'n cù daonna deas a chur a ghliocais fhéin gu seirbhis an duine, ach tha fhios aig a' chat nach 'eil an sin da ach an fhaoineis. Tha 'n cat ag amharc air an duine mar chreutair a chaidh ullachadh a dh' aona ghnothach a chum freasdal dhàsan 's d'a mireasbhuidh.

Tha 'n duine, 'n a fhéin-spéis, ag gabhail g'a ionnsuidh fhéin gu bheil a thugse-san cho àrd os cionn tuigse nan creatairean dìblidh leis a bheil e air a chuartachadh, 's a tha na nèamhan os cionn na talmhainn; ach ma sheallas sinn a stigh na 's dlùithe 's a' ghnothach, chì sinn—co-dhiù, cho fhad 's as léir dhòmh's e—nach 'eil eadar-dhealachadh sam

bith eatorra an gnè, ach a mhain anns an tomhas 's a bheil an tuigse sin air a buileachadh. Chan e sin a mhàin, ach tha co-chòrdadh nach beag eadar giùlan an duine gu nàdurra, agus giùlan nan ainmhidhean as dluithe dha an inbhe. Ma shamhlachaes mi beusan an duine ri beusan a' chait air a bheil mi 'g iomradh, chan 'eil mi faicinn gu bheil aobhar mór sam bith aig an duine air uaill a dheanamh. Ma theirear nach 'eil an cat cho onarach 's a dh' fhaodadh e bhith; có is urrainn a ràdh gu bheil an duine? Ma theirear gu bheil an cat 'na chreutair ro fhéineil; nach cuala sinn iomradh air daoine nach robh, uile gu léir, saor o'n fhàillinn cheudna? Ma thàtar ag cur as leth a' chait gu bheil e mì-thaingeil; mo chreach! nach 'eil aon no dhà de m' luchd-eolais fhéin, nach 'eil ro-chomharraicht' air son an taingealachd?

Faodaidh mi eisimpleir bheag no dhà thoirt seachad air beusan a' chait ma tha e ceadaichte dhuinn beusan a ràdh ri nithean nach 'eil idir beusach; co-dhiù, biodh na beusan math no dona, chan 'eil an cat gun toinnisg.

An cat so againne, d' an ainm "Tómas," tha e ro dhéidheil air iasg. Latha o chionn ghoirid, chaighd e fhéin 's mise fhàgail leinn fhéin a ghleidheadh an tighe. 'Nuair thainig ám gu lòn a dheanamh deas, chuir mi de dh' iasg ann an coire air an teine na dh' fhóghnad dhuinn le chéile. Chaighd mi 'n sin an àird an staidhir air son leabhair a bha dhith orm. 'Nuair a fhuair mi 'n leabhar, thug mi sùil ann, 's a reir coltais, leig mi 'n t-iasg air dhearmad; ach ma leig mise, cha do leig Tómas. Air ball, thòisich e air nuallanaich aig bonn na staidhreach, 's air dhomh dol le leathad, stiuir e 'n rathad thun na teine, far an robh 'n coire nis ag goileadh 's ag cur thairis. Bha so a' nochdadhbh tonhas nach bu bheag de thugse; ach fhaic sibh, bha fhios aige gu robh a chuibhrionn fhéin 's a' choire, 's bha eagal air gu rachadh e 'n dolaidh, mar a chaighd "càl nam Bodach Gallda." Na 'm bu phoit bhuntàta

bh' air an teine, cha chuireadh e iomagain sam bith air Tómas ged a chitheadh e i dol a mach troimh 'n luidheir.

Dhearrbh mi cuimhne Thómais uair no dhà, 's feumaidh mi ràdh gu bheil i glé mhath 'nuair is fhiach an ni cuimhne ghleidheadh air. Tha e 'na dheagh shealgair, 's mar sin chan 'eil radain no luchaidh ag cur a' bheag de dhragh oirnn; ach dh' fhág sin an fhiadhach car gann 'na chriochan dligheach fhéin, 's b' éiginn da seilg fhaotainn air fonn eile. Thòisich e air sealg nan eun beaga bha tighinn a neadachadh 's a sholar lòin mu thaobh-cùil an tighe. Cha robh so taitneach leamsa, ach dh' fheith mi gus an d' fhuair mi fianuis 'na aghaidh. Latha de na làithean, thainig e steach 's eun 'na bheul, 's e 'ga leigeil fhaicinn do gach neach a bha mu 'n cuairt. 'Nuair a thainig e far an robh mise rug mi air, 's dh' innis mi dha nach robh mi idir buidheach dheth; nach b' i sin an seòrsa sithinn a bha dhith ormsa; 's a bharrachd air sin, gu robh Achd Pàrlamaid an aghaidh a bhi marbhadh eun as eugmhais cead laghail air a shon; 's na faicinn-sa a leithid so de sheilg a rithist, gu 'n cuirinn maoir is madaidh a' bhaile 'na dhéidh. "Fhaic thu," arsa mise, 's mi crathadh mo chorraige r'a shròin, "b' fhearr leamsa éisdeachd ri ceilear an eoin bhig sin fad chóig mionnaidean, na ged bhiodh tusa 's do chompanaich a' seinn domh fad chóig ràidhean." Tha amharus agam nach do leig Tómas dheth, uile gu léir, a bhi sealg nan eun, ach thuig e, math gu leòr, nach robh cliù aige ri fhaotainn air a shon, 's leig e dheth a bhi toirt dachaidh na cairbh.

Còrr is bliadhna 'n déidh dhomh 'n t-achmhasan sin a thoirt do Thómas mu shealg nan eun, thachair dhomh bhi 'm sheasamh aig an dorus-chùil, 's a' sealltainn mu 'n cuairt, 'nuair thug mi fa-near eun beag bòidheach a' piocadh crioman arain a chaidh a thilgeadh a mach. Goirid uaithe chunnaic mi gluasad faoin am measg na luibheannaich. Ciod a bha 'n so ach Tómas 's e snàg troimh 'n fheur ag èaladh air an eun;

a shùilean mar chaora teine 'na cheann, 's mort dearg 'na chridhe? Bha 'n t-eun bochd cho trang a' dinneadh a sgròbain 's nach robh smaointeachadh aige air bàs obann, 's bha 'n cat cho dian air a' gnothach fhuitteach a bha 'n a bheachd 's nach robh stùl aige air son ni sam bith eile. Mar sin, cha d' thug aon dhiubh 'n aire gu robh mise gabhail iolla riu. 'Nuair a shaoil mi gu robh an cat ullamh gu buille-mhuineil a thoirt seachad, rinn mi casad, 's chunnaic e mi. Ann am prioba nan sùl, bha e 'g amharc an àird an adhair, mar gu 'm buaileadh grad iomagain e mu chor na side, agus fiamh cho neo-chiontach air a mhalaidh 's ged nach do thuinich droch smuain riamh 'n a coimhearsnachd. 'S a dhearbhadh dhomh gur ann mar sin a bhà, thòisich e air cur char dheth 's an fheur, 's air mire r'a earball. O, an t-uan neo-choireach! Có a chuireadh olc as a leth? Esan a' dol a thoirt droch ionnsuidh air an eun bhochd! Ud! Ud! Cha do smaointich e riamh air a leithid. Cha robh e ach a' dol a chur clisgeadh air; direach, a dh' fhaicinn mar a leumadh e. Tha mi 'g ràdh ribh gu'n robh an gnothach uile gu léir cho coltach ri rud a dheanainn fhéin 's gu'n do chuir e eagal orm.

Tha nighean duinn a chomhnuidh air an dùthaich. Chuir i uair crioman ime g'ar n-ionnsuidh, ag innseadh aig a' cheart am gur i fhéin a rinn e. Cha robh thar luach tasdain ann, ach rinn a màthair uibhir othail mu dhéidhinn 's ged a bu mheall òir a bhiodh ann. Mhol sinn an t-im, 's ghuidh sinn beannachd air an laimh a chuir thugainn e, 's chaidh a chur seachad. An ath uair a chaidh tarruing a thoirt air an im, chunnaic mi gu robh gòmag bheag air a toirt as, 's air sealltainn na bu dlùithe, thuig mi gur i 'n luch a bha feuchainn a fiacaill air. Bha an cat air an àurlar, 's e 'g a shuathadh fhéin ri m' luircnean, 'g am dheanamh mothachail gu robh esan an làthair, 's gu robh e deas air son a chuibrinn fhéin de dh' aon dad a bha dol. Thog mi air a' bhòrd e 's nochd

mi dha diol an ime, 's thug mi dhà, aig a' cheart ám, mo shaor bharail air teisteas cait a' bhaile; nach b' airidh iad air an teàrmunn a bha iad a' faotainn; gu'm bu mhò an cron na'm math, 's nach b' fhiach iad a bhi 'g an cumail am biadh 's an deoch; agus gu robh amharus nach bu bheag agam nach b' fhearr esan na aon diubhsan. Thug mi fa-near gu'n d' amhairc e glé gheur air an aileachd a dh' fhàg fiacaill na lucha 's an im, ach cha robh tuillidh air aig an ám. An la-r-na-mhàireach, mu bhristeadh na fàire, chaidh mo dhùsgadh as mo chadal le ulartaich oillteil aig dorus an t-seòdmair. Leum mi as mo leabaidh 's mi cinnteach gu robh na mèirlich air bristeadh a steach, no gu robh an tigh r'a theinidh. Dh' fhosgail mi le cabhaig an dorus, ach cha robh r'a fhaicinn an sin ach an cat. Bha esan 'na sheasamh fa m' chomhair 's a cheann cho àrd ri ceann saighdeir. Sheas mi tiota beag 's gun mi tuigsinn aobhar an fhuathais a chuireadh orm; ach cha robh mi fada mar sin 'nuair a thuig Tómas nach robh mi gabhail a steach suidheachadh a' ghnothaich. An dara cuid gu robh mi fhathast am leth chadal, no, anns an odhar dhorcha, nach robh mi léirsinn na lucha bh' aige-san 'na bheul. A dheanamh a' ghnothaich cinnteach thilg e 'n luch 's an adhar, 's cheap e i 's an tigh'nn a nuas; thilg e 'n sin mu'm chasan i 's leum e air mo ladhran, 's dhanns e mu chorp na lucha gus an robh e dearbh-chinnteach gu robh mise mothachail air an treuntas a rinn e. Thuig mise mar bha chuis. Chaidh mo dhùsgadh á m' shuain chadail, aig ám cho mi-chneasda, a shealltainn air corp lucha, 's a dh' fhaotainn dearbhaidh air cho neo-airidh 's a bha cait a' bhaile—gu sònraichte aon diabh—air an tuaileas a bha mise cur a mach orra. Ciod a b' urrainn dòmhhsa dheanamh ach aithreachas a ghabhail, 's mo cheann a chromadh le tàmailt, 's aideachadh do Thómas gu'm bu dheagh sheirbhiseach e.

Theagamh gu'n abair cuideigin, gu nochdadh Tómas

tuillidh gliocais le a lòn maidne dheanamh de'n luch 's gun diog a ràdh mu déidhinn. Tha móran dhaoine tha tuiteam 's a' cheart mhearachd sin. Tha iad a' smaointeachadh gur leòr dhaibh an gnothach a chaidh earbsa riu a dheanamh gu dichiollach, onarach, 's gu 'n toir an saoghal creideas dhaibh air a shon. Chan 'eil an so dhaibh ach an amaideachd. Ciod is mothà air an t-saoghal iad fhéin 's an gnothaichean suarach? Ma's àill leo creideas fhaotainn air son an gniomharra, feumaidh iad an trompaidean féin a shéideadh na 's cruaidhe na sin, 's a chur an céill anns gach ionad-féille gur iadsan, gun teagamh, an sluagh, agus maille riusan gu 'm bàsaich gliocas. Na creidibh gur fealla-dhà tha 'n so, 's ann a th' ann smior na firinn. "Is mise bha 'n sin 's a chunnaic" daoine nach b' fhiach a' bheag no mhór ann an gréim duineil sam bith a' tighinn gu àitean àrda air neart a bhi ghnàth, a dh' oidhche 's a latha, moch is annoch, a' trompaideachadh an tapadh fhéin, agus sin, iomadh uair, ann an gnothaichean cho suarach 's gu 'm bu nàr leam ionradh dheanamh orra. Fhir leis am b' àill faotainn air t' aghairt 's an t-saoghal so, tilg làire thun nam feannag; cruadhaich do bhathais, 's na leig an cothrom as lugh a seachad ort gun do ghuth a thogail 's do chliù fhéin a sheinn. Na cuireadh e miapadh sam bith ort nach 'eil do ghniomh ach suarach; dean uibhir fuaim m'a dhéidhinn 's ged a b'e cuilean na crith-thalmhainn a bhiodh ann. Séid do thrompaid 's cuir an céill do 'n t-saoghal mhór m'an iadh a' ghrian, gur tu fhéin is mór-ionmhuiinneach ann, 's do cho-impire nach 'eil r'a fhaotainn. 'N ad aonar rinn thu euchdan aibheiseach. Le d' ghàirdean neartmhòr fhéin mharbh thu—luch!

Chan ann idir amaideach a tha Tómas againne.

AN CU.

"Ged tha mi gun chrodh, gun aighean," chan 'eil mi gun chù. Bho chionn beagan bhiadhnachan, chuir caraid dhomh cù-chaorach am ionnsuidh. Cha robh feum fo 'n ghréin agamsa air cù, ach ghléidh mi 'm fear so; gun fhios nach fhaodadh am Freasdal fhaicinn iomchuidh grunnan chaorach a chur am rathad, bho 'n a bha nis an cù deas agam air an son. Ach tha mise fathast

"Gun chrodh-laoigh, gun chaoraich gheala," 's tha mar sin an cù bochd as eugmhais na gnè oibre sin a tha nàdurra dha. Tha e, gu dearbh, toileach gu leòr gu obair a dheanamh na 'm biodh a' chungaидh aige. Ach gu mi-fhort-anach an obair a ni e air uairean, b'fhearr i bhi gun deanamh.

Tha dhà no trì clearcan aig bana-choimhearsnach dhuinn, 's ged tha iad glé mhiadhail aice féin, gu dearbh, chan fhaod mi ràdh gu bheil móran ciataich agamsa de na ceart chreutairean. Rug tè dhiubh ugh an là-roimhe, 's gu dearbh cha do chùm i sin an uaigneas oirnn. Mach o nach do bhodhair i sinn le a goganaich. Ged a b' ugh òir a bhiodh ann, cha b'urrainn di tuillidh a ràdh mu dhéidhinn. Dh'fhàs mi, mu dheireadh, cho searbh d' a gogail, 's gu 'n do leig mi falal cabhagach troimh m' fhiacan an lathair *Yarrow* ('s e sin ainm a' choin), 's mar gu 'n leigteadh saighead á bogha, bha e mach air an dorus-chùil, agus mu 'n d'amais mise air mo chorragan a chur am bheul, a dheanamh na feed-ghlaice sin a dh' ionnsaich mo sheanair dhomh, bha amhach na circe sgarte bho a colluinn. Chuir sin stad air a goganaich; ach ma chuir, bha amhach eile ann nach robh cho soirbh a cur 'na tosd. B' i sin amhach na ban-Eireannaich d'am buineadh a' chearc. Thainig i, 's fada-cruaidh air a bathais, 's a teanga cho geur ris an ealtuinn. Theich mi féin as an

rathad 'nuair a chunnaic mi tighinn i, 's dh'fhàg mi bean-antighe a réiteach a' gnothaich mar a b'fhearr a dh' fhaodadh i. Tha mo bheurla-sa math gu leòr a stuigeadh nan con, 's a dheanamh gnothaichean beaga timchioll an tighe; ach 'nuair thig e gu trod 's gu iorguill, chan 'eil feum sam bith oirre. Bheireadh e gàire air seann each a bhi 'g eisdeachd ris na mnathan; ach, mo chreach! cha b'aobhar ghàire na bha bhan-Eireannach ag cur an éirc na circe. Sin agaibh eisimpleir bheag de'n nì a tha mi ciallachadh leis an obair a b'fhearr a bhi gun deanamh.

Bho chionn beagan tiine, chuir duine uasal ann an Glaschu fios thugam oran-gaoil a dheanamh, 's a chur thuige gun dàil. Bha toil mhór agam comain a chur air an duine-uasal, ach bha cho fhada o'n a bha mise ann an gaol 's nach robh cuimhne agam air a' bheag mu dhéidhinn. Bha e cheart cho soirbh dhomh rannan a dheanamh air an triogh, no air a' ghriuthaich, no turainn sam bith eile thachair dhomh ghabhail ann an làithean m' òige. Coma co-dhiù, thug mi oidheirp bhearraideach air beagan shacal a chur r'a chéile. Thagh mi an t-ainm a bu fhreagarraiche leam á measg mo sheann leannan, 's b' e sin Iseabal. Bha cuimhne glé mhath agam air Iseabal bhochd. Bha 'cridhe cho glan ri bonn òir, agus a ceann cho ruadh ris an t-sionnach. Chuir mi sios "Gruagach òg a' chuailein òr-bhuidh," 's shaoil mi gu 'n deanadh sin feum math gu leòr air son ceann peallach ruadh; ach mu 'n chridhe, ged a bha làn-fhios agam gu'm b'e móran a bu luachmhoire na'n ceann, cha robh diog agam ri ràdh. Bha sin dhòmhhsa, mar an t-ionad ro naomh, nach robh còir agam air innteart. Chuir so smaoin no dhà am cheann, ach cha robh iad idir de 'n t-seorsa gheibhear ann an oran-gaoil. Fhreagradh iad na b' fhearr am marbh-rann. Cha deanadh so feum. Spion mi mo cheann, 's bhreab mi mo chasan, 's thug mi roid no dhà trasd an

ùrlair 's mi cur dhiom mu Iseabal. Ach cha bu mhór a b' fheairrd mi sin. Cha robh a' Cheolraiddh fàbharrach, 's cha robh an gnothach ag còrdadh rium. Cha mhotha na sin a bha e còrdadh ri *Yarrow*. Bha esan ag cumail sùil nuagaich orm, 's gun e idir a' tuiginn ciod am buaireas a thainig orm, no ciod a bu chiall do 'n bhaothaireachd so mu dhéidhinn Iseabail 's a cuaillein òr-bhuidh; smaointich e gu robh an t-ám stad a chur air. Thug mise aig a' cheart ám làmh air mo chòta thilgeadh dhiom; ach ma thug, cha robh sin dhòmhsha mar mo chuid féin. Leum an creutair coirbe sin air a bhonn agus colg air a chuireadh eagal air duine sam bith ach duine aig am biodh cuibhrionn dhùbailte de spiorad na bàrdachd. Ach a leithid sin a dhuine, 's e as a léinidh, a' deanamh òrain d'a sheann leannan; cha robh e teàruinnte do bheathach no do dhuine grabadh a chur air. Leis a sin thug mi pailleart 's a' chluais do 'n chù, 's dh' òrduich mi mach as an tigh e. Thug e grad leum thun an doruis, ach air an rathad thachair an cat air. A nis, bha 'n cat cho neo-choireach ris an naoidhean air a' chìch mu dhéidhinn Iseabail; ach cha bhacadh sin do 'n chù thilgte sin, ionnsuidh fhuilteach a thoirt air, a loireadh is abladh direach mar gu 'm b'e a bu mhàthair-aobhair do 'n iorguill. Dh'amais e air an dorus mu dheireadh, 's theich e mach, le sian ghoirt 'na bheul, ceart mar gu 'm b' esan a fhuair an leadairt a thug e féin seachad, 's dh'fhàg e mise 'g eiridinn a' chait.

Thuig mi nach robh feum dhomh a bhi breabadh an aghaidh nan dealg aig an ám. Chaidh an gnothach tur am aghaidh.

Shuidh mi aig an teine, 's chuir mi éibhleag 's a' phiob. Mo mhile beannachd leis an fhear a fhuair a mach luibh an tombaca, cha bhithinn-sa beò as a h-eugmhais. Thug mi greis a' deoghal na cutaig, 's a' smaointeachadh air nì no dhà a thachair bho 'n a bha Iseabal 's mi-fhéin a' leannanachd.

"Chan 'eil anns an duine," arsa mise rium féin, "ach an taisdealach truagh. Air a thilgeil lomnochd air cladach fuar an t-saoghal, gun a chead féin iaraidh no ghabhail. Cha luaithe dh' fhosglas e shùilean 's a sheallas e mu 'n cuairt na thuigeas e nach àite-còmhnuidh seasmhach a tha an so ; gur éiginn dha cur uime 's a thurus a ghabhail ; a churach bheag a chur air sàile, a siuil a sgaoileadh, 's an saoghal mór a thoirt m'a cheann. A' fagail a' chalaidh dha, bheir e sùil 'na dhéidh, 's chi e na làmhan geala bha gu so mu thimchioll 'ga chumail as gach sgiorradh, togte ris na nèamhan as a leth. Tha fios aige gu bheil na deoir a' dalladh nan sùilean caomha sin a tha strì ri sealladh a chumail air. Ach chan fhaodar fuireach, tha siuil na h-iubhraich làn, an sruth fo a druim, is dòchas làidir air an stiuir. Tha a thriall air slighe na beatha, 's cha chomasach dha pilleadh air ais. Fathast ré tamuill bhig, biodh faidhidinn aig na càirdean gaoil a dh' fhàg e 'na dhéidh, 's an sin cluinnidh iad mu na nithe móra tha esan a' deanamh 's an t-saoghal. Is ann air aghaidh tha chùrsa, air aghaidh an stoirm 's am fèath, an turadh 's an uisge, am fuachd 's an teas. An tìne ghearr, ar leis gu bheil an saoghal na 's farsuinne na shaoil e ; 's gu bheil fàsach leathann eadar e 's 'Fearann a' Gheallaidh.' Tha 'n t-saothair 's an t-allaban, am pathadh 's an t-acras, deuchainneach. Ach misneach mhath ! Thig thu gu d' sheilbh mu dheireadh. Mu dheireadh, an déidh nan dà fhichead bliadhna 's an fhàsach, tha 'm fearann sin a tha sruthadh le bainne 's le mil 's an t-sealladh. Ach ma tha, tha e nis soilleir gur fearann e air a bheil droch chliù. Fearann a tha 'g itheadh suas a luchd-àiteachaidh. Tha, os bàrr, famhairean 'san tìr—Mic Anaic—daoine borba, nach leig clod de 'n fhearann uapa gun chogadh air a shon. Cog, ma tà. Ma 's fhiach am fearann a shealbhachadh, is fhiach e cogadh air a shon. Is obair chlaoideach an cogadh. Tréigidh a chàil an curaidh as

tréine. Fàsaidh an cridhe 's làidire fann. Caillidh an gairdean as treise a neart. Tha mhór chuid de 'n latha air dol seachad, 's tha 'n oidhche teachd anns nach urrainnear cogadh a dheanamh. Air feasgar an latha, théid an t-iarrtas diblidh so suas. "Ceadail dhomh, guidheam ort, àite beag a shealltainn a mach, anns am faod mi laighe sìos agus bàs fhaotainn." Caidil an sith. Thainig thu, mu dheireadh, gu d' sheilbh—fad agus leud do dhroma de 'n fhearrann sin a chaith a ghealltainn duit, 's a choisinn thu cho daor. Diomhanas nan diomhanas! Is diomhanas na h-uile nithe."

Bha mi tighinn gu ceann mo theadhrach leis na smaointeann cianail so an uair a chuala mi guth brònach mu thaobh-cùil an tighe. Dh' eisd mi. Dh' éirich e rithist, tuireadh cho tiambaidh ris an tuireadh sin a rinn am fear nach maireann, Ieremiah. Chaith mi thun an doruis a shealltainn có bha 'na leithid a thrioblaid. Có bh' ann ach *Yarrow*, 's e 'na shuidhe air èarr, a shròn 's an adhar, a bheul fosgailte, 's a shùilean dùinte, a dhà spàig togte ris na Nèamhan os a chionn, 's e, reir coltais, a' tagradh a chùis anns a' cheàrn sin, 'na dhòigh féin. Ghairm mi air, ach as a sin cha tigeadh e. B' éiginn domh dol 's a thogail leam ann am achlais. Shuidh mi leis aig an teine 'ga bhanaltrachd, 's a feuchainn ri comhfhurtachd a thoirt dà. Ach cha b'aill leis comhfhurtachd fhaotainn. Bha chridhe briste, a chluas brùite, is osann a chléibh cho trom 's gu lionadh i siuil na h-Iubhraich Bhallaich. Cha robh iocshlaint an Gilead a fhreagrachd d'a chor, 's cha robh àrach air. Direach an uair a shaoil mi gu 'n robh e 's na h-ospagan deireannach, chuir mi cagar 'na chluais—an rachadh e ghabhail sràid? Cha robh am facal ach gann as mo bheul, an uair bha e leumraich air an ùrlar mar gu 'm biodh e dannsadh Gille Calum. Thog sinn oirnn gu té de phàircean a' bhaile, *Yarrow* le earball thar a ghualainn a' seòladh an rathaid. Tha bruthach corrach air

leth-taobh na pàirce so, 's chan urrainn do *Yarrow* amharc air gun réis a ghabhail 'na aodann, air fhad 's air fhiaradh, a cheart cho luath ris a' ghaoith. Thug e cuireadh dhomh, mar is gnàth leis a dheanamh, réis a ghabhail leis. An saoil sibh nach robh mi cho faoin 's gu'n d' aontaich mi? Bha toil agam an sgailleag sin a thug mi dha 's a' chluais a chur as a chuimhne. Ghrad leum sinn air falbh, taobh ri taobh; ach cha deachaidh sinn ach glé ghoirid an uair a chuir mise car a'-mhuittein dhiom leis a' bhruthach. Rol mi, car air char, an dara h-uair a' treabhadh na fiadhrach le m' shròn, 's an uair eile ag gearradh sgroth as a' ghrunnd le m' shàiltean, gus an do chuir tom conuisg stad orm. Bha bean-uasal a' dol seachad aig an ám, 's chuir e giorag nach bu bheag oirre, m' fhaicinn a' tighinn air a leithid de dhòigh. Thill *Yarrow* cho luath 's a dh'ionndrainn e mi, ach cha robh mise r'a fhaicinn. Mu dheireadh, chunnaic e rud-eigin coltach rium ann an teis-meadhoin tom conuisg agus an dearbh Iseabal a bu mhàthair-aobhair do'n trioblaid uile, 'g am shlaodadh as an dris. 'Nuas le bruthach e mar mhaoim-sléibhe! Mort 'na chridhe! Dioghaltas 'na shùil! Agus gamhlas anns gach rioba d'a fhionna! Gu freasdalach, bha leithid de shiubhal air 's gu 'n deach e astar latha sàbaid seachad oirnn mu 'm b'urrainn da stad. Bha mise air mo chasan mu'n d'fhuair e air ais; 's bu mhath gu robh. Cha robh an colg a bha air ris a' mhnaoi-uasail bòidheach r'a fhaicinn; 's cha chreideadh e bhuan nach b'i so an dearbh chuspair a chuir an ceòl againn feadh na fidhle. An uair a fhuair mise mi féin a thrusadh r'a chéile, 's mo shròn a chur direach; thug mi taing do 'n mhnaoi-uasail,—boirionnach anabarrach eireachdail,—air son a' chuideachaidd a rinn i leam. Ghabh *Yarrow* 's mi féin an rathad a ris, ach an uair so, shiubhail sinn gu min, mall. Cha d'thug sinn roid no leum, 's cha chreid mi nach robh a' bhrùid bhochd taingeil m' fhaotainn dhachaidh sàbhailte.

AN DAOL.

Tha am Maighstir-sgoil againn 'na dhuine cho fòghluimte 's nach 'eil e soirbh dhòmhσ seanachas a dheanamh ris. Tha mi glé thoigheach air bhi deasbaireachd ris mu ghnothaichean air a bheil mi car eòlach, ach an uair a thig e gu laimhseachadh nithe cudthromach an lagha, feumaidh mi a bhi flor fhaicilleach ann am chainnt. Ma thuiteas dhomh facal tuaisdeach a ràdh, bha e cheart cho math dhomh a bhi 'n cuideachd an leòmhainn bheuach. Thuit dhuinn, bho chionn ghoirid, a bhi ag iomradh, am measg ghnothaichean eile, air an déidh a tha aig móran de'n t-sluagh againn air an uisge-bheatha. Thuirt esan nach robh dream dhaoine air aghaidh an t-saoghail, cho fhad 's a b'fhirosrach e, nach d'fhuair seòl air seòrs'-eigin de dheoch làidir a dheanamh dhaibh fhéin. Chuir so iongantas orm, agus bha mhiann orm tuillidh fiosrachaiddh fhaotainn m' a dhéidhinn; ach gu mi-shealbhach dh'fharraid mi dheth, "Am b'e 'n duine, 'na bheachd-san, am misgear bu mhòtha am measg uile chreutairean na talmhainn ?" "Am misgear as mothà !" arsa esan, 's a dhà shùil a' lasadh suas mar leòis theine : "Am misgear as mothà ! Chan 'eil misgear idir ann ach è ; 's am measg uile chreutairean na talmhainn chan 'eil mi smaointeachadh gu bheil creutair ann cho amaideach ris !" Bha fhios agam nach robh tuillidh fiosrachaiddh r'a fhaotainn uaithe aig an ám, 's leig mi leis a' chùis dol seachad, ach cha do leig mi an nì air dhi-chuimhn'. Cha b'fhada 'na dhéidh sin gus an d'fhuair mi làn-dearbhadh gu robh creutair no dhà, bhàrr air an duine, nach cuireadh cùl ri dileig dhibhe na'm biodh i goireasach, no dòigh air a faotainn. Air tighinn dachaidh anmoch dhomh, oidhch' àraigdh, 's an teaghlach uile air gabhail mu thàmh, shuidh mi greis aig taobh na teine a thoirt toit as a' phìob, an déidh saothair agus allaban an latha chur

seachad ; ach bha mi cho sgìth, claidhthe, 's gur gann a bha dol agam air a' phlob a tharruing. Bha sgios na colainn 'na eallach air an inntinn air chor 's gu robh mi faicinn gach ni troimh iarmailt dhorcha, dhoilleir, gun ghath gréine, gun leus gealaich. "Saoghal duaichnidh," arsa mise, "Saoghal gun chuma, gun dealbh, gun bhonn-stéidh, gun chùl-taice, gun aon ni seasmhach mu thimchioll ; saoghal nach fhiach a shealbhachadh ; saoghal nach gabhainn ann an gibht."

Có so a bha sgàineadh a ribheid a' seinn air "Glòir nan speur 's an t-saoghail gu léir ?" Glòir na dunach dha ! Na 'm biodh e leamsa a' tighinn thar an aiseig an nochd, fo speur cho tiugh 's gu bheil caoban dhi agam ann am phòca fathast, tha mi'm barail nach bitheadh a ghuileag cho binn. Glòir nan speur ! Uch ! 'S eiginn gu robh an duine air mhisg an uair a thuirt e leithid ! Chuir so am chuimhne gu robh mi ag iomradh air an deoch, 's chuir e am chuimhne aig a' cheart ám, gu'm b'abhaist do bhean-an-tighe deur beag de shùgh an eòrna bhi aice air son a chur 'na cùlaig a leigheas an déididh. Gu dé fios nach fhaodadh e tuillidh 's an déideadh a leigheas ? Dh' fheuch mi deur beag dheth an ceann uisge-goileach agus deannag shiuclair. An saoil sibh nach do mhothaich mi sin a' toirt maothachadh air na faireachduinnean cruadha sin a bha glasadhbh suas a' chridhe mar lic reòdhta. Uidh air n-uidh, thog am brat duaichnidh sin a bha cur sgleò air stùil na h-inntinn, 's an àite bhi faicinn dhaoine "mar chraobhan ag imeachd," bha gach ni 'na chruth 's 'na dhealbh féin, agus blàths is tlus fathast fo dhruim na fàrdaich, an t-adhar na bu tlàithe ; an teine ag amharc ann am aodann gu h-aoibheil, 's an coire bha r'a taobh, a' seinn mar choileach-smeòraich. Is gann gu'n creidinn féin gu 'm b'e so an saoghal a bha mi càineadh cho gamhl拉斯ach bho chionn bheagan mhionaidhean. An déidh a h-uile car, theagamh nach robh an duine grinn a bha seinn

air, "Glòir nan speur 's an t-saoghal gu léir," cho fada ceàrr. Tha gun teagamh an saoghal glòirmhor, na 'm biodh an t-sùil againne leis am bu chomasach dhuinn a' ghlòir sin fhaicinn. Bha mi nis mothachail air toileachas inntinn agus comfhurtachd cuirp nach robh agam roimhe. Le m' phlob ann am phluic, 's mi mar gu'm b'eadh ag gabhail sgrog is balgam; no, co-dhiù, a' toirt toit as a' phlob, agus srùbag as a' chopan, 's aig a' cheart ám a' smaointeachadh smaointean farsuinn, fial nach do smaointich duine riamh roimhe, bha mi anns a' bheachd nach robh an saoghal cho duaichnidh 's a shaoil mi. Chaidh grabadh a' chur air na smaointean fialaidh so le dà chuileig a bha, gu so, crochte air ladhran ris an fharadh; 's ged a bha am faradh sin leathann gu leòr air son mhiltean d' an seorsa, b' eigin do 'n dà chreutair thruagh cur a mach air a chéile—chan 'eil fhios c' ar son—ach chaidh iad an sealbhan a chéile, agus air dhaibh an greim a chall air an fharadh, thuit iad le chéile ann am dheoch. Thog mi as a' ghloine iad cho faicilleach 's a dh' fhaodainn, 's chuir mi gu réidh air an ùrlar iad, ach cha robh sgrid annta. Bha an deoch tuillidh 's làidir air an son. Thuit e mach gu'n do thog mi dlùth air làn na spàine de 'n dibh leis na cuileagan 's rinn sin tobar beag fior uisg' air an ùrlar. Bha dà no tri de na daolan dubha sin a tha cumanta gu leòr an tighean bhailte-móra, a' ruith mu'n ùrlar a' solar lòn dhaibh féin. Chunnaic té dhiubh an tobaran so, is stiuir i a càrsa direach g'a ionnsuidh. Cha luaithe a thum i a sròn ann, na dh' eirich i suas air a corra-beaga, thog i a ceann 'san adhar, mar gu 'm biodh ann cearc ag òl uisce; thug i greis a' blaiseamachd a beoil, 's an sin chaidh i sios air a glùinean; chuir i a ceann gus an dà shùil anns an linne, 's cha do thog i á sin e gus an robh i dall, bodhar, gun chomas car. Thug mi greis a' beachd-smuainteachadh air ana-measarrachd a' chreutair, an uair a thuit clò-cadail orm. Anns a' chadal sin

bhruadair mi gu 'n d' thainig gaoth mhór o'n fhàsach 's gu'n do bhual i air ceithir oisinnibh an tighe, ach gu freasdalach cha do thuit an tigh. An déidh na gaoithe, thainig crith-thalmhainn a chrathadh am biadh as an fhaochaig agus a' bhàirneach bhàrr na sgeire, ach cha d' fhàilnich an cabardroma, agus a reir coltais, bha chlach-stéidh fathast air chùl a gnothaich. Bha sin ceart gu leòr, ach bha mi fàs searbh d'a leithid so a dh' an-uair, 's gun fhios idir an robh erloch air an aimhreit. Theagamh gu robh na siantan air atharrachadh, 's có b' urrainn a ràdh nach fhaodadh an dile-ruadh tighinn aon uair eile; no clach-mheallainn a sgathadh na h-adhaircean bhàrr nan damh. Thug mi blaomadh air mo shùilean 's an earalas, ach ciod a chunnaic mi 'na sheasamh laimh rium ach Aingeal! Seadh, Aingeal, agus e sgeadaichte anns an léine-bhàin a b' àbhaist a bhi 's an Eaglais, 's fhalt air a thoinneadh suas ann am paipeirean. Dh' fheuch mi ri cainnt a chur air, ach mu'n d' fhuair mise greim air na facail chràbhach a bha toil agam a ghnàthachadh, fhuair esan gréim air facial sgaiteach no dhà, a thug ormsa mo shùilean fhosgladh cho leathann ri beanntaig, agus aithne chur air an aingeal so d' an d' thug mi aoidheachd. Có bha ann ach bean-an-tighe, a' slaodadh a sgiathan 'na déidh mar chearc-ghuir, 's ag glocail mu 'n deuran dhibhe a dh' òl an daol 's mi féin.

Faodaidh mi thoirt fa-near 's an àite so, cho beag earbsa 's a ruigear a leas a chur anns gach ni a chithear no chluinnear ann an aisling na h-oidhche. Cha robh anns a' ghaoth mhóir a dh' fhairich mise, 's a shaoil leam a bhi làidir gu leòr a chur tugha nan tighean an claisean nan iomairean, ach oiteag fhaoin a thainig a stigh an uair a chaidh dorus an t-seòdmair fhosgladh. Cha mhòtha bha chrith thalmhainn uile gu léir cho gailbheach 's a shaoil mi, cha robh ann ach crathadh beag a thug bean-an-tighe orm 'g am dhùsgadh. Theagamh

gu robh an crathadh sin neoni na bu làidire na ruigeadh e leas, ach chan fhaodar sin a ràdh ; co-dhiù cha robh e cho làidir ri crith-thalmhainn.

Cha do mhosgail 's cha do għluais aon chuid gaoth no crith-thalmhainn an daol. Bha i 'na cadal gu suaimhneach far an do thuit i, agus dà dhaol eile air crīoch a chur air na dh' fhàg i de'n deoch. Cha d' fhag iad uibhir agus aon sile pinne dheth, agus a reir coltais għabbadħ iad tuillidh na'm biodh e r'a fhaotainn. Air dhomh carachadh a thoirt air mo chathair, thug iad oidheirp air teicheadh ; ach cha robh sin cho soirbh dhaibh a dheanamh 's a shaoil iad. Bha e soilleir gu robh sruth is soirbheas 'nan aghaidh. An àite dol direach thun na fròige 's an robh iad ag gabħail comhnuidh, b' ēgħiġi daibh an rathad fħiaradħ air an ais 's air an aghaidh, mar luing a' seħħad an aghaidh na gaoithe. Chunnaic mi daoine còire, aig ám na Nollaig no Dhi-luain-an-t-sainnseil, ag gabħail an rathaid air a' cheart dòigh ; 's e sin ri ràdh, 'g a thomhas air fhad 's air fħiaradħ ; ach gu dearbh cha robh fħios agam gu rachadħ aig creutair cho īosal an inbhe ris an daol air i féin a għiūlan cho nàdurra ; seadh, cho daonnail.

Theagħamh nach 'eil ach an aona għnè bheatha air aghaidh an t-saogħail, 's gur ionann modh air a bheil i ag oibreachadħ anns għach creutair, co-dhiù is duine no daol e ; seadh, gur ann as an aon stoc a dh' fhàs sinn, 's gu bheil mar sin,

Freumh ar nàduir toinnta dlùth,
Mu għad-dùl 's a' chruinne-ché.

Mur 'eil a' chħuis mar sin, tha e duilich a thuigsinn ciamar a chuireadħ an aon seħrsa dibhe an aon seħrsa daoraich air an daol 's orm féin ; no ciod an t-aobhar mu bheil mise mothachail air tomħas de cho-fħulangas a bhi agam ris na creutairean truagħha, seachranach sin a rinn comaiddh rium mu 'n deoch. Biodek na nithe sin mar dh' fhaodas iad, cha toigh leam féin beathach no duine fħaicinn air mħisg ; ach

tha mi ann am beachd gu bheil ni no dhà ann as miosa na deur a dh' uisge-beatha math, an ceann uisge-goileach agus deannag shiùcair, ach sin a ghabhail ann am measarrachd.

Tha mi làn-chinnteach nach creid am Maighstir-sgoil facal dheth so. Their e, mar a thuirt e rium uair a bha mi ag innseadh dha mu sheann each donn a bha aig mo sheanair. "Cha bu chòir dhuit," arsa esan, "a bhi cur bhreug air a' bhrùid bhochd 's gun e féin 's an lathair." Ach breug ann no as mu'n each dhonn, chan 'eil facal bréige mu'n daol.

AN SEANGAN.

Dh'iarr bean-an-tighe orm an la-roimhe rud-eigin a dheanamh air a son. Thuirt mi nach deanadh, gu robh droch ghréim de 'n lòinidh am dhruim. "Droch ghréim de'n leisg," arsa ise. "Ma tha lòinidh ad dhruim, chan ann leis na tha thu deanamh de dh' obair." "Gu freasdalach dhuit-sa," arsa mise, "Chan 'eil de chnaimh droma agad na's urrainn do'n lòinidh gréim a dheanamh air." Tha ise goirid 's an druim ach cha mhath leatha sin aideachadh. An deidh dhomh giorrad a droma thilgeil oirre, smaointich mi gu'm b'fhearr dhomh ceàrn eile de'n tigh a thoirt orm. Tha cùileag bheag sheòmair aig mullach an tighe anns am bi mi gabhail fasgaidh o'n stoirm, an uair a chi mi 'n deargan-doirinn 's an àirde-n-ear. Tha móran treallaich air bheag feum 's an t-seòmar so; seana bhrògan, seana phìoban, seann sporan air itheadh aig na leòmainn, ceann féidh no dhà, adharc neo-chumanta a cheannaich mi bho ablach ceaird (chuir an slightire mar fhiachaibh orm gur adharc càmhail a bha ann), earr-theine, eòlas an déididh, 's goireasan beaga mar sin. Am measg a chorra, tha seana bhroineagan leabhairchean a chaith a thilgeadh as an rathad, 's a thug mise leam do 'm gharadh. Tha mi 'm beachd gu bheil cuideachd no dhà as miosa na cuideachd deagh leabhair, biodh e sean no ùr. Thog mi cheud shear dhiubh a thainig gu m' laimh, 's leugh mi aig fosgladh an leabhair na briathran a leanas :—

"Eirich, a lunndaire, gu grad,
'S thoir ort an seangan beag gun stad," etc.

An saoil sibh nach do chuir so amhluadh nach bu bheag orm? Bha seòrsa de cho-chòrdadh eadar suim nam briathran so agus am beum bearraideach a fhuair mi o bhean-

an-tighe beagan mhionaidean roimhe. Feumaidh mi aideachadh gu'n do chuir an nì athadh orm. Chuir mi seachad an leabhar ag ràdh rium féin nach robh e ceart dhomh gun bheagan cuideachaidh a dheanamh leis a' chreutair bhochd 's i'g a sàrachadh. Bha mi tilleadh air m' ais anns an rùn so an uair a chuala mi na fuirm 's na cathraichean ag gearradh leum feadh an tighe mar gu'm biodh iad a' dannsadh Ridhle Thullaichean. Thuig mi nach robh feum dol na b' fhaide 's an ám. Chunnaic mi *Yarrow*'s e sin ainm a' choin—a' spaisdireachd 's a' ghàrradh 's e cumail stùil bhiorach air clearcan nan coimhearsnach. Smèid mi air, 's thainig e 'na ruith 's 'na leum. Chuir mi cagar 'na chluais mu'n stoirm a bha 'n ceann eile 'n tighe, 's dh' earalaich mi air gu'n smid a ràdh, ach sèapadh a mach gun uibhir agus beannachd fhàgail aig bean-an-tighe. An uair a fhuair sinn á sealladh an tighe, smaointich mi féin air gach nì a thachair, agus air comhairle 'n Duine Ghlic; ach cha robh e soilleir dhomh ciod a bha ceàrr, no c' arson a rachainn thun an t-seanganin seach creutair sam bith. "An seangan!" arse mise rium féin, "creutair cho aingidlì agus cho puinnseanta 's as aithne dhomh idir!" Gu dearbh, na 'n deach iarraidh orm bean-an-tighe chur g'a ionnsuidh, cha chuireadh e na h-uibhir a dh' iongantas orm. Ach tha amharus agam nach deach an Duine Glic e féin thun an t-seanganin, air neo cha bhiodh e cho deas a sheòladh muinntir eile 'na rathad, 's gu sònraichte cha tugadh e a leithid so a theisteas dha—

" Fa chomhair geomhraidh ni e deas,
 Ag cuimhneachadh gun tàmh a leas;
 'S an t-samhradh truisidh e a lòn;
 'S an fhoghar iomlan tha a stòr."

Cha truis esan lòn 's cha chruinnich e stòr fa chomhair a' gheamhraidh; chan 'eil feum aige air. Tha e cadal fad a' gheamhraidh, 's ged a chaidleadh e fad an t-samhrайдh, seadh,

's fad an fhoghair 'na dheidh sin, so am fear nach cuireadh ionndrainn air. Theagamh nach e so an spiorad 's am bu chòir dhomh comhairle a' ghliocais a ghabhail, ach so an spiorad 's an robh mi aig an ám, 's tha mi ag cur sios gach nì mar a thachair e.

Thachair nì eile a chuir uibhir iongantais orm ris a' chòrr. Ged a chuir mi romham nach rachaínn thun an t-seangain—co-dhiù air an turus so,—thuit e mach gu robh mi dol g'a ionnsuidh, a cheart cho direach 's a bheireadh mo chasan mi. An uair a fhuair *Yarrow* 's mi féin a mach as a' bhaile, ghabh sinn an rathad a tha dol mu'n cuairt bonn nan creagan corrach sin ris an abair iad *Salisbury Crags*. Tha mi glé eòlach air na creagan sin; 's iomadh spealg a chuir mi asda le òrd beag a bhios mi giùlan am phòca, an uair a ghabhas mi 'm cheann teicheadh o'n tigh, mar thachras air uairibh. An uair a dh'fhàg sinn na creagan so 'n ar déidh, thug mi fa-near clach mhór chruinn air aodann a' bhruthaich os cionn an rathaid. Thug mi ceum an leth-taobh dh'fheuch ciod a bha aig a' chloich so r' a ràdh air a son féin. Shuidh mi sios r'a taobh 's laigh *Yarrow* air torran beag uaine air mo chùlaibh. Bha mi greis ag ceasnachadh na cloiche, a' farraid a h-aoise, cia as a thainig i, c'àite robh i dol, 's có a sgròb a h-aodann, an uair a leum *Yarrow* air a bhonn le sgal ghointe. Rug e air leas-deiridh air féin 's thug e greis air a cagnadh. Thug e an ath sgiamh as; chuir e car dheth air a' ghrunnnd, 's thòisich e, a reir coltais, air e féin fheannadh. Chuir an gnothach a leithid de ghiorag orm 's nach b' urrainn domh gréim a dheanamh air falal freagarrach a thilginn air, 's bho nach b' urrainn, thilg mi 'n t-òrd air. Bha mi trusadh mo chas r'a chéile, 's mi an ioma-chomhairle co-dhiù a theichinn le m' bheatha, no dh'fheuchainn ri ciall a chur air a' chù, an uair a fhuair mi sàthadh an caol na coise, 's mu'n d' fhuair mi

amharc ciod a bha ann, bha sàthadh eile am bac na h-easgaid agam a thug orm leum cho beothail 's ged nach biodh lòinidh 's an aon sgìreachd rium. Thug mi sùil le leathad 's faicear mo bhriogais còmhdaichte le seangain. Tha mi glé ealamh am dhòigh an uair a bhios feum air. Ann am prioba na sùla leum mi as a' bhriogais, 's bha mi 'ga slachdadh ri aodann na cloiche, an uair a thug *Yarrow* fa-near an cor 's an robh mi. Shaoil a' bhrùid bhochd gu'n do chaill mi gu buileach am beagan céille a bha agam. Thug e aona bhurrall tiamhaidh as is theich e. Thuit e mach gu robh bean-uasal stràiceil, le sgàileag-ghréine 'na laimh, a' tighinn mu'n cuairt sròn na creige air an rathad a ghabh *Yarrow*. Chunnaic i tighinn e 'na dhian ruith; coltas fiadhaich air; cobhar mu bheul, 's e toirt tiolam air féin an dràsd 's a rithisd. Thuig i 's a' mhionaid gu robh e air a' chuthach. Thòisich an amaid air sguitseadh an adhair le a sgàileig, 's air tilgeadh chlach air a' chù. Thainig gach gnothach a bha ann cho obann air a' chù bhochd 's nach robh iongantas ged a chaidh e car 'na bhreislich, 's nach robh e soilleir dha ciod a bu chòir dha dheanamh. Na seangain 'ga léireadh; a mhaighstir, ann an staid nàduir, as a dheidh leis an òrd, 's am boirionnach so a nis a' dol 'ga chlachadh gu bàs. Smaointich e gu robh an t-ám air teachd anns an robh e ceadaichte dha e féin a dhlon mar a b'fhearr a dh'fhaodadh e; leis a sin, thug e cruinn-leum a dh' ionnsuidh na sgàileig. Bha mise glaodhach ris roimh so, ach an uair a chunnaic mi e toirt ionnsuidh air a' mhnaoi-uasail, thug mi raoic asam cho cruaidh 's ged a thigeadh e a sgòrnan aon de na tairbh ainmeil sin a bha aon uair am Bàshan. Thug *Yarrow* sùil 's chunnaic e tighinn mi, gun bhoineid gun phlor-bhuig; mo luircnean ris na feannagan, 's mi crathadh mo bhriogais 's a' ghaoith, mar gu'm bithinn a' togail na brataich air Faich' Inbhir-lòchaidh. Chunnaic a' bhean-usual mi aig a' cheart

ám, 's bu leòr an uidheam 's an robh mi thoirt làn-dearbhaidh dhi mar bha chùis. Co-dhiù a ghearr an cù an duine, no'n duine 'n cù, cha b' fhios di; ach gu robh sinn le chéile air an dearg chuthach, cha robh teagamh sam bith aice. Rinn i mar a ni mnathan am bitheantas, 'na leithid a theinn. Thug i tiota beag a' sgreadail 's a' breabadh a cas, 's an sin thuit i ann am paiseanadh. Dhinn mise mo chasan 's a' bhriogais 's ruith mi dheanamh còmhnaidh leatha, mar a b' shearr a b' urrainn domh. Chuir mi air a casan i, 's thòisich mi air mo leisgeul a ghabhail, 's air innseadh dhi mar thachair an tubaist dhuinn; an uair thug am Mac-mallachd féin, no'n seangan air a shon, sàthadh guineach dhomh ann an caol an droma. Thug so orm cruinn-leum a ghearradh agus spadag a thoirt asam a chuir a leithid de gheilt oirre 's nach d' éisd i ri tuillidh de m' sgeul. Le luath's na h-earba 'na casan thug i 'm fireach m'a ceann, 's dh'fhàg i mise 'm aonar a' tachas mo dhroma 's a' bruidhinn rium féin, 's a' toirt sùil mhì-chiatach, an dràsd 's a' rithis air crannalach na sgàileig a dh'fhàg an amaid 'na déidh.

Stiuir mi mo chùrsa dhachaидh, a' beachd-smuainteachadh air cho do-rannsachadh 's a tha slighe an Fhreasdail. Có a shaoileadh gu'n tigeadh a leithid de dh'aimhreit an lorg nì cho suarach ri bean-an-tighe againne bhi air dhroch ghean an tùs an latha? Ach faic ciod a thachair; mi féin agus mo chù neo-lochdach air ar sgiùrsadh le scorpionaibh. A' bhean-uasal sin nach fhaca 's nach cuala riamh iomradh air a h-aon againn, air a cur ann an cunnart a beatha le h-eagal, as am faod i galar a bàis fhaotainn. Theagamh gu robh ise ciontach air dhòigh eile, 's nach robh annainne ach am meadhon an laimh an Fhreasdail air son a smachdachadh; ach shaoilinn nach ruigte leas seangain a chur am bhriogais-sa air a shon sin. Is coma leam féin sean-fhacail; gu sònraichte an fheadhainn sin a dh'iarras orm dol a dh'fhòghlum gliocais o chreutairean puinnseanta mar a tha na seangain.

ATH-LEASACHADH.

Bho chionn beagan bhliadhna chan thainig mi trasd air Eachdraidh an Ath-leasachaidd mhóir sin a rinneadh air an Eaglais, mu thuaiream dlùth air tri cheud gu leth bliadhna roimh so. Rinn an leabhar drùdhadh anabarrach orm. Bha'n t-ùghdar cho deas-bhriathrach 's cho soilleir 'na chunntas air gach ceum anns an ùspairn chruaidh a bha 'n sin 's nach b' urrainn domh gun aontachadh leis gach facal. Rinn e na daoine ghabh pàirt air taobh an Ath-leasachaidd cho mór agus fiachail, 's gu robh mi ann am inntinn fhéin 'g am faicinn mar "chraobhan ag imeachd"; 's a' mhuinntir olc agus rag-mhuinealach a bha seasamh 'nan aghaidh, cho suarach agus cho dimeasach 's gu'n dùraichdinn an saltairt fo m' chasan. Mu'n do chuir mi crioch air leughadh an leabhair, bha m' fhuil air ghoil am chuislean; m' fhaireachduinnean air an luasgadh air chor 's nach b' urrainn domh an ceannsachadh. Bhreab mi 'n cù, 's thilg mi 'n cat a mach air an uinneig, 's na'm biodh a chridh' agam, bheirinn achmhasan garbh do bhean-an-tighe, co-dhiù a bha no nach robh i 'g a thoilltinn. Dhùisg, mar so dealas mór annam, a chum gach nì a bha ceàrr a chur ceart, is aimheal nach bu bheag orm nach robh mi lathair an uair a bha obair an ath-leasachaidd mhóir so a' dol air a h-aghaire, air chor 's gu'm biodh cothrom agam air pàirt a ghabhail innse. Ghabh mi comfhurtachd o'n smuain, gu faod nì no dhà bhi air aghaidh na talmhainn fhathast nach bu mhisde beagan ath-leasachaidd a dheanamh orra, 's gu 'm b'e mo ghnothach-sa sealltainn a mach 's an nì a bha ceàrr a chur ceart. Dh'innis mi do bhean-an-tighe an nì a bha

ruith am bheachd. Thuirt i rium, gu'm b' fhearr dhomh 'n toiseach mo dhroch chleachdainnean fhéin ath-leasachadh.

"Mo dhroch chleachdainnean fhéin!" arsa mise, 's mi 'g am thachdadh leis an àrdan.

"Seadh," arsa ise, "na'n sguireadh tu de dheoghal na ploba sin nach téid as do phluic o'n a dh'éireas gus an laigh thu, dheanadh tu tòiseachadh math le t' ath-leasachadh."

"Dad eile?" arsa mise, 's mi mothachail air an droch shàthadh a fhuair mi.

"Tha ni no dhà eile cho mi-chiatach ris a' phlob," arsa ise. "An uair a théid thu dh'iarraidh coingheall leabhairchean air a' Chaimbeulach, cha ruig thu leas tigh'nn dachaидh le fèath-ghàir air t' fhiacaill; 's an uair a théid thu dh' fhaicinn Mhic-Fhionghain, cha ruig thu leas fanachd leis gu dà uair 's a' mhaduinn."

Cha robh idir crloch aice air a' chùis-dhltidh, an uair thainig steall de dh' uisge goileach mu'm ladhran-sa á coire bha ise toirt bhàrr na teine. Thug sin orm leum gu beothail gu taobh eile an tighe. Thilg mi dhiom mo chaiseart, 's chunnaic mi 's a' mhionaid gu robh mi air mo dhroch sgàladh. Shuath mi ola ri m' chois 's shin mi uam air sorchan i, 's mi 'g am phianadh leis an dòruinn. Chuala an cù bochd mo ghearan, 's e fhéin 's an cat ag cumail cuideachd r'a chéile 's a' ghàrradh, far an robh iad ag gabhail didein o stoirm an ath-leasachaidh ris an do chuir mise mo làmh. Thainig e 'na ruith, 's e tuigsinn gu robh rud-eigin ceàrr. Leig mi fhaicinn da mo chas, 's thóisich a' bhrùid bhochd air a h-imlich, 's thug sin faochadh dhomh. An uair a fhuair mi m' anail, thug mi achmhasan garbh do bhean-an-tighe air son cho beag suim 's a bha aice mu'm dhéidhinn. Is ann a rinn i glag gàire, ag radh gu'm b'e sud a' cheud uair a chual i iomradh air duine bhi air a sgàladh le uisge fuar. "Fuar!" arsa mise, "bha e dearg ghoileach!"

"Bha e," arsa ise, "cho fuar 's a thainig e as an spùt, 's ann 'ga chur air an teine g'a theasachadh a bha mi an uair chaidh an dileag sin mu d' chasan."

Sheall mi na bu dlùithe air an lot, 's ged bu duilich leam aideachadh, chunnaic mi nach robh an sgorradh uile gu léir cho docharach 's a shaoil mi, ach chuir an ni a leithid de dh' anntlachd orm 's gu'n d'thug mi mi fhéin as an rathad.

Latha no dhà 'na dheidh sin, thug mi fa-near gu robh saod anabarrach math air bean-an-tighe. Cha b' urrainn domh thuigsinn ciod a bha ceàrr; oir faodaidh sibh a bhi cinnteach, an uair a bhios aoibh air bean-an-tighe, gu bheil gabhdan beag a thaobh-eigin 'na h-aire. Mu dheireadh, thuirt i, is sin air dhòigh cho caoin-shuarach 's ged nach biodh nì fo'n ghréin aice air a chùl, gu faca i Mr. Morrison, a bhean 's a chlann, a' fagail an tighe 's a' mhaduinn, ann an carbad-dà-each; 's gu faca i Mr. Munro 's a theaghlaich a' falbh an là-roimhe. "C' àit," arsa mise, "an robh iad a' dol?" "Nach robh thun an t-sàile?" arsa ise.

Thuig mi 's a' mhionaid ciod bu chiall do'n t-sld fhèathail a bha againn. Chuir mi mo làmh am phòca 's gun mi mothachail air ciod a bha mi deanamh; ach cha ruiginn a leas, cha robh an sin na bheireadh ach astar glé ghoirid o'n bhaile sinn, ged ghabhamaid giùlan cho iomchuidh ri bararoth, gun ghuth air carbad-dà-each. Bha fhios agam aig a' cheart ám nach leigeadh ise dhith an nì a bha 'na beachd, agus b'e sin dol thun an t-sàile, ciod sam bith a chosdadh e. Thuirt mi fhéin, nach bu léir dhomh aobhar air dol thun an t-sàile 'm bliadhna bho nach robh dad ceàrr air a' chloinn. "Nach 'eil?" arsa ise, "na'm biodh tu 'g an eiridinn mar tha mise, bhiodh fhios agad air sin. Dh' fhaodadh tu fhaicinn nach 'eil Deòrsa 'g itheadh na chumadh an deò am breac-an t-sil, 's nach do chinn Dòmhnaill aon òirleach o chionn dà bhliadhna, 's tha casan Raibeairt a' fas cho brabhdach 's gur gann a theid aige air coiseachd, 's Catriona—"

"O, stad, stad, air ghaol an Fhreasdail," arsa mise, "ma tha uibhir sin de thrioblaid 'nam measg, nach ann a bu chòir dhuinn dol do'n Fhraing leo ? "

Ghabh sinn tigh shios aig taobh an t-sàile, 's cha b'e sin an salann saor. An uair a shuidhich sinn sinn féin an sin, thòisich mise air cumail mo shùil ri fuaradh, dh' fheuch am faighinn ni sam bith am feum ath-leasachaidh. Cha b' fhada ach gus an d' fhuair mi sin. Bha tigh eile ri ceann an tighe 's an robh sinne, 's bha'n roinn-bhalla eadar na tighean cho tana 's gu'n cluinnite 's an darna tigh a' mhór-chuid de na theirte 's an tigh eile. 'S e duine gle riasgail a bha 'nar coimhearsnach, 's co-dhiù bha no nach robh an t-ablach mnatha aige 'ga thoilltinn, bhiodh e toirt ruith mharbhaidh oirre 'n dràsd 's a rithist. Latha de na làithean, chuala mi iorguill 's an ath thigh, is smaointich mi gu 'm b'e so mo chothrom air son an duine sin ath-leasachadh. Ghrad leum mi stigh far an robh e, direach mar a bha esan air pailleart a thoirt seachad a chuir an creutair truagh mnatha sin cho cruinn ri ceairsle ann an cuil-na-mòna.

"A dhuine gun chiall ! " arsa mise, " Ciod a tha thu ris ? " Dh' amhairc e orm mar nach biodh e gu ro mhath 'g am thuigsinn. "Nach 'eil fhios agad," arsa mise,—ach cha d'fhuair mi dol na b'fhaide, an uair a chuir e thairis an dòrn orm ann an cuinnein na sròine, agus sin le a leithid de dheagh ghean, 's gu faca mise dealanach 's gu'n cuala mi tàirneanach nach fhaca 's nach cuala mi roimhe an leithid ; 's leis a phlathadh a chuir sin orm, chaidh mi 's shuidh mi ann am poit ghuirmein a bha taobh na teine. Cha robh fhios agam aig an ám ciod a bha 's a' phoit, ach fhuair mi a mach e 'n deidh-laimh. An uair a thill mo léirsinn 's mo chlaisteachd rium, 's gun m' àite-suidhe bhi ro shocrach, leum mi air mo bhonn 's thòisich mi air an duine aingidh sin

ath-leasachadh ann am fior dha-rìreadh—

“ Bhuail sinn air a chéile chnagadh ;
Leag sinn air a chéile shadadh ; ”

's tha mi smaointeachadh gu 'n soirbhicheadh leam impidh a chur air na'n leigeadh a bhean leam ; ach ise, an creutair fachanta, an àit i bhi taingeil dhomh air son tigh'nn g'a teasairginn, 's ann a bha i gabhail gach cothrom air stràc a thoirt domh le cas na sguabaich. Chuir so a leithid de ghràin orm ris a' phaidhir 's gu'n d' fhàg mi 'n sud iad a réiteach a' ghnothaich mar a b' sfeàrr a dh' fhaodadh iad ; 's ged a dh'itheadh iad a chéile, so am fear nach téid 's an eadraiginn a rithist.

An uair thainig mi dhachaidh cha do dh' aithnich mo bhean fhéin mi. Bha mo shròn air a leudachadh còmhnard ri m' ghruaидh ; aon de m' shùilean cho dubh ri màs na poite-guirmein, 's a h-uile meall air mo cheann, air tàillibh cas na sguabaich, cho mór ri ugh circe. Thainig an doctair, 's thòisich e air mo chur an eagaibh a chéile. Dh' fharraid e de'n mhnaoi, ciod a' ghnè shròine bha ann mu'n deach a h-ath-leasachadh ! “ Sròn glé eireachdail,” arsa ise, “ de'n t-seòrsa ris an abair iad *Roman Nose*. ” Dh'fheuch e mar sud i, 's dh' fheuch e mar so i, ach *Roman Nose* cha ghabhadh deanamh dhith. Dh' fhàg e mi, mu dheireadh, le plàsda de shlàn-lus ri m' shròn ; staoig de fheoil amh ri m' shùil, 's fuarlait ri m' cheann, 's thug mise fad mhios anns a' cheanna-bheairt sin. Bha mi, mu dheireadh, uidh air n-uidh, a' tighinn gu'm chruth féin, 's ged a bha fhathast striam de bhogha-frois mu m' shùil, 's ged nach robh mo shròn, uile gu léir, cho *Roman* 's a bhà i, bha mi air chomas dol mu'n cuairt. Thill sinn do'n bhaile mhór, 's gu dearbh cha robh duilichinn orin muinntir an t-sàile fhàgail 'nar deidh.

Feumaidh mi aideachadh nach robh mi cho dian ann an cùis an ath-leasachaidh an deidh dhomh tighinn dachaидh 's a bhà mi mu'n d'fhàg mi am baile. Chan ann a mhàin a thaobh na giollachd a fhuair mi ; ach a thuillidh air sin, am feadh 's a bha mo cheann 's an fhuarlait, bha ùine agam air a' gnothach a rannsachadh na bu mhionaidiche, 's thainig mi, mu dheireadh, gus a' cho-dhunadh nach robh e daonnan iomchuidh, ma bha e idir ceart, a bhi an còmhnuidh a' sparradh ar barail féin air daoine eile, olc air mhath leo e. Có againn is urrainn a ràdh le cinnt gur e bharail fhéin as fhèarr na barail a' choimhearsnaich ? Ciod a' chinnt a tha agamsa nach robh an duine coirte sin ag imeachd ann an slighe a dhleasanais, an uair a bha e smachdachadh a mhnatha 's a theann mise ri grabadh a chur air. Tha mi nis làn-dhearbhte gu robh an creutair gràndda mnatha sin feumail air a h-ath-leasachadh.

Is ann mar so a bha mi meòrachadh air a' chùis, an uair a thainig mi air poinneach balaich 's e leadairt caileag bhòidh-each, cho neo-lochdach coltas 's a b' urrainn duine fhaicinn. Rug mi air chluais air 's labhair mi gu sgraingeil ris, 's dh' innis mi dhà an t-àit air an robh e stiùradh mur deanadh e a bheusan ath-leasachadh. Sheall e orm car tiota, mar nach biodh e cinnteach ciod a bu chòir dha ràdh no dheanamh. Mu dheireadh, glaodh is chaoin e cho cruaidh 's a b' aithne dha. Air ball, leum duine dorcha, geinneach, a mach á bùth goirid uainn. Bha e gun chòta, gun bhoineid, ach le aparan leathraich ag comhdach a thaobh-beoil, o mhuineal gu aobrainn. Dh' fharraid e gu feargach, ciod a rinn mi air a' bhalach, no ciod an gnothach a bha agam ris. Dh' fharraid mise, ciod an gnothach a bha aige-san ris a' chaileig neo-lochdaich a bha e cnapadh 's ag ciamhadh cho an-iochdmhor. Gun fhacal tuillidh air no dheth, chuir e smugaid thombaca 'na làimh ; sgailc e bhasan ri chéile ; dhruid e dhùirn, 's

thug e cuireadh dhomh tighinn air m' aghairt. Bho nach do ghabh mise an cuireadh 's a' mhionaid, thog e seòrsa de dh' iolach, no brosnacha-catha, 's leum is dhanns e mu'n cuairt orm cho luath ri gille-mirein, gus an do chuir e mo cheann 's an tuainealaich a bhi stri ri sùil a chumail air. An uair a thog e an iolach a dh' ainmich mi, mu 'n abradh tu " bo thugad ! " bha sinn air ar cuartachadh le gràisg a' bhaile ; mnathan is clann ; gàrlaich bhalach, 's pràbar mar sin, 's a h-uile sgòrnan an sin fosgailte am aghaidh fhéin ; 's gun fhios, gun fharraid aig a h-aon diubh ciod a bha ceàrr. Mu dheireadh, fhuair mi cothrom air briseadh a mach á measg na cuideachd neo-chùbhraidd so, 's theich mi le m' bheatha ; ach ma theich, cha robh iadsan idir sgìth de m' chuideachd-sa, 's lean iad mi. Chuir mi 's na buinn cho maith 's a rachadh agam air ; ach air fheobhas 'gan cluichinn-sa na pleadhain, bha slapail an aparain leathraich am chluasan. Shin sinn as, a suas aon sràid, 's a sios sràid eile ; cha robh cu-fuadain no balach miomhail a thachair oirnn, nach do thionndaidh leinn gu sunndach a ghabhail pàirt anns an ruaig. Chaill mise mo bhoineid, 's bha na riobagan fuit a lean ri m' cheann a' feadalaich 's a' ghaoith, ach cha robh ùine r 'a sheachnad a dh' amharc air son bròige no boineid. Bha m'anail am uchd, 's mo ghlùinean a' failneachadh, ach chuimhnich mi air na daoine o'n d' thainig mi, 's mar a b' àbhaist domh cumail suas ri faghaid an fhéidh air aisridhean corrach na Beinne-brice, 's thug mi aon oidheirp eile a chur leud nam bonn eadar mi 's mo luchd-leanmhuinn.

Bha mi nis a' tighinn faisg air an tigh, ach leis an ulfhartaich oillteil a bha aig mo luchd coimhdeachd, bha na coimh-earsnaich, beag is mó, seán is èig, a mach gu'm meadhon air na h-uinneagan ; gach sùil is beul fosgailte ; deas gu beannachadh no mallachadh, direach mar chitheadh iad freagarrach ; 's ged nach robh fios fo'n ghréin aca ciod a

thachair, thainig iad gun dàil, gun teagamh, gus a' cho-dhùnad, gu 'n d' rinn mise ni-eigin fior olc ; mort, air a' chuid bu lugha.

Fhuair mi, mu dheireadh, a' chòmhla chur eadar mi 's fear an aparain leathraich, ach gu firinneach b' aimhealach an gnothach dhomh a bhi air mo ruagadh dhachaidh troimh shràidean follaiseach Dhunéideann, le coin is geòcaich a' bhaile mhóir as mo dhéidh. B'e iarritas mo chridhe aig an ám : O, air son claidheamh geur dà fhaobhair ; claidheamh a sgathadh cinn o cholanna 's a ruigeadh gu eadar-sgaradh nan alt 's nan smear : na'n robh sin agam, bheirinn-sa aichmheil a mach air a' ghràisg sin air son na tàmailt a chuir iad orm !

An uair a fhuair mi m' fhuil is m' fheoil a chiuineachadh, thug mi bòid air feusag a' chait, ged a chithinn-sa pràbar a' bhaile so dol an comhair mhullach an cinn do dh' àit as teotha na Innsean an Ear no'n Iar, gur e so am fear nach togadh làmh no cas g' an cumail air an ais. Ciod e mo gnothach-sa riutha ? Nach 'eil a' Chléir an sin a dh'amharc 'nan déidh ; ach tha Chléir cho bith-dheanadach ag ath-leasachadh an Aidmheilean, 's nach 'eil tìne aca air na ceart aidmheilean sin a chur an gniomh. 'S i mo bharail-sa gu bheil tuillidh éifeachd ann an cuaille math bata chum dream àraigheathach, na tha ann an làn sgireachd de dh' aidmheilean, air cho diongmhalta 's 'gam bi iad air an tarruing suas. Biadh na nithe sin mar a dh' fhaodas iad, fhuair mise na dh' fhóghnas dhomh de dh' obair an Ath-leasachaidh.

CARMINA GADELICA.*

Is e tha mhiann orm an nochd beagan iomraidh a dheanamh ribh air leabhar comharrachte a chuireadh a mach o chionn còrr is bliadhna le Maighstir Alasdair Mac Gillemhicheil ann an Dunéideann.

'S e 'Carmina Gadelica,' is ainm do 'n leabhar so, 's tha e air a dheanamh suas de sheann ranntachd de gach seòrsa, 's de sheana chleachdainnean a bha cumanta measg nan Gàidheal gus o chionn beagan tòine. Tha laoidhean ann air son gach staid ; tòrnughean air son gach ama ; beannachadh air son gach obair a rachte mu thimchioll ; eòlais air son gach tinneis d'a bheil an fheoil buailteach, 's air son gach sgiorrhadh a dh' fhaodas tachairt do bheathach no do dhuine ; guidheachan math is dona ; geasan is ubagan 's gnothaichean mi-chneasda mar sin. A bharrachd air sin, tha Mgr. Mac Gillemhicheil a' toirt seachad mion-chunntas air seana chleachdainnean agus seana bheachdan a bha cumanta measg ar n-athraichean anns an linntean a dh' fhalbh ; cleachdainnean agus beachdan a tha nis air dol air chùl, agus móran dhiubh air dol tur air dhl-chiumhne.

Is e leabhar ro-chomharrachte a tha an so, is theagamh gu bheil e dàna dhomhsa làmh neo-airidh a chur air, oir thigeadh do dhuine bhi air a dheagh uidheamachadh le eòlas farsuinn air nithe seann-aimsireil mu 'n gabhadh e os làimh beachd cothromach a thoirt air a leithid so de dh' obair. Bha cuid de na cleachdainnean sin, a tha nis air call an seagh dhuinne, aon uair a' deanamh pàirt ann an aoradh 's ann an creideamh an t-sluaigh ; 's ged tha e soirbh gu leòr na nithe sin aithris mar sheann sgeulachd, chan 'eil e idir cho soirbh a' mhàthair-aobhair o'n d' thainig iad a chomharrachadh a

*Read before the Jura Association, Glasgow.

mach. Aig an ám so chan 'eil a mhiann orm oidheirp a thoirt air a' bheag de mhíneachadh a dheanamh orra, ach a mhàin cuid de na 's annasaiche dhiubh a chur f'ur comhair, agus ma thuiteas dhomh mo bheachd féin a thoirt seachad air ni sam bith, tha fhios agaibh nach 'eil e mar fhiachaibh oirbh am beachd sin a ghabhail mur 'eil e taitinn ribh. Tha e 'na aobhar uaill dhuinn an t-saorsa tha sinn a' mealtainn fo laghannan cothromach ar dùthcha, leis a bheil e ceadaichte do 'n aon as suaraiche 'n ar measg, a bharail féin a bhi aige air aon nì dh' fhaodas tighinn fa chomhair; agus glic no amaideach 's gu 'm bi barail duine, feumaidh sinn a thoirt fa-near, gur i bharail féin a' phriomh chait-iuil air a bheil gach aon againn a' stiùradh a chùrsa féin.

Ghabh Mr. Mac Gillemhìcheil saothair mhór, 's chaith e ùine nach bu bheag, a' tional 's a' deasachadh nan nithe sin. Thug e còrr is dà fhichead bliadhna ag imeachd sios is suas air an talamh, gu sònraichte measg Eileanan na h-Aird-an-iar, a' sìreadh ciod a dh' fhaodadh e chur 'na mhàileid, ann an riocdh seann dàn, no seann sgeul, no ni sam bith eile bhiodh sean gu leòr air son a gnothaich. Chan 'eil cèarn de 'n Ghàidhealtachd nach do rannsaich e gu dlùth air son na crìche sin. Cha chluinneadh e ionradh air seana chailllich aig an robh sreang de dh' ùbagan no làn goid de ghuidheachan nach robh e air ball air a thurus g'a faicinn. Is ionadh achadh 's an do bhuain e dias, 's cha b' i 'n dias anabaich a dh'fhóghnadh leis, 's ged a bha 'm foghar anmoch, 's ged nach robh aige dheth ach an dioghlum, thug e bàrr nach suarach do 'n iodhlainn. Thionndaidh e gu Beurla na sholair e air an dòigh so, 's cha b'e sin gnothach a b' phasa dha, thaobh na bheil de dh'fhacail air an gnàthachadh 's an t-seann ranntachd sin nach 'eil a nis 'g an cleachdadadh againn 's nach faighear 'n ar Foclairean. Ach faodaidh sibh a bhi cinnteach am fear a ghabh a leithid de shaothair ri cruinneachadh a'

bharr nach do dhearmad e dheasachadh gu cubhaidh air son a' mhargaidh. Faodaidh mi innseadh dhuibh, eadaruinн fhéin, gu 'n deach e uair o Dhun-éideann gu Uidhist, a dh' aona ghnothach air son aon fhacal a bha dhith air. Tha shaothair a nis fa chomhair an t-saoghal; saothair a tha fior chliùiteach dha fhéin; a chuir clach ro luachmhòr an càrn ar litreachais, 's a tha cur comain ro mhór air na Gàidheil.

Ann a bhi feòraich ciod a tha 'n leabhar so a' teagast dhuinn, chan 'eil e soirbh dhòmhsa no do neach eile chur ann am beagan bhriathran suim an teagaig a dh' fhaodar fhaotainn 'na leithid so de leabhar. Tha e'na ni comharrachte gu leòr an t-eadar-dhealachadh mór a tha eadar aon duine agus duine eile thaobh na brigh a bheir iad as an aona chuspair. An ni a tha làn brigh do 'n dara aon faodaidh e bhi glé shuarach aig an aon eile; 's e mar thà,

Nach fhaic an t-sùil anns a' chuspair,
Ach ni do 'n tuigse as léir.

Tha nì no dhà an leabhar Mhic Ghillemhìcheil, mar a tha eòlais, ubagan, is seana chleachdainnean, nithean anns nach 'eil sinne creidsinn 's nach 'eil sinn a nis ag gnàthachadh, a dh' fhaodas a bhi glé fhaoin le cuid, ach ma 's miannach leinn eòlas ceart fhaotainn air cor an t-sluaigh 's na h-amannan a dh' fhalbh,—ciod a' ghnè chaithe-beatha bha aca, ciamar a bha iad ag amharc air an t-saoghal, no ciod a bha iad a' tuigsinn mu dhéidhinn,—tha na nithe faoine sin a dh' ainmich mi cheart cho feumail a chùm sealladh soilleir a thoirt dhuinn air dreach nan amannan sin, 's a tha na cunntais a tha luchdeachdraidh a' toirt dhuinn air na blàir a chuireadh, am marbhadh a rinneadh, an spùinneadh 's an creachadh a bha ghnàth dol air aghaidh.

Ann a bhi leughadh eachdraidh na t-saoghal cuiridh e farran nach beag orm a bhi faicinn na h-uibhir mu dheanadas righrean 's dhaoine móra, 's cho fior-bheag mu dheanadas no

mu chor an duine bhochd. Gheibhear iomradh gu leòr air luchd-òrduchaideh chatha, ach fior-bheagan air luchd-bhualadh nam buillean. So mar a thà, mar a bhà, 's a reir coltais, mar a bhitheas eachdraidh air a sgriobhadh. Tha bheachd féin aig an eachdraiche ciod is airidh air àit fhaotainn 'na eachdraidh, 's gun teagamh, chan 'eil e comasach dha a h-uile ni ghabhail a steach innte, ach saoilidh mi air uairean, gu bheil nl no dhà a tha e fàgail a muigh a cheart cho airidh air àite ri nithean a tha e gabhail a steach. Tha e mar sin feumail dhuinn dol do stòr-thigh eile bhàrr air stòr-thigh na h-eachdraidh, ma's miann leinn beachd earbsach a bhi againn air cor an t-sluaigh anns na linntean a chaidh seachad. Feumaidh sinn am bàrdachd, an ceòl, am beul-aithris, an sgeulachdan, 's a' ghnè chreidimh a bha dol 'nam measg a rannsachadh, oir 's ann annta sin a gheibh sinn a' ghnè theagaig a bha aig sluagh aig nach robh cothrom air teagast eile fhaotainn, 's leis an robh an t-iomlan d' an lòn spioradail air a dheanamh suas: lòn cho feumail 's na linntean sin 's a tha e 'nar linn féin, oir tha e fior anns gach linn de 'n t-saoghal, 'nach ann le h-aran a mhàin a bheathaichear duine.' A nis, so agaibh a réir mo bheachd-sa, far a bheil luach an leabhair so air a bheil mi 'g iomradh ag cosheasamh, 's an taobh o'n airidh e air geur-bheachdachadh air. Mar thuirt mi cheana, faodaidh cuid de na nithe sin a bhi glé fhaoin le muinntir leis nach fhiach sealltainn air an ais air an t-slighe air an d' thainig iad, ach aig a' cheart ám, a bhi làn brigh dhàsan a tha meòrachadh air nithe seannaimsireil. Tha iad gu sònraichte feumail air son solus a thilgeadh air cuid de na ceuman air an d' éirich an duine o bheachd gu beachd mu thimchioll a shuidheachaidh féin 's an t-saoghal, 's an daimh 's a bheil e seasamh a thaobh nan cuspairean nàduir leis a bheil e air a chuartachadh. Ach a bhàrr air so uile, ma chreideas sibh mise chan 'eil nl

faoin no suarach idir ann. Chan 'eil nì a thachras a' tachairt gun aobhar, agus air cho faoin 's 'gam meas sinne 'n t-aobhar sin, is tinne e anns an t-slabhraidh neo-bhristeach, iomasgaoilteach sin a tha ceangal aobhar ri buil, agus buil ri aobhar o thùs na cruitheachd, 's ris a bheil gach nì a thig gu crich an crochadh.

Tuigidh sibh uaithe so, an taobh de 'n chùis air a bheil mi gabhail beachd; 's e sin, gu sònraichte, luach an leabhair so air son solus a thilgeil air cor 's air modh smuainteachaidh ar n-athraichean anns na h-amannan trioblaideach a chaidh seachad, 's ged a tha eachdraidh nan amannan sin air a deanamh suas, anns a mhór-chuid, le cunntais air cogaidhean 's air gach gnè fhòirneirt, tha e soilleir a réir nan ùrnuighean 's nan laoidhean a bha cumanta measg an t-sluagh, nach ann idir mì-dhiadhaidh a bhà iad. Cha bu daoine mì-dhiadhaidh nach rachadh an ceann gnothaich gun bheannachadh iarraidh air an saothair; bho smàladh an teine 's an oidhche gu dol air turus cuain, bha ùrnuigh fhreagarrach aca air son gach cùis. Is duilich leam nach urrainn domh uibhir a thoirt duibh as an leabhar so 's a bu mhiann leam, ach tha fhios agaibh a nis far am faigh sibh an t-ionlan air 'ur son féin. So agaibh rann á 'Ora nam buadh,' 's thugaibh fa-near cho fhad air falbh 's a tha 'n smuain, 's cho ao-coltach ri aon ni a chluinneas sibh air sràidean a' bhaile so.

" Ionnlaime do bhasa
 Ann am frasa fiona,
 Ann an liu nan lasa,
 Ann an seachda siona,
 Ann am bainne meala,
 Is cuiream na naoi buaidhean glana, caoine
 An do ghruaidhean caomha geala.
 Buaidh cruth,
 Buaidh guth,
 Buaidh rath,
 Buaidh maith,

Buaidh chnoc,
 Buaidh bhochd,
 Buaidh na rogha finne,
 Buaidh an fhior eireachdais,
 Buaidh an deagh labhraidh," etc.

Tha na briathran so cho caomh ri morbhan braoin air duille, 's cho tlàth ri maoth-ghaoth chéit ; ach cha cheadaich ùine dhomh a thoirt duibh as an leabhar ach an sop as lugha as an t-seid as goireasaiche, agus sin a mhàin a shoilleireachadh an nl air a bheil mi 'g iomradh. Tha cuid de na laoidhean ann am briathran cho grinn 's as aithne dhomh idir, ged tha i glé choltach nach robh iad uile air an taigse an tùs do na naoimh a tha nis air an ainmeachadh annta, ach do chuspairean eile anns an robh an sluagh ag creidsinn aig an ám. Gabhaibh an rann so mar eisimpleir.

" A righ na gile,
 A righ na gréine,
 A righ na rinne,
 A righ na reula,
 A righ na cruinne,
 A righ na speura,
 Is àluinn do ghnùis,
 A lùb éibhinn.
 Dà lùb shioda
 Shios ri d' leasraidh
 Mhinich, chràicich,
 Usgannan buidhe,
 Agus dolach
 As gach sàth dhiubh."

Chan 'eil e soilleir co-dhiù 's i ghrian no ghealach is cuspair dha so. Tha fhios againn gu robh iad le chéile, aig aon ám no ám eile, 'nan cuspairean aoraidh aig gach cinneach air thalamh ; 's tha e glé iongantach a bhi toirt fa-near ann an aoradh ar latha féin, deas-ghnàthan agus modh-labhairt a bha air an gnàthachadh ann an aoradh-gréine linnteann mu 'n do rugadh Maois. Ann an ùrnuigh a thainig a nuas gu 'r n-ionnsuidh, a chuireadh suas do 'n ghréin le Nofer-i-thi, ban-righ a bha air an Eiphit, tha na briathran so

a' tachairt : " A dhé nan uile bheò ; chan 'eil dia eile ann ach thù. Cruithear nan uile nithe. Tha thu dol suas air cuairt speur ; 's o àirde nan nèamh tha thu buileachadh beatha air na chruthaich thu ; air duine 's air ainmhidh ; air eun 's air gach gnè chreutair snàgach a shnàgas air an talamh."

Bhàtar ag aoradh do 'n ghréin fo iomadh ainm, ach a réir coltais, 's e Bel, Beal, no Baal, an t-ainm a thug na Ceiltich leò as an àirde-'n-ear, 's ris an do lean na Gàidheil. Bha latha-féille an dé so 'g a ghleidheadh 'n ar measg féin gus o chionn fior bheagan tìne. Dh' innis seana bhean 's an eilein Arannach do Mhr. Mac Gillemhicheil an dòigh air an robh an latha so air a ghleidheadh ri linn a h-athar. Air a' cheud là de 'n Chéitein, bha h-uile teine 's an àite 'g a chur as, agus tein'-éiginn 'g a lasadh air a' chnoc ghnàthaichte. Bha an teine so 'g a roinn na dhà earrainn, 's an uair a bha e aig àirde theas, bha 'n sluagh, beag is mó, a' ruith troimh an fhosgladh eadar an dà theine. Bha iad an sin ag cur an cuid spréidh troimhe air an dòigh cheudna. Bha so ag ciallachadh glanadh agus dion, 's e sin ri ràdh glanadh o thruailleachd, agus dion o'n olc ; no mar thuirt a' bhean chòir air a bheil mi 'g iomradh, " g' an dion o gach ealtraidh agus dosgaidh, 's o'n bhana-bhuidsich mhóir, Nic Creafain." Bha iad ag co-dhùnadh na seirbhis so le bhi seinn, " Am beannachadh Bealltuinn." So agaibh rann dheth.

" A Mhoire, a mhathair nan naomh,
Beannaich an t-àl 's an crodh-laoigh ;
Na leig fuath no fòirn 'n ar gaoith ;
Fuadaich òirnne dòigh nan daoï ;
Cùm do shùil gach Luan is Màrt,
Air crodh-laoigh 's air aighean dàir ;
Iomchair leinn o bheinn gu sàl,
Tionail féin an treud 's an t-àl," etc.

So rann eile.

" Crois Chriosd a bhi d' ar dion a nuas,
Crois Chriosd a bhi d' ar dion a suas,
Crois Chriosd a bhi d' ar dion mu 'n cuairt,
Ag gabhail beannachd Bealltainn uainn."

Bheir sibh fa-near ged is ann uile gu léir páganach a tha na deas-ghnàthan sin, gur ann air Moire 's air Criosd a tha iad ag aslachadh beannachaidh. Faodaidh sibh leis a sin a bhi làn-chinnteach nach ann riùsan a bha 'n t-iarrtas air a dheanamh an tùs, ach ri Bel agus ma dh' fhaoidte ri Ceres nan Gàidheal, ciod air bith ainm fo 'n robh i dol 'n am measg aig an ám.

Bha an teine do luchd aoradh-gréine, 'na shamhladh air a' ghréin, ach a réir coltais, bha iad a' faicinn buadhan 's an teine nach robh iad a' faotainn 's a' ghréin. B' iad sin na buadhan a dh' ainmich mi; ach chì sibh gu bheil na ceart bhuadhan sin air an cur as leth na teine anns na Sgriobturan. Tha am fàidh Sechariah ag radh : "Bheir mise an treas trian dhiubh troimh an teine, agus glanaidh mi iad mar a ghlanar an t-airgiod, agus dearbhaidh mi iad mar a dhearbhar an t-òr." Ann an earrainn eile, tha am fàidh ag ràdh : "bidh mise ann am bhalla teine dhi mu 'n cuairt." 'S e sin ri ràdh, am bhalla diona, no am dhidein dhi.

Far a bheil gach nì ionmholta, tha e duilich roghainn a dheanamh, ach so agaibh latha-féille eile air an fhiach dhuinn amharc. Bha Là-féill-Moire 'g a ghleidheadh air a chóigeamh-la-deug de cheud mhios an Fhoghair. Air maduinn an là sin, bhàtar a' dol do 'n achadh 's a spionadh diasan de 'n bhàrr ùr a dheanamh a' mhoilein Mhoire. Bhàtar ag caoin-eachadh nan dias sin ris a' ghréin. An uair a bha iad caoin, bha fear-an-tighe 'g an sgioladh eadar a bhasan. Bha e an sin ag gréidheadh a' ghràn le fasgnaig; 'g a bhleith leis a' bhràth, 's a' mhin 'ga fuineadh air craicionn caorach, agus bonnach 'ga dheanamh dhith. B' e sin am 'moilean Moire.' Bha am bonnach sin 'ga bhruich ri teine de chonnadh caorainn. An uair a bha am bonnach deas, bha fear-an-tighe 'ga roinn air a theaghlaich, a' toiseachadh aig bean-an-tighe 's a' leantainn mu 'n cuairt air a' chloinn o'n aon bu shine gus

an t-aon a b' òige. Bha iad an sin a' togail iolach "Mhoire Mhàthar, a gheall an dion, a rinn an dion, 's a nì an dion gu latha 'm bàis." Am feadh a bha iad a' seinn na h-iolaich so bha iad a' dol deiseal mu 'n teine, fear-an-tighe air an toiseach, bean-an-tighe 'ga leantainn, 's a' chlann 'n an déidh a réir an aoise. An déidh dhaibh dol mar so mu 'n cuairt an teine, bheireadh fear-an-tighe àithinn no dhà bhàrr an teine 's chuireadh e iad ann am poit ma'-ri criomagan iaruinn. Ghiùlaineadh e sin mu 'n cuairt an Tighe air an taobh a muigh ; a theaghlaich 'ga leantainn anns an òrdugh a dh' ainmich mi. Air uairean rachadh iad mu 'n cuairt an t-sabhal, an stàbuill, na bàthaich, 's na spréidh, a bhiodh air an tional air son a' ghnothaich, 's ré na h-uine iad a' seinn moladh 'Mhoire Mhàthar.' So agaibh rann de 'n mholadh so.

"Là-féill-Moire cùbhr,
 Màthair buachaill nan treud,
 Bhuain mi beum dhe 'n toradh ùr,
 Chruadhaich mi e caoin ri gréin,
 Shuath mi e gu geur dhe 'n rùsg
 Le mo bhasa féin.
 Mheil mi e air bràth Di-aoine ;
 Dh' fhuin mi e air crà na caorach ;
 Bhruich mi e ri àine caorainn ;
 'S phàirtich mi e 'n dàil mo dhaoine.
 Chaidh mi deiseil m' fhàrdach,
 An ainm Mhoire Mhàthar,
 A gheall mo ghleidheadh,
 A rinn mo ghleidheadh,
 A ni mo ghleidheadh,
 Ann an sith,
 Ann an nì,
 Ann am fireantas crì," etc.

Tha e glé choltach gur ann do dhia àitich a bha an fhéill so 'ga gleidheadh an tùs. Chan fhios domh ciod an daimh a bha aig Muire ri aona chuid buar no bàrr, no gu sònraichte, ri teine chaorainn 's ri criomagan iaruinn. Tha fhiros againn gu robh an caorann air a mheas 'na fhiodh naomh am measg nan Gàidheal, 's gu robh an t-iarunn

éifeachdach an aghaidh chuilbheartan nam buidseach 's nan sithichean. Tha phoit is na bha innse ag cur 'n ar cuimhne coire Cheridwen anns an robh na h-uibhir de dhiomhaireachd na Druidheachd, 's air a bheil na bàird Chuimreach a' deanamh na h-uibhir a dh' iomradh. Ach theagamh nach robh a dh' fheum oirre 's a' ghnothach so ach a ghiulan na teine, a chur a chearcail dhiona mu 'n tigh, mu 'n spréidh 's gu léir—“'g an dion,” mar a thuirt am boirionnach Arannach. “o ealtraidh 's o dhosgaidh.” Tha 'n cearcall teine so a' tachairt oirnn ann am móran chleachduinnean is sgeulachdan an t-saoghal. Anns an sgeulachd Ghearmailteach—‘*Niebelungen-lied*’—an uair a chuir Odin seun cadail air Brynhild, chuir e cearcall teine mu 'n cuairt di, 's cha ghabhadh i dùsgadh ach leis a' churaidh a b' urrainn dol troimh 'n teine g'a h-ionnsuidh. Ann an ‘Gaisgeach na Sgeithe Deirge’, an uair a ràinig an Iùbhrach Bhallach “an t-eilean a bu bhòidhche chunnacas o thus an domhain gu deireadh na dilinn,” bha cearcall teine mu 'n eilean; 's mar sin le móran eile.

Tha e coltach, anns a' chruth 's an d' fhuair Mr. Mac Gillemhìcheil an deas-ghnàth so, gur e 'n cearcall teine no diona bha air a chiallachadh leis, ach tha amharus agam gur ann an coire Cheridwen a tha ceud aobhar an nì r'a fhaotainn. Bha na Druidhean, tha fhios agaibh, ag aoradh do dhia no dhà, ach gu sònraichte, do 'n ghréin, do 'n ghealaich, 's do 'n phriomh-athair, Noah, agus sin fo iomadh ainm, direach a réir na buaidh de 'n chuspair aoraidh ris an robh iad ag amharc aig an ám. A réir coltais, bha coire Cheridwen a' samhlachadh na h-àirce sin a bha 'na meadhon air beatha chaomhnadh air an talamh, agus an diomhaireachd a bha an coire cleith ag ciallachadh, math a dh' fhaoidh', an diomhaireachd do-rannsachadh leis a bheil beatha ghnàth air a cuartachadh. A bhàrr air so, chan fhios domh gu robh

creideamh riamh air thalamh aig nach robh diomhaireachd a thaobh-eigin a bha 'n sagart a' faicinn iomchuidh a chumail o'n t-sluagh. A nis, b'i Ceridwen spiorad na h-àirce, a réir creidimh nan Druidhean, 's cha b'e mhàin gu robh an àirc 'na meadhon air beatha chreutair a choimhead; bha i, mar an ceudna, 'na meadhon air siol de gach pòr a shàbhaladh o bhi caillte do 'n duine. Bhàtar mar sin a' sealltainn air Ceridwen mar bhan-dia an àitich,—Ceres nam Breatunnach. Air an aobhar sin, tha amharus agam gu robh tuillidh 's na criomagan iaruinn agus an 'àine chaorainn,' anns a' phoit aig Mr. Mac Gillemhicheil, ach tha mi làn-chinnteach gu 'n d' thug esan dhuinn i mar fhuaire i, 's tha e soirbh gu leòr a thuigsinn mar a dh'fhaodadh cuid de'n diomhaireachd dol air seacharan air an turus a nuas troimh na linntean. Faodaidh mi thoirt fa-near, gu bheil am facal, 'àine,' na 'àithinn,' mar tha e air a sgriobhadh 's na Sgriobturan, cho dlùth air an ainm a tha aig an Hindù air dia na teine,—'Agni,'—'s gu bheil e coltach gur ann o'n aon fhreumh a thainig iad.

Tha Mr. Mac Gillemhicheil a' toirt cunntais dhuinn mar a bha latha-féille eile air a gheleidheadh gus o chionn beagan tùine,—Là-féill-Micheil,—ach tha 'n cunntas sin cho mionaid-each 's nach ceadaich tùine dhomh a thoirt duibh aig an ám, ach mholainn duibh a leughadh air bhur son féin; 's chan e mhàin a leughadh, ach na bheil de bhrigh ann a sgrùdadh as.

Bho nach 'eil tùine ri sheachnad air son Là-féill-Micheil, faodaidh mi earrann bheag eile thoirt duibh 'na àite. Earrann a tha fior ghrinn, ach tha i ann an cruth cho neochumanta 's gu bheil i cur iongantais orm. Tha amharus agam gu bheil tuillidh innte na tha r'a fhaicinn an clàr a h-aodainn, ach bitheadh no na bitheadh, cha dean e cron amharc oirre 's barail a thilgeil mu tuaiream. Mar a thuirt mi cheana, tha e ceadaichte dhuinn ar beachd féin a bhi agaínn air aon nì dh' fhaodas tighinn fa 'r comhair, faoin no glic g' am bi i.

Thuirt mi ribh cheana gu robh ar n-athraichean cràbhach 'n an dòigh féin, ach gu robh móran páganachd measgte 'n an creideamh. Thuirt mi aig a' cheart ám, gu robh e soilleir o leabhar Mhic Ghillemhicheil, nach robh gnothach a rachadh iad mu thimchioll nach robh ùrnuigh fhreagarrach aca air a shon, no beannachadh 'ga iarraidh air an saothair. Bha an ùrnuigh 's am beannachadh air an ullachadh roimh-laimh, 's a réir coltais, leis an Eaglais. So agaibh beannachadh bàta, no ùrnuigh mhara,—an earrann air an robh mi 'g iomradh.

Tha Mr. Mac Gillemhicheil ag ràdh mu'm fàgadh iad tìr a dhol air turus-mara, gu robh iad ag iarraidh beannachaidh air a' bhàta, 's ag guidhe air Dia nan Dùl soirbheachadh leò air an turus. So mar bha iad a' deanamh an iarrtais. Sheasadh iad mu 'n cuairt a' bhàta 's labhradh fear-na-stiùrach, 's fhreagradh an sgioba e mar so.

Stiùradair. Beannaicht' an long.
Sgioba. Beannaicheadh Dia an t-Athair i.

Stiùr. Beannaicht' an long.
Sgioba. Beannaicheadh Dia am Mac i.

Stiùr. Beannaicht' an long.
Sgioba. Beannaicheadh Dia an Spiorad i.

Uile. Dia an t-Athair,
Dia am Mac,
Dia an Spiorad,
Beannaich an long.

Stiùr. Ciod as eagal duibh
Is Dia an t-Athair leibh ?
Sgioba. Chan eagal duinn ni.

Stiùr. Ciod as eagal duibh
Is Dia am Mac leibh ?
Sgioba. Chan eagal duinn nl.

Stiùr. Ciod as eagal duibh
Is Dia an Spiorad leibh ?
Sgioba. Chan eagal duinn ni.

- Uile. Dia an t-Athair,
 Dia am Mac,
 Dia an Spiorad
 Leinn gu sior.
- Stiùr. Ciod e fàth bhur cùram
 Is Ti nan Dùl os bhur cinn ?
 Sgioba. Cha chùram dhuinn nì.
- Stiùr. Ciod is fàth bhur cùram
 Is Righ nan Dùl os bhur cinn ?
 Sgioba. Cha chùram dhuinn nì.
- Stiùr. Ciod e fàth bhur cùram
 Is Spiorad nan Dùl os bhur cinn ?
 Sgioba. Cha chùram dhuinn nì.
- Uile. Ti nan Dùl,
 Righ nan Dùl,
 Spiorad nan Dùl,
 Dlùth os ar cinn,
 Suthainn slor."

Faodaidh e bhith gu robh so 'ga ghnàthachadh gu cumanta measg an t-sluaigh, ach feumar aideachadh nach 'eil e idir coltach. Cha robh a leithid so de riaghait-chràbhaidh goireasach air son dhaoine bha 'n còmhnuidh air an ais 's air an aghaidh am measg nan eileanan, 's mar bu bhitheanta, ann an deifir a cheapadh an t-siuil-mhara. Thèid agam air a ràdh o m' fhéin-fhiosrachadh nach teitheadh sruth Choire-bhreacain air a' bheag no mhór de 'n t-siabhareachd so.

A bhàrr air sin, tha an rian suidhichte 's a bheil an nì, 'ga dheanamh, ann am bheachd-sa, na 's coltaiche ri deas-ghnath a bhiodh 'ga chleachdadhbh ann an aoradh pàganach. Thuir mi cheana gu 'm b'e Noah aon de na cuspairean aoraidh aig na Druidhean 's tha sinn a' tuigsinn o na bàird Chuimreach gu robh e dol fo iomadh ainm, direach mar bha 'n t-ionlan de dhiathan nan cinneach, ach gu 'm b'e "Hi" an t-aimn fo 'm bu trice bha e aithnichte. Bha na h-ionadan aoraidh a bha air an coisrigeadh dhà, am bitheantas,

air eileanan an lochan uisge, no air eileanan dlùth air tir-mór. Tha e coltach gu 'm b'e aon de na h-eileanan sin, 's gu robh e air ainmeachadh air a' phrìomh-athair, Eilean Èè, no mar their sinn ris a nis, I-Chaluim-Chille. Tha na bàird ag ràdh gu robh tri fichead eilean ann an Loch-loimeann 's gu robh nead iolair air gach aon diubh; 's e sin ri ràdh, cill-aoraidh druidh air gach eilean. Tha mi tighinn thairis air na nithean sin a leigil ris duibh an dlùth-cheangal a bha eadar a' ghnè aoraidh sin agus na cuspairean nàduir air a bheil mi 'g iomradh. Bha mar so an loch a' samhlachadh na dile, agus an t-eilean, na h-àirce; agus far nach robh eilean goireasach, bhàtar ag acrachadh àirc, no slaod uisge air an loch air son ionad aoraidh. Faodaidh sibh, leis a sin, a bhi cinnteach gu robh am bàta no 'n long a' seasamh a mach gu soilleir anns an dealbh-riochdachaidh a bha dol 'nam measg. Chan ann a mhàin aig na Druidhean a bha so mar so. Ann an iomadh creideamh eile, bha an long 'na samhladh comharrachte. Am móran de na seann sgeulachdan a thainig a nuas g' ar n-ionnsuidh, tha an long, an iùbhrach, 's an curach a' faotainn àite; agus nì as iongantaiche, tha mhór-chuid diubh air an gibteadh le tuigse. Bha long nan Argonaut a' toirt rabhaidh seachad roimh theachd cunnairt, 's bha an curachan air an do thill Gaisgeach na Sgéithe Deirge dhachaidh cho tuigseach 's nach nobh dha ach a toiseach a thoirt do mhuir 's a deireadh do thir 's dheanadh i fín an còrr. Tha coimeas eile eadar an da eathair so a dh'fhaodas mi ainmeachadh. Bha Orpheus le chruit-chiùil air bòrd na h-Argo, ag cumail ciùil ris na cinn-fheadhna a bha sìreadh an òr-rusg iomraítich, 's bha aig a' Ghaisgeach air a thurus na tri calmain sin a thug a chomholtan dhà, 's a sheinn dha an aona cheòl a bu bhinne chual e riamh. Theagamh nach robh so ag ciallachadh ach ceòl na gaoithe aon am beairteachadh na luinge. Biodh an ceòl mar a dh'

fhaodas e, tha sinn a' faicinn gu robh an long 'na comharrasònraichte, cha b' ann a mhàin ann an aoradh nan Druidhean, ach anns a' mhór-chuid de gach creideamh pàganach air a bheil cunntas earbsach againn, 's mar sin 'na cuspair beann-achaiddh, iomadh linn mu 'n deach an creideamh Criodail a shuidheachadh 'n ar measg. 'S e sin an t-aobhar a tha togail m' amharuis gu 'n d' rinn am beannachadh-bàta so deas-ghnàth ann an creideamh no dhà mu 'n do chuir an Eaglais Criodail a dreach féin air.

Tha aon ni eile bu mhiann leam iomradh dheanamh air, ged nach 'eil tòine air a' bheag a ràdh mu dhéidhinn. Tha Mr. Mac Gillemhicheil a' toirt duinn 'na leabhar àireamh de rannan mu thimchioll luibhean 's an robh an sluagh ag creid-sinn, cha b' ann a mhàin air son an éifeachd mar chungaidh-leighis, ach mar an ceudna air son feartan àraid a bhàtar ag cur as an leth : mar eisimpleir,

" Eala-bhì, Eala-bhì ; mo niarach neach aig am bì.
Buaineam thu le mo laimh dheis ; teasdam thu le mo laimh chli ;
Ge b'e có a gheibh thu 'n crò an àil, cha bhi e gu bràth gun nì."

Bha amannan àraid, 's dòighean àraid r'an coimhead am buain nan luibhean, 's bha rannan àraid ri 'n aithris an ám an cur gu feum. Bha an duine anns gach linn de 'n t-saoghal, cho fad 's is fhios duinn, a' strì ri cungaidh-leighis a thoirt as na luibhean. Cha chuir e iongantas òirnn mar sin gu robh na h-uibhir de mheas aig ar n-athraichean air cuid de luibhean na machrach, 's cho fhad 's a dh' fhan iad air a bhi 'g an gnàthachadh mar chungaidh-leighis bha 'n gnothach ceart gu leòr, ach an uair a tha iad a' buileachadh buadhan freasdail orra, tha amharus againn gu bheil iad a' dol na 's fhaide na tha barantas aca air a shon. Tha fhios againn gu robh a' mhór-chuid de shluagh an t-saoghal, aig aon ám no ám eile, toirt onair do luibh, flùr, no fiadh a thaobh-eigin. Bha 'n

lotus, an *lili* 's an crann *pailm* 'n an comharran aithnichte an iomadh creideamh, 's thainig fuigheall de 'n t-saobh-chràbhadh so nuas 's an Eaglais Chriosdail gus an latha-diugh. Bha àireamh luibhean aig Ceridwen 's a' choire shònraichte a dh' ainmich mi, 's an deidh do 'n choimeasgadh a bha ann a bhi air a bhruich fad latha 's bliadhna, bha 'n togail cho làdir 's gu 'n d' rinn tri boinnean deth fàidh, sagart, agus bàrd de 'n fhear a bhlais e. B' fheàrr sin na uisge-beatha nan Eileana-Caola !

Thugadh mar so cungaidhean-leighis as na luibhean, ma 's fior an sgeul, cho éifeachdach 's gun tugadh iad beò o'n bhàs. Chan 'eil e soirbh a thuigsinn ciamar a bha daoine cho faoin 's gu 'n creideadh iad anns na buadhan mìorbhualeach sin ; ach an uair a rannsaicheas sinn na sgeulachdan samhlachail a bha dol 'n am measg 's a thuigeas sinn, gur ann air cuspairean nàduir, mar tha grian is gealach, talamh is adhar, gaoth is uisge, sneachd is reodhadh, a bha iad air an deanamh suas, agus buadhan nan cuspairean sin air an samhlachadh a mach an cruthan corporra, chi sinn na 's soilleire ciod a tha air a chiallachadh leis na nithean aibhiseach a tha sinn a' faotainn anns na sgeoil. An uair a leughas sinn gu'n do mharbh 's gu 'n d'ith Bel a phàrantan, curidh e gràin oirnn, ach an uair thuigeas sinn gur e Bel an teine, agus a phàrantan an connadh a bha 'ga chumail beò, chi sinn gu bheil an nì nàdurra gu leòr. Air a' cheart dòigh, an uair a leughas sinn gu 'n do ghoid Hermes, 's gun e ach tri uairean a dh' aois, crodh a choimhearsnaich, Apollo, chan urrainn duinn sin a chreidsinn air duine talmhaidh ; ach an uair a dh' innsear dhuinn gu 'm b'e Hermes a' gaoth, 's gu 'm b' iad crodh Apollo na neoil a bha snàmh air aghaidh na speur, chi sinn gu bheil an ni freagarrach gu leòr. A nis, 's ann mar sin a dh' éirich sgeulachdan air buadhan mìorbhualeach an luibh, a' bheathaich, 's an duine—am bàrd ag cur nam buadhan sin an

riochd a' chuspair as freagarraiche d'a sgeul, 's mar sin a' dean-amh suas nan sgeul a tha againn air famhairean, beithirean sgiathach, gaisgich nach robh an coimpirean riamh airthalamh, 's daoine laidir mar a bha Samson, Hercules, Achilles, 's an leithidean sin. Ach gu robh móran de na nithe sin air an gabhail leis an t-sluagh mar dhearbh fhírinn, tha e soilleir gu leòr. Chaill iad sealladh air an t-seagh a bha aig an nì an tùs, agus troimh aineolas ghabh iad ris an fhaileas an àit a' chuspair a bha 'ga thilgeadh. Chan 'eil so gun a theagascg féin dhuinne, ma sheallas sinn air. Tha e teagascgail gu sònraichte an comharrachadh a mach dhuinn an t-slighe air an d' thainig cuid d' ar beachdan féin a nuas g' ar n-ionnsuidh; beachdan, math a dh' fhaoidh', a tha sinn ag gabhail a steach mar fhírinn shuidhichte, ach nach bu mhisde, aig a' cheart ám, a bhi air an rannsachadh beagan na 's cùram-aiche, agus an seagh air a dheanamh beagan na 's soilleire.

Tha e soilleir nach ceadaich tìne dhomh dol na 's fhaide, ach mu 'n criochnaich mi faodaidh mi thoirt fa-near cho duilich 's a tha e dhuinn a nis cuid de na nithean sin a thuigsinn. Chaill sinn, ann am mór-thomhas, gréim air an fhreumh o'n do chinn iad, 's chan 'eil sinn a nis ach 'g am meòrachadh anns an dorcha.

Rinn an Eaglais spàирн mhór a chum gach nì a mheas ise mar chogul a spionadh á bun, ach 's duilich leam a ràdh gu 'n do splon i aig a' cheart ám móran a mheasamaid an diugh mar chruthneachd. Cha robh na Gàidheil féin saor o choire 's an dearmad a rinneadh air an ionmhas sgeòil agus chiùil a bha aon uair 'nar measg. Bha, gun teagamh, gnè leisgeil aca air a shon. Bha teagascg Chalvin, co-dhiù mar thugadh dhuinne e, cho dearg theth an aghaidh gach nì dhe sin 's nach robh chridhe aig duine a bheul fhosgladh air seann dàn no seann sgeul, 's iadsan aig an robh bathar cunnartach de 'n t-seorsa sin, b' eiginn daibh a ghleidheadh glé uaigneach.

Chaidh gach ribheid chiuil 'n ar measg a thachdadadh mar nì toirmisgte, direach mar nach buineadh ceòl de dh' obair a' Chruitheir idir. Tha e duilich a chreidsinn gu robh ar luchd-teagaisg air cho beag toinnisg. Nach 'eil e soilleir, na 's lugha na tha duine cho bodhar ri cloich, nach 'eil e comasach dha ceòl a dhruideadh a mach?

Ceòl 'na chridhe, ceòl 'na chluasan,
Fad a chuairt o bhreith gu bhàs.

Do 'n chluais a tha air a gleusadh a chum ciuil, tha nàdur uile ceòlmhor, ach a réir an teagaisg so, am fear aig a bheil cluas-chiuil, sparradh e chorrag innte, 's am fear air an do bhuilicheadh guth mar ghuth aingil, cuireadh e gloc 'na bheul 's na canadh e dùrd : 's e so an lagh.

Tha gleann domhain, caol ann is aithne dhomh ; allt a' ruith troimh ghrunnd a' ghlinne ; àrd leum-uisge air an allt ; coille air gach taobh dheth ; beinn àrd, chorrag trasd air ceann a' ghlinne, 's a' mhuiр fharsuinn aig a bhun. An uair a bhiodh gaoth làidir o'n mhuiр a' séideadh suas troimh 'n ghleann sin, is tric a shuidh mi air leth-taobh a' bhruthaich ag éisdeachd ris a' cheòl a dh' éireadh as ;—trom thoirm na gaoithe ri aodann na beinne ; torman an eas ag éirigh 's a' tuiteam air a' ghaioit ; morbhan an uillt an grunnd a' ghlinne ; àrd-cheol fonnmhòr, ioma-ghuthach na coille, 's gaoir chaoch-laideach na mara cur co-sheirm ris an ionlan : an t-ionlan sin a' deanamh suas ciuil nach cualas riamh a leithid anns an teampull as greadhnaiche thogadh riamh le làmhaibh ; ceòl airidh air cluais an àrd-fhir-chiuil. Bha gach nì am éisdeachd ag gabhail pàirt 's a' cheòl sin, mar gu 'm biodh gach bith 's an domhan a' toirt molaidh a réir a ghnè, 's cha b'e sin a mhàin, bha gach nì a b' urrainn gluasad a' dannsadh ris, 's direach mar a dh' aithris an sgeulaiche, iadsan a bha dannsadh ris a' cheòl, cha b' urrainn daibh stad cho fhad 's a leanadh

Orpheus air seinn. Theagamh gu robh so uile gu léir peacach, 's gu robh e aingidh dhomhsa éisdeachd ris, no tlachd a ghabhail ann, 's theagamh gu 'n do thoill an gleann sin a bhi air a lom sgrios, 's a bhi air fhàgail cho fàs ri Sòdom 's ri Gomòrah: chan urrainn domh a ràdh; aig a' Chléir a mhàin a tha fhios.

A nis, rinn mi mar a gheall mi, thug mi dhuibh an sop as suaraiche as an t-seid a bu ghoireasaiche, ach 's leòr na thug mi seachad a leigeil ris duibh nach e 'm beagan tìne a tha againn r'a sheachnad aig an ám a dh' fhóghnadh air son an iomlain a chur fa 'r comhair. Gu mi-shortanach cha do sgriobhadh *mythology* nan Gàidheal fathast cho fad 's is fios domh; chan 'eil so cliuiteach dhuinn, ach có sam bith a ghabhas os laimh ar nithe seann-aimsireil a sgriobhadh—na seann sgeulachdan sin, a tha, réir coltais, cho sean ri imrich nan Ceilteach as an Aird-an-ear; na seana chleachdainnean 's na deas-ghnàthan a thainig a nuas g'ar n-ionnsuidh troimh na linntean, 's a ghabh freumh anns gach àite 's an do thuinich ar sluagh,—tha mi 'g ràdh, có sam bith a ghabhas os laimh na nithe seann-aimsireil sin a thoirt gu riaghaith thuigsich, gu faigh e tomhas nach beag de'n chungaидh, deas g' a làimh, ann an stòr-thigh Mhic Ghillemhicheil, ann an 'Carmina Gadelica.'

COMHRADH.*

EOGHAN OG AGUS EACHANN RUADH, AG COINNEACHADH
AIR AN T-SRAID.

EOGH.—How do you do, Hector? Glad to see you! And how are you?

EACH.—An eatorras, gu robh math agad Eoghain; ciamar a tha thu féin? Ach an do chaill thu do Ghàidhlig?

EOGH.—Cha do chaill, 's cha chaill gus an caill mi 'n deò; ach shaoil leam thusa bhi cho fada 's a' bhaile-mhór gu'm b'i Bheurla bu deise leat.

EACH.—Chan i; chan 'eil annams' ach duine maol-theangach, 's chan 'eil de dh' eanchainn agam na's urrainn gréim a dheanamh air cànan choigreach; ach fóghnaidh dhòmhsa an té a dheogail mi stigh le bainne na ciche.

EOGH.—Tha thu cur iongantais orm, Eachainn; shaoilinn-sa gu 'm b' phasa dhuit a' chànan a th' ann ad chluasan a h-uile latha ghabhail a stigh, na gréim a chumail air an té nach 'eil thu cluinntinn ach fior ainneamh.

EACH.—Chan e an nì tha daonnan 's a' chluais a tha daonnan 's a' chridhe, Eoghain, agus is ann 's a' chridhe tha sinn, am bitheantas, a' tasgadh nan cuimhneachan air am mothà meas againn, bitheadh no na bitheadh iad fiachail annta féin; chan e nach d' fheuch mi ris a' Bheurla, ach dh' fhairtlich i orm.

EOGH.—Tut! chan 'eil an gnothach cho doirbh 's a tha thu smaointeachadh. Thoir fa-near mar a tha daoine eile 'ga labhairt. Leugh leabhraichean 's a' chànan sin. Gleidh Faclair math Gàidhlig làimh riut, 's théid mise 'n urras nach bi thu fada 'g ionnsachadh na Beurla.

EACH.—Mar thuirt an t-òganach o shean, "choimhead mi

* A' cheud duais, Mòd, 1900.

iad sin uile o m' òige ; " 's ged a choimhead, tha mise fathast gun Bheurla. Ach a bhi 'g iomradh air an Fhaclair : chan e sin ach an gnothach ciogailteach a bhi smeachranachd air na Faclairean.

EOGH.—Ciamar sin, Eachainn ?

EACH.—Matà, bho 'n is tù am fear a tha ann, faodaidh mi innseadh dhuit mar a rinn am Faclair orm. Bha mi o chionn ghoirid a' tionndadh suas fhacal anns an Fhaclair Ghàidhlig, 's thainig mi trasd air an fhacal, 'gaothar', 's gu dé a' Bheurla bha aige air ach '*flatulent*' ? Bha ionantas orm nach cuala mi am facal so 'ga chleachdad aig muinntir na Beurla, 's ghléidh mi cuimhne air—'s tha mi coma ged nach do ghléidh—ach aig an ám shaoil mi gu robh e glé fhreagarrach air son na gaoithe cruidhe, feanndaidh bhios, air uairean, a' sianail troimh chaol-shràidean a' bhaile so, le fead cho cruidh ri fead-ghlaice.

EOGH.—Seadh, Eachainn, ach ciod a bha cearr air an fhacal ? Ciamar a chaidh an gnothach air aimhreidh ?

EACH.—Chaidh mar so : bha mi a' toirt sràid do 'n chuilein mhadaidh agam, an uair a thachair aon de dhaoine móra a' bhaile orm, 's bho 'n a thuit e mach gu robh a' ghaoth car àrd, chuir mi failte air an duin'-uasal le, "*flatulent morning, Sir.*"

EOGH.—Ho ! Ho ! Ho ! Ha ! Ha ! Dé thubhairt e ?

EACH.—Rinn e snodha gàire, 's thuirt e,—agus sin ann an Gàidhlig cho maith ri m' Ghàidhlig-sa—“ Ciod, a dhuine bhoichd, a' ghaoth tha cur dragh ort ? ” ‘ Tha le 'r cead,’ arsa mise, ‘ an aona ghaoth is fhiosrach mise thigh'nn riamh rathad a' bhaile so,—a' ghaoth-'n-eas.’ “ Nach cuimhne leat,” arsa esan, ‘ mar a thuirt a charaid ri Iob ; an lion an duine glic a chliabh leis a' ghaoth-'n-eas ? ”

EOGH.—So ; nach e bha bearraideach. Thachair do sheise riut, Eachainn.

EACH.—‘Anns a’ bhaile so,’ arsa mise, ‘biodh daoine glic no amайдeach, chan ‘eil atharrach gaoithe ann leis an llon iad am builg, gabhadh iad caol no reamhar i.’

EOGH.—Mo ghille geal !

EACH.—“Innsidh mise dhuit,” arsa esan, “Ciod is còir dhuit-sa dheanamh ; ’s ma ghabhas tu mo chomhairle, cha chuir gaoth an ear no’n iar dragh ort ; cùm do bheul dùinte. Maduinn mhath leat.”

EOGH.—‘S dh’ fhàg e ’n sud thu ?

EACH.—Dh’ fhàg e ’n sud mi ; am sheasamh ann am chnap-starra air an t-sràid, ag amharc as a dhéidh, ’s mi faicinn gu soilleir air a shlinneanan gu robh e ’s na crithean ag gàireachdaich.

EOGH.—Fhuair e chuid a b’ fhearr dhiot, Eachainn. Nach iongantach leamsa thusa bhi cho maol-cheannach an déidh a bhi leithid a dh’ tìine ’s a’ bhaile-mhór.

EACH.—Cion na Beurla, Eoghain ; cion na Beurla. Bha Ghàidhlig so againne tuillidh is uasal ’na gnè. Chan fhiach leatha iasad a ghabhail bho chànainean eile. Chan fhiach leatha a ceann a chromadh air aon dòigh no dòigh eile, ’s tha sin ’ga fàgail air dheireadh.

EOGH.—Tha mi creidsinn nach ‘eil thu fada ceàrr. Ach ciod a rinn thu an déidh do ’n duin’-uasal dealachadh riut ?

EACH.—Cha do rinn dad is fhiach ainmeachadh. Thug mi sùil air a’ chù ’s thug an cù sùil ormsa, ’s thug sinn le chéile sùil an déidh an fhir a bha nis a’ dol as an t-sealladh aig oisinn na sràide, ach cha d’thuirt sinn smid. Thionndaidh sin air ball ar sròn an aghaidh na gaoith-’n-ear ’s shèap sinn dachaидh.

EOGH.—An d’ innis thu do ’n mhnaoi mar thachair ?

EACH.—Chan ‘eil e soirbh diùrais a chumail o na mnathan. An déidh dhomh mo phlob a lasadh, thug mi fa-near gu ’n do thachair a leithid so a dhuin’-uasal orm air

an t-sràid. "An do thachair," arsa ise, "Ciod a bha e 'g ràdh ? A nis, gu mi-fhortanach, cha robh breug deas agam, 's cha robh tìne agam air té a dheanamh, 's e bha ann gu 'n d' thainig an fhirinn a mach, eadar mo làmh 's mo thaobh.

EOGH.—Seadh, 's gu dé thuirt i ri d' Bheurla ?

EACH.—Cha d' thubhairt an aon fhacal beag. 'Nuair a chual i an fhàilte chuir mi air an duin'-uasal, thog i a dà laimh mhìn-gheal, bhòidheach os cionn a curraichd ; thionndaidh i gealagan a sùla ris a' chabar-dhroma ; 's an déidh dhi ruith chunntais a thoirt air cabair an fharaidh, chrom i a ceann 's thòisich i air figheadh na stocaidh a bha 'na h-uchd, mar gu 'm b'e am meur a bu mhoille am meur a bu diombaiche.

EOGH.—Gabh mo chomhairle, Eachainn, agus loisg am Faclair sin.

EACH.—Tha mi 'ga dheanamh sin, Eoghain ; tha mi toirt stròic as an dràsd 's a rithist a chur teine ris a' phìob an àite na h-éibhleig a b' àbhaist domh chur innle.

EOGH.—Latha math leat, Eachainn ; chi mi fathast thu mu 'm fàg mi 'm baile.

EACH.—Latha math leat féin, Eoghain, 's bi cinnteach gu 'n tadhail thu mu 'm fàg thu 'm baile, ach na abair smid mu 'n Bheurla mhóir agamsa. Latha math leat.

OIDHCHE AIR CHEILIDH.

Thainig caraid g' am fhaicinn, an oidhche roimhe, 's dh' iarr e orm dol leis air chéilidh. "C'arson a rachainn-s' air chéilidh?" arsa mise. "A dh' fhaotainn cuideachd agus còmhradh dhaoine fiachail," arsa esan. "Tha agams' ann an so," arsa mise, 's mi togail an leabhair a bha air a' bhòrd, "cuideachd dhaoine cho fiachail 's a bha riamh air thalamh." "Tha sin ceart gu leòr," arsa esan, "ach nach saoil thu, air uairean, gu bheil a' chuideachd sin car marbhanta. Tha thu, mar gu 'm b'eadh, ag ionndrainn anail na beatha anns an nì a tha iad a' toirt seachad."

"Theagamh nach misd' an gnothach sin idir," arsa mise, "gheibh mi uatha gu ciallach, cothromach, gun ghuth mór no droch fhacal, na smaointean a b' fhiachala bh' aca r'a chur an céill; agus sin anns an òrdugh a b' fheàrr 's am b' urrainn daibh féin an cur. Ciod a b' fheàrr na sin a gheibhinn air chéilidh?"

"Gheibheadh nì no dhà," arsa esan, "a dh' aon nì dheth, ma théid thu leamsa nochd, gheibh thu cuideachd dhaoine a tha ainmeil anns gach ceàrn de 'n t-saoghal anns a bheil Gàidheil a' tuineachadh; 's nach mór an nì sin?"

"Seadh, seadh," arsa mise, "ach có iad na daoine móra so?"

"Thig agus faic," arsa esan.

Chan 'eil annams' ach duine socharach, 's dh' fhalbh mi leis. Air an rathad, thug mi fa-near gu 'm b' fhaoin an duine mi, a' dol a leithid a dh' astar o m' bhothan féin air oidhche fhuair, gheamhraidh, agus sin a dh' aona ghnothach a spleuchdadhbh air daoine móra—daoine nach sealladh air an taobh air am bithinn de'n t-sräid.

"Chan 'eil thu na 's faoine mar sin na daoin' eile," arsa esan, "'s theagamh gu bheil bunachas anns an nì sin nach 'eil idir cho faoin 's a tha thu saoilsinn. Co-dhiù, faodaidh tu féin a thoirt fa-near, gur iad na daoin' as fiachala annta féin as deise gu deagh-thoillteanas dhaoine eile aideachadh. A bheil cuimhn' agad air an rann sin aig *Browning* anns a bheil e farraid mu dhéidhinn an duine ainmeil sin, *Shelley*?

'An è gu fac thu *Shelley* féin ?
 An d' chaisg e cheum 's an d' éisd thu ghuth ?
 An d' labhair thu ris, beul ri beul ?
 Ar leam gur ait do sgeul an diugh.'

A nis, bu duine comasach *Browning* e féin, ach a réir coltais bha farmad aige ris an duine a chunnaic *Shelley* 's an fheoil." "Cha robh fhios agam," arsa mise, "gu 'n do sgriobh *Browning* anns a' Ghaidhlig." "Ud ! ud ! cha do sgriobh," arsa esan, "thionndaidh mise sin gu Gàidhlig, eagal 's nach tuigeadh tusa Bheurla." "Tha mi 'n ur comain," arsa mise, "ach a réir mo bheachd-sa, cha robh e cho soirbh cainnt fhaotainn dheth féin ; nach e thuirt ann an àit eile ;

'Suil troimh m' uinneig gheibh thu nasgaidh,
 Ach cas na cuir-sa thar mo stairsnich.'

Thionndaidh mise sin gu Gaidhlig eagal 's gu milleadh sibhse e. Is è mar a thà, nach 'eil e furasd' eòlas a chur air duine. Co-dhiù a chì sibh e troimh 'n uinneig no troimh 'n luidheir, chan 'eil sibh 'ga fhaicinn ach o'n taobh a muigh, 's chan 'eil e dhuibh mar sin ach mar choigreach gus an toilich e féin dorus na h-inntinn fhosgladh. Tha an seanachas so a' fàgail mo cheum-sa trom. Nach 'eil fhios agaibh gu bheil ám air son gach ni ; ám gu feallsanachd, 's ám gu céilidh ; no mar thuirt an duine glic a bha ann roimh so, 'Nuair a bhios sin ri maorach, biomaid ri maorach.' Is air a' cheart dòigh, 'nuair a bhios sinne ri céilidh, biomaid ri céilidh.'

Mu 'n d' fhàg sinn an tigh, bha mi dol a dh' innseadh dhuibh mu rud-eigin a thachair dhomh an oidhche roimhe a chuir iongantas orm, ach bha a leithid de ghoganaich oirbhse mu'n chéilidh so 's nach d' shuair mi falal a ràdh. So agaibh, matà, an nì a thachair: Bha mi 'm shuidhe, mar is minig, ann an cùil leam féin, 's mi smaointeachadh tuillidh na bha mi'g radh, 'nuair a chuala mi guth ciuin, caol nach b'fhiorsach mi leithid a chluinntinn riamh roimhe. Shaoil mi gu'm b'e spiorad na bàrdachd a thainig le teachdaireachd g'am ionnsuidh, no a thilgeil falluinn, no blaigh-lin, no leith-phlaide, no globall mar sin tharum, mar a thachair do mhuinntir eile air an cuala mi iomradh. Chùm mi sùil ris an fharadh air chor 's gu 'm bithinn deas a cheapadh nì sam bith a dh' fhaodadh tuiteam as a' cheàrn sin; ach cha robh nì ri fhaicinn. Dh' éisd mi greis ris a' cheol-shith so, 's gu dé b' iongantaiche leam a chluinntinn na fonn aon de m' òrain féin. Bha bòsdan beag ann an oisinn anns an robh mi gleidheadh spruidhleach phaipeirean. Thog mi 'm brod dheth gu faicilleach, 's gu dé bha 'n so ach luch a rinn a dachaidh am measg nam paipeirean. Bha cuid de na paipeirean sin a bha glé mhiadhail agam féin, gu sònraichte òrain a' Bhàird Luideagaich. Thagh i mach á measg chàich òran a rinn mi do m' chéile pòsda, 's thug an creutair uilc (an luch) an t-òran lurach sin 'na mhile criomag, 's rinn i leab-ùrlair dhi féin 's d'a muirichinn 'na theis-meadhoin. Tha mi 'm beachd gur ann am feadh a bha i ag criomadh, 's ag cuimireachadh a' phaipeir air son a nid a shuair i blas air an òran; 's gu 'n do thaitinn e cho math rithe, 's gu 'n do leig i earrann deth thar a slugan, 's gur e sin a thug a' bhuaidh-chiuil dhi. Co-dhiù, bha i nis 'ga channtaireachd do na sgriotachain aice, direach mar a b' àbhaist dòmhaisa bhi 'ga channtaireachd do m' fheadhainn féin."

"Tut! tut!" arsa mo charaid, "tha eagal orm féin

nach do lean thu ro dhlùth do smior na firinn anns an nì sin ; có chuala riamh iomradh air luch ag canntaireachd ? ” “ Nach cuala ? ” arsa mise. “ Matà, co-dhiù chuala no nach cuala, no co-dhiù a lean mise ri smior na firinn no nach do lean, cha ruig sibhse leas a bhi cho mionaideach m’ a dhéidhinn : cha tric leamsa facal a chur an aghaidh nan ròsgeul a bhios sibhse ‘g innseadh.” “ So agad tigh na céilidh,” arsa esan, ‘s e ag amharc cho gruamach ri fuaradh froise.

Cha b’ e sin an tigh suarach, ‘s cha b’ e chuideachd shuarach a bha cruinn ; is ceart mar thuirt mo charaid, bu daoin’ ainmeil a’ mhór-chuid de na bha làthair. Thòisich na sgeulachdan. Thug Fear-an-tighe dhuinn “ Gaisgeach na Sgéithe Deirge.” Is math a bu chuimhne leamsa cheart sgeulachd a chluinntinn air a h-aithris le Iain MacFhearchair a bha ’n Colbhasa ; ach tha latha no dhà bho sin. ’Nuair a bha crioch air an sgeulachd, thòisich deasbaireachd mu chiall cuid de na facail a bha air an gnàthachadh innte. Shaoil mise gu’m b’ aithne dhomh Gàidhlig, ach, mo chreach ! ‘s beag a b’ fhiach mo Ghàidhlig-sa am measg nan daoine sin. Chan e mhàin gu robh iad mion-eòlach air a’ Ghàidhlig, bha iad a bhàrr air sin coimhlionta ann an cànainean eile bha cuid-eachail a chum solus a thilgeadh air an nì a bha dorcha dhuinn ‘s a’ Ghàidhlig. Thionndaidh an sin an seanachas air ciall no seagh nan seann sgeulachdan sin, no an robh seagh idir anna. Chuir e iongantas orm a chluinntinn nach ann gun seagh a tha iad, ‘s gu bheil daoine fògh-luimte ag caitheamh móran saoithreach riu, ‘g an tional feadh gach dùthcha ‘s a bheil iad r’ a fhaotainn, a’ lorgachadh a mach nan rathaidean air an d’ thainig iad g’ ar n-ionnsuidh-ne, ‘s ‘g am mion-sgrùdadadh a chùm beachd a tharruing uapa air a’ ghnè dhaoine am measg an d’ éirich iad an tùs ; ‘s gu bheil iad mar sin airidh air àite nach suarach am measg litreachas an t-saoghal. “ Ubh ! Ubh ! ” arsa mise rium féin, “ a réir so,

rinn Iain MacFhearchair còir seirbhis nach beag do litreachas a dhùthcha, anns an sgeulachd so chumail an lathair."

An deidh nan sgeulachdan, bha ceòl is fearas-chuideachd againn a bha fior thaitneach ; ach an déidh sin, thainig an nì bu taitniche leamsa na h-uile nì eile—an t-suipeir—'s cha b'i 'n t-suipeir ach a leithid ! An déidh na suipearach bha ploban is *cigars* 'g an tarruing. Cha robh agam sa ach seana chutag dhubbh, 's bha näire orm a toirt am follais, ach thairg duin'-uasal coibhneil *cigar* dhomh, 's ghabh mi sin. Chan 'eil mise suas ris na gnothaichean riomhach sin, 's tha amharus agam gur e 'n ceann cearr dheth a chuir mi 'm bheul. Cha tàirngeadh an rud grànn da deò, 's bha smùdan an uilc as a' cheann eile, a bha dol cho direach ann am shròn 's ged a b'e am ball-airneis sin a b' aon luidheir air an tigh. Tha mi smaointeachadh gur e sin a thug an deur air an t-sùil agam an uair a bha mo charaid a' seinn "An Gleann 's an robh mi òg." Ach sin agaibh mar thà, 'nuair a bhios duine am measg dhaoine móra 's gun e suas r' an dòighean, faodaidh e bhi cinnteach gu 'n éirich tubaist dha.

Chaidh an tìm seachad cho luath ri saighead-shìth, 's thainig dà-uair-dheug a dh' oidhche mu 'n do smaointich sinn air gluasad ; ach mu dheireadh thòisich sinn air dragh-adh ar cas 'n ar déidh, 's iad glé neo-thogarrach a thigheinn.

Dh' fheòraich mo charaid dhiom ciamar a thaitinn a' chéilidh rium. "A' chéilidh !" arsa mise, "ma 's ann mar sud a thàtar ag gleidheadh na céilidh a nis, rachainn-s' air chéilidh a h-uile h-oidhche 's t-seachduin,—a Dhòmhnaich, a Luan, 's a Shathurna. Tha mi 'g ràdh ribh, gu 'm b' fhiach an t-uisge-beatha féin dol a h-uile ceum de 'n astar air a shon. 'Nuair a bha sibhse gabhail an òrain, thug mise srùbag as mo ghloine, gun fhios do chàch, 's tha mi 'g ràdh ribh gu 'n d' thug e meall ann am mhuiNeal cho mór ri cnap buntàta." "Tut ! tut !" arsa esan, "C' arson nach do chuir

thu uisge 'na cheann? Bha 'n t-uisge-beatha sin mar a dh' fhàg e Lamh-phròraig an Ile." "Nach coma leam," arsa mise, "co an làmh no chas a dh' fhàg e; an saoil sibh an robh mi dol a thruailleadh tiodhlacan an fhreasdail mar sin?"

Ach cha b' urrainn domh gun bhi smaointeachadh air an atharrachadh a thainig air an t-saoghal o'n a b' àbhaist dòmhsha bhi dol do thigh baintreach Dhùghaill Chiobair, 's a bhiodh am boirionnach laghach sin ag innseadh sgeulachdan do dh' Iain a h-ogha 's dhomh féin, gus am biodh ar sùilean an impis leum as ar cinn leis an eagal. Tha cuimhne shònraichte agam air aon de na h-oidhchean sin. Bha na sgeulachdan air an oidhche sin cho làn de chulaidh-uamhais 's gur gann a rachadh agams' air seasamh air mo chasan leis an eagal, 'nuair thainig an t-ám dhomh dol dachaидh. Bha 'n oidhche cho dorcha ri toll-guail, 's bha mu thuaiream dà cheud slat a dh' astar eadar an dà thigh, agus mu mheadhon slighe, bha dig mhór, dhomhain a bha 'm bitheantas làn puill is uisge. Leum mi air falbh, 's ruith mi cho luath ri fiadh na Beinne-brice, gus an do shaoil mi a bhi dlùth air bruaich na dige. Thug mi an sin duileum 's an adhar, 's thainig mi gu talamh, gu cruinn, cothromach, ann an teis-meadhoin na dige! Cha luaithe bhuail mi 's a' pholl, na las e suas le teine-shionnachain leis am faca mi gu soilleir air a' bhruaich os mo chionn cruth an uamhais! An t-Each uisge! Ghlaodh mi gu cruidh leis an eagal. Thug esan leum as, 's rinn e sraigheadh. Ar leam gu 'n d' aithnich mi 'n sraigheadh. An àit an Eichuisge, 's ann a bh' ann an seann each donn aig mo sheanair.

Gu firinneach b' uamhasach an saoghal a bha ann 's an ám sin, cho làn de thaibhsean 's de bhéisteann mì-nàdurra. Eadar an t-Eachuisge 's a' Chaointeach, am Beithir-sgiathach 's Leabhar nan Ceist, chan 'eil fhios agam féin ciamar a bha balaich bhochda beò idir. Ach fhuair sinn cuidhte 's na

trioblaidean sin uidh air n-uidh, ach ma fhuair, thainig feadhainn eile 'n an àite; 's mur a b' iad a bu mhiosa cha b' iad dad a b' fhèarr. 'S fhada o'n a shuaip sinn an t-Eachuisge air son an Eich-iaruinn. Chuir sinn a' Chaointeach as a dreuchd 'nuair a fhuair sinn a mach gu rachadh againn air caoineadh air ar son féin. Fhuair sinn a mach mu 'n cheart ám nach bu bheò am Beithir-sgiathach. Chunnaic sinn le 'r stíleán féin e 'na laighe 's an uaigh—uaigh cho domhain 's gu robh an leac-lighe air uachdar na miltean troidh air thiughad, 's tha amharus agam gu robh e 'na laighe an sin cian mu'n robh balach beag ann air am faodadh e eagal a chur, agus cian nan cian mu 'n do bhruadair Maois air na sè laithean. Ach gu dé dheth sin? Cha bu luithe bha sinn saor o aon trioblaid na bha trioblaid eile 'na lorg. 'Nuair a bha sinn òg agus thar nan cluas ann an gaol, shaoil sinn nach robh trioblaid ann cho deuchainneach ris. Tha sinn a nis sean, agus thar nan cluas ann an ainbheach, 's tha fhios againn gur e sin trioblaid móran as deuchainniche na 'n gaol. "Nach ann mar sin," arsa mo charaid, "a chaidh ar beatha òrduchadh o thus:—

"Rugadh an duine gu carraid
Mar a dh' éireas sradan suas."

Is chan 'eil buannachd dhuinn a bhi ri monmhur, no bhi ghnàth a' sealltainn air an taobh as duirche de 'n neul. An àite sin, nach e 's còir dhuinn na sochairean a tha am freasdal a' buileachadh oirnn a ghabhail ann an spiorad taingealachd? "Gu sònraichte," arsa mise, "ma thig iad an dràsd 's a rithist ann an riochd Oidhche air Chéilidh."

OMAR KHAYYAM.

Am bard Persianach.

Mu'n ám 's an robh Macbheatha,—mu'n d'rinn Shakespeare an dàn-cluiche a tha dol fo 'n ainm sin,—ag gleac air son a chinn 's a chrùin an aghaidh feachd Chaluim-a-Chinn-Mhóir, thainig an duine ainmeil so, Omar Khayyám, thun an t-saoghail. Agus mu 'n ám 's an robh Mànus Casruisgte, Righ Norway, a' tarruing a luinge trasd an fhearaínn aig an Tairbeart Chinntirich, air chor 's gu rachadh aige air a radh gu 'm b' eilean Cinntire, fhuair Omar bàs. Tha e, mar sin, mu thuaiream ochd ceud bliadhna bho 'n a chuir Omar r'a chéile na rannan sin a dh' fhàg e 'n a dhéidh fo 'n ainm air a bheil iad air an cur a mach,—“An Rubáiyat aig Omar Khayyám.”

Chan 'eil cinnt air a' cheart bhliadhna 's an d' rugadh e, ach tha fhios gur ann am baile beag dlùth air Naishapùr, ann an roinn Chorassain de rioghachd Phersia a thachair dha bhi air a bhreith.

Feumar a ràdh ged a bha an duine so ainmeil 'na latha 's na linn féin, nach d' thainig ach fior bheagan de mhion-chunntas mu bheatha nuas g'ar n-ionnsuidh. Tha e coltach gu robh a phàrantan an staid chothromaich, oir fhuair Omar an t-ionnsachadh a b' fhearr a bha dol aig an ám. Is ann an Ard-oil-thigh Naishapùir a fhuair e fhòghlum, 's a réir coltais, rinn e deagh bhuil de 'n teagastg a fhuair e. Tha e féin ag innseadh dhuinn mu dhéidhinn so :

“Luchd fògluim theagaing dhomh gach nl fo 'n ghréin,
 'S thug mi, gun teagamh, leam na b'eòl daibh féin ;
 Ach brìgh an iomlain dhomh, de'n eòlas bhaoth,—
 Mar uisge thàinig mi is théid mar ghaoth.”

Aig an Oil-thigh, chuir e eòlas air dà ghille òg, comhaioisean dha féin, d' am b' ainm Abdul-Khassan agus Hassan Sabbah. Is ann bho aon dhiubhsan, Abdul-Khassan, a fhuaradh a' mhór-chuid de na 's aithne dhuinn mu dhéidhinn Omair. Mu 'n d' fhàg an triuir ghillean òga so an t-Oil-thigh rinn iad co-chòrdadh eatorra féin, gu 'm biodh iad cuimhneach mu chàch a chéile, agus có air bith dhiubh a thigeadh gu inbhe àird 's an t-saoghal, no a dheanadh saoibhreas, gu'n cuimhnich-eadh e air càch. Fhuair Abdul-Khassan air aghaidh gus an robh e, mu dheireadh, 'na Ard-riaghlaир air an rioghachd, fo Alp Arslan, a bu rìgh air Persia aig an ám. Chum Abdul r'a ghealladh ; thug e àit àrd do Hassan Sabbah an cùirt an rìgh, agus thairg e leithid eile do dh' Omar ; ach chuir esan cùl ris an tairgse so, ag ràdh gu 'm b' fheàrr leis a bhi air a dhòigh féin, gun suim, gun chùram, ag òl fiona 's a' deanamh rann ; no mar thuirt e féin ann an té de na rannan sin :

“ Thoir crioman arain dhomh is searrag fhion’,
Leabhar rannan, ma’-ri caraid mìn,
Is craobh an fhàsaich deanamh sgàil o ‘n ghréin ;
O, bhiodh am fàsach dhomh mar Phàras féin ! ”

An uair a chunnaic Abdul-Khassan so, agus spéis mhór a bhi aige do dh' Omar, thug e dha còir, ann an saor dhuais, air roinn mhaith de theachd-a-stigh a' bhaile-mhóir, Naishapùr, anns an robh Omar ag gabhail còmhnuidh. Beagan bhliadh-nachan 'na dhéidh sin, thug e dha làn ùighdarrings thairis air Ard-*Observatory* na rioghachd. Tha e againn air ùighdarrings Tarik-ul-Hukama, gu 'm b' e Omar duine a b' fhòghluimte 's an rioghachd, cha b' ann a mhàin anns gach fòghlum a bha cumanta am Persia, ach gu robh e fiosrach ann an litreachas na Gréige. A bhàrr air so, chaith e cuid d'a tiine ag geur-bheachdachadh air oibrichean Nàduir 's air na laghanna nàdurra bha riaghlaир gach nì cho fhad 's a bu chomasach dha sin fhaotainn a cach. Chaith e earrann eile d'a tiine ri

speuradaireachd. Cha chuir e, mar sin, iongantas òirnn gu robh an *Observatory* air a cur fo chùram ; ach chuireadh e iongantas gu leòr òirnn na'n creideamaid an teisteas a bha e toirt air féin, 's e sin nach robh ann ach am misgear. Tha e 'g innseadh dhuinn mar so.

“ Anns an tigh-òsda rinn mi m' fhail 's an smùr,
Is dhealaich mi ri m' chòmhach ann 's ri m' thùr ;
Gun dùil, gun dòchas, is gun eagal Dé,
A' snàmh gu ceòlar ann an glòir gun stéidh.”

Có as urrainn so a chreidsinn air duine bha cho fòghluimte 's a bha 'n duine so a réir teisteas a chomh-aoisean féin, 's a bha am mór urram aig uachdarain na rìoghachd, 's a dh' ath-leasaich Miosachan Phersia, gus an d' fhàg e cho neo-mhearrachdach e 's a tha am Miosachan againne air an latha-diugh ?

Tha Abulfeda, an t-eachdraiche, a' daingneachadh ùgh-darrais eile thaobh fòghluim agus farsuinneachd eòlais Omair, ach tha e cur ris na dh' fhòghluim sinn bho chàch, gu robh Omar toigheach air bàrdachd 's air fearas-chuideachd, 's nach robh e cur móran luach air fhòghlum féin, no air na nithe sin a rinn e choimhlionadh. Tha e féin ag innseadh dhuinn mu thimchioll a' Mhlosachain, nach do rinn e de dh' ath-leasachadh air ach an la-dé a chaidh seachad a dhubhadh a mach, 's gun suim a ghabhail de 'n la-màireach nach d' thainig fathast. Tha so a' toirt 'nar cuimhne briathran Fear-teagaisg a b' àirde na Omar : “ Na biodh ro-chùram oirbh mu thimchioll an la-màireach ; is leòr do 'n latha olc féin.” Tha Omar, mar so, gu minig, ag cur firinnean cudthromach an céill, ach air mhodh cho caoin-shuarach 's gu faodar, gu tric, gabhail thairis orra gun mhóran suim a thoirt d' am brigh. Aig a' cheart ám, tha e soilleir gu leòr nach robh e féin idir cho suarach mu na nithe sin 's a bha e gabhail air. Gheur bheachdaich e air laghanna suidhichte nàduir, 's thug

e fa-near grian is gealach, reult is talamh, cho cinnteach, neo-mhearrachdach, ag gleidheadh, le chéile, an cùrsa suidhichte chaidh òrduchadh dhaibh o thùs. Gach creutair a réir a ghnè ag coimhlionadh na crìche chùm an do chruthaicheadh e. An duine mhàin, a réir coltais air a thilgeadh air an t-saoghal, gun stiuir, gun chombaist, gun chaitr-iuil air an seòl e, agus buailteach gu bhi air a thilgeadh thuige agus uaithe leis gach gaoth a shéideas. Is ann mar so, a réir coltais, a thaisbein na nithe sin iad féin d'a inntinn. Chaidh e cho fhad 's a bheireadh solus is eòlas nàduir e 'na oidhirp a dh' fhaotainn freagairt do 'n cheisd chudthromaich sin, ciod e do ghnothach-sa an so, Omair? Tha e féin ag ràdh,

" O mheadhon talmhainn dh' éirich mi gu sèimh,
 Gu cathair Shatuirn anns an t-seachdamh néamh
 'S ged dh' fhuasgail mi 's an t-slighe iomadh dul,
 Cruaidh-shnaim ar crannchuir dh' fhairtlich orm gu tur.

Ann an àit eile, tha e 'g ràdh mu 'n nì cheudna,

" An so tha sinn air chuairt fad là no dhà,
 Air bheagan buannachd dhuinn ach péin is cràdh ;
 'S a' fagail ceisd ar bith gun fhuasgladh réidh,
 An rathad gabhaidh sinn gun sùil 'n ar déidh."

Chan ann idir troimh aineolas air teagast Eglaic a dhùthcha a bha inntinn Omair 's an t-suidheachadh so, ach a chionn nach b' urrainn da móran de 'n teagast sin a chreidsinn. Bha làn-fhios aige gu robh cheart uibhir fiosrachaiddh aige féin mu na nithe sin 's a bha acasan a bha gabhail os laimh a theagast. Bha 'n Eglaic làidir aig an ám; 's e sin ri ràdh, bha Chléir lionmhòr, agus ag gnàthachadh cumhachd mór thar an t-sluaigh; ach bha iad féin saoghalta agus cealgach. Cha b' urrainn, mar sin, gu 'm biodh mor-bhàidh aig Omar ris a' Chléir, 's cha mhò a b' urrainn gu 'm biodh spéis aig a' Chléir do dh' Omar. 'S e mar bhà, na'm bu duine cumanta e, nach robh bheatha teàruinnte 'n am measg; ach bha meas mór

aig an rìgh air Omar, agus b'e àrd-fhear-riaghlaidh na rioghachd a shàr-chompanach. Cha robh e, mar sin, soirbh do 'n Chléir am mi-run 'na aghaidh a thoirt gu buil. Chaidh, gun teagamh, casaid no dhà chur 'na aghaidh air son a mhi-chreidimh, ach bha Omar cho eòlach 's a' Chóran (leabhar naomh luchd-leanmhuinn Mhohammed) 's a bha iad féin, 's bha e daonnan deas a dhearbhadh gur ann aige-san a bha an creideamh fior, 's gu robh a luchd-casaid tur am mearachd. Cha robh aca, mar sin, ach cur suas le Omar mar a b' fheàrr a dh' fhaodadh iad, ach bha e féin 's a rannan "mar sgolbaibh 'n an taobhan."

Bha gnothaichean a' dol air an aghaidh mar so, Abdul Kassan a' riaghlaidh na rioghachd gu sicir, teòma ; Omar, a reir a chunntais féin, ag òl fiona 's a' deanamh rann, ach, aig a' cheart ám, a' toirt fa-near gu robh a' ghrian 's a' ghealach ag éirigh 's a' laighe aig na h-amannan suidhichte ; agus a' Chléir, faodaidh sibh a bhi cinnteach, ag gleidheadh suil bhiorach air giùlan Omair.

Bha aon eile de 'n triuir chompanach a rinn an co-chòrdadh a dh' ainmich mi ; b'e sin, Hassan Sabbah, esan d' an d' thug Abdul Khassan an t-àite an cùirt an rìgh. Bu duine comasach Hassan air dòigh no dhà, ach an daor-shlaughtire 'na dhéidh sin. Aig an ám so, bha e stri, gu cealgach, ris an fhear a bhuilich an t-àit air a chur as a riaghlaireachd, agus e féin a chur 'na àite. Cha do shoirbhich sin leis ; chaidh a chuilbheartan a dheanamh follaiseach 's chaidh fhògradh a mach as an dùthaich fo throm mhasladh.

Cha ruigeamaid a leas tuillidh gnothaich a ghabhail ri Hassan, ach gu'n do thachair, gu mil-fhortanach gu 'n d'thug e aon nl gu crich a bhean gu dlùth rí leas Omair. 'Nuair a dh' fhàg Hassan cùirt an rìgh, thug e ceàrn iomallach de 'n dùthaich air, far an do chruinnich e mu 'n cuairt air buidh-

eann de dhaoine coirbte mar e féin. Shuidhich iad iad féin am measg bheanntan iomallach an àite sin, leis an rùn shuidhichte gu 'n cuireadh iad gu bàs gach aon de dhaoine-móra na rioghachd, an aghaidh an robh gamhlas aca. Airson na criche so, chuir iad a mach teachdairean diomhair am fad 's am fagus, agus troimh 'n cuilbheartan chaill iomadh duine fiachail a bheatha, agus am measg chàich Ard-riagh-lair na rioghachd, Abdul Khassan.

Bha so 'na bhuille glé throm do dh' Omar, 's bha e air a leantainn le buille eile, neo-air-thaing cho trom, ann am bàs an righ, Malik Shah, aig an robh mór spéis do dh' Omar. Thainig am bàs car obann air an righ, 's cha b' ann gun amharus a bhi air an droch dhuine so, Hassan, gu robh làmh aige ann.

Tha e car iongantach gu 'n d' fhuaradh iomradh anns na ceàrnan so air Hassan iomadh linn mu 'n d' thainig cliù a chompanach fhiachail gu 'r n-ionnsuidh. Thàtar ag radh gu 'n d' thainig na *Crusaders* trasd air 's an Airde-n-ear, 's gur e droch chliù an t-saoghal a bha aca air. Tha e air a ràdh, mar an ceudna, gur ann bho aimm an duine so a thainig am facal a tha againn 's a' bheurla ag ciallachadh mortair, 's e sin *assassin*, ach biodh so mar a dh' fhaodas e, cha bhi tuillidh gnothaich againn ri Hassan Sabbah.

Ann am bàs an righ agus an àrd-riagh-lair, chaill Omar an cùl-taice cumhachdach a bha aige 's na daoine sin. Bha e nis soilleir dha gu feumadh e tuillidh faicill a ghnàthachadh a thaobh na Cléire. A chum na criche so, rinn e'n turus sin a tha mar fhiachaibh air gach deagh Mhohammedanach a dheanamh, 's e sin, an turus gu Mecca, far a bheil Ard-theampull an Fhàidh aca. Tha an teampull so do na Mohammedanaich mar bha teampull Ierusaleim do na h-Iudhaich. An déidh so cha do chuir a' Chléir uibhir dragh air Omar; chan e gu 'n do leig e dheth a bhi deanamh

rann 's ag òl fiona ; ach, math dh' fhaoidhte, nach robh iad cinnteach dé cho fada 's a bha e glic dhaibh dol an aghaidh duine cho comasach air e féin a dhion 's a bha Omar.

Bha, a réir coltais, meas mór aig a' ghineal òg a bha faighinn am fòghluim aig an Oil-thigh air Omar. Bha e cleachduinn a bhi labhairt gu follaiseach riu mu nithe bhuineadh do theagast, gu sònraichte mu fheallsanachd. Thainig aon de'n òigridh sin a thachair a bhi dol air thurus a dh' fhaicinn Omair, 's a dh' fhàgail beannachd aige mu 'n trialladh e air a thurus. Bha Omar a nis 'na sheann duine, 's an uair a bha e dealachadh r'a charaid òg, dh'fheòraich e dheth, cuin a bha fiughair aige bhi air ais ? Dh' innis a charaid sin dà. "Matà," arsa Omar, "cha bhi mise romhad an uair a thilleas tu, ach gheibh thu m' uaigh far an còmhdaicheadar i gach bliadhna le blàth an ùr-chéitein." Chuir so ionantas air an òganach, oir tha e ionann 's air a thoirmeasg anns a' Chòran do neach sam bith a radh c' àit am bi e air adhlac. An uair a thill an gille òg so bhàrr a thuruis dh' fharraid e air son Omair, 's chaidh innseadh dha nach bu bheò e. Chaidh e air ball a shealltainn air son uaigh an duine chòir, 's fhuair e i dlùth air lios mheasan, agus an leac-lighe còmhdaichte leis na blàthan a bha tuiteam bhàrr nan craobh.

"Co-dhiù aig Babilon, no Ispahán ;
Co-dhiù tha' n cup de mhil no dhomblas làn,
Tha fion na beatha sruthadh, braon air bhraon ;
Tha chraobh ag call a duille, aon air h-aon."

So mar bheachdaich Omar féin air làithean an duine, 's faodaidh sinn a thoirt fa-near nach 'eil a bhriathran eu-cosmhuil ris na briathran a chuireadh am beul Iob air an ni-cheudna :

"Amhluidh mar shruth a ruitheas bras,
'S nach pill air ais r'a shliabh ;
Tha latha 's bliadhna 's linn dol seach,
'S cha phill ri neach an triall."

Is e bha mhiann orm 's an àite so, an déidh cunntas aithghearr a thoirt dhuibh air beatha an duine so, dol air m' aghaidh a labhairt air a' ghnè bhàrdachd a dh' fhàg e 'na dhéidh; agus a chur fa 'r comhair an t-eadar-dhealachadh a tha eadar inntinn Omair, mar tha i air a foillseachadh dhuinn 'na bhàrdachd, agus inntinn nan daoine air a bheil sinn eòlach ann am bàrdachd ar dùthcha féin. A chum na criche so, thionndaidh mi cuid de rannan Omair gu Gàidhlig, air son an cur taobh ri taobh ri cuid de rannan nam bàrd againn féin, a leigeil ris dhuibh an t-eadar-dhealachadh a tha am bheachd; ach tha e soilleir nach ceadaich an tìne dhuinn dol cho domhain 's a' chùis aig an ám. Faodaidh mi, air a shon sín, a chomharrachadh a mach dhuibh, ann am beagan fhacal, far a bheil am bàrd Persianach agus a' mhór-chuid de na bàird Ghàidhealach a' dealachadh gu tur.

Tha, mar as trice, na bàird Ghàidhealach, a' sealltainn air aghaidh Nàduir, le sùil gheur, shoilleir, 's ag cur an céill ann an cainnt phoncail, dhealbhaich, an *ni* mar a tha e 'ga thaisbeanadh féin do 'n t-sùil, ach is ainneamh leò Nàdur a cheasnachadh,—ciamar tha sud mar sud, no c'arson a tha so mar so. Feumaidh sinn aideachadh gu bheil am bàrd, air uairean, ag cur tuillidh dreach air an *ni* na tha barantas aige o'n t-sùil air a shon. An uair a tha Alasdair Mac Mhaighstir Alasdair ag còmhdaidh bruachan Allt-an-t-siùcair le lusan a bha eu-comasach a bhi làthair do 'n t-sùil,—ma bha iad idir 's a' choimhearsnachd,—air a 'mhaduinn chùbhraiddh, chéit,' air a bheil e seinn; 's an uair a tha Donnchadh Bàn ag ainmeachadh "fàileadh nan sugh-craobh is nan ròsan" am measg nan nithean taitneach a bha ri 'm faotainn air Beinn-Dòrain, tha amharus againn gur ann a mhàin an sùil na h-inntinn a bha na nithe sin, 's nach robh iad a làthair do 'n t-sùil chorporra. Ach biodh sin mar a dh' fhaodas e, 's e tha mi ciallachadh gur e mhàin aghaidh nàduir a tha iad a'

toirt dhuinn, agus nach 'eil iad ach fior ainneamh a' dol na 's doimhne. Tha Omar, air an làimh eile, daonnan mothachail nach 'eil 's an t-sùil ach an sgàthan air a bheil faileas an ni air a thilgeadh, 's gur ann 's an inntinn a gheibhear brigh an nì, ma tha e idir r'a fhaotainn. Tha e sealltainn air aghaidh nàduir le sùil thlusail, bhàidheil, 's a' toirt fa-near a' Chéitein,

" Le làmh gheal Mhaois ag còmhdaich gheug le blàth,
Is anail chùbhraidd Chriosd toirt beatha 's fàis."

Ach tha e ghnàth a' strì ris a' chùirtein a thogail bhàrr aghaidh nàduir, 's tha e diombach a chionn gu 'n do dhiùlt nàdur an diomhaireachd fhoillseachadh dhà.

" A ghaoil, na'm b' urrainn dhuinne ris-san strì,
'S tuigs' fhaotainn air stéidh shuidhichte an nì,
Nach briseamaid 'na bhloighdean e, 's a rìs
Ath-dhealbh na 's dlùithe do làn rùn ar crìdh' ? "

Ach tha daonnan an roinn-bhrat dorcha sin eadar e féin agus am fiosrachadh a b' àill leis fhaotainn. Tha e ghnàth, aghaidh ri aghaidh, ris an dorus ghlaise sin air son nach d'fhuair e an iuchair. Tha mar so na bàird againne a' sealltainn air nàdur o'n taobh a muigh. Tha iad ag gabhail ri òrdugh na cruinne mar a tha sin 'ga thaisbeanadh féin dhaibh, 's mar a tha iad féin 'ga thuiginn. Ach calg-dhireach an aghaidh sin a bha an spiorad 's an robh Omar a' sealltainn air an t-saoghal. An àite gabhail ri suidheachadh na cruinne mar a tha sin 'ga fhiosrachadh féin dhuinn, 's ann a bha esan ag cruaidh-ghleac an aghaidh nan cuibhreach leis an robh an suidheachadh sin 'ga chumail ceangailte; cuibhrichean, a réir a bheachd-san, nach robh idir cothromach, 's an aghaidh an robh e ghnàth ag cruaidh-ghearan,—mar eisimpleir,

" Ri m' ghearan éisd-sa anns na nèamhan shuas ;
Cuir saor o m' chuibhrichean mi, 's gabh dhiom truas ;
Ma 's ann do 'n phràbar a tha 'm fàbhar tric,
Seall air mo chàs-sa, chan 'eil mi ro ghlic.

Thuirt mi gu 'n do ghabh na bàird againne ri òrdugh na cruinne mar bha iad féin a' tuigsinn sin. Math dh'fhaoidte gu 'm biodh e na bu dlùithe do 'n fhìrinn na'n abrainn gu'n do ghabh iad ri teagasg na h-Eaglais air a' chùis, agus sin gun bhi air an gluasad a nunn no nall le teagamh, no le spiorad neo-chinnt sam bith. Theagamh gur e so an t-aobhar nach 'eil iad ag gabhail tuillidh gnothaich ri taobh spioradail na cuise. Co-dhiù, tha sinn ag ionndrainn, anns a' mhór-chuid de bhàrdachd ar dùthcha, na sùla tha sealltainn troimh nàdur a mheòrachadh air a' chumhachd a tha air a cùl. Chuir Omar, air an làimh eile, cùl ri teagasg Eaglais a dhùthcha féin, a chionn nach b' urrainn da mhór-chuid de 'n teagasg sin a chreidsinn. Chaidh inntinn dhomhain, gheur, a bhuil-eachadh air gu nàdurra, 's bha 'n inntinn sin air a neartachadh 's air a h-uidheamachadh gu fialaidh leis a' ghnè oilein a fhuair i. Cha robh e comasach d'a leithid sin de dh' inntinn a bhi sàsaichte le faoin sgeul, no baoth-mhineachadh air nì sam bith leis am bu mhaith leatha eòlas cìnnteach fhaotainn. Bha Omar, mar so, a réir earail an Abstoil, a' strì ris na h-uile nithe dhearbhadh, ach cha robh e furasda dha dearbhadh a riarachadh inntinn féin fhaotainn air nì sam bith. Bha e, gu sònraichte, neo-thoilichte le cho beag soilleireachaidh 's a fhuair an duine air ciall a thuruis féin troimh 'n t-saoghal so ; a chor truagh ré a thuruis, agus cho neo-dhaingnichte 's a tha bunait a dhòchais air son saoghal as feàrr. Faodaidh sibh a bhi cìnnteach nach robh e taitneach do 'n Chléir an leithide so de cheistean cruadha a bhi air an cur cho fosgailte le a leithid so de dhuine. Duine bha 'g òl fiona gu follaiseach ; nì a tha air a thoirmearg 's a' Chóran ; agus a' deanamh rann anns an robh buaidhean an fhiona sin air an àrd-mholadh. A thuillidh air sin, duine bha cur teagamh anns an nèamh a bha iadsan a' teagasg a bha air ullachadh fa 'n comhair-san a bha dileas do 'n chreideamh air thalamh ;

nèamh anns a bheil òighean maiseach a' frithealachd orrasan a tha troimh chreideamh air an deanamh iomlan. Cha b'e sin a' ghnè nèimh a shàsaicheadh Omar, no a bha idir 'na bheachd ; tha e féin ag ràdh,

" Ri nèamh 's ri ifrionn sheall mi suas 's a sios ;
 Troimh chuairt na siorruidheachd 's air m' ais a ris ;
 Thuirt Aosd nan Laithean rium gu robh o chéin,
 Mo nèamh is m' ifrionn ann am anam féin."

Tha na cùisean a bhi mar so eadar Omar 's a' Chléir, agus an staid neo-chinnt 's an robh e mu thimchioll nithe spioradail, a' mineachadh, ann am mór thomhas, a' bhlaic ghairg a tha air cuid d'a rannan :

" Do mheas na cinnt cha spion thu dearc no dias ;
 An ceum do 'n fhion-lios sin cha d' fhuair thu riamh."

Mar so, an uair a chunnaic Omar nach b' urrainn da na b' fheàrr a dheanamh dheth, shuidh e sios, ma 's fhior e féin, a dh' òl fiona 's a sgriobhadh rann, a' dubhadh a mach an la-dé chaidh seachad, 's ag cumail inntinn saor bho iomaguin mu 'n la-màireach nach d' thainig fhathast,

" A ! lion an cupan, ciod am feum bhi ghnàth,
 Ag caoidh an h-aimsir a chaidh seach cho tràth ;
 An dé chaidh seach, 's am màireach có a chi,
 Ma tha 'n diugh taitneach, meal e réir do chridh'."

Bu choma leis daoine a bhi ghnàth fo ro-chùram mu thimchioll nithe an la-màireach ; dhaibh-san thug e chosmhalachd so :

" Thuirt breac ri tunnaig, ' teicheamaid gu luath,
 Mu 'n tràigh an linne gus an grinneal cruaidh'.
 Ars' ise : 'nuair bhios mise splionte 's ròist',
 Ged thràigheadh an cuan tioram, dé sin dòmh' ? "

Fo chleòc a' mhi-chùram leis an robh Omar 'g a chòmhdaichadh féin, bha cridhe suairce, bàidheil, truacanta. Tha e ris agus a ris 'g ar n-earylachadh an aghaidh a bhi neo-fhulangach a thaobh muinntir eile :

" Do d' charaid, seadh, 's do d' nàmhaid, coibhneas nochd ;
 Cha dealbh an cridhe bàidheil ceilg no lochd ;
 Ni mi-run nàmhaid dhuit à caraid gràidh,
 'S ni coibhneas caraid dhuit à broilleach nàimh."

'S a rithist :

" Ach thar gach nì, do bhràthair bochd na claoidh,
 'S na buair gu h-aimhreiteach a chlos a chaoidh ;
 Ma 's àill leat sonas siorruidh bhlasad tràth,
 Pian t'anam féin, ach caomhain péin do chàch."

Tha fhaireachduinnean féin a' dol a mach thun gach creutair ;
 thun luibhean na machrach,—eadhon an dus fo bhonnaibh
 a chas a' faighinn cuid d'a aire, an uair a tha e 'g iarraidh air
 a charaid,

" Gu h-aotrom saltair air an dus fo d' bhuinn,
 'S gu'm b' aon-uair blàth-shuil e na h-àilleig dhuinn."

Na linntean do-aireamh a chaidh seachad bho 'n a thainig an
 duine air thùs a dh' àiteach na talmhainn ; na muillionan
 thar chunntais de shluagh a thàinig 's a dh' fhalbh ré nan
 linntean sin ; gach aon neach fa leth dhiubh, ag cur seachad
 a latha ghoidir, thrioblaidich féin, 's an sin a' snàg air ais
 thun an duslaich as an d' thàinig e. 'S e, gun teagamh, a
 leithid so de smuain a bhrosnaich an inntinn Omair an earail
 d'a charaid,

" Gu h-aotrom saltair air an dus fo d' bhuinn."

So agaibh a ris a' cheart smuain air dhòigh eile.

" Chunnaic mi creadhadar a' fuineadh crèadb,
 'Nuair rinn i labhairt ris gu soitheamh, séimh ;
 'Gu réidh, a charaid ; guidheam ort, gu réidh ;
 Ceart mar tha thusa 'n diugh, bha mise 'n dé ! "

Chan e mhàin an duslach a bha co-cheangailte r'ar
 daonnachd a tha tighinn g'ar n-ionnsuidh a ris ann an cùrsa
 nàduir ; ach aig a' cheart ám, fathunn mu dhéidhinn a'
 sruthadh thugainn troimh na linntean a chaidh seachad :

" Nach d' thainig sgeul oirnn troimh na linntean céin,
 A cheart co-ionnan ris an nì so féin ;
 Mu 'n cheud chlod ùrach sin an tùs an ré,
 D' an d' rinneadh duine ann an cruth a Dhé ? "

An duine sin a dhealbhadh ann an cruth a Dhé, 's air an do bhuilicheadh anam mar shrad nèamhaidh, do-mhùchte, comasach air nithean àrda ghabhail a steach, 's an rann-sachadh ; ach do nach do cheadaicheadh uile dhiomhaireachd na beatha so fhaotainn a mach. An duslach 's an do ghabh an spiorad so còmhnuidh ré seal, a nis 'ga luasgadh le gaoth an fhàsaich, 's air a shaltairt fo bhonnaibh chas, a' dùsgadh ann an Omar smuain mu chor an duine 's an t-saoghal, 's ag geurachadh inntinn gu bhi meòrachadh air eachdraidh 's air crannchur ar daonnachd bho 'n

" Cheud chlod ùrach sin an tùs an ré,"

gu

" Ard ghairm na druma, 's crloch a' chruinne-ché."

Sin agaibh, matà, an gleus air an robh Omar a' seinn ; gleus math dh' fhaoidte, nach taitinn ri cluasan a tha cleachdte ri ceòl as binne. Tha gleus no dhà ann air a faodar ceòl a sheinn, ach chan 'eil aona ghleus ann a fhreagras do na h-uile ceòl.

Bho na h-eisimpleirean a thug mi dhuibh, bheir sibh féin fa-near an t-eadar-dhealachadh mór a tha eadar bàrdachd an duine so agus bàrdachd nan daoine againne. Tha, gun teagamh sam bith, eadar-dhealachadh mór eadar an dà dhùthaich,—dùthaich na h-àirde-n-eas agus dùthaich na h-àirde-n-iar,—agus tha fhios agaibh gu bheil buaidh àraidh aig a' choimhearsnachd 's a bheil duine air a thogail, air an taobh a dh' ionnsuidh an aom a chàil. A dheanamh so na 's soilleire dhuibh : an uair a tha Donnchadh Bàn a' taomadh a mach a chridhe féin a' moladh nam beann 's nan gleann am measg an robh e air àrach, 's d' an d' thug e a leithid de

spéis, tha sinne mothachail air ar cridhe féin a bhi mosgladh an co-fhulangas ri faireachduinnean a' bhàird, dìreach a chionn gu bheil a bhriathran a' toirt fa chomhair ar n-inntinn gach àit is cuspair taitneach, am measg an robh sinn féin air ar n-àrach, 's a dhùridh cho domhain 'n ar nàdur :

“ B'e sin an sealladh éibhinn,
Bhi 'g imeachd air na sléibhteann,
'Nuair bhiodh a' ghrian ag éirigh,
'S a bhiodh na féidh a' langanaich.”

Is e so guth na h-àirde-n-iar. Chan 'eil guth na h-àirde-n-ear uile gu léir cho binn. A reir coltais, cha do dhùridh aghaidh a dhùthcha féin cho domhain an cridhe Omair ; ach so agaibh facal d'a ghuth cho fad 's a tha sin a' beantainn ri aghaidh a dhùthcha. Tha e cuireadh a charaid thun

“ Na stiallaig lombair air nach crom an spréidh,
Eadar am fàsach is an t-àiteach réidh ;
Is far nach luaidhear ainm an righ no 'n deòir' :
O, sith do Mhamud air a chathair òir.”

Cha għluais so cridhe aon againne ; “ 'S e farsuinneachd an t-sléibh ” a b' fhearr a thigeadh ruinne na “ an stiallaig lombair air nach crom an spréidh.” Ach chan 'eil tħine air dol na 's fhaide. Dh' fheuch mi ri seorsa beachd a thoirt duibh air Omar Khayyám, mar as aithne dhomhsa e. Chuir mi eisimpleir no dhà d'a rannan fa 'r comhair, sgeadaichte ann an deise Ghàidhealaich ; ach faodaidh mi innseadh dhuibh, nach 'eil e idir soirbh na rannan aig Omar a thionndadh gu Gàidhlig. Tha iad air an cur r'a chéile cho teann, cruaidh, sgaiteach, 's nach 'eil e furasda dòigh labhairt fhaotainn 's a' chànan againne freagarrach air an son. Cha d' fheuch mi uime sin, ris an litir a leanachd, ach a mhàin brigh an nì a thoirt duibh cho dlùth 's a b'urrainn domh sin a dheanamh. Is airidh bàrdachd Omair, mar bhàrdachd, air a' chliu as àirde, a réir mo bheachd-sa, ach tha mi creidsinn nach taitinn i ris a h-uile h-aon ; ach có d' an urrainn a h-uile h-aon a thoileachadh ?

SMIOR NA FIRINN.

FHIR NA STIURACH.—Chaidh mi ghabhail sràid, an la-roimhe, 's cha robh mi ach goirid o'n tigh 'nuair a thachair fear-eòlais orm. Dh' fharraid e dhiom ciamar a bha mi. Thuirt mi gu robh gu math: ciamar a bha e féin? Thuirt e gu robh gun deireas. A nis, thuit e mach nach robh mi féin idir gu math. Bha mi, mar a their na maraichean, air laighe-thuige fad seachduin roimhe sin, 's chuala mi gu robh esan 's an t-suidheachadh cheudna. Cha robh aobhar fo 'n ghréin nach fhaodamaid an fhìrinn innseadh, ach a reir coltais, 's i bhreug a bu deise. Dhealaich sinn an déidh dhuinn breug no dhà eile a chur ris an fheadhainn a dh' ainmich mi. Chuir so mi féin a smaointeachadh air cho breugach 's a tha muinntir an t-saoghal so air fàs, 's bha mi meòrachadh air an nì, 'nuair a chunnaic mi fear-eòlais eile a tighinn, agus sgonn de chù goirid tiugh aige air ceann teadhach. Cha do ghabh mi mór thlachd de 'n chù, bha 'm peirceall iochdair aige dà no trì dh' òirlich na b' fhaide na 'm peirceall uachdair, 's a h-uile tosg a bha 'na chraos cho fada ri crann-tarrunn. Bha 'n dà chluais dheth o'n fhaillean, 's an t-earball o'n èarr. Cha bu chù bòidheach air dhòigh sam bith e, 's cha b'i 'n t-sùil bhòidheach no choibhneil a bha 'na cheann. Dh' iarr mi air a mhaighstir an teadhair a thochras thuige. Rinn e sin le làn-aighear nach bu bheag, a chionn mise bhi an-earbsach as a chù. "Cù cho teò-chridheach," arsa esan, "'s a laigh riamh ann am broilleach duine, agus sin agad far a bheil a leaba h-uile h-oidhche bhios mise aig an tigh." "Chan 'eil teagamh agam," arsa mise, "nach coimh-leapach glé ghrinn an cù, ach 's fearr leam am fear sin ann ad bhroill-each féin na a'm bhroilleach-sa." Thòisich e 'n sin air spleadh-raich mu ghliocas 's mu threuntas a' choin, gus an robh mi

seachd searbh dheth. A ghearradh goirid a rò-sgeul, thuirt mi féin nach bu nì sam bith sin làmh rí gliocas cu-chaorach a bha agamsa. "Seadh," arsa esan, "agus ciod a nì 'm fleasgach sin ?" "Ni," arsa mise, "a h-uile ni a théid iarraidh air a dheanamh, agus tuigidh e h-uile facial seanachais a bhios againn 'na làthair." "Ciamar a tha fhios agad ?" arsa esan "Mar dhearbhadh air sin," arsa mise, "thainig caraid thun an tighe, air an oidhche roimhe ; duine a chunnaic móran de 'n t-saoghal, 's thòisich e air innseadh mu ghàbhadh cuain 'san robh e aon uair. Bha "Yarrow" 'na laighe taobh na teine 's e cumail a chluaise fosgailte. Mar bha naidheachd mo charaid a' dol air a h-aghairt, bha ghaillionn a rug air an luing aige a' fàs na bu chruaidhe 's na bu chruaidhe, gus mu dheireadh am b' fheudar dhomh féin mo chasan a chur am forcadh ris a' bhalla, eagal 's gu rachadh mo thilgeil air mo chinn-thobhta. Bha "Yarrow" a' fàs neo-shocair 's e dranndail ris féin. Thug mi bruideadh dha a chur clos air. Dh'amhairc e orm, agus air m' fhacal firinneach, chaog an sloughtire a shùil rium, a cheart cho cealgach 's ged a bhiodh e dol a shuaip each ri fear na naidheachd. Ach 'nuair a chual e iomradh air a' ghaoth bhi cho laidir 's gu robh i spionadh an fhuilt bhàrr cinn nan seòladairean, leum e air a bhonn 's colg na dunach air. "Caisg do chù," arsa mo charaid. Thug mi féin pailleart do 'n chù 's thuirt mi ris gu 'm b' fhearr dha amharc as déidh a' chait 's gun fhios ciod a bha e ris. Am prioba na sùla, bha e féin 's an cat ann am muinealan a chéile. Chuir sin stad obann air an naidheachd, 's dh' fhàg mo charaid an tigh le freimseadh cho mór 's nach d' shuair mi uibhir is beannachd fhàgail aige." "Seadh, seadh," arsa fear a' choin fhiacaich, "nach robh cho math dhuit a ràdh nach do chreid thu na thuirt mise mu dhéidhinn a' choin so ?" "Ni h-eadh," arsa mise, "chreidinn-se ni sam bith mu dhéidhinn a' choin sin." 'S cha mhor nach robh so fior, oir

chreidinn nì olc sam bith mu'n cheart bhrùid. Smaointich mi nis gu 'm bu leòr, air son aon latha, na dh' innis mi bhreugan, 's thionndaidh mi mo cheum dhachaidh, ach mu'n do ràinig mi an tigh, thachair fear eile orm. Fear de 'n t-seòrsa sin aig a bheil slugadh cho farsaing air son naidheachd fhior no bhreugach, 's gu sluigeadh e Ionah 's a' mhuc-mhara gun uibhir is fiacaill a chur orra. Rinn mi deas air a shon 's dh' innis mi dha té de na breugan móra sin a bhios mi 'g innseadh do "Fhionn" corr uair, 's rinn mi 'm brochan cha tiugh air a shon 's gu'n seasadh maide na poite ann, ach cha do chuir sin gaise air. 'S ann a thuirt an duine truagh, 'nuair bha crloch air mo naidheachd; "O, dhuine ghaolaich, nach 'eil fhios gur fior sin?" Tha mi 'g ràdh ribh gu'n dùraichdinn a bhreabadh.

Bhuaithe so, tha mi 'n dòchas gu bheil e soilleir dhuibh cho breugach 's a tha h-uile duine ach mi fhéin, 's airson aon dad a chaidh mi thar smior na firinn, gur iad na daoine baoghalta a thachair orm a bu choir-each. 'S e mar a thà, an uair a theid breug shnasmhor innseadh dhomh féin, gu bheil mi deas 's a' mhionaid a thoirt té seachad a bheir bàrr air an té a fhuair mi. An uair fhuair mi dhachaidh 's mo phiob a lasadh thug mi greis a' meòrachadh air an nì—cho deas 's a tha daoine leis a' bhréig, eadhon an uair nach 'eil i a chùm buannachd aimsireil dhaibh. Thug mi fa-near gu bheil e fasanta 'nar measg a bhi sealltainn air gach seann sgrìobhadh is seann ràdh a thainig a nuas g' ar n-ionnsuidh le liathtas na h-aoise air, mar gu 'm biodh e air a dheachdadadh le spiorad na firinn. Thug mi air an aobhar sin sùil air feadh nan gnàth-fhocail dh' fheuch ciod a bha aig na seann-daoine ri ràdh mu 'n bhréig. Tha amharus agam, aig a cheart ám, gu bheil an gnàth-fhocail coltach ris an fhàidheadaireachd; gu faod sibh ciall sam bith a thoilicheas sibh a thoirt as; agus gu faod sibh

uibhir de ghliocas 's a tha agaibh fhéin r'a sheachnadh a chur ann, ach nach fhaigh sibh a bheag no mhór as, ach direach na chuir sibh ann. B'e, matà, a' cheud ràdh a thachair orm mu'n bhréig. "Is feairrde duine breugach fianuis." A nis, air chor 's gu'm biodh an fhianuis a chùm feum do'n duine bhreugach, saoilidh mi gu'm biodh e feumail gur ann air a thaobh féin a bhitheadh i; ach a thaobh 's gur duine breugach e féin, saoilidh mi gur fianuis bhréige an aon fhianuis o 'm b' urrainn dha buannachd fhaotainn. Ma tha so mar so, saoilidh mi gu bheil teagasc an ràdh so calg-dhireach an aghaidh teagasc lagh nam modhanna, 's air an aoibhar sin, cha bhi tuillidh gnothaich againn ris. An ath ràdh a thionndaidh suas, "Is fearr a bhi bochd na bhi breugach." An fhearr gu dearbh? A réir coltais thuit am Maol-Ciaran so 'na chadal, 's leig e leis an t-saoghal dol seachad air. Na 'n d' fhosgail e shùilean mu 'n do labhair e, chitheadh e gu soilleir gu bheil an saoghal de dh' atharrach barail. Tha fhios aig an t-saoghal gu bheil an duine bochd, a thaobh teanntachd a bheatha, na 's buailtiche do 'n bhréig na tha 'n duine saoibhir, 's tha e 'ga ghnàthachadh d'a réir sin, biodh e firinneach no breugach. Ach 's e mar thà, gu bheil sinn breugach a h-uile mac màthar dhinn—bochd is beairteach maraon. Thuirt an Salmadair mu thimchioll muinntir a latha féin gu 'm bu bhreugairean iad uile. Gun teagamh ghabh e leisgeul an déidh dha so a ràdh. Thuirt e gu robh deifir air 'nuair a labhair e. Ach na'm biodh e làthair 'n ar latha-ne, dh' fhaodadh e cheart ni a ràdh m' ar timchioll-ne, agus sin air a shocair féin, 's cha bhiodh ann da ach smior na firinn. Cha do rannsaich mi na sean-fhacail na b' fhaide. 'S eiginn domh aideachadh, nach 'eil earbsa mhór sam bith agam asda. Thuirt dhomh, aon uair, gu 'n d' thug mi géill do 'n ghnàth-fhocal sin aig Solamh a tha 'g iarraidh air daoine

gun toinnisg, mar a tha sibh féin is mise, dol thun an t-seangain a dh' fhòghlum gliocais. Chaidh mise an sin, mar nach do shaodaich am Freasdal mi, 's bho 'n is duine gun ghò mi, chaidh mi 's shuidh mi air tom-sheangan, air chor 's gu 'm faighinn aon dad gliocais a bha dol. Fhuair mi sin, uibhir de 'n t-seorsa ghliocais a bha aig na creutairean guineach sin 's a dh' fhóghnas dhomh ri m' bheò. Tha mi nis cho glic 's nach toir mi géill do shean-fhacal, ged a thuiteadh e mach gu 'm b'e Solamh féin a b' ùghdar dha. Theagamh gu 'n d' thainig spiorad na bréige nuas òirnn tre ghinealach a gnàthaichte mar thainig am peacadh gin, no 'n dùthchas a theid an aghaidh nan creag. Ma thainig, 's gur dual dhuinn a bhi breugach, chan 'eil comas air. An deidh a h-uile car, theagamh nach 'eil e cho soirbh a' bhreug a sheachnad 's a tha daoine am beachd. Chan 'eil sinn idir cho cinnteach as an fhirinn 's a tha sinn féin a' smaointeachadh. Faodaidh sinn so fhaicinn gu soilleir anns a liuthad beachd 's a thainig a nuas oirnn troimh linntean céin, mar fhirinn shuidhichte, 's a tha 'nar latha-ne air an tilgeil bun os cionn mar fhaoin sgeulachdan. C' àite nis, matà, am faigh sinn smior na firinn? Their a' Chléirium gu faigh ann an Leabhar na Firinn. Ach tha mi toirt fa-near gu bheil na ceart dhaoine sin a chaidh oilean-achadh a chum na firinn so a dheanamh aithnichte dhuinn, an còmhnuidh aig àr-a-mach 'nam measg féin mu timchioll. Mur an còrd na buachaillean féin mu 'n t-slighe, ciod an t-loghnadh ged rachadh an treud air seacharan? "Ciod i 'n Fhìrinn?" dh' fharraid Pontius Pilat d'ar Slànuighear. A réir aon de na Soisgeulaichean, b' e 'n fhreagairt a fhuair e gur ann o nèamh a tha 'n fhirinn. "Mar sin," arsa Pilat, "chan 'eil firinn air thalamh." Saoilidh mi nach robh e fada am mearachd a thaobh na firinn. 'S e mar a thà, gu bheil ar cor gu nàdurra, 'mar chor chreutairean

talmhaidh eile ; tha de dh' eolas againn air na nithe leis a bheil sinn air ar cuartachadh 's a tha feumail dhuinn a chum na crìche chaidh òrduchadh dhuinn ; ach an taobh a mach de sin—dorchadas iomallach. Ma tha leithid de nì air thalamh is firinn neo-thruaillte, no mar their sinn, smior na firinn, cha d'fhuair an duine fathast eòlas air. Ann a bhi feuchainn ris an fhirinn fhaotainn a mach, tha nì no dhà ag cur amalaidh òirnn. Am measg nithean eile, tha neo-choimhliontachd càinain a chum ar smuain a chur an cainnt. Ged a shaoileas sinn, air uair, gu bheil samhladh firinn—mar thuigear i leinne—'n ar n-inntinn féin, tha sinn, 'ga fhaotainn eu-comasach, an nì a tha 'nar n-inntinn a chompàirteachadh anns a' cheart chruth agus dhealbh anns a bheil e 'nar n-inntinn féin. Thainig smuain de 'n t-seorsa so am cheann féin, an là-roimhe, 's bho nach b' urrainn domh a cur an cainnt, chaidh mi thun caraid dhomh ; duin'-uasal aig a bheil sè no seachd de chànaoinean air bàrr a theangaidh. Dh' fheuch mi ris an ni a dheanamh soilleir dha, ach chuir e leithid de cheistean tarsuinn orm nach b' urrainn dhomh fhreagairt 's gu 'n do chaill mi m' fhaidhidinn gu buileach. Thuit e mu dheireadh, nach robh anns an nì bha air m' inntinn ach sgleò. Thuit mi ris—"ann am dheifir"—gu robh e breugach ! Ghabh mi mo leisgeul 's a' mhionaid, 's dh' fheuch mi r'a dheanamh soilleir dhà gur ann ag aithris earrann de 'n sgriobtura bha mi 'nuair a labhair mi mar sin, ach bha sin cho doirbh a sparradh 'na cheann ris an smuain eile. Tha 'n smuain sin 'na sac air beul mo chléibh-sa fathast, 's gun chàin thalmhaidh anns an gabh i cur.

Tha sinn, mar so, breugach, chan ann a mhàin a thaobh an lagh a tha 'nar nàdur a tha 'gar co-éigneachadh chùm na bréige ach, mar an ceudna, a thaobh ar n-aineolais air smior na firinn, agus cho eu-comasach 's a tha e dhuinn sin fhaotainn a mach. Am Freasdal a thoirt maitheanas dhomh,

's ann an uair a tha mi car blàth leis an deoch, as soilleire a chi mi 'n fhirinn 's as dòcha mi 'ga labhairt. Thainig mo charaid, am foirbheach, an oidhche roimhe; 's an déidh dhuinn naidheachdan a shuaip, thug mi tarruing air searraig bhig anns am bi mi gleidheadh deuran de stuth làdir a bhios mi gabhail air son mo ghruthain. Chan 'eil gruthan no sgamhan ag cur dragh air an fhoirbheach, ach shuidh e leam gu siobhalta, direach a chumail cuideachd rium. Chuir sinn dileag bheag de 'n iocshlaint so ann an ceann drubhaig de dh' uisge goileach, agus deannag shiùcair 'na cheann sin. Cha chreid sibh a' bhuaidh a tha aige so air a' chridhe chruaidh, chlachach, a tha 'n ar feoil a mhaothachadh; agus le toit a tharruing as a' phlob eadar bhalgam, chan 'eil nì ann cho éifeachdach ris,

A thachdadhbh breug am beul a chléibh,
Mu'n toir iad beus neo-chluiteach dhuinn.

Ma chreideas sibh mi, mu 'n d' éirich sinn o 'n bhord, dh' innis mi dhà h-uile nì a rinn mi riámh, agus nì no dhà nach do rinn idir, direach a leigeil ris dà nach robh mi ag ceiltinn dad uaith. Tha mi smaoointeachadh gu'n d' rinn an fhosgailteachd so drùdhadh air an fhoirbheach; thuirt e rium 's e fàgail beannachd agam aig an dorus, 's e 'na sheasamh air a chorra-beaga, gu'm bu duine fior stéidheil mi.

Is léir dhuibh féin a nis mar a tha chùis anns a' bhaile so, 's tha amharus agam nach 'eil gnothaichean a' bheag na 's fheàrr ann am bailtean a dh' fhaodainn ainmeachadh.

TROM-LIGHE.

Tha cuid de dhaoine ann aig a bheil e mar chleachdainn a bhi bruidhinn riu féin ; no co-dhiù, a bhi ceadachadh d' am bilean rùn diomhair an cridhe leigeil ris do na feannagan. Tha muinntir eile do nach 'eil e soirbh an inntinn a chumail fo ghlais, ach an àite bhi leigeil le gaoth an fhàsaich am barail a chraobh-sgaoileadh, tha iad a' deanamh cruaidh-ghréim air a' cheud neach a shaoileas iad a bheir éisdeachd dhaibh, 's a' taomadh an sgeoil gun bhrigh 'na chluais, olc air mhath leis e. Chan 'eil mise, uile gu léir, cho ao-dionach riu so, ach 's glé thoigh leam seanachas beag a bhi agam ri m' chù an dràsd 's a rithist ; gu sònraichte, an uair a thachras dhuinn a bhi leinn féin air leth-taobh bruthaich 's gun duine 'g ar n-éisdeachd. Is creutair companta an duine thaobh nàduir, 's mar sin tha iarrtas aige air a bhi leigeil inntinn r'a cho-chreutair, gu sònraichte, ri caraid dileas anns am bi làn-earbsa aige. Agus tha mi am barail nach 'eil e furasda do dhuine caraid as dilse no as earbsaiche fhaotainn na 'n cù. Cha toir fuachd no teas, pathadh no acras air a' chù a mhaighstir a thréigsinn. An uair bhios tu fo làimh trioblaide, có as mothà iomaguin mu d' dhéidhinn, no as mothà co-fhulangas ri d' chor na do chù ? Chan ith e biadh 's chan òl e deoch gus a faic e air do chasan thu. Cha chuir do chù facal a t' aghaidh ged nach bi do chainnt, uile gu léir, cho cràbhach 's a dh' fhaodadh i bhith. 'S ged a thuiteas dhuit, ann ad sheanachas, leum-taoibh a thoirt thar smior na firinn, mar a thachras dhuinn air uairean, chan e do chù a their riut gur h-olc. Faodaidh e, gun teagamh, car beag a chur an cuinnein a shròine mar gu'm biodh e faotainn fàileadh bragsaidh, ach chan abair e riut, am muigh 's a mach, gu bheil thu dol tuathal air stéidh a' ghnothaich. Cha mhotha na sin a

thig e thairis, ri neach eile, air aon fhacal beag a their thu ris eadaruibh féin; 's an uair a dh' éireas droch thubaist dhuit, chan abair do chù riut gur ann agad féin a bha choire. Chan ionann sin 's do d' charaid ionmhuinn; thig esan le salann an achmhasain, 'ga shuathadh ann ad chreuchdan cràiteach, gus am b' fhearr leat na nì nach abair thu gu'n do ghabh e seachad air an taobh eile, no gu robh e gu comhfhurtachail ann an uchd Abrahàim, ag gabhail fois o a shaothair aimsireil, no 'n àite sam bith eile ach far a faigheadh e cothrom air a bhi 'g ad fheannadh 's 'g ad phiosdaireachd le lann mheirgeach a' chronachaидh 's an earalachaidh. Uch! Thoir dhomhsa cuideachd Yarrow, a roghainn air cuideachd a' charaid sin.

Is e thug dhomh iomradh dheanamh air na nithe so aig an ám, gu robh seanachas beag eadar mi fhéin is Yarrow, an la roimhe, 's ged nach fhiach an seanachas sin tighinn thairis air, faodaidh mi cion-fàth a' ghnothaich ainmeachadh. Beagan làithean roimhe sin, thill caraid dhomh air ais o bhi gabhail a chuairt shamhraidh am measg eileanan bòidheach na h-àirde-'n-iar, agus mar nach do shaodaich am Freasdal e thug e g'am ionnsuidh fhéin an aona ghiomach a bu tlachdmhoire a chunnaic mi idir. Bha mi fior thaingeil do m' charaid air son a choibhneis, agus glé thoilichte an giomach fhaicinn, a thaobh gu robh mi eòlach gu leòr air a sheòrsa 's na làithean a dh' fhalbh. Cha deanadh feum le bean-an-tighe ach gu'm biodh an giomach againn gu'r suipeir. Dh' aontaich mi fhéin ri so, ged nach robh mi idir clìnnteach gu'm b'e sin an tràth a bu fhreagarraiche air son a leithid de chuir. Co-dhiù, bhruich is dh' ith sinn an giomach, 's air ball ghabh sinn mu thàmh; 's e sin ri ràdh, ghabh an còrr de 'n teaghlaich mu thàmh, ach tàmh no clos cha do ghabh mise. Cha bu luaithe dhruid mi mo shùil na thòisich mi air bruadar air gach ni a b' uamhasaiche na chéile,—uair an cunnart a bhi

bàite; uair a' tuiteam bhàrr bearra nan creag, 's uair a' tachairt air fiadh-bheathaichean neòghlan nach 'eil am mac-samhuil ri fhaotainn anns na nèamhan shuas, no air an talamh a bhos. Mu dheireadh, shuidhich an gnothach a sios ann an trom-lighe cho dealbhach 's a chunnaic duine de 'n àl so. Bha mi nis air mo ruagadh gu dian le buidheann de dhaoine dubha, alluidh, nach cuala riamh iomradh air an t-sèathamh àithne. Bha fios agam—ach ciamar a fhuair mi fios chan 'eil e ro shoilleir dhomh—gur ann air son an lòn-feasgair a dheanamh dhiom a bha iad cho dian air mo thòir. Tha mi làn-chinnteach gu'n do ruith mi leth-cheud mile dh' astar feadh cladaich is garbhlaich anns nach b' urrainn domh mo chasan a ghleidheadh, 's na h-uilebheistean dubha sin air mo shàil. Mu dheireadh, thilg fear dhiubh ròpa 's dul air a cheann mu 'm thuaiream. Chaidh an dul sin gu cruinn, cothromach, mu m' mhuineal, 's cha robh dol na b' fhaide agam. Duaichnidh 's mar a bha 'n gnothach, ciod a thainig am inntinn ach a' cheist a b' àbhaist duinn fharraid aig sùil-fhadaidh na h-àtha air Oidhche-shamhna—“Có sud shios air ceann mo ròpain? ” Ach ged a rachadh a' cheist a chur aig an ám, cha robh de dh' anail agam-sa na fhreagradh i. Shlaod iad leotha mi air ceann an ròpa gu bun craoibhe bha dlùth làimh, 's iad an rùn mo chrochadh ri meanglan de'n chraoibh; ach air a' cheud spadhadh a thug iad air an ròpa, leum mise 'san adhar 's dhùisg mi, agus gu dearbh bha 'n t-ám agam; mionaid eile dh' tìne 's bha ni cho crochte ri sgadan dearg. An uair a thainig mi gu m' mhothachadh ceart, an àite gad na croiche bhi mu m' mhuineal, 's ann a fhuair mi gàirdean na mnatha trasd air ubhal mo sgòrnain. Thilg mi sud uam 's thug mi raoic an cluais na mnatha, “an robh i mothachail air ciod a bha i deanamh? ” Chlisg is, 's sheall i 'n àird, 's an uair a chunnaic i 'n coltas tilgte bha orm—mo shùilean an impis leum as mo cheann—m' phallus a'

sruthadh mu m' ghruidhean—m' fhalt 'na sheasamh cho frionasach ri tom conaisg, 's mi air chrith cho luath ri duilleig chrithinn, cha mhór nach do leum a cridhe as a' chochull leis an eagal ; shaoil i gu robh mi air aona spruidhleach céille bha agam a chall.

" Beannaich sinn," arsa ise, " Ciod a tha cèarr ? "

" Ciod a tha ceàrr ? " arsa mise ; " theagamh nach biodh dad ceàrr leatsa ged a chitheadh tu mi air mo chrochadh, agus sin cho àrd ri Hàman, mac Hamedata."

" Bha mise ann am shuain chadail," arsa ise.

" Mur am bitheadh," arsa mise, " cha bhiodh tu cho carthannach."

An saoil nach d' thug e tomhas de thoileachas inntinn dhomh gu'n d' fhuair ise dlùth air uibhir eagail rium fhéin. Air eagal 's gu 'n tuitinn am chadal a rithist 's gu faodainn bhi air mo chrochadh am muigh 's a mach mu rachadh agam air dùsgadh leum mi air mo bhonn, ghairm mi Yarrow, 's thug sinn am bruthach oirnn. Ach ged a fhuair mi cuidhte 's an dul a bha mu m' mhuineal, cha d' fhuair mi cuidhte de bhuil an eagail. Bha sin an crochadh rium, 's a' fàgail " mo chridhe cho trom ri cloich ann an gleann, nach caraich." Bha mo shùilean a' meudachadh 's ag cur mi-dhreach air gach nì air an sealladh iad, 's mo mhisneach air mo thréigsinn cho buileach 's gu robh mi cho sgaoimeach ri each cladhaire. Mar sin cha robh fal math no dona agam r'a sheachnadh ris a' chù. Mu dheireadh, thainig sinn gu àit-adhlaic anns a bheil tolman beag uaine as priseala leamsa na'n còrr de'n chruinne. Shuidh mi sios r'a thaobh, 's laigh Yarrow air mo chùlaibh. Thug mi greis an sin a' smaointeachadh mo smaointean fhéin, an uair a mhothaich mi rud-eigin a' beantainn ri m' ghàirdean. Thionndaidh mi, 's ciod a bha 'n so ach spàg Yarrow. Bha bhrùid bhochd 'na shuidhe ri m' thaobh ; a spàg gu réidh,

faicilleach, air mo ghàirdean ; a dhà shùil bhòidheach làn ionaguin ag amharc am aodann, 's a' farraid cho soilleir 's ged a chuireadh e ann an cainnt e, " Ciod a tha cur trioblaid ort ? " Rug mi air spaig air, 's thuirt mi ris nach robh mór-fheum dhomh fàth mo thrioblaid innseadh dhàsan ; nach tuigeadh e ged a rachadh innseadh dha, 's gu'm b' fhearr dha bhi mar bhà e na bhi gabhail pàirt ann an giùlan trioblaid an duine. " Fhaic thu, a Yarrow," arsa mise, " Chan 'eil annadsa ach cù. Cha deach buaidhean inntinn a bhuleachadh ort comasach air gleac ris na ceistean cruadha a tha ghnàth 'nan saothair anama do 'n duine. Ciad an tuigse tha agadsa air diomhaireachd beatha agus bàis, tím agus siorruidheachd, no air na ficheadan cusp-air eile air am bi inntinn an duine a' beachd-smuainteachadh ? Rinneadh thusa ann an staid iosail, ach rinneadh an duine ann an inbhe àird, beagan na b' isle na na h-ainglean, 's air dha bhi air fhàgail gu saorsa thoile féin, fhuair e nì no dhà a mach nach deach a theagasg dha 'n tùs, gus a bheil e nis mar dhé, fiosrach air math agus air olc ; agus mar sin, a thaobh eòlais, na's àirde na na h-aingil. Am fac thu aingeal riamh, a Yarrow ? " Chrath e cheann, ach tha mi saoilsinn gur ann a chrathadh nan cuileag bhàrr a chluas. " Matà, a Yarrow, na'm bu chuimhne leatsa an té a tha 'na cadal fo'n tolman sin, 's e sin coimeas as dlùithe is urrainn dòmhsha thoirt dhuit air aingeal. Ach mar thuirt mi riut cheana, chan 'eil annadsa ach cù, 's ged a tha thu leigeil ort a bhi geur-bhreithneachadh air na briathran cudthromach a tha tuiteam o m' bhilean, chan 'eil iad ann ad chluais ach mar fhuaim na gaoithe ; mar nì gun fhoidheam. Tha thu tur aineolach air na nithe sin ; chan fhios duit cia as a thàinig thu, no c' àite bheil thu dol, no ciad is crioch àraig do dhuine no do bheathach. Ach na cuireadh so mór-chùram ort, oir na'm bithinn-sa cho firinneach 's cho onarach

riutsa, dh' aidichinn duit gu bheil mi fhéin anns a' cheart suidheachadh, 's tha amharus agam gu bheil mi fhéin 's a' mhór-chuid de m' choimhearsnaich air ar tearradh leis an aona pheallan. Thuirt fear àraig mu dhéidhinn aineolais mhuinntir an t-saoghal so a thaobh an crannchuir, rud-eigin mar so :—

Tha 'n saoghal so mar thigh-òsd,
 Aig taobh an ròid air son luchd-turuis ;
 Thig iad thuige gul 's a' bròn,
 Is théid fa-dheoidh a' bròn 's a tuireadh.
 Thig is théid, a dh' oidhch' 's a là,
 'S leò cuid an tràth anns an dol seachad ;
 Thig mar fhaileas, 's théid mar sgàil,
 Mar cheò a' snàmh air aodann leacainn.
 'S cruaidh-cheist so o thùs an ré,
 'S a liuthad inntinn gheur 'sa għleac rith'.
 C' as a thàinig ? C' àit an téid ?
 Chan fhios 's cha léir do aon de'n fheachd sin.

Tha amharus agam gur ann mar so a tha chuis; 's a dh' aindeoin na bheil de dhaoine cràbhach a' dol sios 's a suas air an talamh, a' leigeil orra gu bheil iadsan làn-chinnteach air a h-uile ceum de'n turus, gu sònraichte air ar ceann-uidhe, mur creid sinn a h-uile facal a their iadsan ruinn, tha mi deanamh dheth nach 'eil tuillidh fiosrachaидh aca mu 'n ghnothach na tha agadsa no agamsa. Tha mi toirt fa-near gu sònraichte, gur e chuid as lugh a toinnisg 's as aineolaiche d'an luchd-leanmhainn, as diorrasaiche chumas a mach gur ann acasan a mhàin a tha iuchair na firinn, 's gu bheil gach aon a tha dh' atharrach beachd riu féin air an t-slighe chli. Ach có tha air an t-slighe cheart, no có tha air an t-slighe chli, bhiodh e dàna do dhuine sam bith breith a thabhairt.

Thuirt aon àraig mu dhéidhinn na muinntreach dhannarra so rud-eigin mar leanas :—

An saoil sibh 'n ann d' ur leithid-se de dh' fhuigheall pòir,
 A buamastairean leibideach na h-earra-ghlòir,
 A dh' fhoillsich Dia an diomhaireachd a dhiult e dhòmh's ?
 Seadh, seadh matà ; creidibh-se sin ma' ris a' chòrr.

Gu dé so ? A choin gun mhodh, gun näire ! An robh
 thu dol a dheanamh mort agus mo dhà shuil ag amharc ort ?
 Ciod am buaireas a th' air t' aire ? Mise taomadh rogha
 's tagha na bàrdachd ann ad chluais leobhair, ghlais, agus
 thusa dealbh uilc ann ad chridhe, 's ag geurachadh t' fhiaclan a
 chur an uilc sin an gniomh ! Nach d' thuirt mi riut, uair is uair,
 gun thu chur fiacaill air creutair beò ach ann ad fhéin-dhion,
 no 'n dion do mhaighstir, no ma thachras dhuibh le chéile
 bhi dol bàs a dhìth sithinn ? Nach d' thuirt mi riut gu bheil
 a' cheart uibhir còir aig a' chreutair dhíbhlidh sin air a
 cuibhrionn féin de'n bheatha sin de bheil an saoghal làn
 's a tha agadsa no agamsa ? Nach farsuing an t-achadh air
 'ur son le chéile ? An creutair neo-lochdach a bha gu
 saoithreach, dìchiollach, a' solar lòin dhi féin 's do'n
 mhuirichinn laig a dh' fhàg i 'm bun an tuim thallad, agus
 thusa dol a thoirt bàs obann di mar luach saoithreach ! O,
 Yarrow, Yarrow, nach e am peacadh gin a fhuair an droch
 ghréim ort ? Seadh, seadh, tha thu smaointeachadh nach
 'eil dhuit ach an spàg sin a thogail as a' pholl 's a cur am
 làimh 's gu bheil an réite seuлаichte. Ach na faiceam-sa
 leithid sud a rithist ? Ma chì ; chì thusa duine feargach a'
 dannsadh "seann-triubhas" air a' chnaimh as àirde dhiot.
 Gabh mo chomhairle 's bi iochdmhor ris gach creutair,
 eadhon ris an dallaig-fheoir. An cual thu riamh mar a
 thuirt am bàrd Sasunnach ; 's gu dearbh, ged a bu Shasunnach
 e, bu ghrinn a labhair e ? Eisd, matà, 's bho'n a dh' ionnsaich
 bean-an-tighe dhuit-sa Beurla—ni a dh' fhairtlich oirre
 ionnsachadh dhomhsa—bheir mi dhuit rann an duine
 laghaich 'na chànan fhéin.

Thoir geur aire dha so, oir tha mi 'g ràdh riut, gu bheil tuillidh de spiorad na diadhachd anns a' bheagan fhacal so na tha ann an leth-cheud searmoin :—

“ He prayeth best who loveth best
 All things, both great and small ;
 For the dear God who loveth us
 He made and loveth all.”

A nis, a Yarrow, biomaid a' bogadh nan gad. “ Tog orm mo phiob is théid sinn dachaidh.” O ! tha'n giomach sin 'na shac air beul mo chléibh, no air mo chogais, no'n àit-eigin mu m' thimchioll, 's tha e air mo ghruthan a chur troimh chéile, air chor 's gu bheil leusan dubha tighinn mu m' shùilean, a tha cho leathann ri d' bhroilleach. Ach, O, bha'n giomach math, 's b' ann le deagh-ghean caraid math a fhuair sinn e ; ach nach b' oilteil an gnothach na'n deachaidh mise chrochadh air a thàillibh ? Mise air mo chrochadh air son giomaich ! Uch ! Tiugainn, a Yarrow !

RUAIS.

Thainig an lùiriste thruagh sin, Iain a' Mhuilleir, a stigh an la-roimhe, 's a mach o nach do chuir e as mo chiall mi le a sheanachas ruaimleach gun bhun, gun bhàrr! An déidh dha tighinn a stigh, thug e greis 'na sheasamh air meadhon an ùrlair a' spleuchdad air a bhrògan, direach mar gu'm biodh iongantas air iad a bhi air a chasan. Thug mise sùil an rathad a bha e 'g amharc, 's gu dearbh cha b' e m' loghnadh fhéin dad a bu lugha 'nuair a thug mi fa-near meud nam bròg. Bha h-uile té dhiubh ag còmhdach leac de'n ùrlar; ach bha fhios agam nach b'ann a leigeil fhaicinn domh tomhas a choise a thainig Iain bochd thun an tighe, 's dh' iarr mi air suidhe dheanamh. Rinn e sin, ach an àit a ghnothach a chur an céill, 's ann a thòisich e air spliugail 's air séideadh a shròine ann an leòb de neapaicinn-pòca a bha cho lachdunn 's ged a bhiodh e air a thumadh an sùgh cartach. "Ciod, a laochain, a tha cearr?" arsa mise, 's mi cur mo laimhe air a shlinnean. Thuirt e, 's guileag mhuladach 'na mhuiineal, "mo mhàthair-chéile." Dh' fheith mi greis a thoirt ùine dha ciuineachadh air chor 's gu rachadh aige air innseadh ciod an sgiorradh a thachair d'a mhàthair-chéile; ach a réir coltais cha robh smid tuillidh a' dol a tighinn as a bheul. Chuir mi mo làmh 'sa' bhudhailt 's thug mi mach soire beag anns an robh deuran de dh' uisge-beatha Cheann-locha, 's thuirt mi ris: "so, Iain, fiuch do bheul leis a sin, 's fheairrd thu e ann ad thrioblaid." Rinn Iain mar a dh' iarr mi, 's tha mi meas, ged nach ann 'ga mhaoidheadh air a thà mi, gu bheil beul Iain cho farsuinn r'a bhròig, leis na ghabhas e de dh' uisge-beatha g'a fhliuchadh. An déidh dha an deur dibhe a chur thar cloch a mhuiineil, rinn e gnùsd no dhà 's thuirt e, "Is aithne dhuit mo mhàthair-chéile, Dhòmhnaill?" "Is aithne

gu math," arsa mise ; "boirionnach còir, ceanalta." "Boirionnach stéidheil," arsa Iain ; "boirionnach air a bheil eagal —bu! hu! hu-u-u!" Theab 's nach rachadh aig Iain air innseadh ciod a chuir eagal air a mhàthair-chéile ; ach an déidh dha greis a thoirt air burralaich mar sin, thuit e mach gur e eagal an Tighearna bha toil aige ràdh ; nì a bha ceart gu leòr.

Tha mi smaointeachadh gur e uisge-beatha Cheann-loch a dh' fhuasgail teanga Iain, 's a thug air gabhail air aghairt a dh' innseadh dhomh cho dreachmhor 's a bha mhàthair-chéile an uair a bha i 'na h-ighinn òig ; nach robh cho eireachdail rithe dol a stigh air dorus eaglais Chill-a-chlamhain 'na latha fhéin. "Ach ma thug thu 'n aire, Dhòmhnaill," arsa esan, "tha ceum beag crùbaich 'na coiseachd ; seòrsa de cheum gu leth, mar gu'm b'eadh ; tubaist a dh' éirich dhi 's i 'na caileig bhig a' dol le biadh a h-athar do 'n achadh-bhuana, 's a thachair an tarbh buidhe aig Còirneal Seumas oirre. Theich ise le a beatha 's thàr a' bhrùid iargalta sin 'na déidh, 's leis an eagal, 's gun i ro-fhaicilleach m'a ceum, thuit i ann an talamh-toll 's chaithd i á alt a' chruachain ; is sin agad na fhuair ise air tàillibh an tairbh bhuidhe, mac an fhir ud. Ach cha d' fhuair mi riamh a mach, 's tha e ag cur iongantais orm ciod an seun a chuir Eoghan a' Ghlinne oirre, nighean a bha cho dreachmhor, stuama rithe, an uair a tharruing i suas ris. Tha fhios agad, a Dhòmhnaill, gur e duine aotrom, fiadhaich a bh' ann an Eoghan, 's nach e sin a ghiorraich a bheatha fhéin mu dheireadh, e shuidhe air an each chuthaich sin air nach do shuidh duine riamh roimhe, 's an t-each sin a dh' fhalbh leis mar eun air ite trasd na sgire gus an d' ràinig iad mullach Chreag-nam-meann,—creag, mar a tha fhios agad a tha còrr is ceithir cheud troidh air àirde, 's direach far a bheil am frith-rathad ag iadhadh mu'n cuairt air fior bhearradh na creige, ciod sam bith a b' aobhar, chan 'eil fhios, ach thar

bearradh na creige ghabh an t-each gun chiall sin, le Eoghan air a dhruim. Fhuaradh iad ann an glomhas aig bonn na creige 's iad air an spuacadh 'na chéile air chor 's nach b' urrainnte a radh có e 'n t-each no có e Eoghan, 's cha robh dhaibh ach na shaoil iad a bhuineadh do Eoghan a thoirt leò 'sa chur do'n chill. Ach 's math a tha fios agamsa, a Dhòmhnaill, gur iomadh latha 'na dhéidh sin a bha e 'na shac glé throm air cridhe na bantraich nach robh i cinnteach dé na bh' aice de dh' Eoghan 's a' chill. B'e duine glé dheas air a chasan a bha 'n Eoghan, 's na 'n d' fhan e air a chasan fhéin dh' fhaodadh e bhi beò gus an latha diugh ; agus neo-ar-thaing mur an robh e deas leis na dùirn. Nach do ghabh e air Aileín an Torr-mhóir latha faidhir na Lùnasdaidh, gus an d' fhàg e ceann an duine cho mór ri buideal, is aisnean air an cur troimhe chéile air chor 's gu 'n d' thug e leòr r'a dheanamh do 'n Doctair MacCalmain an cur air an ais 'san òrdugh 'san d' fhàg am Freasdal iad, agus b'e duine glé sgileil a bha anns an doctair ; gu dearbh, na'n creideamaid na chluinneamaid, bha cuid de sgil an doctair nach robh a thaobh an t-saoghal so ? Nach do chuir e ubagan no rud-eigin mi-chneasda ann am poit thearra bha Torcull MacRuairidh a' bruich air son a cur air a' bhàta, 's nach do leum peileir de 'n tèarr ghoilich as a' phoit, 's nach do ruaig am peileir teinnteach sin Torcull bochd ceithir thimchioll na lèana air an robh e, gus an do theab e 'n deò a chall leis an eagal ! Mu dheireadh, thug e ionnsuidh air làmh throm a leagail air an doctair, ach, fhir mo chridhe ! cha robh sealladh aige r'a fhaicinn de 'n doctair ; cha robh aiteal dheth, ged nach robh uibhir agus toman dris anns am b' urrainn da e fhéin fhalach an taobh a stigh de mhile dh' astar. Ach gu dé a bha an sin a Dhòmhnaill ach an sgoil-dhubh ? Obair Shàtain ! Thuirt Torcull riùm, 's tha mi 'ga làn chreidsinn, oir 's e duine foghainteach a bha 'n Torcull ; bha e còrr is sè troidhean air

àirde, 's cho leathann trasd an t-slinnean ri dorus-a-chadha,"— "An gabh thu mo leisgeul, Iain," arsa mise, "tha coinneamh agam ri ghleidheadh, agus is éiginn domh falbh, ach chi mi thu rithist, Iain, ma bhios an t-slàint' agam; slàn leat." Chunnaic mi gu soilleir nach robh ceann no crioch air an sgeul a bha Iain a' toirt seachad, 's gu robh mi cho fhad o fhios fhaotainn air fàth a thrioblaid 's a bha mi mu'n d'fhosgail e bheul. Ach ciod a bu chòir dhomh dheanamh, cha robh fhios agam. Smaointich mi gu'm bu chòir dhomh dol thun an tighe dh'fhaicinn air mo shon fhéin ciamar a bha cùisean; ach bha mi làn chinnteach leis an spliugail a bh' air Iain gu robh am boirionnach 'na corp, 's na'n rachainn-sa thun an tighe 's gu 'n tigeadh i féin thun an doruis leis a' cheum gu leth sin air an d'rinn Iain iomradh, leumadh mo chridhe-sa as a chochull. Ciod am buaireas 's an t-seamasanachd a bh' air aire a' bhlaomastair uilc nach d' innis a muigh 's a mach, co-dhiù bha 'm boirionnach bedò no marbh, no ciod an truaighe a thachair. An e an sac a dh' fhàg a' ghnè bhàis a fhuair Eoghan air a cridhe bha air fàs do-ghiulan, no an imcheist a bha e cur oirre co-dhiù a chaithd roinn chothromach a dheanamh eadar Eoghan 's an t-each, no am b'e 'n cruachan a chuir i as an alt a teicheadh roimh 'n tarbh bhuidhe a bha air bristeadh a mach an àit eile. No ciod idir an seagh a ghabhadh toirt as an dreamsgal sgeoil a fhuair mi o'n chreutair spadchasach? Ciod a b'fheirrd mise fios fhaotainn air mar a ghiorraich am burraidh sin, Eoghan, a bheatha le suidhe air an each fhiadhta sin, no c'arson a shuidh e air? Mur ann a' dol 'ga mharcachd a bhà e, nach robh cho math dha suidhe air sorchan iomchuidh eile? No ciod idir an gnothach a bha agamsa ri aisnean fear an Torr-mhóir? Gabhadh, no na gabhadh iad réiteach, có nach 'eil coma, 's shaoilinn gu faodadh an doctair a sgil a chur gu buil a b'fhiachala na bhi ruagadh

le peileirean tearra duine cho ionraic, onarach, ri Torcull MacRuairidh. Tha mi ag ràdh ribh nach d' éisd mi r'a leithid de ruais o'n is cuimhne leam, 's leis a sin, chuir mi romham nach rachainn ceum thun an tighe aca gus an cuireadh iad fios g'am ionnsuidh le urra phoncail, co-dhiù a bha iad bedò no marbh. Is coma leam fhéin daoine gun toinnisg.

SPIORAD NAN TIMEANNAN A THA ANN.

Chan 'eil fhios agam féin ciod is ciall do'n t-saoghal a tha ann; tha h-uile nì air atharrachadh cho mór o'n is cuimhne leam. An uair a bha mi òg bha ghrian ag eirigh 's a' mhaduinn 's a' laighe 'san fheasgar mar a bha e làdurra dhi dheanamh; ach 's ann a their iad rium a nis nach 'eil a' ghrian aona chuid ag eirigh no laighe anns a' Chuan Shiar direach mar rinn i ri linn Oisein. Air a' mhodh cheudna bha an talamh, ri m' cheud chuimhne, air acrachadh gu daingean am buill-sgean na doimhne móire, cho suidhichte 's cho buan-sheas-mhach ris a' chòrr de dh' obair a' chruthachaidh. Ach ma chreideas mi na daoine glice tha 'n ar measg, 's ann a tha 'n talamh cho gogaideach 's ged a bhiodh seillean 'na chluais; 's an àit e bhi 'na shuidhe gu socair, ciallach, mar a bha e ri linn Iob, 's ann a tha e nis ag cur char dheth mar gu 'm biodh e 'ga aoirneagan féin, agus aig a' cheart ám, a' ruideis am measg nan reul mar gu 'm biodh iad le chéile, a' dannsadh Ruidhle Thullachain. Ma chreideas mise so, feumaidh mi chreidsinn gu bheil mi féin ag caitheamh dara leth m' ùine le m' ladhran os mo chionn, 's mo shròn fodham.

Tha so dona gu leòr, ach 's e chuid as miosa dheth cho beag earbsa 's a tha ri chur anns na faireachdainnean anns am b' àbhaist làn earbsa bhi againn. Bha uair 's bhiodh duine glé chinnteach as an nì a chitheadh e le shùilean féin, no a laimhsicheadh e le làmhan; ach, fhir mo chridhe! dh' fhalbh an latha sin. Chan 'eil a nis ann nì as mothà mheallas tu na do dhà ghlog-shuil fhéin. Ma chi thu roth mu 'n ghealaich, mar theireamaid o shean, bi cinnteach nach ann mu 'n ghealaich idir a tha 'n roth sin, ach mu d' shùilean féin. Tha gach nì eile air a' cheart dòigh. Chan e mhàin gu bheil do shùil 'gad mhealladh, tha t' fhaireachd-

ainnean uile 'n co-bhann 'n a t' aghaidh, air chor 's gu bheil e eu-comasach dhuit a ràdh aig ám sam bith, co-dhiù tha thu 'nad sheasamh air do cheann no air do chasan, na 's lugha na tha aon de na daoine glice sin an làthair a dh' innseadh dhuit a' cheart suidheachadh 's a bheil thu.

Is ann de na daoine glice so am-Maighstir-sgoil againne. Is e, gun teagamh, duine fior fhiosrach a tha ann ; ach thug mi fa-near gu bheil cuid de dhaoine fhuair deagh oilean, 's aig a bheil an cinn làn de nithean cudthromach an lagha, glé aineolach air nì no dhà air a bheil daoine cumanta eòlach gu leòr. Is ann mar sin a dh' éirich do 'n Mhaighstir-sgoil ; ach tha e cho dannarra 'na bheachd féin, ceart no ceàrr 'ga 'm bi e, 's nach 'eil feum cur 'na aghaidh.

Bha seanachas beag eadaruinn an là-roimhe ; 's ged nach fhiach an seanachas sin a bhi 'ga aithris, theagamh gu 'n dean e beagan na 's soilleire an ni air a bheil mi 'g iomradh. Bha mi gearan ris nach robh mo ghoile deanamh a dhleasnais mar bu chòir dha ; nach mór nach robh cho math dhomh a bhi as eugmhais uile gu léir ; 's gu robh sin a' deanamh neo-dhuine dhiom ; ach bho 'n a bha esan eòlach air uile dhiomhaireachd an domhain, theagamh gu rachadh aige air leigheas a thoirt domh.

"A bheil," arsa mise, "ní sam bith is fhios duibh a chuidicheadh leam mo chrí a chnàmh ?"

"Cha bhi cnàmh an cir ach na brùidean," arsa esan, "ach ma tha do ghoile cur dragh ort, chan 'eil dhuit ach na 's lugha de threamsgal a chur ann, 's theagamh gu 'n cuidich sin leis a ghnothach a dheanamh na 's feàrr."

"Ma chuireas mise na 's lugha fodair ann," arsa mise, "cha bhi rèamhadh an rathaid agam ; cha bhi sgrid annam an taobh a stigh de mhilos a dh' tiine."

"Sin agad," arsa esan, "leisgeul gach geòcaire 's an dùthaich, 's tha iad féin 'ga chreidsinn ; ach nach seall thu

brùidean na machrach cho beag dragh 's a tha 'n goile ag cur orra, direach a chionn nach 'eil iad 'gan luchdachadh, ged tha cothrom gu leòr aca air sin a dheanamh ? ”

“ Tha amharus agam,” arsa mise, “ nach 'eil sibh cho fiosrach anns na gnothaichean sin 's a tha sibh ann an sgoilearachd eile. Bha mart maol, odhar aig caraid dhòmhsha, 's thachair, latha de na làithean, gu 'n d' fhuair i stigh do phàirc chlóbhair a bha goireasach ; 's thaitinn an clóbhar rithe cho maith 's gu 'n d' ith i dheth gus an do sgàin i.”

“ Am faca tua sin le d' shùilean fhéin ? ” arsa esan.

“ Chan fhaca,” arsa mise, “ ach bha e air innseadh dhomh leis an duine chòir a chaill am mart ; duine cho firinneach, 's cho creideasach 's a tha anns an sgireachd.”

“ Faodaidh sin a bhith,” arsa esan, “ ach ma gheibh thusa duine sam bith aig a bheil a' bheag no mhór de thoinnisg a chreideas sin uait, tha mise fada air mo mhealladh.”

“ Cha ruig sibh a leas,” arsa mise, “ bhi cur amharuis 's an ni ; chunnaic mise creatairean as suaraiche na mart maol, odhar ag itheadh tuillidh 's na bha math dhaibh.”

“ Có iadsan ? ” arsa esan.

“ Is iomadh sin,” arsa mise ; “ chunnaic mi beachann ag itheadh de dh' ubhall ghrod a bha taobh an rathaid gus nach b' urrainn da éirigh air a sgiathan, 's am b' éiginn da snàgadh a stigh fo 'n fheur 'ga fhalach gus an do thraoigh a mheud-bhronn.”

“ Tha sin,” arsa esan, “ direach mar a bha am mart a sgàin leis a' chlóbhar ; an creid thu nach d' ith am beachann am mir a bu lugha de 'n ubhall sin ? Cha robh e ach a' deoghal an t-sùigh aisde ; agus leis an ubhall a bhi air brachadh, bha tomhas beag de 'n t-sùigh sin air tionndadh gu spiorad, no mar their an *Chemist*, “ *Alcohol*,” agus 's e sin a chuir tuaineal beag 'na cheann, 's cha b' e 'n t-séid a ghabh e mar a shaoil thusa.”

" Séid ann no as," arsa mise, " no co-dhiù a dh' ith no dh' òl e de 'n mheas thoirmisgte, bha ghiùlan ana-measarra. B' aithne dhomh seana chrùban aig an robh fhaiche fo chloich 's an tràigh, 's mur am bu gheòcair esan chan aithne dhòmhsa ciall an fhacail."

" Seadh," arsa esan. " Ciamar a dhearbh an crùban duit gu 'm bu gheòcair e ? "

" Is ann an uair a bha mi 'm bhalach òg a thachair dhomh eòlas a chur air a' chrùban," arsa mise ; " bha mi 's an ám sin fior dhéidheil air a bhi seabhdaireachd feadh a' chladaich, gu sònraichte ri ám na reodhairt. Bha gach poll a dh' fhàgadh an làn 'na dhéidh am measg nan sgeirean cho pailt ann an nithean annasach 's nach robh e soirbh dhòmhsa fanachd uatha. 'S an ám sin bhàtar ag gleidheadh na Sàbaid 'na latha foise : 's e sin ri ràdh, bhàtar ag gabhail fois o gach saothair a bha ceadaichte air làithean eile, 's ag cur seachad na h-uine an sior dhìomhanas, saor o mheud 's a bha feumail a chaitheadh ann an oibribh na h-éigin agus na tròcair. Sàbaid àraidih, latha bòidheach, grianach, na h-eoin bheaga cur dhiubh air iomadh gleus ; breac-an-t-sil, aig an robh a nead an aodann na creige cùl an tighe, ag gearan air rud-eigin a bha cur dragh air ; a' phigheid a' trod ri cuideigin, a h-anail 'na h-uchd 's ruith 'na teangaidh, 's aileag a cléibh a' toirt gearradh an fhacail uaipe. Bha mise cluinntinn, 's am inntinn féin a' faicirn gach nì dheth so ; ach aon fhacal beag de na bha 's an leabhar a bha 'nam làimh cha robh mi léirsinn. Thug mi sùil a mach air an uinneig, 's chunnaic mi gu robh an tràigh gu math iosal ; na sgeirean dubhatar ; an duileasg 's an fheamunn chireanach a' sgreachadh ris a' ghréin, 's fhios agam gu robh gach poll an sin ag cur thairis leis gach nì a bu mhiorbhuiliche na chéile. Mu dheireadh, dhruid mi 'n leabhar 's chaidh mi sios do cheann eile 'n tighe. Air a' bhord bha ceann muilt a dheasaich mo

mhàthair Di-Sathuirne an ceanna-coinneamh ris an Dòmh-nach. Ghearr mi sgonn bharr teanga a' mhuilt; cheangail mi gu teann, greimeil e air ceann sreinge, 's ghabh mi sios thun a' chladaich, 's mi cur mar fhiachaibh orm fhéin gu 'm b' ann do dh' obair na tròcair a bhuineadh an nì a bha mi mu thimchioll; agus b' e sin a' dol a dh' fhaicinn ciod am beò a bha air an t-seana chrùban, 's a thoirt gréim lòin g'a ionnsuidh, 's mi cinnteach nach robh a theachd-an-tir ach taosgach. An uair a ràinig mi an cladach cha robh an tràigh cho iosal 's a shaoil mi; 's bha mar sin faiche mo charaid fo 'n uisge; ach chunnaic mí gu robh e féin aig an tigh. Leig mi sios teanga a' mhuilt goirid uaith, 's thuirt mi ris e dh' itheadh a leòr, ach gun e phòcachadh mìr. Thug e gurradh air a thighinn a mach, ach bhuail amharus e gu robh an t-olc 's a' chàball, 's dh' fhan e mar a bha aige. Thug e greis mar sin a' smaointeachadh tuillidh na bha e 'g ràdh, gus am fac e sgimilear de phartan fad-chasach ag èaladh mu 'n cuairt; dhùisg so fhearg, 's a mach a ghabh e a chur cainnt air an t-sèabhaltach so. Cha d' fhan am partan ri bheag de chonaltradh a dheanamh ris; bha cabhag air a dhol taobh-eigin eile; ach cha do bhac sin do 'n t-sean-fhear dol ceum de 'n rathad leis, dìreach a thoirt coimhideachd dhà. An uair a thill e bho ruagadh a' phartain, sheall e air an toitean fheòla dh' fheuch an tuigeadh e ciod a' ghnè bhiadh-tachd a bha ann, no c' ar son a leigeadh a nuas e air ceann ròpa. Ged a bha an nì cho goireasach, agus a bharrachd air sin cho taitneach do 'n t-sùil, b' éiginn da dol mu 'n cuairt air gu faicilleach agus sealltainn air o gach taobh mu 'n do chuir e fiacail air; ach an uair a bhlais e air, cha robh, a réir coltais, coire aige r' a fhaotainn da. Dh' ith is dh' ith e, 's dh' éirich e 'n dràsd 's a rithist air a chorra-beaga a dhinneadh sios na dh' ith e, gus mu dheireadh nach tiochdadadh aona phioc tuillidh 'na chom. Smaointich e gu 'n

tugadh e leis an còrr do 'n fhaiche, ach cha leigeadh an teadhair leis sin a dheanamh. Bha e 'n droch-chàs ; cha robh fhios aige ciod a dheanadh e ris an fluidheall a dh' fhàg e ; ach cha robh e fada 'n imcheist ; thog e a shùilean ris na neòil ; dh' fhosgail e ghiallan, 's bhrùchd e nios á iochdar a chuim na dh' ith e. Thug sin sgaoth de dh' iasga beaga mu 'n cuairt nach robh am shealladh roimhe. Cia as a thàinig iad, no ciamar a fhuair iad fios cho ealamh mu 'n chuir a' dheasaich an crùban fa'n comhair, chan fhios domh. Cha bu luithe fhuair esan cuidhte 's an luchd a bha air a ghiulan na thòisich e air e féin ath-luchdachadh. A dheanamh mo sgeoil na 's giorra ; dhiobhair an creutair mosach sin tri uairean mu 'n do chuir e crioch air teanga a' mhuilt. A nis, saoilidh mi nach 'eil móran teagamh r'a chur an geòcaireachd an fhleasgaich sin ; ach ma théid agaibhse air car a chur an adharc an daimh, bu ghlé thoigh leam a chluinntinn ciamar."

" Cha ruig mi leas," arsa esan, " car no car ; fóghnaidh an car a tha innte. Bha thusa eas-umhal do d' phàrantan an uair a shnàg thu mach gun an cead iarraidh, 's a rinn thu dearmad air an dleasanas a dh' àithneadh dhuit. Dh' fhàg thu 'n tigh le dùiseannan dubha ann ad chridhe, 's an uair a ràinig thu 'n cladach thachair spiorad bréige ort a chuir sgleò air do shùilean 's mearachd ad bheachd ; agus mar a thachair do na fàidhean o shean, tha thu nis ag aithris na bréige a chuir spiorad na ceannairc ad bheul. Na 'n d' fhan thusa aig an tigh a' leughadh Facal na Firinn, 's a' meòrachadh air, cha bhiodh tu nis a' dol mu 'n cuairt le a leithid sin de bhathar baoghalta air do ghiùlan."

" Matà," arsa mise, " bho 'n a thuit dhuibh iomradh a thoirt air, chan 'eil fhios agam nach 'eil mi cheart cho eòlach air mo Bhlobull 's a tha sibh féin, ged is pears-eaglais sibh ; agus air son meòrachadh air, rinn mi sin gus an

d' fhuair mi ann nì no dhà air nach do smaointich mo luchd-teagaisg. Tha, math a dh' fhaoide, a' cheart uibhir meas agam air an leabhar sin 's a tha aig iomadh aon a tha deanamh tuillidh aidmheil mu dhéidhinn. Chan ann an aghaidh an Leabhair no an aghaidh Sàbaid a tha mi labhairt, ach an aghaidh na dòigh mhi-riasaanta air an robh iad air an sparradh air a' mhuinntir òig 's an ám air a bheil mi 'g iomradh; dòigh a bha glé bhailteach air gràin a thoirt daibh do 'n dà nì—an Leabhar agus an t-Sàbaid."

"Ciamar sin?" arsa esan.

"Cha ruig sibh a leas sin fharraid," arsa mise; "is leòr na thuirt mi cheana leigeil ris ciod a tha mi ciallachadh; ach a deanamh an ni na 's soilleire, faodaidh mi innseadh dhuibh mu mhi-fhortan faoin a thachair dhomh 's mi 'm bhalach beag."

"Buaidh ùr-sgeoil dhuit!" arsa esan.

"Ur-sgeul, no seann-sgeul," arsa mise, "'s i 'n flirinn a tha ann. Cha robh an sgoil goireasach òirnn anns a' ghleann 's an robh mo phàrantan a chòmhnuidh; 's air an aobhar sin chaidh mise chur chum mo sheanar air son a bhi na b' fhaisg air an t-seòrsa sgoile bha ann. Bu duine firinneach, onarach, agus ro chràbhach a bha 'nam sheanair, ach mar thuirt an t-Ollamh Rainy mu mhuinntir eile, bha 'n duine còir, a réir mo bheachd-sa, a' deanamh "*Fetish*" de 'n Bhiobull. Chan fhaoideadh an leabhar sin eadhon a laimhseachadh mar leabhar eile; 's mar sin bha cùram sònraichte 'ga ghabhail dheth.

Bha daonnan tri no ceithir de choin chaorach timchioll an tighe, agus mar bu bhitheanta dhà no tri chuileinean. 'S an ám air a bheil mi labhairt, cha robh ach aona chuilean 's an tigh; chaidh an còrr de 'n chuain d' an robh e a bhàthadh mu 'n d' fhosgail iad an sùilean air an t-saoghal aingidh so. Bha 'n t-aon a chaidh a ghleidheadh a' faotainn a h-uile boinne

de bhainne na màthar, 's leis a sin bha e cho reamhar ri ròn 's cho mear 's a bha e comasach do chreutair cho reamhar ris a bhith. Cha robh agamsa de chompanach-cluiche ach è; 's bha sinn mar sin daonnan còmhla, co-dhiù a b' ann ri math no ri cron.

Latha de na làithean, 's an cuilean 's mi féin an àird ar lan-aighir, thuit leabhar bhàrr a' bhuidr 's mu 'n d' thug mise fa-near ciod a thachair, fhuair esan gréim air an leabhar agus stròic e lan a chraois de dhuilleagan as. An uair a thug mi uaithe an leabhar 's a chunnaic mi gu'm b' e am Biobull a bha ann, ged a thuiteadh cabar-droma an tighe air mullach mo chinn cha b' urrainn da tuillidh pairilis a chur orm. An uair a fhuair mi lùth na teanga, dh' innis mi do m' shean-amhair ciod a thachair; cha b' urrainn dhise bheag de chomfhurtachd a thoirt domh, 's an uair a thainig mo sheanair dhachaidh 's a fhuair e dhinneir, chaidh innseadh dha mu'n mhi-fhortan a thachair. Chaidh binn a' chuilein a thoirt a mach air ball, 's b' e sin, a bhàthadh gun mhionaid dàlach; 's air son mo chodach-sa de 'n ghnothach, 's ann orm a thàinig a' bhinn sinn a thoirt gu buil; 's e sin ri ràdh, 's ann domh a b' éiginn mo chompanach beag bòidheach a chur gu bàs. Thog mi leam e ann am bhroilleach, 's mo chridhe 'n impis sgàineadh, 's o 'n a bha 'n t-uisge a' sileadh gu trom chòmhdaich mi e le sgiath mo pheiteig g' a chumail tioram. An uair a rèanig mi 'n linne dhubb 's am biodh iad a' bàthadh chon is chat, bha i ag amharc cho dorcha, duaichnidh, 's nach robh de chruas-cridhe agam na leigeadh dhomh a thilgeil innte. Thill mi ceum air m' ais o bhruaich na h-aibhne 's chaidh mi stigh fo phreas beag seilich, 's chrùbain mi 'n sin gus an robh mi cho fluich 's ged a bhithinn air mo thumadh anns an abhainn. Cia fhad a dh' fhanainn mar sin na'm maireadh solus latha, chan fhios domh; ach bha e nis a' fàs dorcha, 's an t-ám a' dlùthachadh anns am biodh

taibhsean ag èaladh mu 'n cuairt. Bha bòcain, buidsichean, sithichean, 's gach nì de 'n t-seòrsa air an cuala mi riamh iomradh a' tighinn am chuimhne, 's mi làn chinnteach nach b' fhada gus am biodh iad ann am shealladh. Fliuch gus an craicionn, air chrith leis an fhuachd, 's ach beag as mo chiall leis an eagal, leum mi air mo bhonn, 's ghabh mi roid chum bruach na h-aibhne 's thilg mi 'n dùile bheag 's an linne. Thug e aon sgal as an uair a thilg mi e ; cha d' éisd mi tuillidh ; ghlaodh is chaoin mi, 's theich mi cho luath 's a bheireadh mo chasan mi.

An uair a rainig mi 'n tigh chaidh mi direach do 'n chùileig sheòmair 's an robh mi cadal ; thilg mi dhiom m' aodach 's leum mi do m' leabaiddh. Chaoin mi an sin gus an robh mi ag call mo chli. Cha bu luaithe thigeadh neul cadail orm, na bha sgal dheireannach a' chuilein a' tighinn 'nam chluais, 's bha mi 's a mhionaid am làn fhaireachadh. Mhair an gnothach mar sin fad finn foinneach na h-oidhche. 'S a' mhaduinn bha mise cho tinn 's nach b' urrainn domh mo cheann a thogail bhàrr an adhaint. Thòisich mo sheanamhair chaomh air mo dhoctareachd. Cha d' thuirt i facal mu 'n chuilean, ach tha mi làn chinnteach gu robh fhios aice ciod a bha cèarr. Bha dithis 's an tigh an latha sin aig an robh ionndrainn glé ghoirt. B' iad sin màthair agus companach a' chuilein, 's bha iomadh latha 'na dhéidh sin mu 'n deachaidh sgal a' chreutair bhig á m' chluais.

B' e buil a' gnothaich mhi-shealbhaich so ormsa, gu 'n do ghabh mi anntlachd do 'n Bhiobull nach robh idir a réir na h-àithne ; 's bha mi mothachail air spiorad eas-ùmhìlachd a bhi nis air mo ghiùlan nach robh ann roimhe sin. Theagamh gu 'n abair sibhse nach robh an so ach gnothach faoin, 's nach b' fhiach e 'n tòine thug mise 'ga innseadh a chaitheamh ris ; ach feumaidh sibh aideachadh gur ann agamsa 's fhearr a tha fios air an drùdhadh a rinn e orm aig

an ám ; drùdhadh a chum an nì ùrail air clàr na cuimhne gus an latha 'n diugh."

" Tha thu air sin," arsa esan, " direach mar a bha thu air a' chòrr. Thug thu 'n seagh ceàrr as an nì; 's tha thu nis a' stri ri thu féin fhirlinneachadh, 's a' choire chur air muinn-tir eile air son spiorad na ceannairc sin air a bheil thu labhairt ; spiorad, ma chreideas tu mise, nach do chuireadh annad le aona chuid cù no cat, ach a thainig leat chùm an t-saoghail, 's a tha so-léirsinn annad mar earrann de 'n chàileachd a rugadh leat. Tha thu mar sin ag gabhail do leisgeil féin 's ag coireachadh dhaoine eile air son do chionta. Feumaidh tu aideachadh nach nì ro shiachail sin, ach chan 'eil thusa mar sin ach mar tha 'n còrr de 'n chinne-dhaonna. Bho 'n a dh' ith ar ceud phàrantan de 'n mheas thoirmisgte, tha an duine a ghnàth a' stri ri e féin fhirlinneachadh le bhi càradh uallach a chionta féin air guaillean eile, is gus an latha 'n diugh ag gnàthachadh a' cheart leisgeil a ghnàthaich e 'n Gàradh Edein,— "A' bhean so a thug thu gu bhi maille rium, thug ise dhomh de 'n chraoibh agus dh' ith mi"—no, mar a tha thusa 'g ràdh ; " an duine so a thug thu gu bhi 'na sheanair dhomh, thug esan orm beatha cuilein a ghiorrhachadh 's chruadhaich sin mo chridhe" ; sin agad suim do sgeoil; 's chan 'eil e feumail tuillidh a ràdh mu dhéidhinn. Tha an t-ám dhomh bhi falbh air eagal 's gu 'n tòisich thu air rò-sgeul eile. Slàn leat."

Sin agaibh a nis mar a gheibhear iad—a h-uile fear cho bearraideach 's nach toir cù gearr earball as air. Chan 'eil fhios agam co-dhiù a tha mise na 's breugaiche, no daoine eile na 's tiolpaiche na b' àbhaist ; ach tha mi toirt fa-near gu bheil e na 's doirbhe dhomh creideas fhaotainn do 'n nì a their mi nis na bha e ri linn m' òige. Ma dh' innseas mi nis do charaid aon de na sgeulachdan beaga, neo-lochdach sin nach 'eil a chùm math no cron, biodh i fior no breugach,

feumaidh an caraid sin mo cheasnachadh is m' ath-cheasnachadh air a h-uile lide 's puinc de 'n sgeul gus am bi mi cho searbh de 'n ghnothach 's a bha 'n losgann de 'n chleith-chliata. Theagamh gur e so, mar a theirear, spiorad nan timeannan a tha ann, 's nach ceadaich an spiorad sin do spiorad bréige sam bith ach e féin a bheul fhosgladh. Tha e mar sin gu buileach feumail do dhuine mu'm fosgail e bheul, gu 'm bi e 'na chomas gach facal a tha mhiann air a labhairt a dheanamh seasmhach am beul dithis no triuir de dh' fhanuisean, biodh teisteas nam fianuisean sin mar a dh' fhaodas e, tha dearbh-chinnt gur e 's feàrr na t' fhacal féin. Ach an déidh sin 's air fad, ma tha 'n spiorad so ag ràdh nach do sgàin mart mo charaid leis na dh' ith i de 'n chlóbhar ; agus nach d' ith an crùban tuillidh 's na bha feumail dha ; agus nach d' thugadh ormsa gu h-an-iochdmhor an cuilean a bhàthadh, tha ceud teum a' tighinn fodham a ràdh ri spiorad nan timeannan a tha ann gu bheil e breugach !

TANNAISG NAN LAITHEAN A DH'FHALBH.

A bhana-charaid ionmhuinn,

Am faca sibhse riamh an rud sin ris an abair sinn tannasg ? Theagamh nach 'eil sibh ag creidsinn 'na leithid. Cha mhotha bha mise uaireigin de'n t-saoghal, 's bha mi ag cur spleadh-achas mu bhòcain 's mu shìthicéan, mu ghnothaichean mi-chneasda mar sin an suarachas. A bhàrr air sin, bha mi, iomadh uair, 'g am chur féin as mo ghabhail, direach a leigeil ris cho beag suim 's a bha agam de 'n bhathar shìth sin. Chrath daoine bu shine 's a bu ghlice na mi féin an cinn, 's chuir iad air mhanadh gu 'n éireadh olc dhomh uaireigin. Ghabh mise mo rathad féin, mar as gnàth leis an òigrigh a dheanamh ; ach thig gliocas òirnn le aois ma thig e idir.

Oidhche ghaothar, gheamhraidh, 's neoil dhorcha, ghruamach a' ruagadh a chéile air aghaidh na speur, 's a' doilleireachadh a' bheagan a bha ann de 'n ghealaich, dh'fhalbh mi a dh' fhaicinn caraid dhomh a bha mu thuaiream mile gu leth a dh' astar uam. Ghabh mi air mo thurus gu sunndach a' feadaireachd, "Gabhaidh mise 'n rathad mór, olc air mhath le càch e." Cha deachaidh mi ro fhada air m' aghairt an uair a thug tionndadh de 'n rathad an sealladh na mara mi ; 's ciod a b'iongantaiche leam fhaicinn na cruth mór, iargalta, an riochd duine, eadar mi 's a' mhuir, agus direach anns an rathad a bha mi gabhail. Cha luaithe chunnaic e mi na thilg e chrògan an àird 's an adhar, 's mhaoidh is bhagair e, a réir coltais, na'n rachainn ceum na b'fhaide air m' aghaidh gu'n éireadh na bu mhiosa dhomh. Feumar aideachadh gu'n do chuir an sealladh-gun-iarraidh so giorag orm. Sheas mi mar a bha mi car tiota, a ghabhail a stigh suidheachadh an fhearrainn. Bha 'n abhainn air an dara taobh dhiom 's i 'na tuil, 's bha balla cloiche, seachd no ochd troighean air àirde, air an

taobh eile ; 's bha 'n leòmhann beucach so 's an t-slighe, 's e sìreadh co dh' fhaodadh e shlugadh suas. Bha e soilleir nach robh e'n comas domh gabhail seachad air an taobh eile. Thill mi ceum no dhà air m' ais ; chan ann a chionn gu robh eagal orm roimh 'n aog, ach a bhuidheann beagan tìne air son cuimhneachadh air na daoine o'n d'thainig mi, agus mi féin uidheamachadh air son blàir. Chuimhnich mi air nì no dhà ; ach cha bu chuimhne leam gu 'n d'rinn aon duine bhuineadh dhomh euchd mór sam bith am measg thannasg. Smuaintich mi 'n sin air Buidseach Endor, 's air Tàillear na Manachainn, ach cha b'ionann an cor-san 's mo chor-sa. Bha Uallas is Brus, Lachann Mor 's Dubh-sith, math gu leòr ; ach bha tuagh-anna cogaidh 's biodagan 's rudan mar sin acasan, 's cha robh uibhir a' bhiorain bhata agamsa. Cha robh so a' dol a dhean-amh feum sam bith ; 's bha e gu buileach feumail rudeigin a dheanamh. Smuaintich mi nach bu mhisd an gnothach am balla cloiche bhi eadar mi 's am fear a bha air tì mo mhillidh. Streap mi thar a' bhalla, 's shnàig mi air m' ais 'na dhubhar gus an d' rainig mi 'n t-àite 'san d'fhàg mi taibhse Gholiath. Bha nis m' anail am uchd, 's m' phallus 'gam dhalladh, is—

“Chluinneadh mo chluas an fhuaim a bhitheadh
Aig luaths mo chridhe ri m' thaobh.”

Mu dheireadh, ghabh mi cuid mo chunnairt 's thug mi sùil chaol fhaicilleach eadar clacha-mullaich a' bhalla, 's ciod a chunnaic mi, an àite an nì ris an robh fiughair agam, ach stoc craoibh sheilich is dhà no tri mheanglain mu cheann, 's iad ag crathadh 's a' luasgadh 's a' ghaoith. Shuath mi 'm fallus bhàrr mo mhaighean, 's lean mi air mo thurus a' smuainteachadh na 'm biodh gach sgeul taibhse a thàinig g' ar n-ionnsuidh air an dlùth-rannsachadh, math a dh' fhaoidte gu 'n gabhadh iad mineachadh air dhòigh co-ionann ri so.

Is cuimhne leam, an uair a bha mi 'm bhalach beag, éisdeachd ri seana bhean chòir ag innseadh do 'm sheanamhair mu bhàs

a fir. Dh' aithris i gu mionaideach a h-uile car mu 'n trioblaid a thug a' chrioch air. Cha chuimhne leam dad de na dh' fhuiling an duine còir an galar a bhàis; ach 's math a tha cuimhne agam air crloch an sgeoil: "An oidhche 'n deidh an tiодhlacaидh," arsa ise, "mu mheadhon oidhche, thainig e gu taobh mo leapa 's thuirt e rium gu robh na 'spéicean' air an do ghiulaineadh do'n chladh e, 'nan seasamh aig ceann na bàthaich, 's mi 'g an cur a stigh as an t-sealladh. Theann mi ri bruidhinn ris, ach leagh e as mar neul. Cho luath 's a bu léir dhomh 's a' mhaduinn, chaидh mi mach, 's fhuair mi an sin mar a thubhairt e 's rinn mi mar a dh'iarr e." Bha so air innseadh mar nach biodh an teagamh a bu lugha aice féin an dearbh chinnteachd a' ghnothaich; 's cha mhotha nochd am boirionnach eile gu robh i cur ag 's a chùis.

Thachair so 'nar linn féin, ach cia iomadh linn bho'n a thòisich an duine air creidsinn 's an tannasg? Thainig an creideamh so a nuas g'ar n-ionnsuidh troimh linnteann do-àireamh. Bha e d'ar priomh aithrìchean 'na fhìrinn shuidhichte. Anns na linnteann dorcha céin sin anns nach b'fhearr an duine a' bheag, a thaobh eòlais, na brùid na machrach, bha e 'g aoradh do spiorad, no do thannasg, aithrìchean. A reir dhaoine fiosrach a rannsaich na cùisean sin le mór shaothair, 's e Aoradh Aithrìchean (*Ancestor Worship*) no mar their *Herbert Spencer* ris, Aoradh Thannasg (*Ghost Worship*), an t-aoradh as sine air a bheil lorg againn. Bha 'n t-aoradh so an tùs ag co-sheasamh, anns a' mhór-chuid, ann a bhi 'g ullachadh lòin is nithean eile a shaoileadh am beò a bhiodh feumail no taitneach do spiorad a' mhairbh, is 'g am fàgail mar thabhartas aig an uaigh. B'e chreud gu robh an tannasg comasach air math no cron a dheanamh do'n bheò a réir an tomhais anns an robh am beò ag coimhlionadh, no a' dearmad, a dhleasanais do'n mharbh. Mar so, cha robh teagamh fo'n ghréin aig an

duine alta ann am bith an tannaisg. Bha tannaisg a ghnàth maille ris air aon dòigh no dòigh eile. Chunnaic e le shùilean féin iad ag èaladh mu'n cuairt 'san odhar-dhorcha. Chuala e an guth an oiteig na gaoithe, 's an gearan an gaoir nan tonn. Thainig iad g'a ionnsuidh fo sgàil na h-oidhche, 's dh'fhàg iad teachdaireachd nach faoidteadh a dhearmad.

“ O na neoil tha dlùth mu'n cuairt
Chithear tannais nan sonn a dh'fhalbh,”

arsa bàrd na Féinne, 's e féin a' faicinn cruth nan laoch a dh'fhalbh,

“ A' leantainn tannais tuirc de cheò,
Air sgiathaibh nan gaoth mòr 's a' chàrn ; ”

is chual e 'n guth am borbhan sruth Laoire.

Ach chan ann am bàrdachd a mhàin a tha 'n tannasg a' faotainn àite, ach an litreachas an t-saoghal gu léir. Tha Carraighean Cuimhneachain na h-Eiphit, Clàir Chreadha Chaldea 's Bhabilonia, a' mhór-chuid de sheann sgiobhaidhean na h-Airde-n-eas, 's beul-aithris an t-sluaigh 's a h-uile dùthaich fo'n ghréin, làn de 'n chreidimh so ; 's thainig earrann nach beag dheth a nuas g'ar n-ionnsuidh féin.

Bho chionn bheagan bhliadhna chan thug mi cuairt 's a Ghàidhealtachd ; 's air mo thurus thadhail mi 's a' “ Ghleann 's an robh mi òg.” Bha'n gleann mar a bha e riamh ; na beanntan àrda, creagach, corrach, air gach taobh dheth, a' mhuir mhór a' slachdraich air a' chladach, 's na h-eoin mhara sgiathalaich mu na sgeirean 's air feadh nan tonn, direach mar a b'abhaist ; 's bha ùrlar a' għlinne ceart mar a dh'fhàg mi e :

Bha 'n t-allt mar bhà a' ruith gu tràigh.
'S na flùir a' fas mu bhruachan,
Bha eoin na speur am bàrr nan geug
A' seinn gu h-eutrom guanach ;

Ach dhòmhsha cha robh ni mar bhà ;
 Bha'n latha b'aille gruamach ;
 Bha maise 'n t-sléibh is glòir a' Chéit,
 'S gach nì fo'n ghréin leam suarach.

Cha robh aon de chompanaich no de bhana-chompanaich m' òige air làr a' ghlinne. Sheall mi mu'n cuairt 's mi a' faireachduinn cho aonaranach 's ged a bhithinn am choigreach an tir chéin. C' àit an diugh a bheil companaich nan làithean sin a chaidh seachad cho luath ? Sgapte air aghaidh an t-saoghail ; 's cuid dhiubh, mo chreach, 'nan dachaidh bhuan. Shuidh mi air bruach an uillt, far am b'abbhaist duinn a bhi cluich air "Crioch a' bhodaich," 's cha robh mi ach gle ghoirid an sin, a' smuainteachadh mo smuaintean féin, 's ag cuimhneachadh air nì no dhà 'nuair a dh'iadh grunnan diubhsan air an robh m' inntinn a' tighinn mu'm thimchioll,—balachain is caileagan bòidheach, làidir, fallan, a thàinig 'n an ám gu inbhe fhear is bhan cho eireachdail 's a chiteadh eadar dà cheann na siorramachd. Bha iad an sin ceann-ruisgte, cas-ruisgte, mar a b'abbhaist, cho beothail 's cho riochdail 's ged a bhiodh iad an làthair 's an fheoil. Dh'fhan mi greis ag gabhail iolla ri cluicheachd na cloinne so—tannaisg nan làithean a dh'fhalbh—gus an d'fhàs mi mothachail air ceò a bhi tighinn mu m' léirsinn, 's bha fhios agam gu robh na faileasan a bha air sgàthan na h-inntinn buailteach gu iad féin a nochdadh 's a' cheò a bha mu'n t-sùil. Dh'éirich mi, 's le cridhe trom thug mi mo chùl ris an Eden so ; ach lean mo chompanaich bheaga mi, 's anns gach ceum de'n t-slighe, iad ag comharrachadh a mach dhomh gach ionad 's an do thachair sud no so, nithean nach deachaidh air dhl-chuimhne fathast, gus mu dheireadh nach robh leud nam bonn, an àrd no'n iosal, ris nach robh cuimhneachan àraidih naisgte. "So," arsa mise rium féin, "am fior-thannasg ; 's chan e 'n sgleò a thig air

sùil na sgaoimireachd." "S e mar a thà, nach 'eil annainn féin ach tannaisg, 's gach aon againn le a ghrunnan féin de thannaisg 'g a leantainn, agus na tannaisg sin math no olc 'nan gnè, direach mar a nithear iad; 's e sin ri ràdh, tha iad a réir ar giùlain féin; ma tha ar gniomh olc, tha tannasg an uilc sin 'g ar leantainn.

"Có agaibh a rinn so?" dh'fharraid *MacBheatha* d'a mhaithean 's d'a mhór-uaislean an uair a nochd tannasg *Bhanco* e féin, a cheann sgoilte 's fhuil m'a chluasan. Cha ruigeadh an slughtire leas fheòraich có rinn so; bha deagh fhios aige có d'an d'thug e an t-ùghdarras so a dheanamh; 's bha nis a chogais chiontach féin a' toirt toradh a dhroch-bheairt fa chomhair a shùla. "Coinnchidh sinn aig *Philippi*," arsa tannasg Chésair ri Brutus an oidhche roimh 'n bhlàr 'san do thuit Brutus. Bha làmh aig Brutus am bàs an Rómanaich ainmeil so; 's bha nis tannasg a dhroch gniomh 'g a leantainn. Co-dhiù, 's e so a' bhrigh a thug *Shakespeare* as na taibhsean sin.

B'e beachd an duine anns na linntean dorcha céin sin, gu robh spioraid nan càirdean a dh'eug a ghnàth mu thimchioll àite-còmhnuidh an dilsean, 's gu sònraichte mu na h-uaighean 's an robh na cuirp 'san do thuinch iad ré an turuis troimh'n bheatha so, a nis ag gabhail taimh. Chan 'eil, mar sin, móri-ongantas ged a bhiodh am beachd suidhichte so iomadh uair a' toirt air an t-sùil a bhi faicinn cruth nan daimheach a dh'fhalbh air neoil chaochlaideach na h-oidhche. Bha am beachd eile bha aig an duine, gu robh na spioradan so comasach air math no cron a dheanamh dhà, 'ga cho-éigneachadh gu oidhirp a thoirt air an deagh-ghean a tharruing g'a ionnsuidh féin. Is anu o'n bheachd so a dh' éirich an t-aoradh ris an abrar Aoradh Aithrichean, no Aoradh Thannasg. Tha mi 'g ràdh nach cuir so a' bheag a dh'loghnadh òirnn; ach 's e an nì a tha 'na aobhar loghnaidh,

nach 'eil aon ghnè aoraidh is aithne dhuinn anns nach 'eil, an aon seagh no'n seagh eile, roinn mhath de'n phriomh stéidh so. Tha an smuain amhaidh, anabaich so a thainig an ceann an allamharraich, math a dh'fhaoidte ceud mile bliadhna roimh 'n ám so, mar ghràinne de shiol mustard a chinn gu bhi 'na chraoibh cho mór 's gu'n do chòmhdaich i an talamh, 's gu 'n d'fhuair gach aidmheil chreidimh fo'n ghréin neadachadh 'na geugan. Theagamh gur ni-eigin co-ionann ri so a bha air a chiallachadh an sgeul spleadhach nan Lochlannach le Craobh mhór na Cruinne (Yggdrasil), aig a robh a freumh an Sloc an dubh-aigein (Nifheim), a bàrr 's na nèamhan, 's a geugan ag comhdach na talmhainn uile. Biodh sin mar dh'fhaodas e, tha sinn a' faicinn gu soilleir mar a thainig o'n ghràinne shil so bàrr saoilbhear de gach seòrsa spioraid, math is olc; oir thainig an duine gu bhi sealltainn air gach creutair mar àite-comhnuidh spioraid àraidh air an robh e féin a' buileachadh buайдhean àraidh a b'airidh, 'na bheachd-san, air aoradh fhaotainn. Bhàtar ag aoradh do'n nathair anns gach ceàrn de 'n t-saoghal; 's bha creutairean cho suarach ris an daol a' faotainn àrd-urram. Mar so thainig an tannasg, ceum air cheum, gu bhi air àrdachadh 's air a mheudachadh gu mór. Rinneadh spioradan de gach seòrsa dheth; spioradan math is olc, glan is neòghlan; aingil, àrd is losal; dé is deamhain, dreach mar bha freagarrach do shuidheachadh na cùise, gus nach 'eil an diugh, ach beag, eaglais 's an tir nach 'eil fo thearmunn tannaisg Naoimh a thaobh-eigin, agus móran diubh le cuimhneachain àraidh, mar a tha cnàimh no cnàmhan an Naoimh air a bheil i air a h-ainmeachadh, fo'n altair. Ach buinidh so do mheur eile de'n chraoibh Yggdrasil, 's cha cheadaich tìne dhomh iomradh dheanamh air aig an ám. Tha mi 'g ainmeachadh nan nithean sin, chan aon an dùil ri dad a chur ri ur n-eòlas féin air na cùisean sin, ach a

dhaingneachadh an nì a thuirt mi cheana; nach 'eil eachdraidh an tannaisg cho faoin 's a shaoileas cuid, 's a chomharrachadh a mach dhuibh aig a' cheart ám, cho tràth an eachdraidh na daonnachd 's a thainig an taisbean so chùm an duine. Bu mhór Diana nan Ephesianach, ach 's mothà na sin tannasg an Allamharraich! Dh'fhaodainn tuille a ràdh mu'n tannasg; ach theagamh gu'm foghainn na dh'fhóghnas aig an ám.

Slàn leibh. Is mise bhur caraid sgaoimeach,

DOMHNALL MAC EACHARN.

GAISGEACH NA SGEITHE DEIRGE.

“ Fàg mi, fàg mi aig an ám so,
 Gus an rannsaich mi a' chùis ;
 Ciod ma 's e an tìm a th' ann leinn
 A' cheart tìm a bh' ann o thùs ? ”

Thadhail mi air duine còir, caraid dhomh, air an oidhche roimhe, 's fhuair mi e le grunnan de chloinn bhig m' a ghlùn. Dh' fharraid mi dheth ciod a bha e teagast do 'n chloinn. “ Matà,” arsa esan, “ tha an fhaoineis.” “ Ud, ud ! ” arsa mise ; “ cha chreid mi sin uait ged is tu féin a tha 'g innseadh.” “ Creididh tu mi,” arsa esan, “ an uair a their mi riut gur e seann sgeulachd a tha mi toirt daibh.” “ Theagamh,” arsa mise, “ nach 'eil an sgeulachd cho faoin 's a tha thu smaointeachadh ; gabh air t' adhairt, 's buaidh uirsgeoil dhuit ; 's air son sgeulachd dheth, tha mise cho faoin ris a' chòrr de d' luchd-éisdeachd.” Ghabh e air aghairt leis an sgeul, direach mar gu 'm bu nàr leis sin a dheanamh. Bha mhuinnitir òg ag éisdeachd ris an sgeul le geur-aire ; sùil, beul, is cluas, a réir coltais, ag òl a suas gach aon fhacal a bha tuiteam o bheul an t-seann-duine.

Cha b' urrainn domh gun bhreithneachadh air an nì, agus a' cheist a mheòrachadh : ciod a' ghnè bhuaidh a tha anns na seann sgeulachdan sin a tha 'g an cumail a ghnàth ùrail ? Tha fhios againn gu bheil cuid diubh na 's sine na na sgrìobhaidhean as sine a tha againn ; 's ged a tha sin mar sin, thainig iad a nuas troimh na linntean g' ar n-ionnsuidh le beul-aithris an t-sluaigh. Tha ceart lethbhreac an sgeoil bhig sin, “ Murachadh is Meanachadh,” anns an “ Talmud,” leabhar a tha na h-Iudhaich a' meas mar earrann de 'n t-Seann-Tiomnadh ; 's gheibhear sgeulachdan anns na Veda —leabhraichean naomha nan Hindù—a bha, a réir coltais, air

an aithris mar sgeulachdan faoine measg an t-sluaigh, mu 'n d' fhuair iad àite anns na leabhraichean sin; 's tha fhios againn gu bheil na leabhraichean sin na 's sine na 'n Seann-Tiomnadh againne. Ach air sinead an sgeoil 's air cho tric 's a chluinnear e air aithris, is e ùr-sgeul a theirear ris gus an latha-diugh.

Ciod ma tha feartan 's a' Chruinne nach 'eil a' fàs sean le àireamh am bliadhna chan mar tha sinne? Tha fhios againn gu bheil an talamh féin aois mhór; aois cho mór 's nach 'eil e an comas duinn eadhon tuaireamas a thoirt oirre, gidheadh, tha na laghannan nàduir a tha 'ga chumail suas, 's a tha riaghladh òrdugh na Cruinne, a réir coltais, gun atharrachadh, gun sgàile tionndaidh, o 'n fhuair iad air thùs am bith. A' ghrian a tha soillseachadh ar latha-ne shoillsich i farsuing-eachd do-thomhas na cruitheachd ré linntean do-àireamh mu 'n robh an talamh idir ann; ach dhuinne an diugh, tha camhanaich na maidne cho ògail 's a bha e air an là sin air an do sheinn reulta na maidne cuideachd, 's air an do rinn uile mhic Dhé gàirdeachas.

Co-dhiù thà no nach 'eil na nithean sin ceart mar tha mise ag ràdh, fàgaidh sinn air an t-suidheachadh sin féin iad aig an ám, agus bheir sinn sùil car tiota air sgeulachd mo charaid, dh' fheuch an tuig sinn ciod a' ghnè bhunait air an do thogadh i. Faodaidh mi thoirt fa-near 's an àite so, gu bheil gach nì a thig a nuas g' ar n-ionnsuidh le beul-aithris an t-sluaigh buailteach gu bhi, an tomhas beag no mór, air a thruailleadh; ach mar is bitheanta, gu bheil priomh stéidh a' ghnothaich gun a' bheag is fhiach de dh' atharrachadh. Air an aobhar sin cha bhiodh e chùm mór-bhuannachd gach mion-thachartas a tha 's an sgeul a dhlùth-leantainn, no gach aon lide 's puinc a sgrùdadadh a dh' fheuchainn ri brigh a tharruing as. Fóghnaidh dhuinn aig an ám amharc car seal air na cuspairean as foghaintiche gluasad 's an sgeul,

dh' fheuch an téid againn air tuaireamas a thoirt air seagh an giùlain.

Tha mhór-chuid de na tha air aithris 's na sgeulachdan sin air a chur an cruth cho aibheiseach 's gu bheil e coltach gu leòr nach robh e air a chiallachadh leis an sgeulaiche air son gniomh duine no beathaich, ach a mhàin a riochdachadh gluasad cuspairean nàduir, mar tha grian is gealach, talamh is adhar, gaoth is uisge, oidhche 's latha, 's mar sin sios, agus na cuspairean sin air an cur an riochd duine no ainmhidh, direach mar as freagarraiche do 'n phàirt a tha iad ag gabhail 's an sgeul.

Thuit e mach gur e "Gaisgeach na Sgéithe Deirge" an sgeul a bha mo charaid a' toirt do 'n chloinn; aon de na sgeulachdan sin a chuir Iain Caimbeul Ile, a mach 'na leabhar sgeulachd—*Popular Tales of the West Highlands*.

Is ann an Colbhasa a fhuair an Caimbeulach an sgeul; ach fhuaradh e le duin'-uasal eile ann an Eilean Eige. Tha beagan eadar-dhealachaidh eadar an dà dhoigh aithris*, ach chan 'eil sin a' buntainn ri brigh an sgeoil; 's o nach 'eil mise dol a thoirt seachad ach na fior-chnàmhan loma dheth, direach na bhios buileach feumail air son an ciall a shoilleir-eachadh, cha ruig mi leas leantainn dlùth ri dòigh seach dòigh, ach na bhios feumail air son mo ghnothaich a ghabhail as an aon as deise dhiubh.

A réir mo bheachd-sa, buinidh "Gaisgeach na Sgéithe Deirge" do 'n t-seòrsa sgeulachd ris an abrar Sgeulachd-ghréine (*Solar-myth*); 's e sin ri ràdh, sgeulachd anns a bheil cuspairean nàduir air an cur ann an riochd duine no beathaich, mar as freagarraiche do 'n phàirt a tha iad ag gabhail 's an sgeul; agus an giùlan-san a' samhlachadh gluasad nan cuspairean a tha ann am beachd a' bhàird. Faodaidh na cuspairean sin a bhi de dh' iomadh gnè, bho 'n

* Faic *Celtic Review*, III., 257, 346.

drùchd air bhàrr an fheoir gu grian a' mheadhon là; agus faodaidh gach cuspair dhiubh dol fo iomadh ainm, direach a réir mar tha e 'ga thaisbeanadh féin do shùil a' bhàird aig an ám. Chan 'eil e mar so furasda bhi daonnan cinnteach as an dearbh nì a tha am beachd a' bhàird anns gach ceum d' a sgeulachd; ach faodaidh sinn buille-mu-thuaiream a thoirt air ciall an sgeoil a tha fa'r comhair; 's mur dean ar mineachadh móran math, theagamh nach dean e bheag de chron.

Tha an sgeul, matà, a' fosgladh air latha bòidheach 's an deireadh Fhoghair, le Righ na h-Eireann, a shlòigh 's a laochraíd, a mhaithean 's a mhòr-uaislean, anns a' bheinn shithinn agus sheilg. Shuidh iad air cnocan bòidheach uaine far an éireadh grian gu moch 's an laigheadh i gu h-anmoch. Bha na coin air lomhainn, 's na gaisgich air an uilinn làn sgiros is airsneil. An déidh dhaibh an cuibheas a ghabhail de bhiadh 's de dhibh, thuirt an righ gu 'm b' ait leis féin a nis greis air cantainn nan sgeul los togail cinn is cridhe thoirt daibh. Chaidh an cruitire air ghleus, is chaidh an sgeul air shiubhal mar sin air adhart.

Ma 's math mo bheachd-sa, tha Righ na h-Eireann, a shlòigh, a laochraíd, a mhaithean, 's a mhòr-uaislean, a' riochdachadh na làn-bhliadhna, le a làithean, a seachduinean, a miosan, 's a ràithean. Bha saothair is othail an Fhoghair seachad; bha na coin air lomhainn; 's bha na gaisgich a ghiùlain uallach is teas an latha a nis fann, sgith, airsnealach, 's ag iarraidh air a' chruitear greis a thoirt air cantainn nan sgeul los togail cinn is cridhe thoirt daibh. Is e sin ri ràdh, bha bhliadhna fàs fann is aosda; bha 'm Foghar a' teannadh gu chrìch; bha ghrian ag call a neirt; aghaidh nàduir ag caochladh snuaidh; trusgan na coille ciaradh 's a' tuiteam air falbh; agus anns an adhar spiorad

cianalais ag èaladh mu 'n cuairt, ag cur tromadais air gach nl.

Is ann mar so a bhà an uair chunnacadh dùbhradh froise an iomall a' chuain a' triall o'n àird-an-iar gus an àird-an ear, agus Marcaiche Fàlaire Duibhe tighinn gu sunndach 'na dhéidh. Thainig am marcaiche, 's chuir e fàilt' air an righ 's air a' chuideachd; ach mu 'n robh bheag de sheanachas eatorra, bhual e dòrn air an righ eadar am beul 's an t-sròn; chuir e tri fiaclan as; cheap e 'na làimh iad; chuir e 'na phòc iad; 's dh' fhalbh e mar thàinig e, am fuaradh na froise. Is e sin ri ràdh, chunnacadh comharra na h-an-uair a' tighinn, agus 'na dhéidh sin an Geamhradh féin ann an riochd Marcaiche Fàlaire Duibhe. Thainig an Geamhradh; chuir e tri ràithean as a' bhliadhna, no trì miosan as an Fhoghar—chan 'eil e soilleir có aca,—ghabh e mar sin fad-seilbh, 's ghabh e air a thurus. A reir coltais, ged a bha aimsir gheamhrail air teachd, bha fathast beagan làithean de 'n Fhoghar gun ruith. Ghabh Mac mór an Righ,—Ridir a' Chùirn, agus a bhràthair,—Ridir a' Chlaidhimh, cothrom air an dàil so air son bòid a thoirt gu briosc-ghlòireach nach itheadh iad biadh, 's nach òladh iad deoch, 's nach éisdeadh iad ceòl, gus an tugadh iad aichmheil a mach air son na tàmailt a thug am marcaiche do'n righ.

Tha e coltach gu bheil Mac Mór an Righ—Ridir a' Chùirn—an so a' riochdachadh cinneas, no toradh na bliadhna, 's gur ann air Còrn-a'-phailteis (*Cornucopia*) a tha e air a shloinneadh. Tha fhios againn gu robh Ban-dia an Aitich aig na Greugaich (*Demeter*), agus Ceres nan Romanach, air an dealbhadh le Còrn-a'-phailteis 'n an làimh. Bha Iupiter mar an ceudna air a nochdadadh le Còrn-a'-phailteis,—adharc na gaibhre a thug bainne dha. Chaidh an adharc so dheanamh 'na h-aon de chomharran a' Chrios-ghréine (*Zodiac*), agus a' ghrian a bhi 'g innteart a'

chomharra so (*Capricornus*) aig an ám so de 'n bhliadhna, tha e deanamh an nì na 's coltaiche gur ann o Chòrn-a'-phailteis a thug Ridir a' Chùirn a thiodal. Mac eile an righ, Ridir a' Chlaidhimh,—faodaidh esan a bhi riochdachadh ám tional an toraidh, no ám na buana. Chan 'eil de dh' fheum air 's an sgeul ach a bhi bagradh, an dràsd 's a' rithist, an ceann a sgathadh de Mhac an Earraidh Uaine.

Bha fear eile 's a chuideachd an uair a bhòidich dà mhac an righ gu 'n dioladh iad air a' mharcaiche an dòrn a bhual e air an athair. B' e so Mac an Earraidh Uaine ri Gaisge, no réir na dòigh aithris eile, Mac Cochaill Uaine ri Gaisge. Bhòidich esan mar aon de chàch nach itheadh e biadh, 's nach òladh e deoch, 's nach éisdeadh e ceòl, gus an tugadh e as a' ghaisgeach a bhual an dòrn air an righ an cridhe a smaointich sin a dheanamh. Ach rinn dà mhac an righ "tàir agus tailceis" air, 's cha leigeadh iad 'nan cuideachd e, ach dh' fhalbhadh esan ge b' oil leo. Dh' fheuch iad seòl no dhà air a chumail air ais; ach a dh' aindeoin gach nì a dh' fheuch iad bha esan 'gan leantainn. Mu dheireadh, dh' aontaich iad a leigeil leotha, gun fhios nach fhaodadh e bhi feumail dhaibh fathast; 's mar sin ràinig iad le chéile taobh na mara.

Is e mo bheachd gu bheil againn ann am Mac an Earraidh Uaine, no Chochaill Uaine, an t-Earrach a' leantainn a' Gheamhraidh fada as. Cha do dhearbh e fathast a ghaisge; ach tha e air a thurus a chùm na faiche am faigh e cothrom air sin a dheanamh. Chan 'eil meas aig Mic an righ air aig an ám; ach chì sinn, mu 'n dealaich sinn ris, gur e féin Treun-laoch an sgeoil. Tha an t-ainm Mac an Earraidh Uaine, no Chochaill Uaine (*green habit or mantle*) glé fhreagarrach dhà; oir 's e 'n t-Earrach a sgeadaicheas le trusgan uaine gach sliabh is srath, machair is coill.

"Now in her green mantle blyth nature arrays,"

arsa Raibeart Burns, 's an t-ám so bhliadhna 'na bheachd,
no mar thuirt ar fear-dùthcha féin,

“ Bidh gach doire dlùth, uaigneach,
'S trusgan uain' uimpe fàs.”

Faodaidh sinn, mar sin, a bhi làn-earbsach gur ann ris an
Earrach féin a tha ar gnothach.

An uair a ràinig Mic an righ agus Mac an Earraidh Uaine
taobh na Mara, thachair Gruagach nan Cumha orra. (Chan
'eil iomradh air Gruagach nan Cumha an leabhar a' Chaim-
beulaich.) Thuirt iad ris a' Ghruagaich gu 'm bu mhiann
leò an t-aiseag fhaotainn. “ Cha bhi chion oirbh,” arsa
esan, “ 's leams' an long as feàrr a chuireas tonn 'na déidh.”
Chuir iad a mach an Iùbhrach Bhallach; “ thug iad a
toiseach do mhuir, 's a deireadh do thìr,” 's dh' fhalbh iad.

Tha e air innseadh dhuinn an so gu 'm buineadh an long
—an Iùbhrach Bhallach—do Ghruagach nan Cumha. A nis,
tha fhios againn far a bheil luingeis air an ainmeachadh anns
na sgeulachdan so,—luingeis nach iarr stiùir, no ràmh, no
taoman, 's a théid direach an taobh a chuirear an aghaidh—
gur iad na neoil a tha air an ciallachadh. Tha e soilleir
dhuinn aig a' cheart ám, an uachdaranaichd a tha aig a'
ghaoith air na neoil; cho umhail 's a théid iad an taobh
a chuireas i an aghaidh, 's a sheòlas iad luath no mall
an co-sheasamh r' a h-òrdugh. Tha ghaoth dol fo
iomadh ainm 's na sgeulachdan so, math dh' fhaoidte fo
dhà no thri ainmean anns an aon sgeulachd, direach
mar a tha i ciuin no garg, tlàth no fuaraidh. Chi sinn
sin anns an sgeul Ghreugach anns a bheil a' ghaoth
chùbhraidh Chéit a' dol fo 'n ainm Pan, agus a' gharg
ghaoth tuath fo 'n ainm Boreas. Ann an sgeul so bha
Pan a' suiridh air Pitys (a' chraobh ghiubhais). Rinn
Pan ceòl binn do Phitys; 's thaitinn an ceòl rithe cho
math 's gu 'n do thog i co-sheirm leis. Chunnaic Boreas

ciod a bha dol air adhaint, 's dh' fhàs e eudmhor. Mu dheireadh, las fhearg, 's thàinig e 'na dhian-chorruich, 's thilg e Pitys bhàrr bearradh na creige. Faodar a bhi cinn-teach an uair a thainig Pan an rathad a rithist 's a chunnaic e cor a leannain gu 'n d' rinn e tuireadh air a son; co-dhiù, bhiodh a cheòl aig an ám as eugmhais co-sheirm Phitys. Ach ciod sam bith a' cheart nì a bha am bàrd ag ciallachadh le Gruagach nan Cumha, tha e coltach gu leòr gur i ghaoth is bonn-stéidh dha, oir ciod sam bith ainm fo 'n téid am fear-ciuil 's an sgeulachd, 's i ghaoth as màthair-aobhair d' a cheòl. Math a dh' fhaoide nach robh Ghruagach ach ag cumha na h-aimsir a chaidh seachad; aimsir anns an robh machair fo bhàrr is coill fo dhuilleach, a' deanamh co-sheirm r' a cheòl; tha cho-sheirm sin a nis a dhith, 's tha gaoth chaoin an abachaидh air tionndadh gu gaoth ànrach an deireadh Fhoghair.

Chunnaic sinn dà Mhac an righ agus Mac an Earraidh Uaine air bòrd na h-Iùbhraich Bhallaich, "is soirbheas beag, laghach aca, mar a thaghadh iad fhéin, a bheireadh fraoch á beinn, duilleach á coill, 's seileach òg as a fhreumh-aichean, 's a chuireadh tugha nan tighean an claisean nan iomairean." Fóghnaidh a ràdh gu 'n d' ràinig iad Eilean na Fiacais an ceann seachd làithean na seachduin; ach bha cearcall teine mu 'n cuairt air an eilean. Dh' fheuch Ridir a' Chùirn agus Ridir a' Chlaidhimh ri dol troimh 'n teine, ach dh' fhairtlich orra sin a dheanamh. "Chaidh Mac an Earraidh Uaine 'na threallaichean-catha agus cruidh-chòmhraig, agus leum e o bharraibh a shleagh gu barraibh òrdag thar na teine. . . . Bha 'n sin an aon eilean a bu bhòidhche chunnacadh o thùs an domhain gu deireadh na dilinn."

Faodaidh mi thoirt fa-near an so, gu bheil am bàrd gu tric, anns na sgeulachdan so, ag gnàthachadh modh-labhairt

a tha gun mhóran brigh ann féin, ach a tha iomchuidh a chum snas agus àrdachadh a thoirt d' a chainnt, 's a bhi co-fhreagarrach do ghlumasad an sgeoil. Saoilidh mi gu bheil cuid de 'n mhodh-labhairt so anns a' chunntas a tha e toirt duinn air turus-cuain nan gaisgeach, 's gu faodar, mar sin, brigh an iomlain dheth a chur am fior-bheagan fhacal. 'S e sin gu robh ám na buana agus ám tional an toraidh, ma'-ris na beagan làithean a bha gun ruith de 'n Fhoghar, a' dol a mach air neoil bhallach, ghruamach an deireadh Fhoghair. Bha Mac an Earraidh Uaine 'nan cuideachd, 's ged a bha ám-san fathast gun teachd, agus an ám-san air dol seachad, chan 'eil sin 'ga dheanamh mi-fhreagarrach dhàsan an t-aiseag a ghabhail leò, oir tha ghrian, a tha riaghladh amannan na bliadhna, ag gleidheadh air a càrsa, gun éis, gun mhàirneal; 's am feedh a tha i toirt cùl ri aon ám, tha i toirt ám eile air aghaidh.

An uair a ràinig na gaisgich Eilean na Fiacaïs, bha cearcall teine mu 'n eilean sin. Tha an cearcall teine glé chumanta anns na sgeulachdan so; 's tha e coltach gur e 'n crios teine a tha ghrian ag cur mu 'n talamh 'na cuairt bhliadhnaile a bha an tùs air a chiallachadh leis, ach thainig e gu bhi air a ghnàthachadh an seagh no dhà; ach saoilidh mi gur e bha am beachd a' bhàird 's an earrainn so, an Aimsir a rinn e 'na h-aon de phrlomh-chuspairean a sgeoil, 's a bha aig an ám fo thainistireachd chruaidh a' Gheamhraidh, a chomh-arrachadh a mach air mhodh sònraichte; 's bha an riomball teine ag cumail a mach gach cuspair ach esan a mhàin aig an robh còir air faotainn a stigh. B' e sin aig an ám an t-Earrach a thainig a chumail cogaidh ris a' Gheamhradh. Chi sinn a mhac samhuil so anns an sgeulachd Lochlannaich anns a bheil Odin ag cur seun cadail air Brynhild, 's ag cur cearcall teine mu timchioll; is nach gabh i dùsgadh ach leis a' chruaidh d' am b' urrainn dol troimh 'n teine g' a h-ionnsuidh.

An uair a thog Mac an Earraidh Uaine mach ri aodann an eilein, b' e cheud nì a thachair air Oglach Mór, 's e 'na shuain chadail, le cheann air glùin Ailleagan nam Ban,— no 'n Ionmhuinn Mhnatha, mar a tha e 'n leabhar a' Chaimbeulaich. Is e so an riochd 's an do chuir am bàrd an taobh marbhanta sin de 'n Gheamhradh anns an teich fiadh-chreutairean d' an garaidhean air son dildein o 'n fhuachd; is anns am paisg a' choill a clàrsach rioghail bho 'n a sgap an doireann a Coisir-chiuil; 's na sruthain a bha ri borbhan ceòlmhor ré a' chorra de'n bhliadhna nis air an tùchadh 's air an tachdadhl le reodhadh 's le sneachd gus nach cluinnear fuaim an guth. Gach nì mar so ann an staid turra-chadail, 's ag gabhail dreach duaichnidh na h-Aimsire. Is e 'n t-Oglach Mór, matà, an Geamhradh, le cheann an uchd an Earraich; Samson le cheann an uchd Delilah.

Tha an t-Earrach a' tighinn a stigh mar an leòmhann; ach ged a tha ghiùlan garg an toiseach, tha taobh eile air a theisteas; an taobh sin a tha tlusail, tlàth, bàidheil do dhuine 's do bheathach, 's a tha toirt—

“ Air an t-snodynach bhi direadh
As gach friamhach as Isle
Troimh na cuisleannan sniomhain,
Gu miodalach blàth.”

Tha fhios againn gu bheil na cuspairean nàduir ris a bheil gnothach a' bhàird 'g an nochdadhl féin fo iomadh dreach, 's gu bheil e mar sin feumail do 'n bhàrd gach atharrachadh dreach air a' chuspair a chur an atharrachadh riochd 'na sgeulachd. Is e so an t-aobhar gu bheil dà thaobh an Earraich air an toirt duinn an so, aghaidh ri aghaidh, ann an riochd Mac an Earraidh Uaine agus Ailleagan nam Ban. Chi sinn a' cheart ni ann an sgeulachdan na Gréige agus na Roimhe, mar a tha an sgeul mu

Helios (a' ghrian) a bhi 'n gaol air Eos (camhanaich na maidne); ach an uair a sheall Helios le mór-ghradh air Eos, theich Eos. Is e sin ri ràdh, thuit a' ghrian an gaol air camhanaich na maidne,—am faileas a bha i fén a' tilgeadh air aghaidh na speur,—ach an uair a dh' éirich i os cionn cuairt na speur 's a sheall i le mór-spéis air an shaileas, theich am faileas. Tha lethbhreac eile an sgeoil so air aithris mu Apollo 's mu Aurora. An uair a theann Apollo ri Aurora phògadh, fhuair Aurora bàs. Chi sinn gu bheil gach caochladh dreach a tha tighinn thar a' Gheamhraidh air an laimhseachadh leis a' bhàrd air a' mhodh cheudna.

“ Ciod as dùsgadh do 'n òglach ? ” dh' fharraid Mac an Earraig Uaine de'n Ionmhuinn Mhnatha. “ Thà,” arsa ise, “ rud nach dean thusa, no aona ghaisgeach anns an domhan mhór, ach Gaisgeach na Sgéithe Deirge, d' an robh e 's an taigneachd tighinn do 'n eilean so agus an caragh-cloiche ud thall a bhualadh air an duine so ann an carraig an uchd.” Chaidh an Gaisgeach air thapadh, 's thog e an caragh-cloiche 'na dhà làimh, 's bhual e air an Oglach Mhór e ann an carraig an uchd, 's dhùisg sin e. Tha so a' daingneachadh an ni a thuirt mi cheana nach robh e comasach gu faigheadh gaisgeach sam bith eile an taobh a stigh de 'n chearcall theine ach esan a mhàin d' am bu dleasanais a bhi ann aig an ám. B' e sin Mac an Earraig Uaine a bha pearsachadh an Earraich. Thainig esan mar a bha e 's an taigneachd, is bhual e 'n caragh-cloiche air an Oglach Mhór an carraig an uchd. Am briathran eile, thainig an t-Earrach mu 'n cuairt mar a bha e suidhichte an cùrsa nàduir gu'n tigeadh e, 's rinn e nì nach b' urrainn séasan eile dheanamh—an talamh a dhùsgadh á cadal a' Gheamhraidh.

Ma sheallas sinn air an dòigh dhùsgaidh so, chi sinn gu bheil e cho nàdurra ris a' chòrr. Tha fhios againn an uair a thionndas uisge gu deigh, gu bheil a thomad móran na 's

motha na bha e 'na uisge. An uair a reodhas, mar sin, an t-uisge tha faotainn àite-taimh am measg chòsan nan creag, tha e 'g at na h-uibhir 's gu bheil e gu tric a' sgàineadh a mach roinn de 'n chreig; ach fhad 's a mhaireas an reodhadh, tha 'n deigh ag gleidheadh cruidh-ghréim air an earrainn a chaidh a bhrùchdadh a mach á aodann na creige, gus an tig aiteamh an Earraich ; is ann an sin a tha Mac an Earraidh Uaine a' fuasgladh gréim na deighe, 's a' leigeil leis a' charragh-chloiche tuiteam air uchd an fhearainn a tha fathast an trom-chadal a' Gheamhraidh.

Is e so a thug a' cheud mhosgladh air an taobh mharbhanta so de 'n Gheamhradh, 's a rinn e mothachail air a' chùis gu robh an t-Earrach gu deimhin air teachd, mar a bha 's an fhàisneachd gu 'n tigeadh e. 'Nar latha-ne cha ghabhadh e móran de spiorad na fàisneachd a chur an céill roimh-laimh gu 'n tigeadh an t-Earrach mu 'n cuairt 'na ám, ach, a reir coltais, cha robh iad idir cho cinnteach anns na linntean a dh' fhalbh. Tha sinn a' leughadh anns na Veda nan ceistean ionaguineach a bhiodh teadh a' farraid mu ám laighe na gréine,—“ an éirich a' ghrian a ris ? ” “ An tig ar seana charaid, camhanaich na maidne, air ais ? ” “ Am bi cumhachdan an dorchadais air an closnachadh le dia an t-soluis ? ” Is an uair a dh' éireadh a' ghrian, bhàtar ag cur failte oirre le iolach ghàirdeachais. 'N ar Biobull féin, tha sinn a' leughadh mu na mnathan Iudhach a bhi gul 's a' caoidh air son Thamuis ; is e sin an uair a bha an dia sin air a chuairt gheamhraidh, 's gun iad cinnteach, a réir coltais, co-dhiù thilleadh no nach tilleadh e.

An uair a bhual Mac an Earraidh Uaine an carraigh-cloiche air an Oglach Mhór an carraig an uchd, thug am fear sin blaomadh air a dhà shùil 's dh' amhairc e air. “ Ahà ! ” arsa am fear a bha 'na chadal, “ an d' thanig thu, Ghaisgich na Sgéithe Deirge ? Is ann an diugh a tha an t-ainm air a thoirt

ort." Tha sinn a' faicinn le so, gur gann a bha Mac an Earraidh Uaine an taobh a stigh de 'n chearcall theine an uair a thugadh ainm eile air. Tha so a' daingneachadh an ni a thuirt mi cheana, gu faod cuspairean an sgeoil dol fo iomadh ainm a réir na pàirt a tha iad ag cluich 's an sgeul. Tha 'n t-Earrach air tighinn g' a sheilbh féin ; is tha e mar sin feumail tiodal ùr a thoirt dà. Is ann air a' ghréin a bha e air a shloinneadh ; air an sgéith dheirg sin o 'n robh e tarruing a neirt ; a' ghrian a bha an sùilean Oisein, cruinn mar sgiath a shinnsear. Tha sinn a' faicinn mar an ceudna, gu bheil am bàrd ag comharrachadh a mach gu sònraighe a' cheart latha air an d' thugadh an t-aimn air a' ghaisgeach : "is ann an diugh a tha an t-ainm ort," arsa an t-Oglach Mór is. Tha "an diugh," saoilidh mi, ag ciallachadh an latha air a bheil a' ghrian a' tighinn thar an roinn sin d' a càrsa ris an abrar an *equinox* ; is e sin air an aona-la-fichead de 'n mhios Mhàrt, an uair a tha an latha 's an oidhche co-fhada. Tha, mar sin, Mac an Earraidh Uaine tighinn thar a' chearcaill theine, agus a' ghrian a' tighinn thar an *equator* aig an aon ám.

Mar a leadair Gaisgeach na Sgéithe Deirge 's an t-Oglach Mór a chéile ; mar a thug an Gaisgeach an ceann de 'n Oglach ; mar a fhuair e trì fiaclan an rìgh, mar shaoil leis, ann am pòca an Oglach, 's mar a thill e thun a' chladaich, a' toirt leis Ailleagan nan Ban, no 'n Ionmhuiinn Mhnatha, chi sinn sin uile 'san sgeulachd mar a tha i air a h-aithris an leabhar a' Chaimbeulaich a dh' ainmich mi cheana.

An uair a rainig Gaisgeach na Sgéithe Deirge an cladach, thainig Ridir a' Chùirn agus Ridir a' Chlaidhimh 'na chòdhail le boil is buaireas 'nan sùilean, 's a' farraid có e an gaisgeach mór a bha tighinn 'na dhéidh 's a thill an uair a chunnaic e 'n leithid-san de dhà ghaisgeach a tighinn 'na chionneamh. Cha b' fhios do Ghaisgeach na Sgéithe Deirge có an gaisgeach a bha ann, ach dh' iarr e orra càram.

a ghabhail de 'n Ionmhuinn Mhnatha 's de fhiacan an athar, 's gu 'n tilleadh esan 's nach fàgadh e fuidheall sgeoil anns an eilean.

Thill e, 's sheall e slos 's a suas; ach cha robh duine no beathach r' a fhaicinn an àit losal no àrd. Mu dheireadh chunnaic e seana chaisteal an iochdar an eilein 's ghabh e g' a ionnsuidh. Chunnaic e trì òganaich a' tighinn gu trom, airsnealach, sgith, thun a' chaisteil. Thainig iad am briathran seanachais air a chéile; 's có bha an so ach a thriuir dhearbh-chomholtan. Chaith iad an oidhche an deagh thoilinntinn, ach 's a' mhaduinn, ciod a chual an Gaisgeach ach gliogarsaich arm, 's daoine dol 'nan éideadh. Có bha an so ach a chomholtan? Dh' fharraid e c' àit an robh iad a' dol. "Tha sinne 's an eilean so o chionn latha 's bliadhna," arsa iadsan, "ag cumail cogaidh ri Mac Dorcha Mac Doilleir 's r' a shluagh; is a h-uile h-aon a mharbhas sinn an diugh bidh e beò am maireach." "Théid mise leibh an diugh, 's theagamh nach misde sibh mi," arsa esan. "Tha gheasan òirnn," arsa iadsan, "nach fhaod duine dhol g' ar cuideachadh mur an téid e ann leis fhéin." "Fanaibh-se stigh an diugh 's théid mise mach leam fhéin," arsa esan.

Thog e air, 's dh' amais MacDorcha MacDoilleir 's a thri mic dheug air, 's cha d' fhàg e ceann air coluinn aca; ach bha e féin air a mhilleadh 's air a reubadh cho mór 's nach b' urrainn da an àraich fhàgail, 's cha do rinn e ach e féin a leigeil 'na laighe am measg nam marbh. Bha tràigh mhór gu h-losal foidhe, 's ciod a chunaic e tighinn air tir air meadhon na tràghadh ach cailleach mhór fhiacach nach facas riamh a leithid. Ghabh i an àird thun na h-àraich, 's thòisich i air ath-bheothachadh nam marbh. Thainig i far an robh esan, 's chuir i a meur 'na bheul, agus sgath esan am meur dhith o 'n alt. Bhuaile i buille de bhàrr a coise air, 's thilg i thar seachd iomairean e. Chrom i 'n sin air fear eile, chùm

ath-bheothachadh ; ach thilg an gaisgeach an t-sleagh ghearr a bha aig a mac féin m' a tuaiream, 's chuir sin an ceann dith. Mhothaich e an so a thriuir dhearbh-chomholtan 'ga shireadh feadh na h-àraich. "Tha mise 'n so," arsa esan, "'s fuil is feoil is féithean air an dochann." "Na 'm biodh againne an stòpan iocshlaint a tha aig a' chailllich mhóir, mathair MhicDorcha MhicDoilleir, cha b' fhada bhiomaid 'g ad leigheas," arsa iadsan. "Tha i fhéin marbh shuas an sin ; is chan 'eil ni aice nach fhaod sibh fhaotainn," arsa esan. Thug iad a nuas an stòpan iocshlaint, 's nigh is dh' fhailc iad a chreuchdan leis an rud a bha 's an stòp, 's dh' éirich e suas cho slàn, fallan 's a bha e riamh.

Anns an earrainn so, tha am bàrd ag cur fa'r comhair taobh eile de 'n Gheamhradh ; an taobh dorcha, doilleir sin air a bheil sinn glé eòlach. Tha an cogadh a tha MacDorcha MacDoilleir 's a shluagh ag cumail ris an triuir chomholtan, a' samhlachadh na gnè thuasaid a tha, a réir coltais, a' dol air a h-aghaidh gun stad eadar cumhachdan an t-soluis agus cumhachdan an dorchadair. Ged a tha ghrian aig an ám air taobh eile an t-saoghal, tha i deanamh a cumhachd aithnichte an tomhas àraidh air an taobh so. Tha an cumhachd so air a phearsachadh leis an triuir chomholtan. Tha tri mic dheug Mhic Dorcha Mhic Doilleir a' riochdachadh nan tri seachduinean deug a tha deanamh suas ràith a' Gheamhradh. Tha a' chailleach mhór, fhiacalach a' seasamh air son gach gaillinn is cranndaidheachd a tha tighinn an lorg a' gheamhradh, 's an aghaidh a bheil na comholtan ag cathachadh. Theagamh gur i so a' cheart chailleach a bha strì ris an fheur a chumail fo chois ; 's an uair a dh' fhairtlich oirre sin a dheanamh, a thilg uaipe an slachdan druidheachd ag radh—

" Dh' fhàg e shlos mi 's dh' fhàg e shuas mi,
 Dh' fhàg e eadar mo dhà chluais mi ;
 Dh' fhàg e thall mi 's dh' fhàg e bhos mi,
 Dh' fhàg e eadar mo dhà chois mi."

Riamh o 'n thainig an duine gu staid creutair reusanta, tha e cur mór-earbsa am buaidhean cungaidhean leighis; ach anns na sgeulachdan so tha sinn a' faicinn gu bheil na buaidhean sin air an aibhiseachadh cho mór 's gu faodar a bhi cinnteach gur nì eiginne eile a tha air a chiallachadh. Ciod a' ghnè iocshlaint a bha 's an stòp chan 'eil am bàrd ag cur an céill; ach tha amharus agam nach robh ann ach anail reòta na gaoith-tuath a bha 'g ath-chruadhachadh 's an oidhche na thaisich fann-ghath na gréine 's an latha. Ann an làmhan nan comholtan bha an iocshlaint cho éifeachdach a chum creuchdan caraid a shlànachadh 'sa bha i 'n làmhan na cailliche a chum làmhaid ath-bheothachadh.

Bha aon chath eile aig Gaisgeach na Sgéithe Deirge r' a chur mu 'n do chriochnaich e gu buileach an obair a chaidh a shònachadh dhà, agus b' e sin còmhrag a chumail ri Macaomh Mór Mhacaomh an Domhain. Thachair iad air a chéile, 's mu robh a bheag de sheanachas eatorra—

" Bhuail iad air a chéile shadadh,"

mar a tha e air innseadh dhuinn 's an sgeulachd.

Mar a chunnaic sinn, tha an sgeul a' fosgladh leis a' Gheamhradh a' tighinn a stigh an riochd Marcaiche Fàlaire Duibhe a thug tàmailt do 'n righ; agus tha gluasad an sgeoil gu h-iomlan a' tionndadh air an tòir a tha as deidh a' Marcaiche. Tha sinn a nis 'ga fhaicinn ann an cùil chumhainn, 's Gaisgeach na Sgéithe Deirge cumail gleac is cruidh-chòmhrag ris. Chaidh an latha leis a' Ghaisgeach mar a bha làdurra gu rachadh. Thug e an ceann de Mhacaomh Mór; fhuair e tri fiacan an righ 'na phòca 's thug e leis iad.

Is e Macaomh Mór Mhacaomh an Domhain an t-ainm a fhuair sinn air a' Mharcaiche. Tha amharus agam nach 'eil an t-ainm uile gu léir ceart ; ach tha mise 'g a thoirt seachad mar a fhuair mi e. Is e mo bharail gu bheil Macaomh Mór Mhacaomh an Domhain a' samhlachadh suim an iomlain de dheanadais a' Gheamhraidh ; agus, a réir coltais, lean e ris a' mhór-chuid d' a uachdranachd gus an robh e dlùth air deireadh an Earraich, nì a tha glé chumanta 's na ceàrnan so 'n ar latha féin.

Cha luaithe thug Gaisgeach na Sgéithe Deirge an ceann de Mhacaomh Mór na chaidh e dh' ionnsuidh a chomholtan, 's thuirt e riu seòl a dheanamh dha air an eilean fhàgail. Thuirt iad ris nach robh de sheòl iomchair acasan leis a faodadh e an t-eilean fhàgail ach coite bheag a bha aig a mhuime 's aig oide, 's gu 'm b' e làn dì a bheatha a toirt leis ; nach iarradh i seòl no stiuir ach rùn a chridhe féin ; 's gu 'n tilleadh i dhachaidh leatha fhéin mar a thilleas an fhaoileann do chladach a h-eòlais. A réir na dòigh-aithris Cholbhasaich, thug iad dha trì calamain a chumail àirdeachd ris air an rathad. Chuir e mach a' choite 's cha do rinn i tàmh no clos gus an deach i air tir an Eirinn. Air fagail na h-eathair dhà, leig e air falbh na calamain, ach bu duilich leis sin a dheanamh a thaobh cho binn 's a bha an ceòl aca. Chan 'eil iomradh air na calamain 's an dòigh-aithris Eigich.

Tha sinn a' faicinn an so an Earraich, ann an riochd Gaisgeach na Sgéithe Deirge, le 'obair criochnaichte, ag gabhail a thuruis air neoil chléiteach, shoillear a' mhios Mhàigh, 's gaoth chùbhraidh Chéit mar cheòl binn 'na chluais ; dìreach mar a chunnaic sinn e an riochd Mac an Earrайдh Uaine, no Chochaill Uaine, ag gluasad an déidh a' Gheamhraidh air neoil bhallach, ghruamach an deireadh Fhoghair. Faodar a bhi cinnteach gur i gaoth a bha cumail àirdeachd ris, is aig a' cheart ám a' toirt ciuil dha ;

co-dhiù dh' ainmichear am fear-ciuil Orpheus no Apollo, Hermes no Amphion; no, mar a tha againn an so, tri calamain nan Comholtan—'s i ghaoth a tha air a chiallachadh.

An uair a shuair Gaisgeach na Sgéithe Deirge air tir an Eirinn, ghabh e lorg na lacha suas o 'n chladach. Có a thachair air ach Gruagach nan Cumha? Dh' innis e do 'n Ghruagaich gach nì mar a thachair, 's dh' fhalbh iad le chéile gu Caisteal an righ, 's ma bha an rathad buan, bu bhaine na sin ceòlagraich Ghruagaich nan Cumha. Fhuair iad an righ an trom-thrioblaid le coireannan a dhithis Mhac, Ridir a' Chùир agus Ridir a' Chlaidhimh. Bha iadsan, bho 'n a thill iad dhachaidh, a' stri ri tri fiaclan seann eich a sparradh an ceann an righ an àite nan tri fiacall a chuir Marcaiche na Fàlaire Duibhe as. Llon Gaisgeach na Sgéithe Deirge cupan làn fiona, 's chuir e na tri fiaclan a thug e á pòca Mhacaoimh Mhóir 's a' chupan, 's dh' iarr e air an righ am fion òl. Rinn an righ sin, 's chaidh na fiaclan 'nan àite fein gu socair, sàmhach, gun nimh, gun dòruinn. Dh' òrdaich an righ, air ball, bearradh eoin agus amadain a dheanamh air Ridir a' Chùир 's air Ridir a' Chlaidhimh, 's an sguabadh a mach as a' bhaile. "Na biodh a' chuis mar sin idir," arsa Gruagach nan Cumha, "ach thoir dhòmhsha do dhà Mhac; 's cha chuirinn mo gheall nach faod iad seasamh air cnoc àrd fathast." Dh' aontaich an righ leis a so. Phòs Gaisgeach na Sgéithe Deirge agus Ailleagan nam Ban mar a bha e nàdurra dhaibh sin a dheanamh. Tha so ag cur a h-uile gnothach ceart. Tha bhliadhna slàn aon uair eile. Tha dà thaobh an Earraich air tighinn ri chéile. Tha Mic an righ an dùil ri seasamh air cnoc àrd fathast, 's gun teagamh nì iad sin. Thig an latha-san mu 'n cuairt a cheart cho cinnteach 's a thig ám curachd agus buana.

Is eigin stad; cha cheadaich Deasaiche an *Review* dhomh

dol na 's fhaide aig an ám. Tha mi mothachail air a' chùis, nach do shoirbhich leam mo mhineachadh a dheanamh cho soilleir 's a bu mhath leam ; ach a chùm sin a dheanamh bhiodh e feumail eisimpleirean a thoirt seachad bho sgeulachdan aithnichte a mhinich 's a leudaich daoine fòghluimte ; ach chan 'eil cothrom air sin a dheanamh aig an ám. Theagamh gu foghainn na thubhairt mi a chùm na slighe chomharrachadh a mach air a bheil seagh nan sgeulachdan so r' a fhaotainn ; is e sin ri ràdh, gur e gluasad chuspairean nàduir a tha air a riochdachadh anna, 's nach e deanadas duine no beathaich. Mar sin tuigidh sinn ciod as ciall do na h-euchdan do-chreidsinn a tha gaisgich an sgeoil ag cur an gniomh. Tuigidh sinn gur e 'n reodhadh am Famhair mór a chuireas drochaid thar na h-aibhne ann an aon oidhche ; gur i ghaoth tuath an Curaidh feargach a splon a' chraobh ghiubhais á bun, 's a thilg i bhàrr bearradh na creige ; 's gur i ghrian a' Chlach-mhuilinn a tha Sisyphus, gach aon latha, a' rolladh o bhonn gu mullach na beinne, 's nach luaithe ruigeas i am mullach na tha i rolladh le leathad air an taobh eile ; agus mar sin anns an sgeul a tha fa'r comhair, gur e Cùrsa na Gréine agus Deanadas na h-Aimsire ré ràithean a' Gheamhraidh agus an Earraich a tha air an riochdachadh le Treun-laoich an sgeoil.

TREUNTAS SHEANN DAOINE.

"Gníomha làithean nam bliadhna a dh' aom."—*Carthonn.*

Thòisich mi air innseadh naidheachd do bhean-an-tighe, an là-roimhe, bho nach robh tuillidh agam r' a dheanamh. Thuit e mach nach robh ise an deagh ghean air son a leithid sin de chaithe-aimsire, 's thuirt i gu'n cuaile i an naidheachd sin uair is uair cheana. Thuirt mi, eadar fhealla-dhà 's darrieadh, theagamh nach bu mhisd i cluinntinn aon uair eile na 'n éisdeadh i rithe. Chan éisdeadh ise. "Theagamh," arsa mise, "nach cuail thu riamh mu 'n taibeist a mharbh mi air Eilean-nan-ròn, 's a b' eiginn domh snàmh a mach 's a' Chuan Siar as a dhéidh, 's a thodhadh gu tir, an aghaidh sruth is soirbheis."

"Chuala mi sin cuideachd," arsa ise.

"No," arsa mise, "mu'n bhradan mhór a bha air mo dhubhan fad latha geal, samhraidh, 's a fhuair air falbh an déidh a h-uile car? B'e sin am bradan! Is ann a bu choltaiche e ri cuilean muic-mhara na ri bradan cumanta; gu dearbh, cha bu bhradan cumanta idir a bha ann; chan fhaca mise riamh a leithid."

"Chan fhaca, no duine eile," arsa ise, "'s ma's math mo chuimhne-sa, a' cheud uair a chuala mi iomradh air, cha do chaith thu ach dara taobh mheadhon-latha a' strìl ris, ach tha nis an tìm air sineadh a mach gu latha geal, samhraidh."

"Tha sin nàdurra gu leòr," arsa mise; "tha ar làithean féin a' sineadh a mach, 's c' ar son nach sineadh latha a' bhradain. A réir mo chuimhne-sa ort féin, cha robh annad, an uair a thachair sinn an tùs, ach caileag bheag, chutach, nach do rinn móran sínidh an cnàimh no 'm féith, 's cha mhò a rinn na luideagan aodaich a bha umad; cha robh snàthainn

diubh a' tighinn a' bheag na b' isle na do ghlùinean ; ach fhaic thu, shin thu féin is t' aodach o 'n ám sin, gu sònraichte an gùn ; feumaidh dà no tri throighean deth-san a bhi sguabadh an ùrlair ad dhéidh, 's a' deanamh aite na sguabaich a b' àbhaist a bhi againn."

" Biodh sin mar a dh' fhaodas e," arsa ise ; " chan 'eil e ciatach a bhi 'n còmhnuidh ag innseadh na naidheachd cheudna, thairis is thairis a ris."

" Tut," arsa mise, " cha mhisde naidheachd mhath a h-innseadh dà uair."

Ghearr ise an conaltradh goirid le ionnsuidh a thoirt air leabhar a bha air a' bhòrd, 's ann an tiota, bha i gus an dà chluais ann an sgeulachd a bu taitniche leatha na aon dad a b' urrainn dòmhsa ràdh mu thimchioll mo threuntais féin. Chuir so mi-thlachd orm, ach bha leth-amharus agam gu faodadh càileigin de stéidh bhi aice air son na thubhaint i ; 's e sin ri ràdh, gu faodadh e bhith gu'n cual i na naidheachdan sin na bu trice na bha uile gu léir feumail ; ach air a shon sin, có nach fhaodadh a bhi coma. Tha amharus agam mar an ceudna, gu bheil an fhàillinn a bha i cur as mo leth-sa dlùth-cheangailte ris an aois an còmhnuidh. B' aithne dhomh seann duine còir, onorach, a dh' innseadh dhomh a h-uile treuntas a rinn e riamh a h-uile uair a thachair dhomh tadhal air. Bha e ceithir-deug is ceithir-fichead bliadhna dh'aois an uair mu dheireadh a chunnaic mi e, 's direach mar a b' àbhaist, b' éiginn domh éisdeachd ris na seann sgeulachdan aon uair eile. Ag éisdeachd ris an duine chòir shaoilinn nach d' thainig leud boise de neul trioblaid air iarmailt a bheatha riamh ; gur ann a bha " An sóbhrach 's an neòinein ag còmhdaich nam bruach," a shamhradh 's a gheamhradh ri linn òige, 's gu'n do lean grian nan làithean sin ris ré a thuruis troimh an t-saoghal. Bu chulaidh fharmaid an spiorad aoibhneach, misneachail

a bha 'g àiteach a chuim. Bha fhios agam gu 'n d' thainig a chuibrionn féin de thrioblaidean an t-saoghail 'na rathad, ach cha robh focal aige mu'n déidhinn. Co-dhiù a bha iad sin tuillidh is deuchainneach gu bhi 'gam brosnachadh as ùr; no gu robh an inntinn gu gnèitheil an co-fhulangas ris a' cholinn, a' seachnad gach nì a chuireadh ri uallach nam bliadhna chan a bha nìs ag cromadh sios nan daoine làidir. Theagamh gur ann de thròcair an Fhreasdail a bhuineas so; gur ann an truas ri cor an duine an uair a tha chàil 'ga thréigsinn, a tha 'n comas so air a bhuleachadh air; comas gu bhi tionndadh o na làithean trioblaideach a tha ann, gus na ceud làithean a b' fheàrr na iad so. An àite, matà, a bhi faotainn coire do'n aosda air son a bhi ghnàth ag ath-bheothachadh na tim a chaidh seachad, nach ann a bu chòir dhuinn a bhi taingeil air son a leithid de shochair bheannaichte bhi air a bhuleachadh òirnn? Cha tuig a' mhuinntir òg so. Fhad 's a tha iadsan a' mealtainn lànachd am beatha féin, cha bhi co-fhulangas aca ris an aosda a tha ghnàth ag aibhiseachadh "Gniomha làithean nam bliadhna a dh' aom," làithean anns an robh an saoghal dhàsan air atharrach dreach; anns an robh "glòir na speur 's an t-saoghail gu léir" mòrbhuleach 'na shùilean, 's ag gintinn 'na anam smuain a b' àirde na nithean aimsireil.

Is e rud-eigin mar so a bha ruith troimh m' chnuaic an uair a thog bean an tighe a sùil bhàrr a leabhair 's fèath-ghaire air a fiacaill, an dùil gu 'n cuireadh sin saod ormsa, is thuirt i.

"A Dhòmhnaill, eudail, éisd ri so."

"Chan éisd," arsa mise, "chan éisdeadh tusa ris na bha agamsa ri ràdh."

"Nach faoin thu," arsa ise, "ciod a b' fhiach na bha agadsa ri ràdh làimh ris na tha an so?"

"Tha e cheart cho fiachail agamsa ri aon dad a gheibh

thu an sin," arsa mise, "ach mur 'eil e fiachail leatsa lean air an nì a tha agad, 's faodar a bhi cinnteach nach mór as fhiach sin ma tha e taitinn riutsa."

Chuir so dod oirre ; spàrr i sròn 'san leabhar a rithist, 's ghabh mise air m' aghairt le m' chnuasachd féin. Ach stad ort ! C' àit an robh mi ? Chan 'eil anns na mnathan ach am bristeadh-cridhe ! An uair a bhios mi 'm shuidhe gu socrach, ciallach, 'gam chòmhachd féin le glòir nan dàn 's le ceò 'n tombaca, faodar a bhi cinnteach gu'm brist ise stigh air mo throm smuain le faoineis a thaobh-eigin. Is ann direach mar so a bha chùis aig an ám so. Bha mi air m' each meanmnach, 's e siubhal air sgiathan a luathais troimh fharsuingeachd na cruitheachd, 's mi dian-bhreithneachadh air cuid crannchur an duine, agus nàdur an t-sluic sin 'san do thilg a' cheud bhean-tighe e, an uair a thug an grabadh gun seagh a chuireadh orm gu talamh mi. Tha e soilleir gu leòr nach robh ach fior bheagan de na mnathan air a' chnoc an uair a chaidh gliocas a roinn.

Ma's math mo bheachd, an uair a chuireadh bacadh orm, bha mi toirt fa-near an déidh a tha aig seann daoine air a bhi luaidh air làithean an òige féin, 's ag aibhiseachadh gach nì a thachair 's an ám sin, 's a' lùghdachadh deanadais na tim a tha ann. Cha ruigear a leas iongantas a ghabhail de so, b' iad na ceud làithean gun teagamh a b' fheàrr na iad so. Tha e mar sin nàdurra gu leòr gu roghnaicheadh an duine a' chuid a b' fheàrr d' a làithean gu bhi meòrachadh orra. Annas na làithean sin, bha e féin gu lùthmhòr, làidir, a' mealtainn Céitein a bheatha, gun ghaoid, gun fhàillinn an c나imh no'm féith ; an saoghal gu léir glòrmhor 'na shùilean ; nàdur uile ceòlmhor 'na chluais, 's a' deanamh co-sheirm ri ceòl a chridhe féin. Ciod an t-ioghnadh, tha mi 'g ràdh, ged bheireadh e an t-urrnam do na làithean sin gu bhi, 'san spiorad, a' tàmh 'nam fochair, a roghainn air na làithean

neo-thorach a tha nis ann. Làithean anns an dorchaichear a' ghrian agus a' ghealach, 's an till na neoil an déidh an uisce. Làithean 'san criothnaich luchd-gleidhidh an tighe, 's am bi uamhasan 'san t-slighe. An àite ceòl an doire a bhi binn 'na chluais 's ann a chlisgeas e aig guth an eoin, do bhrigh gu'n d' islicheadh uile nigheanan a' chiuil. Có a their nach b' iad na ceud làithean a b' fheàrr na iad so ?

Tha mi mothachail air a' chùis, gu'n d' thuirt an Searmon-aiche rud-eigin car coltach ris na ceart bhriathran so, tri mile bliadhna roimh 'n ám so, ach tha iad a cheart cho freagarrach air son ar latha-ne 's a bha iad air son a lathasan. Tha mi, air an aobhar sin, ann am beachd suidhichte, gur gnothach mì-sheirceil a bhi diùltadh éisdeachd do 'n t-seann-duine, no bhi bacadh dha bhi 'g aithris air gniomhan làithean òige féin.

Tha e soilleir gu leòr an tlachd a tha e féin ag gabhail annta ; tha e, mar gu'm b' eadh, a' tighinn beò a ris anns na làithean air a bheil e ag iomradh. Ceadaichibh dhà sin a dheanamh ; is suarach an ni dhuibhse éisdeachd, agus is sochair phriseil dhàsan a bhi mealtainn thairis a ris subhachas na tìm nach till ris air dhòigh eile.

An uair a thainig mi gus a cho-dhunadh so, chuir mi mo chasan am forcadh ri leac an teinntein ; srog mi mo churrachd-oidhche mu m' chluasan ; chas mi m' fhiacan ; is thuirt mi rium féin ann an guth mùchta,

“ Mo chrochadh is mo cheusadh,
Is m' éideadh nior mheal mi e,”

mur innis mi thairis is thairis a ris, mar a mharbh mi 'n taibeist, 's mar nach do mharbh mi 'm bradan, 's a h-uile nì eile a rinn 's nach do rinn mi riabh dìreach a chionn gu bheil e air a thoirmeasg dhomh sin a dheanamh. A cheart cho luath 's a chì mi MacGillemhìcheil a' tighinn a stigh air

an dorus, buailidh mi air toinneadh nan sloman, 's cumaighd mi suas an iomairt gu gairm nan coileach. Is iomadh sgeul ris an d' éisd esan, 's móran diubh nach robh idir cho firinneach ris na gheibheadh e bhuamsa. Bha e 'n oidhche roimhe ag innseadh dhise—'s i bean-an-tighe tha mi ciallachadh—mu dhuine truagh d' an d' thugadh an ceann an tuasaid a thaobh-eigin. Chan 'eil cuimhne agam a nis, co-dhiù a b' ann le claidheamh geal soluis no le corran dubh fiaclich a chaidh an ceann a sgathadh dheth—bha mi leigeil orm nach robh mi 'g éisdeachd—ach coma co-dhiù, a réir coltais cha robh an duine bochd toileach dealachadh r'a cheann, 's leum e as a dhéidh 's ghrad chuir e air ais 'na àite féin e, 's ann an tiota bha e cho daingean air a mhuineal 's a bha e roimhe; ach gu tubaisteach chuir e, 'na dheifir, taobh-beoil a' chinn ri taobh-cùil na coluinn, air chor 's gu robh a nis a bheul far am bu chòir cùl a chinn a bhith, agus ubhal a sgòrnain air cùl a mhuineil. Ciamar a fhuair an duine truagh troimh an t-saoghal air an dòigh chùl-air-bheulaibh sin, chan fhios domh: cha d' éisd mi ri tuillidh; spàrr mi mo chorragan am chluasan air eagal 's gu'n truaileadh e mo bheusan a bhi 'g eisdeachd ri leithid de sgleò. Dh' éisd ise ris an sgeul g'a chrích; sùil, beul, is cluas fosgailte 's a' deoghal a h-uile facial dheth.

A' beachd-smuainteachadh air an iarrtas a tha aig cuid air a bhi cluinntinn rabhdaireachd de'n t-seòrsa sin, agus an t-saothair a tha cuid eile gabhail a chum an iarrtais so a shàsuchadh, le bhi tional anns gach ceàrn gach sgeul spleadhach, eachdraidh annasach, gràiteannas is deanadas an duine anns na linntean a dh' fhalbh, 's gach ni eile bhuineas do na làithean 's an robh an saoghal òg a réir ar beachd-ne, tha mi deanamh dheth gu faoidteadh leigeil leis an t-seann-duine bhochd a chuibhrionn féin a chur ri stòr na bòilich; tha e cheart cho creideasach ris an dream-

asgal a thanig a nuas òirnn o linntean céin. Linntean, a réir coltais, anns nach robh an duine na b' fhìrinniche na tha e an diugh, ma mheasar e a réir nàdur nan rò-sgeul a dheilbh e 's a leig e nuas le sruth nam bliadhna g'ar n-ionnsuidh-ne. Nach mi-chiatach dhòmhσa, matà, nach creid mo bhean féin na naidheachdan firinneach a bhios mi 'g innseadh do m' luchd-tathaich, 's gu'n creid i h-uile facal a thainig a nuas bho na h-amanna dorcha sin anns nach b' fheàrr an duine a bheag na fiadh-bheathach an fhàsaich? Na'm bu sgeulachdan toinnisgeil sin, ach ruais cho làn de ghnothaichean mì-nàdurra agus ao-comasach 's nach éisdeadh neach sam bith riu aig am biodh làn spàine de thugse; ach sin agaibh a' cheart seòrsa ris an éisd na mnathan.

A bhàrr air a bhi tional nan sgeulachdan sin air uachdar gruinnidh, nach ann a tha sinn ag caitheamh nam miltean punnd Sasunnach, bliadhna an déidh bliadhna, ag cladhach 's a' bùrach am measg làraichean sheana bhailtean-móra 'n t-saoghail, dh' fheuch ciod a dh' fhaodar fhòglum mu thimchioll nan daoine a thog 's a dh' àitich iad, no ciod a' ghnè oilein a bha dol 'nam measg. Tha sinn cho dian air tòir fiosrachaiddh de'n nàdur so 's nach d' fhàg sinn cladh no cill air an d' fhuair sinn sgeul gun ruathar. Shlaod sinn Phàraoh an déidh Phàraoh a mach as an uaighean, an earalas gu faodadh iad a bhi ceiltinn dad oirnn air am bu chòir dhuinn fios a bhi againn. Theagamh gu bheil so ionmholta air dòigh, ach air dhòigh eile, saoilidh mi gu bheil e nàrach. Cho fhad 's is léir dhomhsa, tha an t-eòlas a bhuidhinn sinn leis na meadhonan sin a' dol a dhearbhadh an nì a thuirt mi cheana, gu robh seann daoine nan linntean sin a' cheart cho labhar ri seann daoine ar latha féin, agus neo-ar-thaing cho breugach. Na sgeulachdan a bha cumail am fadail dhiubh, a' cheart cho spleadhach ris an fheadhainn a thainig a nuas g'ar n-ionnsuidh féin.

Ag cur sud is so ri chéile, tha mi deanamh dheth gur e an t-aon ni a tha ceàrr air mo naidheachdan-sa nach 'eil iad breugach gu leòr, 's gur ann air an aobhar sin a thatar 'g an cur an suarachas. Ma 's ann mar sin a thà, cha chuireadh e mise bheag as mo ghabhail ged a bheirinn tomhas fialaidh seachad. Ciod a bhacainn air son dà no trì throidhean eile chur ri earball a' bhradain, agus an latha geal samhraidh a shineadh a mach gu latha 's bliadhna. Saoilidh mi gu 'n toir sin air bean an tighe a cluas aomadh, 's a sùilean fhosgladh.

Cha d' rinn mi suas m' inntinn fathast mu dhéidhinn na taibeist; ach mur dean mi uilebheist eireachdail dheth, fàgaibh mise breugach!

Is coma leam féin muinntir a shìolaidheas a' mheanbh-chuileag 's a shluigeas an càmhal.

AM FIADH.

" Ged bu toigh leam riamh iad,
 'S ged fhaicinn air an t-sliabh iad,
 Cha téid mi nis g' an iarraidh,
 O'n chaill mi trian na h-analach."

Is ann mar so a sheinn Donnchadh Bàn mu na féidh, 's e gabhail a chead deireannach dhiubh féin 's de na beanntan 's na gleanntan a b' aithne dha; beanntan is gleanntan d' an d' thug e féin mór spéis, agus a rinn e ainmeil am measg a luchd-dùthcha anns gach cearn de'n t-saoghal. Chan ann 'san fhaoin bheachd a bhi comasach air dad is fhiach a chur ris na thug Donnchadh Bàn dhuinn mu 'n déidhinn a tha mise sgriobhadh mu na féidh aig an ám, ach a mhàin 'gam thoileachadh féin ann a bhi meòrachadh air nithean a bhuiteas do na làithean a dh' fhalbh; nithean, math a dh' fhaoide, air nach fhiach iomradh dheanamh, ach a tha aig a' cheart ám dlùth-fhillte suas leis na làithean 'san robh craobh ar beatha fo ùr-bhlàth, agus ag gealltainn toradh trom a thoirt a mach 'na h-aimsir. Ged nach d' thainig an gealltanais sin gu buil cho tarbhach 's a bha dùil ris, 's ged a mhealladh sinn a thaobh gealladh no dhà a bhàrr air sin, gidheadh, tha e toirt toileachas-inntinn dhuinn a bhi 'n dràsd 's a rithist a' sealltainn 'nar déidh agus ag gabhail beachd air mar a nochd an saoghal e féin duinn ann an Céitean ar beatha, agus ag coimeas ri sin an t-atharrachadh dreach a tha sinn a nis a' faotainn air, le grian ar Geamhraidh ag cromadh 'san iar. Anns an ais-shealladh so, tha mi mothachail air na féidh a bhi tagairt còir air ionad àraidh dhaibh féin. Air an aobhar sin, agus a chion cuspair as freagarraiche aig an ám, faodaidh mi tiota beag a chur seachad a' deanamh iomraighe orra. Chan fhaod mi ràdh le firinn, mar a thuirt

Donnchadh Bàn, "gu 'm bu toigh leam riamh iad," oir is cuimhne leam uairean air nach robh sinn ro mhór aig a chéile; ach cha ruig mi leas sin a thilgeil orra an diugh. Cha téid mi nis g' an iarraidh no chur dragh orra, 's cha mhotha thig iadsan a chur dragh ormsa. Chaidh an latha seachad, 's cha chomasach dha tilleadh air ais; ach ged nach till ruinn na làithean a dh' fhàlbh, tha e ceadaichte dhuinn sealltainn 'nar déidh orra, agus, anns an spiorad, na bha taitneach leinn anna ath-bheothachadh agus, ann an tomhas, a mhealtainn as ùr. Is sochair nach beag so, ach gu mì-fhortanach, an uair a ghairmeas sinn air ais spiorad na tìm a bha ann, tha e cheart cho dòcha nach ann uile gu léir taitneach a bhios na chuireas e fa'r comhair. Chan 'eil e feumail dol na 's doimhne 'sa chùis aig an ám, oir 's eiginn domh aideachadh, gu robh na làithean a chaith mi am measg nam fiadh air làithean cho taitneach 's is cuimhne leam.

Mar thuirt mi cheana, bha uairean a bha na féidh 's mi féin de dh' atharrach beachd, agus gu dearbh cha robh e idir furasda dhomh an iompachadh gu m' bheachd féin; na daimh gu sònraichte, chan obadh iad a' chùis a leigeil gu ràdh nan cabar an uair a chuirteadh a' bheag 'nan aghaidh. Bha so air a dheanamh soilleir dhomh glé thràth 'san latha. An uair bha mi mu sheachd bliadhna dh' aois, chuireadh mi féin agus companach dhomh air ghnothach do 'n bhaile bu dlùithe dhuinn—mu thuaiream dà mhile gu leth a dh' astar. Bha an ceum-rathaid eadar an dà bhaile dol troimh choille, an cois na mara. A' fagail na coille dhuinn, far an robh camus beag le tràigh ghaeinmhich aig a cheann, chuala sinn ceum aotrom as ar déidh, is có bha an so ach aon de na féidh chàllaidh a bha air a' bhaile,—damh móir, iargalta, aona-chabhrach; ach bha 'n cabar a bha ann cho fada ris an t-sleagh leis an do mharbh Diarmad an torc. B' e droch

theisteas a bha air a' bhrùid so ; thug e ruith mharbhaidh air dà no tri de mhuinnitir an àite, ach cha d' thuirt duine ris gu 'm b' olc. Bha na féidh miadhail aig na h-uaislean ; ach cha robh móran meas aca air an duine bhochd. A nis, cha robh iarraidh sam bith againn air cuideachd an fhleasgaich so, agus nochd sinn sin dà gu soilleir ; ach rinn esan a suas inntinn gu 'm biodh e 'nar cuideachd a dheoin no dh' ain-deoin. Theich sinn, ach bha cheart cho math dhuinn teicheadh o'n ghaoith ; bha esan air ar sàil 's cha robh dol a nunn no nall againn, ach deanamh mar rinn Donnchadh Bàn agus a' bhuidheann leis an robh e aig blàr na h-Eaglaise Brice,

"Ghabh sinn a mach air an abhainn,
'Dol gu 'r n-amhaich anns an linne.'"

Ach b' i 'n abhainn a bha againne an Cuan Siar, agus an linne an Linne Dhiùrach. Faodar a bhi cinnteach nach deach sinn ro fhada air an t-slighe sin. An uair a thainig an t-Iarla,—b' e sin ainm na brùid,—gu beul an làin, sheas e greis, ach a réir coltais, smaointich e nach b' fhiach dha chasan a fhliuchadh air ar son. Mhaoidh e 'n cabar oirnn gu math 's gu ro mhath, agus thionndaidh e suas gu oir na tràghadh, 's thòisich e air ionaltradh ; ach cha robh an t-ionaltradh a' bacadh dha faire a chumail òirnne. Thogadh e cheann an dràsd 's a rithist is bheireadh e sùil cholgarra dh'fhaicinn an robh sinn far an d' fhàg e sinn. Bha sinn an droch chàs ; bha an làn ag éirigh, bha sinn a' meatachadh le fuachd 's le h-eagal, is cha robh choltas air an Iarla ar coimhearsnachd fhàgail. Thòisich sinn, mu dheireadh, air fàth ghabhail air, an tacan a bhiodh a cheann-san crom, gu bhi goid air falbh, uidh air n-uidh, a chum an taoibh a bu dlùithe dhuinn de 'n chamus, agus aon uair 's gu 'n d' fhuair

sinn ar cas air talamh tioram, thàr sinn as do 'n choille. Cha deach sinn fada air astar an uair thug an t-Iarla fa-near ciod a thachair, is 'nar déidh a ghabh e, fraoch agus frioghan air a chuireadh oillt air gaisgich na Féinne. Cha bu ghaisgich sinne, 's cha b'e cath no cruidh-chòmhrag a bha dhith oirnn, ach craobh anns am faodamaid didean fhaotainn. Bha mo chompanach na bu tapaidhe na mise, 's bha e, mar sin, shuas ann am bàrr na ceud chraobh thachair oirnn mu robh mise tri troidhean o a bun, ach an uair a chuala mi 'n t-Iarla bristeadh le toirm troimh 'n phreasarnaich air mo chùlaibh, chuir sin beagan spéirid annam, 's mu 'n do ràinig esan a' chraobh bha mise far nach ruigeadh an cabar orm. An uair a chunnaic e mar a bha chùis cha robh e idir tolichte, 's an déidh dha cuairt no dhà chur mu 'n chraibh, chaidh e 's laigh e sios air tolman uaine goirid uainn, agus thòisich e gu socair, ciallach, air cnàmh a chir, direach a leigeil ris duinn nach robh deifir sam bith air-san, is mar sin, gu 'm faodamaid ar n-ùine féin a ghabhail. Ghabh sinne sin, tuillidh ùine na bu mhiann leinn: ghleidh e sinn am bàrr na craobh bho àird a' mheadhon latha gu dol fodha na gréine. Mu dheireadh, thachair do h-aon de na clobairean tighinn an rathad is thug esan fuasgladh dhuinn. Gu dearbh, bha sinn feumail air fuasgladh fhaotainn. Bha sinn fuar, fliuch, 's air fannachadh leis an acras; chan 'eil mi cinnteach nach robh sinn a' sileadh nan deur greis de 'n ùine; ach cha bu mhath leinn sin aideachadh. Co-dhiù, tha cuimhne agam nach bu toigh leinn iomradh chluinntinn air an turus sin fad iomadh latha 'na dhéidh.

Goirid 'na dhéidh sin thachair an t-Iarla 's mi féin air a chéile aon uair eile. Bha bothan beag tighe an oir na coille mu thuaiream dà mhile dh' astar uainn. C' arson a thogadh am bothan so an tùs chan fhios domh, ach aig an ám air a bheil mi ag iomradh, bha sinn a' deanamh tigh-sgoile dheth.

A réir coltais, cha do thogadh òrd no inneal iaruinn sam bith air clachan an teampuill so; ni mò a chaidh aol no làthach a thogail a bhallaachan. Bha toll tri-cheàrnach air gach balla-taoibh dheth a bha deanamh gnothaich air son uinneagan; ach uinneag de sheorsa sam bith cha deach riamh a chur annta, is bha iad mar sin fosgalte ris na siantan. Bha toll eile am mullach an tighe, coltach gu leòr, air son luidheir; ach chan fhirosach mi gu 'n d' amais an toit riamh air dol a mach an rathad sin. Cha robh de dhorus air an fhàrdaich so ach sgathach bheithe nach cumadh a mach aon chuid gaoth no uisge. An uair a bhiodh an sneachd 'ga chur 's 'ga chathadh chuireamaid sgroth 'san uinneig taobh na gaoithe, ach bha cho beag dlon anns an sgathaich 's gu 'm biodh an sneachd cho domhain air ùrlar an tighe 's a bhiodh e air a' bhlàr a muigh. Bha am bothan air a thughadh aon uair, ach bha e 'san ám so air cinntinn thairis le feur dosrach, uaine. A réir mo chuimhne-sa air a' ghnothach chan urrainn domh ràdh gu 'm b'e tigh-sgoile comhfhurtachail a bha an so; ach biodh sin 's a roghainn dà, 's ann ann a fhuair mise a' mhór-chuid de 'n fhòghlum leis an do chuir mi m' aghaidh ris an t-saoghal.

Is ann sa' bhruchlaig thighe so a thachair an t-Iarla 's mi féin air a chéile aon uair eile. Cha chuimhne leam aig an ám ciod a chùm mo chompanach aig an tigh air a' mhaduinn so, ach tha mi creidsinn gur e esan a bhi uam a chuir gu robh mi na bu tràithe na b' àbhaist domh aig ceann m' uidhe. An uair a ràinig mi am bothan thug mi fa-near gu robh an sgathach air a tilgeil air falbh o 'n dorus, agus shaoil mi gu robh cuid de na sgoileirean a stigh. Ghabh mi air m' aghart le 'm fhóid-mòna fo m' achlais. Bha an tigh car dorcha, 's cha d' thug mi fa-near có bha romham gus an do bhuaile mi mo shròn ann am broilleach an Iarla. Bha esan 'na sheasamh air meadhon an ùrlair, a cheann cho àrd 's

nach robh leud na boise eadar a chabar féin agus cabardroma 'n tighe. An uair a thuig mi có a bha agam, chuir mi thairis am fóid-mòna air ann an clàr an aodainn 's theich mi. Leum e as mo dhéidh gu sunndach. Ruith mise mu 'n cuairt an tighe 's esan air mo shàil. An uair a rainig mi an uinneag, bho nach robh dad innse chuireadh grabadh orm, leum mi stigh. Ann am dheisir thuit mi trasd air àite-suidhe bha fo 'n uinneig, agus is gann a fhuair mi air mo chasan an uair a bha esan a stigh air an dorus. 'S a' mhionaid bha mise mach air an uinneig, agus ghleidh sinn suas a' chluich sin,—esan a stigh an uair a bhithinn-sa muigh is mise stigh an uair bhiodh esan a muigh,—gus an d' thainig am Maighstir Sgoile, 's an deach e 'san eadragainn. B' e an droch luacha-peighinn a bha anns an Iarla. Thug e ruith mhoirt air brathair-màthar dhomh uair, 's mur a bhiodh an cù a bha leis an duine cha d' fhàg a' bhrùid olc sgrid ann. Mar a bhà, thug e fad iomadh latha a bha e an athar na giollachd a fhuair e, ach cha robh chridhe beantainn do 'n Iarla gus an d' thug e droch ionnsuidh air aon de na h-uaislean ; an sin, chaidh a bhinn a thoirt a mach agus peileir a chur ann.

EARRANN II.

'San ám air a bheil mi ag iomradh, bha agh féidh mu 'n bhaile a rinn gniomh a chuir ionantas air aon no dhà. Shnàmh i trasd an Caolas Diùrach, eadar Ard-lusa agus Tigh-a'-Bhealaich, astar shè mile. Ciod a' chuileag phuinn-sein a theum i gu sin a dheanamh, chan 'eil fhios ; ach ghabh i mach oidhche bhòidheach, fhèathail, toiseach an Fhoghair, 's ràinig i Tir-mòr am beul an latha. An uair a bha i tighinn faisg air an fhearrann, chunnaic i duine 'na shuidhe air carraig am beul an làin, agus stiùir i dìreach air. Bha an

duine bochd so,—figheadair a mhuinntir Thigh-a'Bhealaich,—a' feuchainn gu dichiollach ri tràth éisg a thoirt as a' mhuir a chuideachadh an arain làitheil, 's bha e cho dian air a' ghnothach ris an robh e 's nach d' thug e fa-near ciod a bha tighinn thuige thar sàl, gus an cual e séidrich na h-aighe, 's i nis mar bheagan astair do bhàrr na slaitiasgaich aige. Thug e aon sùil air a' choigreach a bha tighinn, 's dh' fhoghainn sin. Bha ise tighinn, a dà chluais 'nan seasamh direach air a ceann, 's a dà shùil ag geur spleuchdadadh air an clàr an aodainn. Cha d' fheith e ri tuillidh fhaicinn. Leum e air a bhonn, 's thug e 'm fireach air; ach an uair a fhuair e beagan astair eadar e féin 's an uile-bheist, bha e cur campair air nach b' urrainn da innseadh aig an tigh ciod a' ghnè chreutair a chunnaic e. Co-dhiù a b' e 'n Leviathan aig Iob a bha ann, no Oannes, an tabh-bheist sin a b' àbhaist a bhi tighinn a nios as a' mhuir a theagasc muinntir Bhàbiloin; no có aige bha fios nach e'n dearbh Mhial-mara mór sin a thug an t-aiseag do Ionah a bha ann? Chuala e gu'n do theagaiss Oannes nì no dhà do na Bàbilonacha a bha chùm mór bhuannachd dhaibh. Ciod am fios nach e dheilbh a' cheud eige chòrainn a chuireadh am beairt? B' fhearr leis a nis gu'n d' fheith e tiota beag. Ged a bha na smaointean so a' ruith 'na inntinn, cha robh e idir a' dearmad a ghnothaich, 's b' e sin faotainn dachaidh cho luath 's a bheireadh a chasan e. Bha e nis a' dlùthachadh ris an tigh, agus smaointich e gu faodadh e sùil a thoirt 'na dhéidh. Bha fhios aige nach b' urrainn do chreutair mara a leantainn ro fhada air tir. Thug e sùil thar a ghualainn. "Crois Chriosd orm!" arsa esan, "tha so a' tighinn; is duine marbh mise!" Chan e mhàin gu robh so a' tighinn; bha e tighinn mar gu 'm b' ann air sgiathan na gaillinn. Thilg am figheadair uaith an t-slat-iasgaich 's an cliabhan éisg, 's bí chas a bu mhaille a' chas a bu diomb-

aiche a' teicheadh o'n chulaidh uamhais sin. Chluich e na pleadhain air an rathad-mhór, mar nach do chluich e riamh iad air crann-coise na beairte ; ach a dh' aindeoin ciod a b' urrainn da dheanamh, bha 'n t-agh air a shàil a' ruigheachd an tighe. Brist e troimh 'n dorus, agus a dh' aon leum bha e thall 's an leabaidh, eadar bean an tighe 's am balla, 's e ag glaodhach, "mort!" Dhùisg a' bhean bhochd ann an sgaoim mhóir, 's gun fhiös aice ciod am mì-fhortan a thachair. Spàrr esan a cheann sios fo'n aodach-leapa, 's e ag guidhe air Dia dubhan a chur am beul an Aibhisteir so, 's a tharruing a mach air ghiall, agus ribe chur ris an leòmhann bheucaich a bha sireadh esan a shlugadh suas, agus a' bòideachadh gu'n deanadh e a ghiùlan féin ath-leasachadh o so a mach. Bha bhean thruagh gu buileach 'na breislich 's gun i tuigsinn ciod a thainig eadar an duine 's a chiall. Thuit e mach gu robh a cùlaibh ris an dorus an uair a fhuair i 'n garbh dhùsgadh so. Bha i mar sin tur aineolach air màthair-aobhair na trioblaid. Cha robh an t-agh a' tuigsinn ciod bu chiall do'n othail a bha ann, agus cha mhò bha i tuigsinn na cionaire bha i faotainn 'san teaghlach so, nì ris nach robh i idir cleachdte. Direach a chur 'nan cuimhne gu robh i an làthair, chuir i gu caomh, coibhneil, a gnos fuar, fliuch air slinnean geal, nochdte bhean an tighe. Thionndaidh ise, 's an uair a chunnaic i an cruth a bha air an tìurlar, sgrean i cho cruidh rí feadan eich-iarainn. Bha leaba làn phàisdean air taobh eile an t-seòmair ; dhùisg iadsan, 's cha b' i an ribheid-san idir a b' isle. Bha an t-agh bochd air a h-ais 's air a h-aghaidh, eadar an dà leabaidh a' feuchainn ri cluain a chur air an teaghlach gun chiall a bha an so ; ach mar a bu mhò a shaoithricheadh ise ann an obair na seirc agus na sithe, is ann a bu chruaidhe a ghlaodhadh iadsan. Chuala, mu dheireadh, cuid de na coimhairsnaich an ulfhartaich a bha an tigh an fhigheadair, 's chaidh baoit mhnatha as an

tigh a bu dlùithe a shealltainn ciod a bha ceàrr. Cha bu luaithe chuir i a ceann a stigh air an dorus, 's a chunnaic i 'n t-agh a' breugadh nam paisdean, na theich i, agus sgeul an fhuathais 'na beul. Chaidh i gu tigh an fhoirfich is dh' innis i do 'n duine chòir sin gu robh an diabhul ma sgaoil, 's gu robh e aig a' cheart ám a' toirt leis teaghlaach an fhigheadair. "Có a thuirt riut," arsa esan, "gur e Prionnsa an dorchadais a tha ann?" "Nach fhaca mi le m' shùilean féin e," arsa ise, "adhaircean gaibhre air a cheann, blraigh-lín mu mhàs, agus casan searraich fodha?" "O, mo thruaighe!" arsa am fairfeach, "'s e féin gun teagamh a tha ann." Mu'n abradh tu "Dia leat," bha h-uile duine, beag is mó, sean is òg 'san àite, cruinn mu thigh an fhigheadair, ach gun aon dhiubh a' taigtsinn dol a stigh. Chual an Lighiche Mac Leoid, am measg chàich, mu'n urra mhór a bha air tighinn do'n bhaile. Ghabh e suas, 's an tuagh-chuisle 'na làimh, gun fios nach faodadh feum a bhi oirre. Cha robh an Doctair laghach ag creidsinn a h-uile ni chluinneadh e mu dhéidhinn Athair nam Breug, 's mar sin, cha robh ionantas air an uair a fhuair e agh sultmhòr féidh an àite na pearsa ainmeil a bha 'san iomradh; ach chuir e ionantas nach bu bheag air an uair a dh' aithnich e có bha aige. "A Fhlòraidh, a Fhlòraidh," arsa esan, "an tusa tha 'n so? Ciod an ioma-ghaoth chruaidh a dh' fhuadaich an rathad so thu?" Chuir e ghàirdean mu mhuineal na h-aighe, 's shliog e a bian. Bha ghuth cho caomh an cluasan a' chreutair, an déidh na chual i de sgiamhail 's de sgreadail, 's gu'n d' rinn e drùdhadh oirre. Thog i a ceann, 's chuir i a soc r'a leth-cheann, an aon dòigh a b' aithne dhi air pòg a thoirt seachad. An uair a thuig an cruinneachadh a bha muigh ciod a bha dol air aghairt a stigh, thòisich iad ri monmhur, agus ag ràdh gu robh co-chaidreamh nach robh ceart eadar an lighiche 's am fear a bha stigh. Gu 'm bu chòir an lighiche thoirt gu

mòd, agus ascaoин-eaglais a chur air. Chuala fear a bha an làthair, ma b' fhior e féin, cuideigin a' deanamh luaidh os iosal, air "clachadh gu bàs"; ach co-dhiù a dh' éirich so leis an fhoirfeach, no leis a' chailllich a thog an tuairisgeul an toiseach, cha b' fhios da. An uair a thainig an lighiche mach, 's an t-agh r'a ghualainn, agus a dh'innis e mar bha chùis, gu'm b' agh càllaiddh a bhuineadh do Fhear Ard-lusa bha ann, agus gu robh i cho soirbh ris a' chat air leac an teinntein, sgaoil iad, ach a réir coltais cha robh iad idir toilichte; cha b' e sin a chaidh iad a mach a dh' fhaicinn; bha iad gu tur air am mealladh. 'S e mar bhà gu robh an Lighiche Mac Leoid eòlach gu leòr air féidh Ard-lusa. An uair a rachadh e ghabhail a shràid, bu tric leis crioman arain a chur 'na phòca g'a roinn ris na féidh na 'n tuiteadh dhaibh tachairt air; agus b' aithne dha gu sònraichte an t-agh a shnàmh an Caolas Diùrach. Chuireadh fios thairis do Dhiùra gu robh aon de na féidh chàllaidh an Tigh-a'-Bhealaich, 's chuireadh bàta le sgioba air a son, agus thugadh air a h-ais do Dhiùra i.

A nis, cha bu mhath leam dol an urras air a h-uile facal dhe so. Cha chuala mi le 'm chluasan féin ùrnuigh an fhigheadair, no mar a chuir am fairfeach aithne air fear na blàigh-lin 's nan casa searraich, air chor 's gu 'n do thuig e sa' mhionaid gur 'e fein' a bha ann gun teagamh. Cha mhò a chunnaic mi le m' shuilean féin an Lighiche Mac Leoid armaichte leis an tuagh-chuisle an uair a dh' fhóghnadh an sgian-fhola b' àbhaist a bhi leis; ach b'e sin an sèorsa sgeoil a thug muinntir Dhiùra leò o Thir-mòr maille ris an agh. Tha fhios agam, mo chreach! gu bheil muinntir Dhiùra cheart cho breugach ri muinntir eile; ach gu'n do shnàmh an t-agh féidh sin an Caolas Diùrach, agus gu'n do thachair i féin 's am figheadair air a chéile mar a dh' ainmich mi, 's gu'n do chuir i eagal beatha agus bàis air a chuir a laighe na

leapa e : tha na nithean sin cho fior ri Gniomharra nan Abstol ; ach mu'n chòrr, ma's breug bhuam e 's breug thugam e.

EARRANN III.

Beagan bhliadh nachan an deidh turus-cuain na h-aighe gu Tir-mòr, fhuaradh tri-deug de na laoigh fhéidh sin a nuas as a' Mhonadh Dhubh am Braid-Albann. Cha bu mhotha iad na uain, mios a dh' aois ; ach gu dearbh cha robh iad fada cinntinn. Dh' fhàs iad mar an raineach. Bha mise aig an ám a' tighinn gu aois 'sam bu chòir dhomh a bhi deanamh rud-eigin air son mo lòin, 's chuir iad a ghleidheadh nam fiadh mi. Thugadh teann earail orm am biathadh, an tàladh, agus am buachailleachd gu curamach. B' i sin a' bhuachailleachd ! Bha cheart cho math dhomh dol a bhuachailleachd nan eun-fraoich. Bha iad soirbh gu leòr a bhiathadh. Dh' òladh iad de bhainne blàth gus am biodh iad an cunnart sgàineadh, 's dh' itheadh iad càl is luibhean eile gu foghainteach. Bha iad cho càllaiddh ris na coin, agus cho dalma, 's cho liosda air son an codach fein a thoirt a mach ris na cait. Ach air son na buachailleachd dheth : b' e sin am briste-cridhe do'n bhuachaille. A reir coltais, bha e feumail do na creatairean sin, airson iad féin a chumail ann an staid fallaineachd, tomhas àraighe de ruith 's de leumraich a dheanamh eadar dà cheann an latha—agus gu dearbh cha bu tric leò a' chuid sin d' an dleasanais a dhearmad—ach cha robh iad idir a' tuigsinn nach robh a leithid sin de dhian-shaothair aon chuid cho feumail no cho taitneach do 'n bhuachaille. Dh' fhóghnad na dh' fhóghnad dhàsan, 's cha robh iarraidh aige air tuillidh ; ach bha cho beag eanchainn acasan 's nach robh e comasach tuigse chur 'nan cinn. Dh' fhairtlich orm riamh a thoirt orra chreidsinn nach ann ri fealla-dhà bhithinn

an uair a bu mhiann leam an iomain "gu cluainibh glas' le sith." Cha chreideadh duine an làn-aighear a gheibheadh iad as an iomain sin, agus b' e am buachaille an aona bhalla-spuit aca. Ruitheadh iad chugam is bhuam; réiseadh iad mu'n cuairt orm, agus leumadh iad thar mullach mo chinn; ach an aona cheum beag cha ghabhadh iad an rathad a bu mhiann leamsa. An uair a bhithinn air mo chlaoadh leò, 's a' toirt dùil-suas anns an iomain, theirinn riu ann am fheirg iad a dhol do Thigh Iain-Ghròta, nach bithinn a' stri na b' fhaide riu, agus thilginn mi fhéin air mo dhruim air a' bhlàr. Thigeadh iad an sin 'nan ruith 's 'nan leum a dh' fhaicinn ciod an tubaist a dh' éirich do'n bhuachaille. Dh' fheuchadh iad mi le'n sròná biorach o mhullach mo chinn gu bonnaibh mo chas, a dh' fhaotainn a mach cion-fàth mo thrioblaid. 'Nan deisir thuiteadh iad tharam, 's shaltradh iad fo 'n casan mi, gus mu dheireadh am bu bhuidhe leam leum air mo bhonn gu m' dhlon féin o'n ro chùram a bhàtar a' nochdadhbh mu'm dhéidhinn. Ghabhainn an sin an rathad, agus dod na dunach orm. Leanadh iad mi a' dannsadh 's a' beiceis mu'm thimchioll, ach cha deanadh sin ach cur ris a' mhì-thlachd a bha ormsa cheana. Leanadh iad mi, mar so, a h-uile ceum gus an tigeamaid chum a' chrò 's am biodh iad ag cur seachad na h-oidhche. Thigeadh iad an sin mu'n cuairt domh, a' putadh a chéile, 's a' saltairt air mo chasan, agus a h-uile h-aon diubh a stri ri m' phògadh. Creatairean cho aotrom, guanach, teò-chridheach, agus cho duilich a bhuachailleachd, cha d' thainig riámh am charaibh-sa.

Cha bhiodh e chùm buannachd mhóir do neach sam bith fios fhaotainn air na dh' fhuiling mise air tàillibh nan creatairean gogaideach sin. Mar a thuirt mi cheana, chan ann air son dad a chur ri suim 'ur n-eòlais mu dhéidhinn nàdur agus àbhaist nam fiadh a tha mi sgriobhadh nan cuimhneachan faoine so aig an ám, ach a mhàin gu m'

thoileachadh féin ann a bhi deanamh so 'na chaithe-aimsire as taitniche, agus nach 'eil cho mì-tharbhach ri bhi smuaint-eachadh air nithean nach gabh leasachadh ; nithean mar a thà, agus nithean mar a dh' fhaodadh iad a bhith.

Faodaidh mi cunntas aithghearr a thoirt seachad air turus beag a thug mi le cuideachd na h-an-riaghailt so an déidh dhaibh tighinn gu inbhe dhamh agus aighean, agus fógh-naidh sin mar eisimpleir air iomadh deuchainn eile chuir iad am rathad. Bha ochd no naoi de choin-eunaich againn, 's bha iad sin fo m' chùram a bharrachd air na féidh. Dh' fhalbh mi, latha de na làithean, a thoirt sràid do na coin. Cha robh iarraidh againn air cuideachd nam fiadh, ach chunnaic iad a' falbh sinn, agus lean iad sinn. A nis, bha na féidh gle thoigheach air cuideachd nan con, ach cha robh ciataich sam bith aig na coin do chuideachd nam fiadh. An déidh dhuinn dol astar latha sàbaid, shuidh mi air cnocan bòidheach, grianach, agus air ball bha na coin mu m' thim-chioll, a h-uile h-aon a stri ri faotainn na bu dlùithe dhomh na càch. Chunnaic na féidh so, agus thainig iad 'nan ruith 's 'nan leum, 's cha robh iad ach goirid a' réiteach àite dhaibh féin. B' eigin do na coin bhochda teicheadh le 'm beatha, agus bha am buachaille féin an cunnart a bhi air a shaltairt fo'n casan. Bha aon de na féidh a bha, 'na laogh, na bu lugha na càch, agus lean e greis 'na chranna-pheasan, ach le bhi gleidheadh aghaidh na spàine ris, bha e nis dlùth air cho mórr i càch. Bha an creutair so cho làn char ris an t-sionnach. Aon de na pratan a bhiodh e cluich an uair bhiodh iad a' stri có bu dlùithe gheibheadh do'n bhuachaille : sparradh e cheann a stigh am measg chàich, agus cho luath 's a bheireadh iad uilleag dha, dheanadh e sin 'na leisgeul air son tuiteam trasd air a' bhuachaille. Bheireadh am buachaille fadhar no dhà air na h-aisnean aige 's phacadh e eadar a chasan e. Cha bhiodh tuillidh a dhith air, agus an uair

a gheibheadh e e féin a dheanamh comhfhurtachail, shealladh e an àird mar gu 'm biodh e farraid, "am fac thu cho tapaidh 's a rinn mi sud ?" Ach air an latha so bha Tómas,—b' e sin ainm,—cho mór, trom, 's na 'n leiginn leis an cleas so chluich orm, dh' fhaodainn a bhi dol dachaidh le mam-sic am chuideachd. Laigh iad sios mu dheireadh, 's thòisich cuid diubh air cnàmh an cir. Bha am measg nan con aon a bha 'na chù-eunaich anabarrach math, ach bha e nis sean ; agus air fàs cho ùsaideach 's gu'n deanadh e cùis-ghearin de'n rud a b' fhaoine. Chunnaic mi e, 's e 'na shuidhe air leth o chàch, agus coltas air a bhi fior neo-thoilichte le 'staid. Dh' amhairc e'n rathad a bha mi 's na deoir 'na shùilean. Ghairm mi air, 's thàinig e, agus sin mar gu'm b' ann glé earraigeach. Ghabh mi truas d' a chor, agus chàin mi na féidh ris, 's an déidh sin, chomharrach mi mach dha slios bòidheach fraoch a bha direach fa'r comhair, agus thug mi cuireadh dha dol a dh' iarraidh an aodainn sin dh' sfeuch an robh sealgach a b' fhiach ann. Chuir so saod air, agus dh' fhalbh e gu toilichte. Bha té de na h-aighean d' am b' ainm Jessie 'na laighe làimh rium, 's an uair a chunnaic i an cù a' falbh, thug i ionnsuidh air falbh 'na chuideachd ; ach rug mi air chluasan oirre, agus ghleidh mi air a h-ais i. Bha an seana chù nis a' fiaradh a' bhruthaich air ais 's air aghaidh, agus e cumail na gaoithe air a ghualainn, 's a' deanamh cinnteach as a h-uile slat de'n ghrunnd. Bheireadh e sòlas do chridhe sealgair an cù sin fhaicinn mu thimchioll a ghnothaich. D' aithnich mi air a nis, mar a bha e gabhail a chùrsa, gu'n d' fhuair e mach an ceàrn 'san robh na h-eoin, ach cha do ghabh e féin sin air. Bha e air ais 's air aghaidh, mar bha e roimhe, ach gu robh a chùrsa dol na bu ghiorra 's na bu ghiorra, agus e 'g oibreachadh suas a chùm an àite 'san robh na h-eoin 'nan laighe. Bha Jessie ag cur roimpe bhi air falbh. Cha robh i tuigsinn ciod a bha an seana chù a' sireadh 'san fhraoch.

Bha Jessie car neònach mar so, dh' fheumadh ise i féin a dheanamh cinnteach mu dhéidhinn ni sam bith a chuireadh iongantas oirre. Chan fhóghnadh leatha ach an nì sin a rannsachadh air a son féin. Bha an seana chù nis gu faic illeach a' tarruing suas ris na h-eoin. Ceum an dràsd 's a rithist 'ga thoirt na bu dlùithe 's na bu dlùithe. Mu dheireadh, sheas e; amhach sinte roimhe, 's a shròn direach air an àite 'san robh na h-eoin; earball sinte 'na dhéidh agus cho rag ri crann-brataich; tri d'a chasan air a' ghrunnd, 's a' cheathramh cas togte, deas gus an ath cheum a thabhairt na'm biodh sin feumail. Sheas e mar sin gun char a nunn no nall, ach cho daingeann 's ged a bu dealbh snaidhte bha ann. An uair a chunnaic Jessie so, cha b' urrainn di cumail oirre féin na b' fhaide; spion i uam a cluasan 's thog i oirre dh'fhaicinn air a son féin ciod a bha ceàrr air an t-seana-chù. Ràinig i e, 's chuir i a sròn air a dhruim dh' fheuch am b'ann an sin a bha 'n fhàillinn; ach cha do għluais esan á làrach nam bonn. Dh' fheuch i an sin a cheann; ach cha do charaich esan eang. Thug i an sin roid m'a thimchioll dh' fheuch an cuireadh sin gluasad ann. Chuir sin gluasad anns na h-eoin-fhraoich air an robh esan ag èaladh, agus leum iad air falbh air an iteig. An uair chunnaic an cù bochd gu robh a shaothair air a toirt gu mì-bhuiil leis a' chreutair ghogaideach sin, thug e aona bhurral tiamhaidh as, agus sheall e an taobh a bhà mi, mar gu 'm biodh e 'ga leigeil gu 'm ràdh fein, co-dhiù chunnaic mi riamh gnothach eile cho mi-chiatach ri sin. Chuir so tuillidh iomagain air Jessie mu chor a' choin, agus bha i dol a chur a sròine air, aon uair eile, a dhearbhadh dha an truais a bha aice ris, ach bha so tuillidh na b' urrainn dàsan cur suas leis, agus leum e 's rug e air chluais oirre. Cha robh sin aige mar a chuid féin; dh' éirich ise air a casan deiridh 's leadair i an cù le a casan-toisich gus an robh e 'san sgiamhail. Theich e agus gearan goirt 'na

bheul, 's thainig e 'm ionnsuidh le casaid làidir 'na chridhe an aghaidh na h-aighe, na'm b' urrainn da chur an céill. Rinn e mar a b' fhearr a dh' fhaodadh e, chuir e 'spàg am làimh a leigeil ris domh mar a bha e air a mhilleadh, 's e aig a' cheart ám air bhall-chrith leis an dòruinn; an deur a bha 'na shùil, agus an ciùcharan goirt a bha 'na bheul a' tagairt a chûise féin cho éifeachdach 's ged a bhiodh e taomadh a mach a ghearain ann an Gàidhlig ghrinn, fhileanta Earra-ghàidheal. A dh' aon fhacal, cha robh ni talmhaidh bheireadh faochadh dha ach ceann na h-aighe a thoirt dà air mèis. Air ghaol sithe gheall mi sin da, agus le bhi taomadh briathran truacantais 'na chluais, bha mi, air sheòl, a' taomadh iocshlaint 'na chreuchdan, 's mar sin thug mi sid fheathail mu 'n cuairt. Ach ma thug, cha b' fhada mhair i. Thainig Jessie, 's an uair a chunnaic i an cù eadar mo ghlùinean, ghabh i nios a dh' fhaicinn ciamar a bhà e. Anns an rùn so, agus a réir a h-àbhaist, chuir i a sròn air a dhruim cho coibhneil 's a b' aithne dhi; ach mo chreach, leum agus ghlaodh esan cho cruaidh 's ged a chuirteadh saighead ann. Bha mi ion 's as mo chiall a' stri ri sith a chumail eadar na creutairean sin. Leum mi air mo bhonn; bhrist mi suas an camp, 's ghabh sinn an rathad a ritist. Bha tigh mo sheanar 'sa ghleann fodhainn, agus ghabh sinn 'na rathad. An uair a rainig sinn, chaидh mise stigh, ach dhruid mi an dorus am dhéidh a chumail a mach muinntir na h-an-riaghait. Cha robh aig an tigh ach mo sheanamhair, 's i cur crich air deasachadh arain. Thuirt mi rithe gun i dh'fhosgladh an doruis, gu robh na féidh a muigh; ach tha amharus agam nach cual i gu ro mhath ciod a thubhaint mi, bha i mall 'na claiseachd. Bha cruach de'n aran a dh' fhuin i—aran coirce—air a' bhòrd agus a' chuid mu dheireadh de 'n fhuine 'ga chrudhachadh ris an teine. Chaيدh ise gu mi-fhortanach thun an doruis, agus dh' fhosgail i e. A stigh bhrùchd

a' chuideachd a bha muigh. An uair a thuig mise ciod a thachair, leum mi air mo bhonn, agus chuir mi an t-aran a bha air a' bhòrd an àird air déile bha fo anainn an tighe; ach cha robh tìne air na bha ris an teine a shàbhaladh; bha sin 'na chriomagan air an ùrlar ann am prioba na sùla. Rachadh na creatairean riasgail sin troimh theine Bhàail air son aran-coirce. Fhuair mi na coin a chur taobh a muigh an doruis; ach mu 'n do shoirbhich sin leam bha na féidh an déidh crioch a chur air na bha ris an teine de 'n aran, agus a' sealltainn air son tuillidh. Fhuair Jessie a sùil air na chuir mise 'n àird air an déile 's leum i suas air a' bhòrd, agus bha an còrr de 'n fhuine air an ùrlar mu 'm b' urrainnear bacadh a chur oirre. Cha robh dhomh ach an slaodadh a mach air chluasan, aon an déidh aoin diubh; agus mu'n d' fhuair mise an t-aon mu dheireadh dhiubh mach, cha robh móran a lathair de dh' fhuine na seana mhnà. Bha mi fior dhuilich mar a thachair; cha robh aig a' bhoirionn-ach chaomh ach tionndadh ris an fhuineadh as ùr, ach bha faidhidinn mhath aice. An déidh na rinn iad de chron, cha d' thuirt i ach, "O, na creatairean, nach bòidheach iad!" Chuidich mi leatha an tigh a réiteach 's an t-ùrlar a sguabadh; 's an spruidhleach arain a sgap a' ghràisg feadh an tighe, thruis mi 's chuir mi am phòc e, agus air eagal gu'n éireadh tubaist eile dhuinn, dh' fhalbh mi le m' threud. Thug mi achmhasan do na coin air son na h-aimhreit a thog iad, agus an tàmailt a fhuair mi as an leth. Dh' éisd iad rium le 'n cinn crom, agus, a reir coltais, aithreachas orra air son an cuid de'n mhì-riaghailt a thachair; ach am feadh 's a bha mi labhairt, bheireadh an seana chù sùil nuagach, an dràsd 's a rithist, an rathad a bha Jessie, a' leigeil ris gu soilleir ciod a bha 'na bheachd. Thionndaidh mi ris na féidh dh' fheuch an gabhadh beagan oilein a sparradh orra, ach cha bu mhór a b' fheairrd mi sin. An uair a bha mise leagadh

sios Lagh nam Modhannan dhaibh, bha Jessie le a soc gus an dà shùil ann am phòca, far an do mhòthaich i do 'n spruidhleach arain a thrus mise bhàrr an tìrlair. Thug i làn a beoil leatha, 's cho luath 's a chunnaic càch gu robh rud-eigin air mo ghiùlan, mach o nach d' thug iad an còta bhàrr mo dhroma, gus an d' fhuair iad a h-uile bruan dheth! Fhuair sinn mu dheireadh air ar n-ais chùm nan cairtealan a dh' fhàg sinn sa' mhaduinn, 's an uair thainig ám an treud a chur do 'n chrò, an dàil na h-oidhche, bha iad cho gaolach 's ged a bhiodh an giùlan ré an latha cheart cho cluiteach 's a b' urrainn domh iarraigd. "O, luchd nan ceann gun chéill!"

Mu 'n ám so bha dà no tri de ribeagan dubha strì ri 'n cinn a nochdadhbh air uachdar a' chraicinn, eadar mo bheul 's mo shròn. Ghabh mi sodan nach bu bheag riu, agus bha mi fior chùramach mu 'n déidhinn; 'g an leasachadh le im ùr; 'gan sliogadh le m' mheoir, 's 'gan treòrachadh an taobh a bu mhiann leam iad a ghabhail. Chan e gu 'm b' fhiach am beagan a bha ann diubh na h-uiread so de dhragh a ghabhail riu, ach bha dòchas agam nach robh an so ach na roimh-theachdairean a bha 'gan nochdadhbh féin mar earlais air na bha ri teachd, agus le cothrom na còrach a thoirt daibh, ciod am fios nach faodadh am Freasdal fhaicinn ionchuidh spruidhleach feusaig a chur 'nan cois. An tìne ghoirid thainig an cinneas so cho fhad air aghairt, 's gu robh e deanamh seòrsa de ròibinn dhuibh mu m' bhilean. Bha h-uile ni ceart gu leòr gus an d' thug Jessie fa-near ciod a bha dol air aghairt. An uair a thug, b' éiginn dise, a réir a h-àbhaist, fios fhaotainn ciod a bha ceàrr. Cha chreideadh duine a gheur-leanmhuinn a dh' fhuiling mise o'n chreutair ghogaideach sin air tàillibh a' bheagain chinneis a bha an sin. A' cheud ni sa' mhaduinn, agus an rud mu dheireadh 'san fheasgar, b'e Jessie a' sparradh a gnois am aodann, a

stri ri greim fhaotainn air na ribeagan priseil sin a bha cho miadhail agam fhéin. Cha diúltainn-sa Jessie a phògadh na'm be'e sin na bha dhìth oirre, oir ceart mar thuirt Donnchadh Bàn, "cha robh h-anail breun ge b' e phògadh i," ach bha fhios agam na faigheadh ise aon uair a' bhileag fhochainn sin eadar a càirean 's a fiacail, nach fàgadh i bheag de dh' fluidheall 'na déidh. Thainig na ribeagan sàbhailte troimh 'n chunnart sin, mar thainig iad troimh chunnart no dhà eile, ach cha d' rinn sin iad na 's miadhala dhomhsa an diugh na bha iad 'san ám an robh Jessie ag amharc 'nan déidh.

Bha dà dhamh 'san treud so, agus an uair a chinn an cuid chabar, thòisich iad, mar as gnàth le an seòrsa, air na cabair sin fheuchainn air duine 's air beathach, dreach mar a bu deise. Bha mi latha àraidih ag cur seachad na h-aimsir a' spaisdearachd a suas 's a nuas ri taobh na h-aibhne. Chunn-aic Tómas mi, agus bho nach robh bheag aige r' a dheanamh, thainig e chumail cuideachd rium. Cha luithe thainig e 'n dlùths na thòisich e air cuid d' a chleasan fheuchainn orm. A nis bha cleasachd Thómais math gu leòr fhad 's nach robh ann féin ach am maol-cheann; ach bho 'n a bha nis a cheann armaichte le sleagh 's le plc, cha robh mi cinnteach nach faodadh an rud a bhiodh dhàsan 'na fhealla-dhà a bhi dhòmhsha 'na dha-ríreadh. Rug mi air chluais air, agus threoirich mi leam a chum an rathaid-mhóir e. Ghabh sinn an rathad le chéile; esan 's a cheum cho uallach 's a cheann cho àrd is ged a bu leis féin am baile; mise tachas a chluaise, 's ag innseadh dhà mu chor an t-saoghal. Bha sinn mar so a' sràideamachd air druim an rathaid-mhóir an uair a thug mise sùil uam 's a chunnaic mi "banarach dhonn a' chruidh" a' tighinn dachaидh as a' bhuaillidh. Leig mi as cluas Thómais agus thòisich mi air sliogadh nan ribeag a bha a nis soilleir ri 'm faicinn air mo bhus-uachdair, agus aig a' cheart

ám stad mo chonaltradh ri Tómas. Thug esan so fa-near; co-dhiù, bha e mothachail air nach robh e féin a' faotainn na h-aire sin a bha dligheach dha, agus direach a thoirt sanais dhomh gu robh mi deanamh dearmaid air mo dhleasnas, thug e bruideadh dhomh anns na h-aisnean 's thilg e'n dig an rathaid-mhóir mi. Thuit e mach gu robh an rathad gu math na b' àirde na an dig a bha r' a thaobh. Thug e, leis a sin, beagan tiine mu 'n d' fhuair mise mo chasan a shlaodadh a nios as a' pholl, 's an suidheachadh air talamh tioram. Tha mi smaointeachadh gu 'n do thuig Tómas air mo ghuth 's air mo chainnt, am feadh 'sa bha mi streap ri bruaich na dige, nach robh mi uile gu léir buidheach dheth; co-dhiù, dh' fhan e fad na làimhe uam, 's an déidh dha greis a thoirt a' dannsadhbh air mo bheulaibh, chuimhnich e gu robh gnothach aige taobh-eigin eile, 's dh' fhàg e 'n sud mi, ag glanadh a' phuill de m' thrusgan, agus a' leigeil ruith le sreing de ghuidheachan, an dòchas gu 'm beireadh cuid diubh air Tómas; ach cha do rug; cha d' thug iad feachdadh air.

EARRANN IV.

Bha e glé iongantach r'a thoirt fa-near an t-eadar-dhealachadh a bha eadar na creutairean sin a thaobh càileachd. Cha robh a dhà dhiubh a dh' aon nàdur. Bha an t-eadar-dhealachadh so ro chomharraichte anns na daimh,—Tómas agus Jack. Bha Jack fior-uasal 'na dhòigh; cha b' fhiach leis a bhi ri peasanachd mar a bhiodh Tómas, 's cha robh droch phratan sam bith 'na aoraibh. Bha na h-aighean comh-arraichte air an dòigh cheudna, càil fa leth aig gach aon diubh.

Bha 'n t-ám a nis a' dlùthachadh 'sam b' eiginn dòmhsha dealachadh ri m' threud. Cheannaich duin'-uasal mór an oighreachd greis roimhe sin; ach cha robh cabhag air a

thighinn g' a faicinn. Mu dheireadh, thainig e féin 's a luchd-coimhidealachd a shealltainn an àite. Bha a' Bhaintighearna fo mhór-thrioblaid a thaobh cho fiadhaich 's a bha h-uile ni ag amharc : beanntan gruamach ; coilltean ùdlaidh ; muir ànradhach ; 's gun uibhir is acarsaid air son bàta, no rathad-mór air son carbaid. "Ciod a bhuair thu," arsa ise ris a' Mhorair, "gu leithid so a dh' àite cheannach ?" "Aite," arsa ise, "gun eaglais, gun tigh-sgoil ; gun phosta tighinn na 's dlùithe na seachd mile dh'astar ; gun lighiche eadar dà cheann an eilein ; agus na 's miosa na sin uile, gun ghréim de dh' aran cruithneachd r'a fhaotainn na's dlùithe na Ceann-Loch-Gilb, fichead mile air falbh, 's deich dhiubh thar fairge. "Ciod idir," dh' fharraid i ritist, "a theum thu gu a leithid so a dh' àite cheannach ?" Cha robh an duine còir ro chinnteach mu'n chùis, agus smaointich e sgriob a thoirt taobh-eigin gus an ciuinicheadh a' Bhaintighearna. Bha uinneag an t-seòmair iosail ris a' ghrunnd, agus thog e i, 's thug e ceum a mach air an réidhlean. Thainig Jessie mu'n cuairt ; chunnaic i an uinneag fosgalte, 's ghabh i ceum a stigh. Bha Bhaintighearna 'na seasamh taobh eile an t-seòmair, 's a cùl ris an uinneig. Bha ceum na h-aighe cho grinn, 's am brat-ùrlair cho tiugh, 's nach d' shuair a' bhean-uasal an sanas a bu lugha gus an do chuir Jessie a sròn fhuar air a leth-cheann. Chunnaic i, aig a' cheart ám, 's an sgàthan a bha fa comhair, faileas an fhiadh-bheathaich a bha r'a taobh ; ghlaodh i gu cruidh, 's thuit i seachad air an ùrlar. Thainig aon de na seirbheisich a dh' fhaicinn ciod a bha cearr. An uair chunnaic e Bhaintighearna a' tomhas fad a droma air an ùrlar, agus fiadh-bheathach oillteil 'na sheasamh os a cionn, thog esan sgairt fhuathais eile, 's air ball bha 'n còrr de na seirbheisich cruinn. Thòisich an sin ùspairn chruaidh a dh' fhaotainn na h-uilebheist so a chur a mach. Shaoil Jessie bhochd gur ann ri fealla-dhà a bha iad, agus dh' aontaich

i leò sa' mhionaid, 's réis i mu'n cuairt an t-seòmair, is leum i thar gach ball èarnais a thainig 'na rathad, ach a mach cha rachadh i; c' ar son a rachadh; nach robh h-uile ni g'a riar far an robh i? Chaidh fios cabhaig a chur thun a' bhuachaille e thighinn le ghunna 's le chuid chon a chur as do'n bheithir-sgiathaich a bha los an tigh 's na bha ann a chur bun os cionn. Thàinig e, ach gun ghunna, gun chù leis; chuir e a làmh air sròin na h-aighe 's dh' iarr e oirre a leantainn, agus rinn ise sin cho toileach 's a rinn na radain Piobaire ballach Hamelin a leantainn. Chuir so iongantas air na Goill; ach cha robh fhios aca gu robh crioman arain an cridhe na dèarna aig a' bhuachaille, 's gu 'n do mhothaich Jessie dha sin an uair a chuir e a làmh air a sròin. Bha Bhaintighearna an droch chàs. Theab i an deò a chall leis an eagal, 's bha i nis, mar gu 'm b' ann, eadar nèamh is talamh, is gun fhios co-dhiù dh' fhanadh no dh' fhalbhadh i, agus sin air tachairt ann an àite gun fhear-sgil, gun chung-aidh-leighis; gun "ioc-shlaint an Gilead, gun léigh an sin." "O, ciod idir a thug air an duine ghòrach an t-àite cheannach?" Coma co-dhiù, bha i tighinn thuige uidh air n-uidh. Air maduinn an la-r-na-mhàireach, dhùisg i le sgaoim mhóir, 's i bruadar gu robh an creutair gun mhodh gun nàire sin Jessie aig taobh a leapa, 's a' stri r'a pògadh an aghaidh a toile bheusaich, bhanail féin; ach shaoilinn nach ruigeadh i leas a bhi cho geadasach; bheirinn-sa an diugh sè sgillean, na'm biadh i agam, air son pòig-mhaidne Jessie. Leis an aobhar oilbheum a fhuair a' bhean-uasal, 's gun fhios ciod an t-ath bhuaireadh a dh' fhaodadh a mealladh 'na leithid so a dh' àite, leum i air a bonn, dh' fhosgail i an uinneag, 's sheall i mach. Bha ghrian ag éirigh air cùl nam beann 's ag cur gathan soluis troimh na neoil thana bha snàmh os an cionn. Bha an Caolas Diùrach, air nach do ràinig ach faileas nan gathan sin fathast, mar shruth mór, leathann de

dh' airgiod-beò, leis gach dath a b' urrainn di bhreithneachadh a' dol 's a' tighinn air aodann, mar an lannair a chluicheas air muineal a' chalmain. Bha an drùchd air an fheur, 's boltrach chùbhraidh a' tighinn as a' choille dlùth làimh. Air an réidhlean fo'n uinneig, bha na h-uibhir de chreutairean nach fhac i riamh roimhe cho dlùth air tigh : coilich-dhubha 's liath-clearcan ; easagan is clearcan-tomain ; maighich is coineanan ; 's iad uile cho neo-sgàthach 's ged nach biodh tigh no duine mar mhile dh' astar dhaibh. Theagamh nach robh an t-àite cho duaichnidh 's a shaoil i. Ghabh i mu thàmh a ritist, ach dh' fhàg i an uinneag fosigailte ; bha tùis na coille ro annasach leatha. Chaidil i gu suanach gus an robh ghrian àrd 'san speur, 's an uair a dhuisg i mhothaich i gu robh i cho acrach ri seabhaig.

An deidh dhi a lòn-maidne ghabhail, bu mhiann leatha tuillidh de 'n àit fhaicinn, ach mu'n earbadh i i féin an taobh a mach de bhallachan an tighe, chuir i luchd-coimhid a shealltainn mu'n cuairt, a dheanamh cinnteach nach robh fiadh-bheathaichean 's a' choimhairsnachd. Thug iadsan fios air ais nach robh creutair fiadhta 's an t-sealladh. Ghabh i mach, a' stiùradh a ceum a sios an cois na coille, a bha nis 'na làn thrusgan uaine. Bha iongantas oirre cho ùrar agus cho paitl 's a bha gach seorsa luibhean a' fàs mu 'n cuairt. An raineach féin, ar leatha nach fhac i riamh a leithid de phailteas de gach seòrsa. An fhrith-raineach a' ruigheachd an àird gu a h-achlais ; cuinnlean na dubh-chasaich na bu ghrinne na chunnaic i idir, is teanga-'n-fhéidh cho leobhar, cuimir, 's ged a bhiodh i a' stri ri duais fhaotainn air son meud is snas a cinneis. Bha Bhaintighearna mar so a' mealtainn na cùbhraidheachd a bha mu'n cuairt an uair a chual i sporghail 's a' choille. Thionndaidh i air falbh rathad eile, gun fhiös nach faodadh math-ghamhainn leum a mach an taobh sin. Cha deach i ach goirid air an rathad

sin an uair a chunnaic i, mar a shaoil ise, tri-fichead fiadh a' brùchdad a mach as a' choille, 's a' tighinn 'nan leum g'a h-ionnsuidh. Cha robh ann diubh ach tri-deug, ach mheud-aich sùil an eagail an àireamh. Bha iad mu 'n cuairt oirre ann an tiota, 's a h-uile h-aon a' stri ri fàilte is furan a thoirt di 'na dhòigh féin, ach gu mi-fhortanach cha do thuig ise ciod a bha 'nam beachd ; shaoil i gur ann an rùn a h-itheadh a bha iad. Gu freasdalach, chunnaic mise an suidheachadh anns an robh a' bhean-uasal, 's chaidh mi 's an eadraiginn ; ach, mo chreach, cha b' e am buidheachas a b' fhearr a fhuair mi air a shon. Is ann a thug i achmhasan sgaiteach dhomh a chionn nach d' thug mi oilean chubhaidh do na féidh. Mo thruaighe, ciamar a bheirinn-sa do na féidh an ni sin nach robh agam dhomh fhéin ! Ach tha na h-uaislean cho mìriasant. Cho luath 's a fhuair a' Bhaintighearna fo dhion an tighe, shuidh i ann am breitheanas orm féin is air na féidh, agus b' i bhreith luath, lochdach a thug i mach : ar fògradh le chéile as a' bhaile, gun latha dàlach. Chaidh crò mór iaruinn a dheanamh an àird a' mhonaidh air son nam fiadh, far am faiceadh 's an cuireadh iad eòlas air féidh eile ; féidh nach deach riamh a chuallach 's nach do bhlais greim de dh' aran coirce. An uair a bha sin deas air an son, thug am buachaille leis iad, 's thug e fad-seilbh dhaibh air an dachaidh dhuaichnidh sin a bha cho mi-nàdurra dhaibh, 's a dh' fhuathaich iad le 'n uile neart. Chuireadh e bior ann an cridhe cloiche staid nan creuitairean sin fhaicinn an uair a thuig iad a bhi ann an cunglach nach b' urrainn daibh féin a dheanamh farsuing. Ghuidh is ghrios iad orm 'nan dòigh féin an saorsa thoirt dhaibh. Bha Tómas a' sileadh nan deur, 's a phratan gu buileach air a thréigsinn. Bha Jessie 's a sùilean cho leathann ri beanntaig ag gealltainn a giùlan féin ath-leasachadh o sin a mach na 'm fosglainn dhaibh cachaileith na gainntir sin. Ach chan fhaodadh e

bhith ; chaidh a' bhinn a thoirt a mach, 's cha robh laghanna nam Medach 's nam Persianach na bu neo-mhùitiche na bha òrdugh na baintighearna. B' eiginn dòmhsha togail orm 's am fàgail an sud, 's cha b' e culaidh-mhulaid a bu lugha bha air mo ghiùlan a' fàgail Dhiùra, an cor 's an d' fhàg mi mo threud bòidheach.

LITIR THUN AN "DEO-GHREINE."

Fhir Deasachaidh Shuaирce.—An uair a thogas sibh an *Deo-Gréine* ri crann air a' mhiosa so, faodaидh sibh innseadh do m' chàirdean 's an àird-an-iar gu bheil mise mar is dùth dhomh, 's gun iomagain a bhi orra mu 'm dhéidhinn; na 'm biodh gréim tombaca agam a chuirinn sa' phioб gu 'm biodh a h-uile ni ceart. Ma 's math mo chuimhne, bha sibh féin ag gealltann uaireigin cairteal a chur g' am ionnsuidh; ach tha an cairteal sin fada tighinn; 's faodaيدh a' chaora dol bàs a' feitheamh air an fheur ùr; ciamar a tha sibh féin a smuainteachadh is urrainn dòmlhsa sgriobhadh as eugmhais an tombaca?

Chan 'eil mi ag ràdh gu 'm bithinn ag cléirsinneachd aig an áм so mur a bhith gu 'n d' fhuair mi peann ùr; peann òir; peann a sgriobhas leis féin, nach 'eil dhomh ach a shròn a chur ris a' phaipear 's ni e féin an còrr. Fhuair mi 'm peann so bho nighinn chòir nach do phòs riamh; nighean cho airidh air fear 's is aithne dhomh; 's chan e am fear suarach, ach fear cho math 's a sheas an leathrach daimh. Na 'm bithinn-sa "sgaoilt' as na còrdaibh so," có aige tha fhios ciod a dh' fhaodadh tachairt? Ach air ghaoil sith na tugaibh-se iomradh air so far an cluinn a' bhean agamsa e; ma bheir, gheibh mise mo cheann a chireadh leis an t-seiceil.

A nis bidh e soilleir gu leòr dhuibh féin cho snasmhor 's a tha 'n sgriobhadh so; na litrichean gu h-òrdail; a h-uile té 'na h-àite féin; chan ann a' tuiteam air muinealan a chéile mar a b' àbhaist, no fidealachadh an casan ann an snoaim do-fhuasgladh mar a chunnaic mi an cuid d' ur litrichean féin,—gabhaibh mo leisgeul, tha am peann so cho luath 's nach 'eil e soirbh do m' smuain-sa cumail suas ris;

tha e mar sin, air uairean, ag cur sios nithean air nach do smuaíntich mise idir.

Leig mi fhaicinn am peann so do m' charaid Niall Orra; 's thuirt mi ris làn a shùl a ghabhail dheth; ach tha esan cho cleachdte ri gnothaichean riomhach 's nach do chuir am peann loghnadh sam bith air; gu dearbh, a réir coltais, ar leam nach robh e ach glé shuarach 'na shùilean. Chuir so diomb orm, 's chuir mí romham gu 'n tugainn taobh an fhuardh o Niall air a' cheud cothrom a gheibhinn. Thainig an cothrom, mar a shaoil mise, 's bho 'n a tha am peann am làimh, faodaidh mi innseadh mar thachair.

Tha caraid dhuinn, duin'-uasal grinn, aig a bheil àite-còmhnuidh samhraidh air aon de dh' eileanean na h-àirde-'n-iar, far am bi e cur seachad greis d'a thím a h-uile bliadhna. An uair a bhios e air an eilean so, bidh e anns an spiorad, mar bha Eoin o shean; ach 's e 'n spiorad 's am bi esan, an spiorad gu bhi rannsachadh 's ag cur eòlais air oibricean nàduir, mar a tha iad sin 'g an nochdadadh féin do 'n t-sùil bheachdail air muir 's air tir. Air uairean théid e sios do 'n doimhne mhóir a dh' fhaotainn a mach ciamar a tha bunaitean nam beanntan air an suidheachadh, 's a sgrùdadadh o ghrunnd an aigein cuid de 'n diomhaireachd a tha an cuan mór ag ceiltinn òirnn. Mar sin, chuir e eòlas air móran de luchd-àiteachaidh an t-sluic, agus 'nam measg-san rinn e dàimh shònraichte ris a' ghiomach.

Air a' bhliadhna roimhe, thug e fear de na creatairean spàgach sin g' am ionnsuidh, a leigeil fhaicinn domh cho uamhasach 's cho mìorbhuiilleach 's a bha e air a dhealbh, 's mar a bhogadh e earball. Chan 'eil cuimhne agamsa air a h-uile buaidh anabarrach a bha air a' chreutair, ach tha cuimhne agam math gu leòr gur gann a thug an duin'-uasal cùl a chinn ruinn an uair a bha an giomach sa' phoit. Is i phoit ceann-uidhe na thig do 'n tigh so a ghabhas itheadh.

Dh' ith mise mo chuibhrionn féin deth, 's dhiol mi gu daor air a shon. Lean an creutair mi-nàdurra sin air bogadh earbaill ann am thaobh-a-stigh gus nach mór nach do chuir e do 'n chill mi.

Air a' bhliadhna so thill mo charaid o'n dùthach, 's fear eile de 'n cheart seòrsa aige g' am ionnsuidh. Air an uair so, 's ann an ceann eile a' chreutair a bha na mìorbhùilean; bha an t-sùil aige uile-léirsinneach, a réir mo charaid; co-dhiù bha e comasach air sealltainn roimhe 's na dhéidh, fodha 's os a chionn, aig an aon ám, agus sin gun uiread is car a chur 'na muineal, ma tha muineal aige. Mhinich mo charaid dhuinn gu soilleir na laghannan a tha riaghlaigh léirsinn-sùl; 's e *optics*, ar leam, a thuirt esan, ach cha ghleidh mise cuimhne air na facail chruaidhe sin. Gu mi-fhortanach thainig spiorad peasanachd thairis orm féin; is dh' fharraid mi ciamar a chaogadh an giomach a shùil. A nis, tha mo charaid 'na àrd-fhoirfeach 'san eaglais; is mar sin, 's coma leis peasanachd air dhòigh sam bith, 's thuirt e "nach biodh ag caogadh an sùl ach muinntir a bhiodh ri sgeig air nì nach robh iad féin a' tuigsinn." Dh' fhàg e sud agam maille ris a' ghiomach.

Cha ghabh a' bhean agam-sa móran suim de nithean a tha os cionn a tuigse féin; is leòr leatha, air uair sam bith, gu 'n tig an gnothach a tha 'na làimh gus a' bhuil a shòn-raich i féin. Mar sin, cha robh i cho mothachail air na bha de chulaidh-loghnaidh an taice ris a' ghiomach; 's cho luath 's a fhuair i cothrom chuir i e far nach biodh *optics* a chum móran feum dha; far nach faiceadh e, aon chuid, roimhe no na dhéidh; 's e sin ri ràdh, spàrr i sa' phoit e. An uair a bha e deas, thugadh cuireadh dhomh teannadh thun a' bhùird. Thuirt mi nach tugainn pioc as an uile-bheist, creutair a bha cho uile-léirsinneach ris nach robh e cneasda. "Théid mise 'n urras," arsa bean an tighe, "nach 'eil de léirsinn

aige nis na ni coire dhuit," 's i cur spàg dheth air mo bheul-aibh. Bha mise an imcheist nach bu bheag; cha bu toigh leam gu 'n cluinneadh mo charaid, an déidh a shaothair 's a choibhneis, nach do bhlais mi air a thiodhlac. Bha mi mar so 'san eadar-chomhairle, 's mi sealtainn le sùil an amharuis air na chuireadh fa m' chomhair, an uair, có thainig a stigh ach mo dheagh charaid Niall Orra, 's e air ùr thilleadh o'n Mhòd Ghàidhealach, far an do choisinn e féin 's a' bhuidheann a thug e leis á Dunnéideann, a h-uile duais a b' fhiach strì air a shon. Bha e mar sin ann an deagh shaod, ach gu robh a mhuineal air tùchadh, ni a bha cur iomagain air. A nis, chuir spiorad an aimhleis cagar ann am chluais-sa: ma bha bàs anns a' phoit gu 'm b' fhearr dhomh aig mo charaid na agam féin e, 's thuirt mi sa' mhionaid, gu robh agamsa an sud, an aon leigheas a b' fheàrr a bha r'a fhaotainn air son tùchadh-muineil.

" Ciod e sín ? " arsa esan.

" Thà, " arsa mise, " an spàg ghiomaich so. "

" An saoil thu, " arsa esan, " an dean sin feum ? "

" Chan 'eil, " arsa mise, " leigheas eile sa' *pharmacopeia* as feàrr."

Chan ann gun dragh a fhuair mi 'm falal slaopach so a shlaodadh a mach; ach bha toil agam splèamas a chur air Niall le fad is leud m' eòlais.

" Ma tha thu cinnteach, " arsa esan, " gu bheil sin mar sin, tha mi coma ged a dh' fheuchainn e. "

" Cinnteach ! " arsa mise, " na'm biodh tusa eòlach air sgriobhaidhean an duine ainmeil sin a bha ann o shean chitheadh tu, air son tachdadhbh-cléibh, tùchadh-muineil, no gainn'-analach, nach 'eil ni ann a bheir bàrr air spàg a' ghiomaich."

" Cò an duine ainmeil a tha an so ? " arsa esan.

" Thà, " arsa mise, " *Esculapius*. "

"Sglèapaire ann no as," arsa Niall, "ma tha leithid sin de bhuaidh an spàg a' ghiomaich, cuir an so i."

Ann am prioba na sùl bha sud air beulaibh Néill, 's mise taingeil faotainn cuidhte 's i.

An uair a chunnaic mi a' phioc mu dheireadh dheth a' dol as an t-sealladh, dh' fhidir mi dhiom féin an do rinn mi an gnothach ceart; ciod ma bha mi cur an duine an cunnart a bheatha? Bha fhios agam na 'n tigeadh e ri m' charaid cho dona 's a thainig am fear mu dheireadh rium féin, nach biadh a chadal ach luaineach air an oidhche sin; ach ma thogair! C' arson a bha esan cho caoin-shuarach mu m' pheann.

An uair a bha e falbh dh' iarr mi air a bhi cinnteach e thighinn g'am fhaicinn air an la-r-na-mhàireach; gu robh gnothach agam ris. Thuit e gu 'n tigeadh; ach cha d' thàinig; 's cha d' thàinig e air an la-na-n-easar. Bha m' ionagain-sa fàs do-ghiùlan; ciod ma bha bàs an duine air mo làimh? Is an uair nach robh choltas air tighinn air an treas latha, bha mi ion 's as mo chiall. Riasanaich mi 'n gnothach rium féin, 's bha e soilleir gu leòr dhomh, ma bha olc deante, nach ann agamsa bha choire, ach aig an fhear a chuir am buaireas 'nar caraibh; ciod an gnothach a bha aige-san a bhi 'ga fhòirneadh féin air luchd-tuineachaidh na doimhne, 's a' togail chreach á measg chreutairean neòghlan an t-sluic; an robh ann da ach a bhi buaireadh an Fhreasdail a bhi smeachranachd r'an leithid? Air mo shon-sa dheth, ged bha fhios agam nach taitneadh an creutair uilc ri m' chàil féin, ciod am fios a bha agam nach taitneadh e ri càil mo charaid, 's mur an taitneadh, an ann agamsa bha choire?

Direach mar bha mi air mi féin fhìrinneachadh anns an dòigh so, co dh'fhosgail an dorus ach an dearbh dhuine bha cur a leithid de bhruaillean orm? Tha mi 'g ràdh ribh

ged a bheirteadh dhomh bo-laoigh air adhairc, nach cuireadh e uiread de thoilinnntinn orm 's a chuir sealladh de 'n duine sin aig an ám. Cha robh fhios agam co-dhiù a thuitinn air a mhuineal, mar a b' àbhaist daibh a dheanamh o shean, no deagh stràc de 'n bhata thoirt dà. Thainig e stigh gu sunndach 's móran aige ri ràdh 's ri dheanamh; ach cha robh smid mu 'n ghiomach. Mu dheireadh, dh' fharraid mi ciamar a chaidh an giomach dhà.

"O, first-rate, A 1!" arsa esan.

Tha de chànaninean aige 's nach 'eil e soirbh dha an cumail air leth.

"Cha d' fhuair mi riamh," arsa esan, "rud as fheàrr air son a' mhuineil; is fheudar gu robh fiacaill-fhiosachd aig an t-seann sglèapaire a fhuair a mach an leigheas sin—c' ainm a thuirt thu ris?"

"Is coma sin," arsa mise, "ma rinn a leigheas feum."

Is e bha ann nach robh fhios agamsa co-dhiù bu bheathach, no duine, no aon de dhiathan nan cinneach a bha an *Esculapius*; ach cha robh mi dol a ghabhail sin orm ri Niall.

"Is e gu dearbh," arsa Niall, "an aon rud as fheàrr a fhuair mise riamh; 's ma tha e 'n dàn domh dol gu Mòd eile, bidh spàg giomaich agam am phòca 'san earalas ciod a dh' fhaodas tachairt."

"Dean sin," arsa mise, "is cuiridh sinn air falbh am foirfeach an deagh ám a dh' iasgach nan giomach."

Tha, mar so, a h-uile ni ceart a thig gu buil cheart; ach feumaidh mi aideachadh gu bheil ni no dhà 'san t-saoghal so nach 'eil mi féin a' tuigsinn fhathast. Bidh sibh féin gu h-ùr-labhrach a' bruidhinn air saor-thoil, 's nithean mar sin, nach tuig sibh féin no duine eile; ach ciod as fheairrde duine a thoil a bhi saor ma thuiteas a h-uile ni a mach calgdhireach an aghaidh a thoil. An uair a ni duine ionraic,

onarach, mar tha mise, toll a chladhach anns am bu mhiann leis a charaid a thuiteam, 's a thachras gur e fén a théid ann 's nach e charaid, feumaidh gu bheil rud-eigin ceàrr an àit-eigin.

Tha an gnothach so toirt am chuimhne an duine uasail sin a bha ann o shean, a chaidh suas air beinn a mhionnachadh—tut ! tut ! tha 'm peann so cho luaineach 's nach feith e gus am faigh mise gréim air an fhacal fhreagarrach,—a mhallaichadh Chloinn Israel, 's a bheannaich iad da-ríreadh. Chan e gu robh mhiann ormsa dochair mhór sam bith a dheanamh air Niall ; ach direach rùbail bheag a chur 'na chliabh, a chionn e bhi cho caoin-shuarach mu m' pheann.

Slàn leibh ; cha ruig sibh a leas tighinn thairis air a so, 's e fior dhuine-uasal a tha ann an Niall Orra, ged a tha mise toirt ainm an diomhanas ; ach shaoilinn gu faodadh e mo pheann a mholadh gun a choguis a shiachadh, no e fén a chur as na h-uilt air dhòigh sam bith.

Bhur faicinn slàn.

Ma tha an cairteal tombaca sin goireasach, cuiribh thugam e gun dàil.

Bhur caraid dileas,

DOMHNALL MAC EACHARN.

TAILLEAR NA MANACHAINN.

Bha tàillear ann roimhe so a chuir geall gu furaigheadh e paidhir osan anns an eaglais air druim dearg a' mheadhonianoidhche. Aig an ám shuidhichte ràinig e an eaglais, 's bhual e air furaigheal nan osan. Bha an eaglais cho sàmhach ris an uaigh, 's car greis cha do thachair nl a chur grabadh air, ach an uair a bha 'n t-ám a' tighinn faisg air am bi spioradan fuadain ag gabhail cuairt air uachdar gruinnd, chual e gluasad am measg nan cnàmhan tiorma a bha fo leacan an ùrlair, agus air ball, feuch, ceann mór, liath, ag eirigh gu h-athaiseach as a' ghrunnd. Sheall an ceann air an tàillear 's thuirt e ann an guth neo-thalmhaidh :—

“ Ceann mór, fada, liath, 's e gun bhiadh, a thàilleir.”

“ Chi mi sín, 's fuaignidh mi so,” arsa an tàillear.

Is fheudar gur duine misneachail a bha anns an tàillear. Is aithne dhomh duine glé spagluinneach nach feitheadh ri tuillidh seanachais o'n cheann sin, gu sònraichte 'na leithid sin a dh' àite ; ach, gun teagamh, bha 'n geall a' sporadh an tàilleir. Ann an tiota beag, thuirt an ceann a rithist :—

“ Amhach mhór, fhada, liath, 's i gun bhiadh, a thàilleir.”

“ Chì mi sin, 's fuaignidh mi so,” arsa an tàillear.

Tha amharus agam gu robh an tàillear coltach ri móran de mhuinntir an t-saoghal so, cearta coma cia liutha amhach a bhiodh gun bhiadh, gun deoch, fhad 's nach biodh dith air an sgòrnain féin ; co-dhiù, chuala sinn iomradh air daoine aingidh de 'n t-seòrsa sin ; ach, buidheachas do'n Fhreasdal, chan 'eil sinne mar na cis-mhaoir sin, ged nach biodh againn ach an t-ugh gheibheadh fear-an-rathaid am plaosg. Thog an cruth oillteil sin a ghuth reasgach uair eile 's thuirt e :—

“ Cliabh mór, fada, liath, 's e gun bhiadh, a thàilleir.”

"Chì mi sin, 's fuaignidh mi so," arsa an tàillear.

Bha an gnothach a' fàs searbh leis an tàillear, 's thuirt e ris féin, "ma tha chliabh falamh, cuireadh e dreamag fheoir ann, no lionadh e leis a' ghaoth-'n-eas e, ma thoilicheas e; ciod e mo ghnothach-sa ris; làn no falamh, có nach 'eil coma?" Ach ged a bha, mar so, smuain an tàilleir fearail, bha e mothachail air a' chùis gu robh a mhisneach a' lagachadh, 's gur ann mar bu luithe bhiodh crìoch air an osan a b'fheàrr an gnothach.

"Brù mhór, fhada, liath, 's i gun bhiadh, a thàilleir," arsa am fear a bha thall. Cha robh aig an tàillear ach an aon fhreagairt, 's b'e sin gu faiceadh e sin, 's gu 'n deanadh e so. Ach thainig an fhreagairt sin na b' anfhainne air an uair so, oir bha e nis fior choltach gu robh mhiann air an fhear so a chasan a thoirt as an uaigh cho math r'a cholruinn; is na'n soirbheachadh sin leis, co aige bha fhios ciod a dh' fhaodadh tachairt? Bha 'n tàillear ag gabhail an eagail; bha e nis a' faireachdainn tothlainn theas 'san eaglais a bha toirt fhalluis mu ghruidhean. Bha an t-osan air bheul a bhi deas, 's bha sin cho math. Cha b' ann a chumail suas chrannalach dhuaichnidh a bha esan an sin, ach a bhuidhinn gill dha féin; is ma bha brù an t-siogaire sin falamh, dinneadh e boitean connlaich innte; 's mur taitinn sin rithe, ma thogair! Ged a bha an tàillear, mar so, a' trod os iosal, cha robh e idir diomhaineach; chluich e an t-snàthad mar nach do chluich tàillear riamh roimhe, 's an uair a bha e cur a' ghréim mu dheireadh 'san osan, thog am fear a bha thall a ghuth aon uair eile, 's thuirt e :—

"Cròg mhór, fhada, liath, 's i gun bhiadh, a thàilleir."

"Chunnaic mi sin, 's rinn mi so," arsa an tàillear, 's e grad leum thun an doruis; ach air cho grad 's gu 'n d' thug an tàillear a chasan leis, bu ghraide na sin a lean a' chròg e, 's mu 'n do bhuidhinn e taobh-muigh an doruis, dh' fhag i

làrach nan còig meur 'na phearsa far nach bu toigh leis a leigeil ris.

Mar so bhuidhinn an tàillear an geall, 's fhuair e as le a bheatha; ach le comharra 'na chuideachd air nach bu toigh leis iomradh dheanamh. Ma 's fior an sgeul, bha an tàillear iomadh latha 'na dhéidh sin mu 'n do shuidh e socair air bàrd, 's cha deach an cruth oillteil a chunnaic e 'san eaglais as a shùilean fhad 's a bu bheò e.

Chan 'eil mise ag creidsinn a h-uile facal de so, 's cha mhotha tha mi 'g a thuigsinn; ach 's cinnteach gu robh rud-eigin an ceann an fhir a chuir an rò-sgeul r' a chéile; rud-eigin a bha toil aige shamhlachadh air an dòigh sin. Tha fhios againn gu robh sgeulachdan de 'n t-seòrsa air an gnàthachadh mar mhodh teagaisg o shean, mar a chì sinn an seann sgrìobhaidhean; ach ciod fo na rionnagan a tha tàillear na Manachainn a' teagasg dhuinn? duine bha cho neoshuidhichte 'san inntinn 's gu 'n deach e air a' mheadhonoidhche le a mhogain shuarach a thruailleadh an teampuill le a làthaireachd leibidich. Na'm biodh làn spàine de thugse aig a' chreutair, dh' fhaodadh fhiros a bhi aige nach robh àit eile ann cho cunnartach ris an eaglais air meadhon-oidhche. Nach ann an sean eaglais *Alloway* a thachair *Tam o' Shanter* air a' chòmhlan bhuidseach a theab a bheatha féin a ghiorrhachadh, 's a spion o'n rumpull earball a' chapuill a bha e marcachd? Ma 's fior fear-aithris an sgeoil, bha an comunн uilc sin a' dannsadh gu h-iollagach anns an eaglais, agus Athair-nam-breug le plob-shionnaich fo achlais ag cumail ciuil riutha. Bha coinneamh eile de 'n cheart seòrsa an eaglais *North Berwick*, far an d'thug an t-aibhistear féin òraid ghrinn seachad, 's an d'thuirt e riu gun chùram sam bith a bhi orra, nach b' eagal daibh fhad 's a ghleidheadh iad an gruag air an cinn. Is nach ann an eaglais *Linlithgow* a chunnaic Righ Seumas an taibhse thug rabhadh dhà mu

dhéidhinn *Flodden*—rabhadh, gu mi-fhortanach, nach do ghabh an righ? Tha mi ag ràdh ribh nach rachainn do'n eaglais air a' mheadhon-oidhche ged a bheireadh an tàillear dhomh na h-osain sin a nasgaidh, 's tha mi glé fheumail orra.

Chuala mi an tàillear so air a mholadh mar dhuine treun, gaisgeil, nach cuireadh an Donas féin air amaladh. Theagamh gu bheil so ceart, ach co-dhiù is e nach d'fhuair mise cadal an raoir leis an déideadh, no gu bheil an spiolag bhrochain a ghabh mi sa' mhadainn air tionndadh gu domblas air mo ghoile, no gu bheil a' ghaoth-'n ear a' toirt caoile an Earraich orm, no math a dh'fhaoidteadh gu bheil na nithean sin uile ag co-oibreachadh, tha atharrachadh beachd agam air giùlan an tàilleir. Tha fhios againn gu bheil staid chorparra an duine, aig ám sam bith, buailteach air dreach d' a réir a chur air a smuain; is theagamh gu bheil mise, mar so, a' sealltainn air teisteach an tàilleir troimh neul gruamach m' inntinn féin. Mar so, matà, cha shàr churaidh an tàillear am bheachd-sa, ach duine ladarna, ain-diadhaidh, agus cruaidh-chridheach, a ghabh os laimh gniomh suarach a dheanamh, leis an robh an t-ionad naomh air a thruailleadh, agus sin air son buannachd shalaich dha féin. Tha e, mar so, a' samhlachadh móran de shluagh an t-saoghal so; iadsan a tha ro dhian air am math féin a chur air aghairt, ag gabhail fàth air gach cothrom, laghail no mi-laghail, a tha chum an sochair féin, 's ag cur am mi-shuim an dleasanais a tha mar fhiachaibh orra thaobh muinntir eile. Ciod an t-loghnadh ged a dh' éireadh air uairean spiorad math, no olc, a thoirt rabhaidh dhaibh?

Ach ciod a nis mu dhéidhinn dara cuspair an sgeoil? Tha sinn a' faicinn nach 'eil air ach blàth na bochdainn; gun bhiadh 'na chom, gun fheoil air fhéithean, gun smior no smuais 'na chnàmhan, 's gun chainnt 'na bheul ach cainnt na gort,—Làsarus a' nochdadh a chreuchd an lathair an

duine shaoibhir. Chunnaic is chuala an tàillear so gun bhi air a għluasad leud na róineig a chum iochd no trċċair. Bha chridhe criombanach, saogħalta, suidhichte air, ged thigeadh am Mac-mallachd féin le ainglean, nach robh esan a' dol a chall a ghill air an son.

Anns an inntinn dhoichiollaich 's a bheil mi aig an ám, tha mi sealltainn car fiar air an tàillear, 's a' deanamh dheth gur duine gun chridhe, gun choguis a bha ann; duine cho fuaitte r'a bhuannachd féin 's nach obadh e an teampull a thionndadh gu tigh-marsantachd na'm biodh sin a chùm a għoiresas féin. Ar leam gu 'n cuala sinn iomradh air muinntir a rinn a leithid sin roimhe, 's a fhuair an sgiùrsadh air a shon, agus, ma's math mo bheachd, chan'eil an leithidean cho tearc 's a shaoilear.

Theagamh gu 'm bu chòir dhomh thoirt fa-near, ged is duilich leam aideachadh, gu bheil, math dh' fhaoidteadh, tàillear eile am bheachd is coireach air son trian de'n droch bharail a tha agam air tàillear na Manachainn. An uair a bha mi 'm ghille òg, bha e cur campar orm nach robh, a réir coltais, uibhir meas aig muinntir eile orm 's a bha agam orm féin. An déidh dhomh breithneachadh air an nì, b' e an codhunadh gus an d' thainig mi, gur e nach robh mi air mo sgeadachadh ann an éideadh grinn a bu choireach, 's mar sin, gu robh e buileach feumail deise de 'n chlò a b'fhearr a thig á Sasunn fhaotainn ma bha dùil agam meas o dhaoine eile. Ach ciamar a bha an deise sin r'a faotainn? Cha robh de dh' airgiod ann am sporan na phaigheadh air son currachd-oidhche do bhreac-an-t-sil. Cha robh comas air; cha robh 'san t-sealladh, matà, ach gu'm b'eiginn dol troimh an t-saogħal gun mheas, gun urram mar a b'fheàrr a dh'fhaodainn. D'reach mar a bha mi 'n déidh an gnothach a shuidheachadh mar so, ciod a thachair ach am buaireadair féin ann an iochd tàilleir a thigħiñn am rathad 'gam cho-éigneachadh

gu deise aodaich a cheannach uaithe. Thuirt mi ris nach robh airgiod agam ; ach cha deanadh sin mùthadh sam bith leis-san ; bheireadh e dàil dhomh gus am biodh e freagarrach dhomh a phàigheadh. Dh' aontaich mi leis a so, 's dh' òrduich mi an deise. Thainig an deise gun mhóran dàlach, 's glé ghoirid 'na déidh, thainig an cunntas ; 's cha b' fhada 'na dhéidh sin gus an d' thàinig an tàillear. Thàinig is thàinig e, uair is uair ; is direach mar thachair do thannasg na Manachainn a thaobh cainnt, cha robh de chainnt aig an tàillear, ach cunntas mór, fada, liath, calp is riadh gun phàigh-eadh ; co-dhiù, b'e sin suim a chòmhraiddh air gach turus, gus an robh mi ion 's as mo chiall. Thuirt mi ri bean an tighe 'san robh mi fuireachd aig an ám gun an duine sin a leigeil a stigh air an dorus a rithist. "Ciod a their mi ris ma thig e ?" arsa ise. "Abair ris nach beò mi ; gu 'n deach mo bhàthadh an Luba-nan-gèadh ; rud sam bith a thoilicheas tu, ach gun a leigeil a stigh." Thainig e uair no dhà gun faotainn a stigh ; ach cha robh mo laochan a' dol a leigeil dheth a' ghnothaich mar sin ; thòisich e air tachairt orm air an t-sràid, 's e, ma b' fhior e féin, air a cheum a' dol taobh-eigin eile ; ach ciod air bith ceàrn de'n bhaile 'sam bithinn, thachradh an tàillear orm, direach mar gu 'n éireadh e as a' ghrunnd a dh' aona ghnothach a chumail còmhdailean ri. Tha e air a ràdh gur e gaol an airgid freumh gach uilc. Tha amharus agam nach robh am fear a thuirt so air a gheur-leanmhuinn mar bha mise ; na'm bitheadh chuireadh e car eile 'san ràdh sin. Na smaointean a bu mhiosa thainig riamh am cheann, bha iad air an deachdad, cha b' ann le gaol ach le cion an airgid. Na'm biodh an t-airgiod agam, phàighinn an tàillear gu suilbhír, 's cha bhiodh tuillidh mu dhéidhinn ; ach a thaobh cion an airgid, 's ann a smuaintich mi a mhealladh leam do chùil uaignich agus cur as da ; ach bha gad na croiche tuillidh 's dlùth d'a leithid sin de chaithe-

aimsir. Smuaintich mi an sin ciamar a b' urrainn domh bristeadh a stigh do'n bhanc, 's a thoirt leam á sin na phàigh-eadh an tàillear; ach bha fhios agam gu 'm beireadh na maoir orm mu'n ruiginn ceann m' uidhe; leughadh iad air clàr mo bhathais ciod a bha air m' aire, 's chuireadh iad an sàs mi. O! air son crith-thalmhainn a chrathadh an tàillear as a sheiche, no oiteag lom, gheur, iomaghaoith a sguabadh e bhàrr aghaidh na talmhainn, 's a dh' fhàgadh e far an sguir an t-aingidh de bhuaireas, 's a faigh an claoidhte fois! Cha d'thàinig crith-thalmhainn no iomaghaoth a thoirt fuasglaidh dhòmhsa; 's cha robh air ach an tàillear a phàigheadh mar a b' fheàrr a b' urrainn domh. An déidh a h-uile car, ged bha an tàillear leamh, cha robh e tagairt ach an nì a bha dligheach dha; is theagamh nam bithinn-sa na bu ghaolaiche mu'n airgiod na bhà mi, gu 'm biodh e na b' fhasa dhomh an tàillear a phàigheadh.

Bha aon ni a dh'fhògluim mi uaithe mu 'n d'fhuair mi cuidhte 's e; is b'e sin nach d'àrdaich an deise mi am shùilean féin; 's cha mhò a dh' fhairich mi gu robh a' bheag tuillidh de mheas aig muinntir eile orm air a tàillibh. Theagamh gu robh so mar bu chubhaidh; gur ann air an duine féin is còir am meas a bhith, 's nach ann air aodach. Thuirt Solamh 'na ghliocas, gu'n dean làmh an dichiollaich beairteach; ach ciod a theireadh e ris an tàillear na'm faigh-eadh e 'san teampull e gu dichiollach a' fuaigneal osain? Na'm biodh Solamh an làthair 'nar latha-ne, chitheadh e na miltean a' saoithreachadh gu dichiollach, moch is annoch, air son na ghleidheas ach gann an deò 'nan cuirp, gun luaidh air beairteas. Bha tàillear na Manachainn, a réir coltais, dichiollach gu leòr a' fuaigneal nan osan, 's chan ann air son a dhichill a tha mise cur-iomchair air, ach air son nach bu dichioll laghail a bha ann. Tha amharus agam nach robh 's a' chruth reangach, dhuaichnidh a thachair air

'san eaglais, ach agartas ciontach a choguis féin ag éirigh suas 'na aghaidh, 's a' leigeil ris da air cho dichiollach 's gu'n saoithricheadh e air son buannachd eucoraich, gur ann gu staid lom, fhalamh a thigeadh e mu dheireadh. Tha dichioll an deagh dheanadas ion-mholta, ach cia liutha duine bochd a tha saoithreachadh glé dhichiollach, o thoiseach gu deireadh a latha, air son a lom bheò-shlaint gun sùil ri beairteas, a dh' aindeoин gràiteannais Sholaimh. Aig a' cheart ám, tha móran 'nar measg a tha sealbhachadh mór-bheairteis air son nach do shaothraich 's nach do shniomh iad. B' shearr gu robh an gnothach air atharrach, 's gu faigheadh gach neach duais a réir a shaoithreach, ach theagamh gu bheil na nithean sin air am filleadh a stigh anns na laghannan nàduir sin a tha riaghladh na cruinne; is nach 'eil feum a bhi stri ri 'n leasachadh. Biodh sin mar dh' fhaodas e, tha aon nì a fhuair mi mach team féin, no, mar theireadh Solamh, "a thug mi fa-near fo 'n ghréin;" is e sin, gu bheil pailteas airgid 'san sporan fior ghoireasach air uairean. Chan 'eil mar sin diomb orm riùsan aig a bheil e; tha fhios agam air mo chosd gur e domblas na seirbhe bhi as eugmhais.

Theirinn, 'san dealachadh, riusan aig a bheil an uair a chí iad làmh an fheumannach sinte mach, gun iad a ghabhail seachad air an taobh eile. Tha làmh an fheumannach fada, ruigidh i air àitean anns nach 'eil iarraidh oirre, 's tha i buailteach, air uairean, gu làrach a cròige fhàgail an nì no dhà a thuillidh air leth-deiridh an tàilleir. Is feàrr dhaibh leis a sin frithealadh air guth na h-uireasbhuidh na dol troimh an t-saoghal le comharra na tàmailt 'nan cuideachd.

A' CHRIOCH.

PUBLICATIONS OF AN COMUNN GAIDHEALACH

VOICES FROM THE HILLS (1927 Feill Book)—A compilation of Gaelic and English articles by eminent authors, bearing on the work of An Comunn. Edited by John MacDonald, M.A. Price 6s 6d. Postage, 9d.

BARDACHD GHÀIDHLIG. Specimens of Gaelic Poetry from 1550 A.D. to 1900 A.D. Edited by Professor W. J. Watson, LL.D., Edinburgh. Price, 3s. 6d. Postage, 6d.

ROSG GHÀIDHLIG. Specimens of Gaelic Prose from 1000 A.D. to present day. Edited by Professor W. J. Watson, LL.D., Edinburgh. Price, 3s. 6d. Postage, 6d.

SAR ORAIN. Three Poems—"Luinneag MhicLeoid," "Birlinn Chlann Raghnaill" and "Moladh Beinn Dobhrain." Edited and annotated by Angus MacLeod, B.Sc., Rector, Oban High School. Price, 3s. Postage, 3½d. extra.

GNATHASAN CAINNTE (Gaelic Idioms).—Collection by Duncan MacDonald, Sandwickhill. Price, 1s. 6d. Postage, 2d.

ELEMENTARY COURSE OF GAELIC (Reid's).—Edited by Norman MacLeod, M.A. 5th Edition. Price, 2s. 6d. Postage, 3d.

AN SEANACHAIDH.—Selected stories from Campbell's Popular Tales of the West Highlands, edited by Lachlan MacKinnon, M.A. Price, 2s. 6d. Postage, 2½d. extra.

AN CUAIRTEAR.—A collection of extracts in prose and poetry for learners of Gaelic. Price, 3d. Postage, 1d.



